

NÀISEANTA 4 & 5

# NUADH-EÒLAS

DEAMOCRASAIDH ANN  
AN ALBA AGUS SAN RA

AN DÀRNA DEASACHADH

Frank Cooney, Gary Hughes  
agus David Sheerin

Bu mhath le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig taing a thoirt do na leanas airson cead dealbhan's msaa a chleachdadh:

## Dealbhan

**td.4\*** © United States government employees derivative work; **td.6\*** © Steve Swayne, CC BY 2.0; **p.8** © Shutterstock; **td.11\*** © Peter O'Connor aka anemoneprojectors, CC BY-SA 2.0; **td.14** (na dhà) © Frank Cooney; **td.15\*** © Spc. Leslie Angulo, U.S. Army, Public domain; **td.18\*** © Tanoshimi, CC BY 3.0; **td.20\*** © Chris McAndrew, CC BY 3.0; **td.23\*** © Pàrlamaid na h-Alba, CC BY 3.0; **td.26** Daily Record (DIMÀIRT, 16 SULTAIN 2014) / Mirrorpix; **td.36** © STEVE LINDRIDGE / Alamy; **td.37** © Ken Jack / Alamy Stock Photo; **td.38** © George Adam MSP; **td.45\*** © Riaghaltas na h-Alba, CC BY 2.0; **td.52** © Andrew Cowan/Pàrlamaid na h-Alba (Scottish Parliamentary Corporate Body – 2018. Fiosrachadh air a chleachdadh le cead bho bàrmaird na h-Alba na lùib); **td.55 (bàrr)** © Partaidh Lèabarach na h-Alba, (**bonn**)\* © ScottishPolitico, CC BY-SA 4.0; **td.56 (bàrr)** © Partaidh Nàiseanta h-Alba, (**bonn**) © Altopix/Shutterstock; **td.57 (bàrr)** © Partaidh Consearbhatach na h-Alba, (**bonn**) © Allstar Picture Library / Alamy Stock Photo; **td.59** Courtesy of the Scottish Conservatives; **td.64** © Stuart McDonald MP; **td.66** PA/PA Archive/Press Association Images; **td.67** © PA/PA Wire/PA Images; **td.68** © PA/PA Archive/Press Association Images; **td.69** © Enrique Shore Kohan / Alamy Stock Photo; **td.71** © Steve Atkins Photography/Shutterstock; **td.73** © M101Studio/Shutterstock; **td.76** © See Li / Alamy Stock Photo; **td.77** © Alamy; **td.82\*** © Prime Minister's Office, OGL 3; **td.83** © Vickie Flores / Alamy Stock Photo; **td.85\*** © ukhouseoflords, CC BY 2.0; **td.86\*** © Foreign and Commonwealth Office, OGL v1.0OGL v1.0; **td.87 (cli)** © Alamy, (**deas**)\* © World Economic Forumderivative work: Connormah, CC BY-SA 2.0; **td.89 (cli)** © Associated Press/Alamy, (**deas**) © PA Wire/PA Archive/Press Association Images; **td.93 (bàrr)** © A' Phartaidh Consearbhatach, (**bonn**)\* © Controller of Her Majesty's Stationery Office, OGL 3; **td.94 (bàrr)** © Labour Party, (**bonn**)\* © Richard Townsend, CC BY 3.0; **td.99** © Rex/Shutterstock; **td.101** © Mumsnet; **td.102 (bàrr)** © WENN Rights Ltd/Alamy Stock Image, (bonn) © Alan Wilson / Alamy Stock Photo; **td.103** © Campaign for Nuclear Disarmament; **td.107** © Unison; **td.109 (cli)** © Findlay / Alamy Stock Photo, (**deas**) © Crawford Brown/Rex/Shutterstock; **td.110** © Monkey Buisness Images/Shutterstock; **td.113** © Andrew Milligan/PA Archive/Press Association Images; **td.116** © Alamy Stock Image; **td.117** Courtesy of Ed Balls; **td.119** Gary Hughes; **td.121** Gary Hughes; **td.123** Gary Hughes  
\* Wikimedia Commons

## Taing

**Duilleag 13:** Thàinig an dàta ann an clàr 1.6 bho yougov.co.uk/news/2017/06/13/how-britain-voted-2017-general-election/ **Duilleag 64:** Fiosrachadh air Stuart McDonald BP, bho www.stuartmcdonaldmp.co.uk **Duilleag 89:** Thàinig an dàta ann am Figear 3.23 bho www.parliament.uk, Iuchar 2017 **Duilleag 95:** Thàinig an dàta ann an clàr 3.8 bho https://www.electoralcommission.org.uk/find-information-by-subject/political-parties-campaigning-and-donations/political-party-spending-at-elections/details-of-party-spending-at-previous-elections **Duilleag 104:** Figear 4.6 – tuairmsean stèidhde air aithisgean partaidh agus Leabharlann Thaigh nan Cumantan **Duilleag 105:** Figear 4.7 – tuairmsean stèidhde air aithisgean partaidh agus Leabharlann Thaigh nan Cumantan **Duilleag 119 –20:** Aonad measaidd Nàiseanta 4 air ath chlò-bhualadh le cead bho © Urras Theisteanasan na h-Alba **Duilleag 125:** Aonad Luach Leasaichte Nàiseanta 4 air ath chlò-bhualadh le cead bho © Urras Theisteanasan na h-Alba. A' gabhail a-steach fiosrachadh bhon roinn phoblaich fo chead fhosgailt an riaghais v3.0. www.nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3/

Rinneadh gach oidhrip gus cead iarraidh air an luchd-chòraichean, ach mura deach cead iarraidh oirbh, cuiridh am foillsicheadh cùisean air dòigh aig

a' chiad chothrom. Ged a chaidh gach oidhrip a dhèanamh gus a bhith cinnteach gun robh seòlaidhean eadar-lin ceart mus deach an leabhar fhoillseachadh, chan eil coire sam bith aig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a thaobh na th' air duilleagan eadar-lin a chaidh ainmeachadh san leabhar. Uaireannan gabhaidh làrach-lin a lorg le bhith a' cur seòladh duilleag-dachaigh a-steach ann an àite URL air brobhsair.

© Frank Cooney, Gary Hughes agus David Sheerin 2018

A' chiad fhoillseachadh ann am Beurla ann an 2013 © Frank Cooney, Gary Hughes agus David Sheerin

Am foillseachadh seo ann an 2024 le:

Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig, An Tosgan, 54 Rathad Shiophoirt, Steòrnabhagh, Leòdhas, HS1 2SD

www.storlann.co.uk oifis@storlann.co.uk

Na còraichean uile glèidhete. Ach a-mhàin cleachdadh a tha ceadaichte fo lagh dlighe-sgrìobhaidh na RA chan fhaodar pàirt sam bith den leabhar seo ath-riochdachadh ann an cruth sam bith no ann an dòigh sam bith gun chead ro-làimh ann an sgrìobhadh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

Còraichean uile glèidhete. A bharrachd air cleachdadh sam bith a tha ceadaichte fo lagh dlighe-sgrìobhaidh na RA, chan fhaodar pàirt sam bith den fhoillseachadh seo ath-riochdachadh no a chraoladh ann an cruth sam bith no ann an dòigh sam bith, dealanach no meacanaigeach, a' gabhail a-steach lethbhreacadh agus clàradh, no a chumail taobh a-staigh siostam stòraidh is lorg fiosrachaidh sam bith, gun chead ann an sgrìobhadh bhon fhoillsicheadh no fo chead bho: Copyright Licensing Agency Limited, www.cla.co.uk

Gheibhearr barrachd fiosrachaidh mu na ceadan seo (airson leathbhreacadh) bho: Copyright Licensing Agency Limited, www.cla.co.uk

Dealbh còmhdaich © Shutterstock / mountaintreks

Dealbhan le Emma Golley aig Redmoor Design agus Integra Software Services Pvt. Ltd

ISBN: 978-1-914496-20-2

# Clàr-innse

<b>Caibideil 1</b>	<b>Beò ann an deamocrasaidh</b>	<b>4</b>
	Dè th' ann an deamocrasaidh?	4
	A' taghadh riochdairean	10
	Bun-reachd na h-Alba san àm ri teachd	24
<b>Caibideil 2</b>	<b>Deamocrasaidh ann an Alba</b>	<b>32</b>
	An obair aig BPA	32
	Obrachadh Pàrlamaid na h-Alba	44
	Partaidhean poilitigeach ann an Alba	54
<b>Caibideil 3</b>	<b>Deamocrasaidh san RA</b>	<b>61</b>
	An obair aig BP	61
	Pàrlamaid na RA	77
	Taigh nam Morairean	85
	Partaidhean poilitigeach san RA	92
<b>Caibideil 4</b>	<b>Iomairt, Aonaidhean agus na Meadhanan</b>	<b>97</b>
	Buidhnean iomairt	97
	Aonaidhean ciùird	106
	Buaidh nam meadhanan	112
<b>Caibideil 5</b>	<b>Measadh: Nàiseanta 4 &amp; 5 Sgilean agus Eòlas</b>	<b>119</b>
	Measaidhean aonaid agus Nàiseanta 4	119
	Dòighean rannsachaidh	121
	Measadh cùrsa Nàiseanta 5	127

# Caibideil 1

## Beò ann an deamocrasaidh

Dè th' ann an deamocrasaidh?

Dè na feartan a tha aig deamocrasaidh?

Ann an deamocrasaidh mar an RA, bidh saoranaich an sàs gu saor-thoileach tro bhòtadh airson nan riochdairean poilitigeach aca, mar as trice bho liosta thagraichean a' riochdachadh phartaidhean poilitigeach mar na Làbaraich, na Consearbhataich, na Libearalaich Dheamocratach agus, ann an Alba, Partaidh Nàiseanta na h-Alba. Tha a' chòir againn cuideachd air saor-labhairt, a bhith ann am buidhnean iomairt is aonaidhean ciùird agus an riaghaltas a chàineadh. Tha dùil againn gun toir na pàipearan-naidheachd agus an telebhisean againn (mòr-mheadhanan)

Na dh'ionnsaicheas tu:

- 1 Is e deamocrasaidh riochdachail a tha san RA.
- 2 Còraichean is dleastanasan co-cheangailte ri fuireach ann an deamocrasaidh.
- 3 An siostam poilitigeach san RA.

fiosrachadh agus beachdan fiosrachail dhuinn gus am bi sinn air chomas riochdairean a thaghadh. 'S dòcha nach eil sinn a' cur luach air na còraichean sin, ach ann an iomadach dùthaich, tha daoine beò fo cheannsalachd. Ann am Burma chaidh taghaidhean saora a chumail sa Ghiblean 2012, airson a' chiad uair bho 1990. Ann an Afraga a Deas is ann direach ann an 1994 a fhuair na h-Afraganich dhubha, a tha sa mhòr-chuid, bhòt nuair a chaidh Nelson Mandela a thaghadh mar a' chiad cheann-suidhe air dùthaich ùr dheamocratach Afraga a Deas.



Figear 1.1 Aung San Suu Kyi

Thill deamocrasaidh gu Burma nuair a choisinn partaidh Aung San Suu Kyi 43 de na suidheachain ann am fo-thaghadh sa Ghiblean 2012. B' ann an 1990 a chaidh na taghaidhean saora mu dheireadh a chumail. Bhuannaich Aung San an taghadh sin cuideachd, ach dhiùlt an t-arm gabhail ris a' cho-dhùnadadh, is chuir iad Aung San an grèim na dachaigh. Is ann san t-Samhain 2010 a fhuair i cead a dachaigh fhàgail. Tha na daoine aice measail oirre, agus is ann le eagal is peanasachadh a tha deachdaireachd an airm a' cumail smachd air an dùthaich.

### DEAMOCRASAIHD

✓ Daoine a' bhòtadh airson riochdairean bho liosta pharsaing de phartaidhean	✓ Saor-labhairt, faodar na stiùirichean a chàineadh	✓ Còir air iomairt	✓ Meadhanaidh telebhisean, aonaidhean ciùird agus buidhnean iomairt neo-eisimeileach
✗ Daoine a' bhòtadh airson aon phartaidh no aon neach	✗ Càineadh ga pheanasachadh	✗ lomairtean mi-laghail	✗ Smachd aig an riaghaltas air na meadhanaidh, telebhisean, aonaidhean ciùrd agus buidhnean iomairt
<h3>CEANN SALACHD</h3>			

Figear 1.2 An diofar eadar deamocrasaidh agus deachdaireachd

Còraichean	Dleastanasan
Ar riochdairean a thaghadh agus bhòtadh air cùisean leithid neo-eisimeileachd na h-Alba.	Gabail ri co-dhùnadh na mòr-chuid eadhon ged nach biodh sinn ag aontachadh ris (mar eisimpleir, a' fàgail an AE).
Cead bhòtadh ann an taghadh nuair a tha thu 18 no nas sine (16 airson cuid de thaghaidhean an Alba).	A bhith nar saoranaich chunntachail agus ar bhòt a chleachdad airson feuchainn ri buaidh a thoirt air na riochdairean againn.
Ar beachdan a chur an cèill ann an labhairt agus ann an clò, air làraich lònra sòisealta agus le sgrìobhadh gu pàipearan-naidheachd.	Breugan agus cùl-chàineadh air daoine fa-leth a sheachnad, leis gu bheil sin mì-laghail
Iomairt agus feuchainn ri reachdas atharrachadh leithid àrdachaidhean o chionn ghoirid ann an cìsean oileanach an Sasainn agus sa Chuimrigh.	A bhith ag iomairt taobh a-staigh an lagha agus spèis a thoirt do chòraichean dhaoine eile.

### Clàr 1.1 Na còraichean agus na dleastanasan againn ann an deamocrasaidh

Tha na còraichean poilitigeach sin againn, ach tha e na dhleastanas oirnn an cleachdad gu ciallach, mar a chì sinn ann an Clàr 1.1. Is e rud a th' ann an còir air a bheil neach airidh, agus is e dleastanas rud a bu chòir do dhaoine a dhèanamh no a bhiomaid an dùil a dhèanadh iad.

Bha mòran san RA mì-thoilichte gun deach bhòtadh airson an t-Aonadh Eòrpach (EU) fhàgail, agus bha mòran Ameireaganaich mì-thoilichte gun deach Dòmhnull Trump a thaghadh. Ach, ann an deamocrasaidh, feumar gabhail ri co-dhùnadh na mòr-chuid; mura gabh, bidh mì-rian ann. Ann an Gambia ann an Afraga, chaidh taghadh a chumail san Fhaoillean 2017. Bhuannaich ceannard nan dùblhanach, ach an toiseach dhiùlt an ceann-suidhe a dhreuchd fhàgail agus b' e a' bhuil gun robh fòirneart agus mì-rian ann.



### Seall do thugse

- 1 Dè na feartan cudromach a tha mar phàirt de dheimocrasaidh?
- 2 Sgrìobh na còraichean a tha againn san RA agus, nad fhaclan fhèin, mìnich na dleastanasan a bhios an cois nan còraichean sin.


### Gníomh ICT



Ann an dithisean, faighibh a-mach mu Nelson Mandela agus minicibh carson a choisinn e Duais Sithe Nobel. Dèanaibh taisbeanadh le 3-5 slaighdean is thoiribh cunntas dhan chlas.

### Siostam poilitigeach na RA

Is e deamocrasaidh párlamaideach a tha san RA le monarc reachdail. Tha a' Bhan-righ na ceannard stàite do mhuinntir Shasainn, Alba, Èireann a Tuath, a' Chuimrigh, agus do shluagh nan 15 rioghachdan sa Cho-fhlaitheas. Ann an 2012 chomharrachadh a' Bhan-righ an iubaili daoimein a' comharrachadh 60 bliadhna air rìgh-chathair Bhreatann.




Figear 1.3 Structar siostam poilitigeach na RA

Tha Figeair 1.3 a' sealltainn àite na h-Alba ann an siostam poilitigeach na RA. Tha na **còraichean-dlighe rioghail** aig a' mhonarc glèidhete aig Prìomhàire na RA agus aig a' chaibineat. Bidh **uachranachd na Pàrlamaid** a' dèanamh cinnteach gu bheil na cumhachdan gu lèir air am buileachadh sa Phàrlamaid agus, nam feumte, dh'fhaodte na cumhachdan a chaidh a thoirt do na riaghaltasan tiomnaichte a thilleadh gu Pàrlamaid na RA.

Tha Riaghaltas na RA cunntachail dhan Phàrlamaid – chan eil am partaidh (no na partaidhean) a tha a' riaghlaidh ann an cumhachd ach mar thoradh air mòr-chuid de shuidheachain a bhith aca ann an Taigh nan Cumantan. Faodaidh na Cumantan an riaghaltas a chur a-mach aig àm sam bith tro bhòt "cion-misneachd". Is ann ainneamh a thachras seo. Thachair e ann an 1979 nuair a chaidh an riaghaltas Làbarach aig Seumas Callaghan a chur a-mach le Taigh nan Cumantan. Tha e a-nis nas duilge dhan Phàrlamaid riaghaltas a chur a-mach leis gun do chuir a' cho-bhanntachd Chonsearbhatach-Libearalach Dheamocratach lagh troimhe san t-Sultain 2011 far am feum co-dhiù 55% de bhòtaichean BP a bhith airson "cion-misneachd" – chan e dìreach mòr-chuid shìmplidh – airson toirt air riaghaltas an dreuchd a leigeil dhiubh.

Tha buill an riaghaltais cuideachd nam BP agus tha an ceangal seo de chumhachdan mar as trice a' dèanamh cinnteach gum bi smachd aig Gniomhachd na RA (riaghaltas) air an reachdadaireachd (Pàrlamaid).



**Figeair 1.4** An Rìoghachd Aonaichte

**Bun-reachd:** Mhìnich comataidh phàrlamaideach bun-reachd mar "laghan, de riaghailtean agus de chleachdaidhean a bhios a' cruthachadh nan institiudan bunaiteach ann an stàit agus ... na pàirtean co-cheangailte riutha, agus a' comharrachadh chumhachdan nan institiudan sin agus an ceangal a tha eadar na diofar institiudan agus na h-institiudan sin agus daoine fa-leth." Chan eil aon bhun-reachd shingilte sgrìobhte aig an RA.

**Còir shònraichte rioghail:** Cumhachdan a' mhonarc a tha am Prìomhaire 's ministearan an Riaghaltais a' cleachdadh an ainm a' Chrùin.

**Uachdarانachd Phàrlamaideach:** Tha ùghdarris iomlan aig Pàrlamaid na RA oir is e sin a' phrìomh bhuidheann a tha a' dèanamh reachdas ann am Breatainn. Ach, faodaidh ballrachd san Aonadh Eòrpach agus gabhail ri Achd Còraichean Daonna 1998 mar a tha sin air a shuidheachadh ann an Cùmhnannt Eòrpach nan Còraichean Daonna (ECHR: European Convention of Human Rights) uachdranachd na Pàrlamaid a-nis a chuingealachadh. Tha Breatainn a' dol a dh'fhàgail an EU.



**Figeair 1.5** Thòisich deamocrasaidh mar a dh'aithnicheas sinn e ann am Baile na h-Àithne bho shean

**Ciamar a thathar a' tighinn gu co-dhùnaidhean anns an RA?**

Anns a' Ghrèig bho shean, far an do thòisich deamocrasaidh, bhiodh saoranaich fhireann san Àithne a' bhòtadh air gach co-dhùnadh a dhèanadh an riaghaltas (deamocrasaidh dìreach). Tha am falch 'deamocrasaidh' a' tighinn bho dhà fhacal Greugach, demos (daoine) agus kratia (riaghlaidh). Tha fios nach obraicheadh deamocrasadh dìreach anns an t-saoghal sa bheil sinn an-diugh. Tha 60 millean neach anns an RA,

5.2 millean dhiubh ann an Alba. Cha bhiodh e air chomas dhan h-uile saoranach san RA, no ann an Alba, coinneachadh gus na beachdan fa-leth aca a chur an cèill. Is e an nì as fhaisg air deamocrasaidh direach nuair a dh'iaras an riaghaltas air na daoine tighinn gu co-dhùnadh ann am pròiseas ris an canar **referendum** (td 9).

### Deamocrasaidh riochedachaidh

Bidh sinn a' gabhail pàirt le bhith a' taghadh dhaoine fa-leth airson beachdan a riochedachadh. Bidh na riochdairean a' tighinn gu co-dhùnайдhean às ar leth. Mura bi sinn ag aontachadh ris na brios iad a' dèanamh, chan eil againn ach bhòtadh airson riochdaire eile ris an canar tagraiche, aig an ath thaghadh. Dh'fhaointe nach tèid an tagraiche againn a thaghadh, ach feumaidh sinn gabhail ri co-dhùnadh na mòr-chuid.

Chìthean ann am Figear 1.6 gum bi sinn a' taghadh mòran riochdairean. Aig ire ionadail bidh sinn a' taghadh còrr air 1200 comhairliche ionadail gach ceithir bliadhna airson ar riochedachadh agus airson comhairle ionadail na sgìre sa bheil sinn a' fuireach a riaghadh (faic td89 – 101). Bidh comhairlichean ionadail a' coimhead às dèidh sheirbheisean leithid foghlam, taigheadas, rathaidean agus togail sgudail.

Tha Pàrlamaid na h-Alba air a bhith againn bho 1999. Bidh sinn a' taghadh 129 **Ball Pàrlamaid na h-Alba (BPA)** 's riaghaltas Albannach gach 4 bliadhna airson a bhith cunntachail do na cumhachdan tiomnaichte a chaidh a thoirt

## NA PRÌOMH RIOCHDAIREAN AGAINN



**Figear 1.6** Daoine a tha gar riochedachadh

seachad le Pàrlamaid na RA. Tha cuid de na **cumhachdan tiomnaichte** sin a' dèiligeadh ri foghlaam, càram slàinte agus lagh is òrdugh (faic Clàr 1.2, td 8 's td 79). Bidh riaghaltas na RA a' co-dhùnadh gach bliadhna dè an t-airgead a thèid gu Pàrlamaid na h-Alba, 's faodaidh Riaghaltas na h-Alba tighinn gu co-dhùnadh air mar a tha iad airson an t-airgead a chosg (faic Caib. 3). Bho 2016-17, 's urrainn do Riaghaltas na h-Alba cuid de mhaoin fhèin a thogail, le cìs-cosnaidh sa mhòr-chuid. Bhon Giblean 2017 tha cuid le luchd-pàighidh chìsean Alba a' pàigheadh barrachd chìsean na tha daoine coltach riutha sa chòrr den RA (faic td 30).

Bidh taghadh coitcheann san RA. Bidh e air a chumail air feadh na Rìoghachd Aonaichte (Sasainn, Alba, A' Chuimrig agus Èirinn a Tuath) gus 650 **Ball Pàrlamaid (BP)** agus riaghaltas na RA a thaghadh. Bidh Taigh nan Cumantan agus riaghaltas na RA a' tighinn gu co-dhùnadh mu chuspairean mar an econamaidh, cìsean, cùisean cèin agus dòn. Is iad sin **cumhachdan tiomnaichte**.

Cuideachd, bidh luchd-bhòtaidh Albannach, mar phàirt den RA, a' taghadh sia Buill Phàrlamaid Eòrpach (BPE) a h-uile còig bliadhna. Ann an taghaidhean Eòrpach 2009 thagh saoranaich bho 27 stàitean a bha nam buill den Aonadh Eòrpach 736 BPE (faic td 24). Bhòt an Rìoghachd Aonaichte airson an t-AE fhàgail agus le sin cha ghabh iad pàirt ann an taghaidhean Pàrlamaid an AE ann an 2020.



### **Figear 1.7 A' Phàrlamaid Eòrpach ann an Strasbourg Fèin-riaghlaigh agus Alba san àm ri teachd**

Is e àm brosnachail a tha seo airson a bhith a' dèanamh sgrùdadh air Alba 's a h-àite ann an siostam poilitigeach na RA. Chùm riaghaltas PNA na h-Alba, aig a bheil mòr-chuid, referendum ann an 2014 gus faighneachd do muinntir na h-Alba an robh iad airson neo-eisimeileachd 's siostam poilitigeach na RA fhàgail. Dhiùlt sluagh na h-Alba am moladh seo (faic td 28). Ach, bhon a bha an co-dhùnadh an t-AE fhàgail an aghaidh toil na mòr-chuid, tha PNA a' beachdachadh air referendum a chumail.

Chaidh taghaidhean a chumail ann an 1999 gus Pàrlamaid na h-Alba a stèidheachadh le cumhachdan tiomnaichte air cùisean leithid foghlam is càram slàinte. Tha ùghdarris iomlan aig Pàrlamaid na RA air 'cùisean glèidhte' leithid tèarainteachd shòisealta 's dòn agus dh'fhaodadh iad cur às do Phàrlamaid na h-Alba. Ach, tha PNA agus cuid eile a' smaoineachadh gur e beachd Sasannach a tha ann an uachdarachd phàrlamaideach Westminster. Tha iad a' faicinn

uachdarachd choileanta mar rud a tha aig cridhe traidisean poilitigeach na h-Alba. Ann an 2012 chaidh tuilleadh chumhachdan a thiomadh bho Westminster gu Taigh an Ròid, leithid còir air irean deoch-làidir airson dràibheadh a leagail agus luathsan nàiseanta a shuidheachadh. Tha cuid de luchd-aithris a' cumail a-mach gur e tha a dhìth air Alba ach barrachd chumhachdan dhan Phàrlamaid an àite neo-eisimeileachd – rud ris an canar **devomax**. Tha Caib. 34 air Deamorasaidh ann an Alba a' sgrùdadh buaidh fèin-riaghlaidh air poilitigs 's comann-sòisealta na h-Alba.

Cùisean tiomnaichte	Cùisean glèidhte
Slàinte	Dòn
Foghlam is trèanadh	Tèarainteachd shòisealta
Obair shòisealta	Cùisean cèin
Taigheadas	Cùisean bun-reachd
Riaghaltas ionadail	In-imrich
Turasachd agus leasachadh eacnamaich	Craoladh
Lagh is cùisean dachaigh	Malairt is gnìomhachas
Àiteachas, coilltearachd agus iasgach	Lùth: niuclasach, gual agus gas
Dealbhachadh	Reachdas cosnайдh
Seirbheisean poilis is smàlaidh	Cothroman co-ionann
An àrainneachd	Siostaman ionmhais is airgid
Spòrs is na h-ealain	Cearras is an Crannchur Nàiseanta
Lionra rathaidean agus puirt-mhara na h-Alba	Dòn dàta

**Clàr 1.2** Cumhachdan tiomnaichte is glèidhte, 1999

## Referenda

Is e baileat a th' ann an referendum (iolra referenda) anns am bi luchd-bhòtaidh, chan e na riochdairean aca sa Phàrlamaid, a' toirt beachd air cuspair sònraichte. Tha seo mar sheòrsa de dheimocrasaidh dhìreach leis gu bheil saoranaich an sàs gu dìreach ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh. Faodaidh referendum cùisean cudromach a thaobh bun-reachd no sgaraidhean a rèiteachadh taobh a-staigh riaghaltas no am measg an t-sluaign. Chaidh dà referendum chudromach a chumail o chionn ghoirid: 2014 – am bu chòir Alba a bhith neo-eisimeileach agus 2016 – am bu chòir an RA an t-AE fhàgail.

Anns a' Chèitean 2011 chùm an riaghaltas Consearbhatach/Libearalaich Dheimocratach referendum air ath-leasachadh taghaidh. Cha do shoirbhich leis a' mholadh airson cur às do shiostam Àireamh Bhòtaichean As Motha (FPTP) airson riochdairean a thaghadh agus siostam Bhòt Roghnach (AV) a chur na àite le bhòt 67.9% (na aghaidh) gu 32.1% (air a shon).

Bidh luchd-càinidh referenda a' cumail a-mach gu bheil iad a' lagachadh an t-siostam deamocrasaidh riochdachaidd a th' againn san RA. Bu chòir dhuinn leigeil leis na riochdairean taghte tighinn gu co-dhùnайдhean às ar leth. Bidh iad cuideachd ag ràdh mas e àireamh bheag a bhòtas, gun tèid co-dhùnadh air an toradh a dhèanamh le earrann bheag den choimhlearsnachd: mar eisimpleir, cha do bhòt ach 34.1% de luchd-bhòtaidh Lunnaidh ann an referendum 1998 airson Àrd-bhàillidh a thaghadh.

Cuspair	Na nochd(%)	Air a shon(%)	Na aghaidh(%)
Fèin-riaghlaidh na h-Alba (1997)	60.4	74.3	25.7
Aonta Bhèal Feirste (1998)	81.1	71.1	28.9
Àrd-bhàillidh Lunnaidh (1998)	34.1	72.0	28.0
Seanadh Roinneil an Ear Thuath (2004)	47.7	22.1	77.9
Bhòt Roghnach	41.0	32.1	67.9
Neo-eisimeileachd na h-Alba (2014)	85.0	44.7	55.3
Fuireach san AE (2016)	72.0	48.1	51.9

Clàr 1.3 Co-dhùnайдhean cuid de referenda o choinn ghoirid san RA



### Seall do thuigse

- 1 Mìnich carson nach eil deamocrasaidh dìreach comasach san t-saoghal an-diugh.
- 2 Dè th' ann an riochdaire agus carson a bhios sinn a' taghadh na h-uimhir dhiubh an Alba an-diugh?
- 3 Dè th' ann an referendum? Thoir trì eisimpleirean.
- 4 Mìnich na faclan 'cumhachdan glèidhete' agus thoir dà eisimpleir de gach fear.

### Leudaich

- 5 Tha neach-turas à Ameireaga troimh-a-chèile mu ghnè siostam poilitigeach na RA. Ann an dithisean dèanaibh bileag a mhìnicheas siostam poilitigeach na RA agus a mhìnicheas carson nach bu chòir dhan neach Sasainn a ghabhail air an dùthaich againn.

### Leasaich do sgilean

- 6 'Tha muinntir Bhreatainn gu soilleir a' cur an taic ri bhith a' cleachdadh referenda agus chithear seo san àireimh mhòir a bhios a' bhòtadh.' (Raonaid NicLabhrainn). A' cleachdadh Clàr 1.3, mìnich carson a dh'fhaodar cur às leth Raonaid NicLabhrainn gun robh i ri àibhiseachd.

### Na dh'ionnsaicheas tu:

- 1 Na dòighean anns an urrainn do dhaoine pàirt a ghabhail ann an taghaidhean ann an Alba agus san RA.
- 2 Na diofar thaghaidhean anns an urrainn dhan phoball bhòtadh.
- 3 Prìomh fheartan nan diofar shiostaman taghaidh a thathas a' cleachdad.
- 4 Na neartan agus laigsean anns na shiostaman taghaidh san RA agus Alba.

## A' taghadh riochdairean Taghaidhean

Bidh taghaidhean againn airson riochdairean a thaghadh aig diofar ìrean a' cleachdad shiostaman taghaidh eadar-dhealaichte. San àm a dh'fhalbh, cha robh ann am Breatainn ach aon shiostam taghaidh, Àireamh Bhòtaichean As Motha (FPTP), agus bhithte a' cleachdad seo airson BP a thaghadh gu Taigh nan Cumantan, comhairlichean gu comhairlean ionadail air feadh na RA agus riochdairean gu Pàrlamaid na h-Eòrpa.

Ach, mar a tha Clàr 1.4 a' sealltainn, tha measgachadh de shiostaman Riochdachaidh Co-roinneil (PR) a-nis san RA airson grunn

### FAIDHLE FIOS

#### Latha an taghaidh

Ann an taghadh coitcheann 2017 bha an aon phròiseas anns gach 650 roinn-pàrlamaid.

- Gus am bi e dligheach dhut bhòtadh feumaidh d' ainm a bhith air a' Chlàr-bhòtaidh – bithear a' cur a-mach foirm gu gach dachaigh a h-uile bliadhna a' faighneachd cò tha a' fuireach ann.
- Gheibh thu cairt bhòtaidh tron phost ag innse càit an tèid thu airson bhòtadh agus cuin.
- Tha na h-uairean bhòtaidh eadar 7m is 10f.
- Gheibh thu bhòt puist mura h-eil a comasach dhut an stèisean bhòtaidh a fhrithealadh.
- Aig an stèisean bhòtaidh, gu tric bun-sgoil, thèid pàipear-bhòtaidh a thoirt dhut às dèidh dhan fhiosrachadh agad a dhearbhadh.
- Thèid thu a-steach dhan bhùthan bhòtaidh agus curridh tu crois (X) ri taobh ainm aon tagraiche a-mhàin, agus curridh tu an uair sin do phàipear-bhòtaidh crìochnaichte a-steach do bhogsa seulaichte agus glaiste. Airson taghadh riaghaltas ionadail no Pàrlamaid na h-Alba, tha an ceum bhòtaidh beagan nas iom-flillte agus chruthaich seo duilgheadasan ann an taghaidhean 2007 (faic td18).
- Thèid na bogsaichean bhòtaidh gu ionad meadhain far an tèid na pàipearan-bhòtaidh an cunntadh.

Siostam	A' taghadh	Seòrsa roinn-phàrlamaid
Àireamh Bhòtaichean As Motha (FPTP)	Taigh nan Cumantan  Comhairlean riaghaltas ionadail ann an Sasainn agus sa Chuimrigh	Singilte
Siostam Bhòtaidh Ball A Bharrachd (AMS) (Measgachadh de FPTP agus AMS)	Pàrlamaid na h-Alba  Seanadh na Cuimrigh  Seanadh Lunnainn	Ball singilte is ioma-bhall
Liosta roinneil (seòrsa PR)	Pàrlamaid na h-Eòrpa (gun Èireann a Tuath)	Ioma-bhall
Bhòt Shingilte Ghluasadach (STV) (seòrsa PR)	Comhairlean riaghaltas ionadail na h-Alba  Seanadh Èireann a Tuath  Pàrlamaid na h-Eòrpa Èireann a Tuath	Ioma-bhall

Clàr 1.4 Siostaman taghaidh san RA

thaghaidhean. Ann an Alba bidh sinn a' taghadh chomhairlichean ionadail le Bhòt Shingilte Ghluasadach (STV), seòrsa de PR; riochdair gu Pàrlamaid na h-Eòrpa leis an Liosta Roinneil, cuideachd na sheòrsa de PR; Buill Phàrlamaid Albannach (BPA) a' cleachdad Siostam Ball a Bharrachd (AMS) – measgachadh de FPTP's PR; agus mu dheireadh, Buill Pàrlamaid na RA a' cleachdad FPTP.

Chan eil e na iongnadh gu bheil deasbad ann mun t-siostam as fheàrr do Bhreatainn. Dè bu chòir taghadh a lìbhrigeadh? An e siostam FPTP as fheàrr? Bheir sin mar as trice buannaiche soilleir 's riaghaltas làidir a chumas ceangal èifeachdach eadar na BP agus na roinnean-pàrlamaid? No an e siostam PR a bu chòir a bhith ann gus dèanamh cinnteach gum bi barrachd riochdachadh co-roinneil agus cothromachd eadar na bhòtaichean agus na suidhechain a gheibh gach partaidh?



**Figear 1.8** A' bhòtadh air latha an taghaidh

#### WWW

Faic an làrach-lìn seo airson fiosrachadh air mar a bhòtas tu [www.aboutmyvote.co.uk/how\\_do\\_i\\_vote/polling\\_station\\_walkthrough.aspx](http://www.aboutmyvote.co.uk/how_do_i_vote/polling_station_walkthrough.aspx)

### Dòighean anns am bi luchd-obrach a' phartaidd ionadail an sàs ann an iomairtean taghaidh



Bidh mi a' lìbhrigeadh bhileagan gu dorsan nan daoine le gealltanasan a' phartaidd agus le dealbh an tagraiche againn, agus bidh mi gan toirt seachad anns na prìomh ionadan-reic.



Bidh mi a' toirt taic dhan tagraiche a bhios a' coiseachd timcheall nam prìomh ionadan-reic, a' breith air làimh air daoine agus a' deasbad còmhla riutha.



Bidh mi a' cur glaochaire air a' chàr agam agus a' gabhail pàirt ann am pairèid timcheall na sgìre a' cur ìmpidh air daoine bhòtadh dhan tagraiche againn.



Air latha an taghaidh bidh mi a' toirt sheann daoine a-mach a bhòtadh agus cuideachd a' seasamh treis taobh a-muigh an stèisean bhòtaidh a' sealltainn mo thaic dhan phartaidd againn agus dhan tagraiche.



Thachair rud neònach ann an taghadh coitcheann 2010 agus taghadh Pàrlamaid na h-Alba ann an 2011. Dh'fhaillich air taghadh 2010 am prìomh neart aige a thoirt gu buil – mòr-chuid do aon Phartaidd – agus ann an taghadh 2011 fhuair PNA an rud a bha dùil nach tachradh – mòr-chuid dhan Phartaidd a bhuanachadh. Cha robh an laigse a bhathas a' faicinn ann an AMS – gur e riaghaltas co-bhanntachd no riaghaltas mion-chuid a thigeadh às – a-nis fior. Thill cùisean dhan àbhaist nuair a fhuair am Partaidh Consearbhataich mòr-chuid an dèidh taghadh 2015. Bha PNA gann air mòr-chuid a bhuanachadh ann an taghadh Pàrlamaid na h-Alba, 2016. Tha toradh taghadh 2017 a' fosgladh deasbad às ùr air FPTP.

### Dè th' ann an tagraiche?

Tha tagraiche ag iarraidh a bhith air a thaghadh airson comhairle ionadail, Pàrlamaid na h-Alba, na RA no na Roinn Eòrpa. Tha a' mhòr-chuid dhiubh bho na prìomh phartaiddhean – na Lèbaraich, PNA, na Consearbhataich no na Lib. Dheamocratach – no partaidh beag mar am Partaidh Uaine.

Bidh am partaidh ionadail a' dèanamh agallamh agus a' taghadh tagraiche, a dh'fheumas a bhith 18 no nas sine. Tha e cosgail pàirt a ghabhail ann an iomairt taghaidh. 'S ann ainneamh a thèid Neo-eisimeileach a thaghadh. Feumaidh gach tagraiche £500 a phàigheadh. Mura faigh iad 10% de na bhòtaichean, caillidh iad an t-airgead.

### Iomairt an taghaidh


Feumar taghadh coitcheann a chumail gach còig bliadhna agus taghadh airson Pàrlamaid na h-Alba gach ceithir bliadhna. Gus an tàinig aonta ùr, dh'faodadh am prìomhaire taghadh a ghairm aig àm sam bith. Ach, chuir riaghaltas co-bhanntachd 2010-15 lagh ùr an gnìomh a stèidhich ùine shuidhichte de chòig bliadhna. Ghabh Theresa May àite Dhaibhidh Chamshroin mar cheannard a' Phartaidd Chonsearbhataich.

#### WWW

Airson tuilleadh fiosrachaидh faic [www.electoralcommission.org.uk/party-finance/party-finance-analysis](http://electoralcommission.org.uk/party-finance/party-finance-analysis)

Na prìomhaire ann an 2015, roghnaich i taghadh tràth a chumail anns an Ògmhios 2017. A rèir nan cunntasan-bheachd bhiodh buaidh mhòr aig an Riaghaltas. Mar a thachair, cha d' fhuair na Consearbhataich mòr-chuid (faic td 84).

Aig taghaidhean, bidh luchd-taic nan tagraichean a' dèanamh an dìchill ìmpidh a chur air luchd-bhòtaidh an tagraiche aca a thaghadh. Ann an taghaidhean nàiseanta bithear an sàs sa phriomh iomairt a' cleachdadhe teicneòlas sean is ùr. Bidh telebhisean is pàipearan a' toirt cothrom do stiùirichean a' phartaidd na poileasadhean aca a mhìneachadh agus na stiùirichean eile a chàineadh. Bithear a' cleachdadhe Facebook agus Twitter gus cothrom a thoirt do na tagraichean conaltradh ris a' phoball. Bidh partaidhean a' cosg tòrr air sanasachd agus siubhal anns na roinnean-pàrlamaid, gu sònraichte an fheadhainn anns a bheil cothrom aca buannachadh (faic Clàr 1.5 agus Figear 1.9).



**Figear 1.9** Cosgaisean iomairt anns na taghaidhean san RA ann an 2010 agus 2015

Partaidh	Cosgaisean (£)	
	2011	2016
Consearbhataich	273,462	978,921
Lèbaraich	816,889	337,814
L.Dheamocratach	176,300	(mu) 170,000
PNA	1,141,662	1,465,542

**Clàr 1.5** Cosgaisean taghaidhean P. na h-Alba 2011, 2016

## Cò aig nach eil cead bhòtaidh?

- Feadhainn fo aois 18. Ach, ann an cuid de dhùthchannan faodaidh feadhainn a tha aois 16 agus nas sine bhòtadh (Faic deasbad aois bhòtaidh air td 13-14).
- Buill den Teaghlach Rìoghail.
- Daoine fa leth air an tāinig bristeadh (airgid).
- Daoine le duilgheadasan slàinte inntinn.
- Pròsanaich (ach, tha Cùirt Chòraichean Daonna na h-Eòrpa air iarraidh gun toirear cead bhòtaidh do phriosanaich san RA).

## Aireamh a' bhòtadh agus aois bhòtaidh

Chunnaic sinn gu bheil mòran air feadh an t-saoghal nach urrainn riochdairean a thaghadh gu saor-thoileach. Ann an Siona, tha bhòt aig daoine, ach chan urrainn dhaibh bhòtadh ach do Phartaidh Chomannachd Shìona. Nuair a ghabh oilleanaich thairis Ceàrnag Tíananmen ann an 1989 agus a dh'iarr iad còir dheimocratach air taghaidhean saor is fosigailte, chaidh ionnsaigh a thoirt le tancaichean an riaghaltais air an luchd-iomairt. Ach san RA an-diugh tha lùghdachadh mòr air tighinn, gu sònraichte am measg òigradh, air bhòtadh ann an taghaidhean. Ann an taghadh coitcheann 2006, cha do bhòt ach 59.4% den luchd-bhòtaidh. Ann an taghadh 2015 bha an àireamh na bu mhotha, aig 65%. Bha sin fhathast nas lughna an ìre chuibheasach de 78% an dèidh a' chogaidh. Ann an taghadh coitcheann 2017 chaidh an àireamh a bhòt suas gu mòr gu 68.7%.

## Cion ùidh is cion misneachd

Tha e soilleir gu bheil mòran mì-thoilichte leis na partaidhean poilitigeach. Rinn sgainneal cosgaisean nam BP ann an 2009 milleadh air misneachd a'

Dhen chiad 100 saighdear Breatannach a bhàsaich ann an Irac, bha co-dhiù sianar ro òg airson bhòtadh ann an taghadh.

Ridseard Reeves, Demos

phobaill. Tha Clàr 1.6 a' sealltainn gur e daoine òga glè thric a tha buailteach gun bhòtadh. Tha barrachd cion-obrach am measg an òigradh agus tha mòran a' faireachdaiann gu bheil luchd-poilitigs a' gabhail brath orra. Anns na geallaidean aca (manifesto) ann an 2010, gheall na Libearalaich Dheimocratach cur an aghaidh àrdachadh ann an cosgaisean oilthigh agus fhuair iad an àireamh a b' àirdé de bhòtaichean bhon bhuidheann 18-24. Ach nuair a chaidh iad a-steach do cho-bhanntachd an riaghaltais ann an 2010, chuir iad an taic ri àrdachadh ann an cosgaisean oileanach. Chan eil e na iongnadh gu bheil cion misneachd am measg dhaoine òga mar thoradh air na partaidhean poilitigeach agus na ceannardan aca. Chaidh an àireamh de dhaoine òg a bhòt suas gu mòr ann an 2017, bho mu 44% gu 58%. Thug iomairt is poileasaidhean nan Lèbarach, gu h-àraidh cur às do chìsean teagaisg airson foghlam àrd-ìre, spionnadhbh do bhòtairean òga.

## Am bu chòir aois bhòtaidh a leagail gu 16?

Tha Comann Ath-leasachaiddh an Taghaidh agus a' bhuidheann sgrùdaidh Demos airson an aois a leagail gu 16. A rèir Demos tha beachdan seann-fhasanta a' cumail na bhòt bho mhillean neach aois 16-17. Faodaidh iad pòsadhbh, teaghlach a thogail, cìsean a phàigheadh agus sabaid 's bàsachadh às leth na dùthcha aca, ach chan fhaod iad bhòtadh.

Aoise	Àireamh a bhòt (%)	
	2010	2017
18-25	44	58
65+	76	80

Clàr 1.6 Àireamh a bhòt a rèir an aois ann an taghadh coitcheann 2010 agus 2017

Gheibh comann-sòisealta na h-Alba cothrom anns an referendum neo-eisimeileachd a thaghadh san àm ri teachd. Tha e ceart gum bu chòir daoine òga a dh'fhaodas pòsadhbh fon lagh, agus a dhol dhan arm, na beachdan aca a chur an cèill.

Ailig Salmond, a chleachd a bhith na prìomh mhinistear

## Beachdan oileanaich Àrd-sgoil Naomh Ninian, Cathair Cheann Tulaich



**Figear 1.10** Anndra Fionnlasdan, aois 15

Tha mi a' smaoineachadh gum bu chòir an aois bhòtaidh a leagail bho 18 gu 16 bliadhna a dh'aos. Tha iomadach rud a dh'fhaodas tu a dhèanamh aig aois 16, ach chan eil bhòtadh nam measg.

Faodaidh tu pòsadh, a dhol dhan arm msaa. Is e a tha an riaghaltas dha-rìribh ag ràdh gum faod thu a dhol is bàsachadh airson do dhùthaich ach nach eil e ceadaichte dhut bhòtadh! Chan eil sin a' dèanamh ciall. Ma thèid an aois bhòtaidh a leagail gu 16, bidh ùidh aig daoine òga bhòtadh.

Bu mhath leamsa bhòtadh ann an referendum neo-eisimeileachd na h-Alba. Tha mi dhen bheachd gu bheil mi adhartach is toiniseil gu leòr airson tighinn gu co-dhùnad fiosraichte. Is e seo an dùthaich againn, am fearann againn agus bu chòir gum biodh còir agam mo bheachdan a chur an cèill.



**Figear 1.11** Lisa Flaherty, aois 16

Ged a tha mi dhen bheachd gum bu chòir tomhas de smachd a bhith aig feadhainn a tha 16 bliadhna air an àm ri teachd, bhon a tha iad a' cur ris a' chomann-shòisealta, chan eil mi ag aontachadh gum gu chòir cothrom a bhith aca air bhòtadh. Tha mi dhen bheachd gu bheil cion ùidh am measg luchd-bhòtaidh òga - mu thràth is e an fheadhainn eadar aois 18-24 as buailtiche gun bhòtadh. Bidh e coltach gun lean an fheadhainn aig aois 16 an t-eisimpleir seo agus nach bi iad a' bhòtadh, agus mar sin cha bhiodh ann ach caitheamh airgid. Tha mi dhen bheachd gum bu chòir pàrantan chloinne a tha 16 bliadhna bhòtadh às an leth.

Aoise	Àireamh a bhòt(%)
16-17	75
18-24	54
25-34	72
35-54	85
55+	91

**Clàr 1.7** Na bhòt a rèir aoise ann an referendum neo-eisimeileachd na h-Alba 2014

### Gníomh ICT

Ann an dithisean, dèanaibh sgrùdadhbh air an làrach-lìn [www.votesat16.org](http://www.votesat16.org), làrach iomairt Bhòtadh aig aois 16. Dèanaibh taisbeannadh le eadar trì is còig slaighdean, airson a shealltainn dhan chlas.

Tha cuid dhen bheachd nach eil daoine fiosrach gu leòr airson bhòtadh aig 16 's 17. Tha na Lib. Dheamocratach, am Partaidh Uaine 's PNA airson an aois bhòtadh a leagail. Thug Aonta Dhùn Èideann eadar, Daibhidh Camshron 's Ailig Salmond san Dàmhair 2012, còir do dhaoine a bha 16 no 17 bhòtadh san referendum ann an 2014. Thug seo spionnadhan dhan deasbad. Fhuair Riaghaltas na h-Alba tuilleadh chumhachdan ann an 2015 a leig le riaghaltas PNA daoine 16 's 17 a thoirt dhan t-siostam bhòtadh airson taghadh Pàrlamaid na h-Alba 2016, agus taghaidhean ionadail 2017.



**Figear 1.12** Cead sabaid ach chan eil airson bhòtadh?

## Siostaman taghaidh na RA

Tha siostam taghaidh Bhreatainn aithnichte mar Àireamh Bhòtaichean As Motha, no mar shiostam 'mòr-chuid shìmplidh'. Tha an RA air a roinn na 650, roinn-phàrlamaid no suidheachain. Bidh gach aon a' taghadh Ball Pàrlamaid (BP). Bidh an tagraiche a bhuannaicheas na BhP, tha Clàr 1.8 a' mìneachadh carson is e siostam 'na h-uile dhan bhuannaiche' a chanar ris. Ann an taghadh 2015 bhuannaich na Làbaraich Chester le dìreach 93 bhòtaichean a bharrachd air na consearbhataich – cha do bhòt 57% den luchd-bhòtadh airson an tagraiche a bhuannaich.

Partaidh	Bhòt	Bhòt (%)
Làbaraich	22,118	43.2
Consearbhataich	22,025	43.1
UKIP	4,148	8.1
L.Dheamocratach	2,870	5.6

**Clàr 1.8** Roinn-phàrlamaid Chester, taghadh 2015



## Seall do thuigse

- 1 Thoir cunnatas air na siostaman taghaidh a thathas a' cleachdadh san RA.
- 2 Dè bha annasach mun taghadh choitcheann ann an 2010 agus taghadh Pàrlamaid na h-Alba ann an 2011?
- 3 Dè th' ann an tagraiche agus dè na Partaidhean agus na h-adhbharan a dh'fhaodadh tagraiche a bhith a' riochdachadh?
- 4 Thoir cunnatas air na dòighean anns am bi buill Partaidh, agus daoine fa leth, a' gabhail pàirt ann an iomairt taghaidh.
- 5 Mìnich carson nach eil cead bhòtadh aig a h-uile neach a tha thairis air aois 18.
- 6 Thoir iomradh air na h-argamaidean airson agus an aghaidh an aois bhòtadh a leagail gu 16.
- 7 Faic Clàr 1.6. Dè na co-dhùnaidhean a ghabhas dèanamh mu aois agus na bhios a' bhòtadh?

### Leudaich

- 8 Beachdaichibh air na h-argamaidean airson agus an aghaidh cead bhòtadh a thoirt do phrìosanaich. Dèanaibh postair airson no an aghaidh cead bhòtadh do phrìosanaich.
- 9 Ann an dithisean, dèanaibh postair airson no an aghaidh an aois bhòtadh a leagail gu 16.

### Leasaich do sgilean

- 10 'Bha timcheall air an aon ìre de bhuidseat iomairt aig na Partaidhean Làbarach agus Consearbhataich airson nan taghaidhean coitcheann ann an 2010 is 2015.' (Shabaz Mirza) Cleachd Figear 1.9 air td12 agus mìnich carson a dh'fhaodar cur às leth Shabaz Mirza gun robh e ri àibhiseachadh.

**Co-bhanntachd:** dà phartaidd no barrachd a' tighinn còmhla gus riaghaltas a stèidheachadh.

**Partaidh dùbhlach:** an dàrna partaidh as motha ann an Taigh nan Cumantan. Tha priomh àite aig a' phartaidd dhùbhlach ann a bhith a' cumail sùil air an riaghaltas.

**Manifesto a' phartaidh:** geallaidean poblach mu phoileasaidh agus amasan, mar as trice air an ainmeachadh ron taghadh le partaidh poilitigeach.

Mar as trice bidh mòr-chuid ann an Taigh nan Cumantan aig a' Phartaidh aig a bheil barrachd BP (co-dhiù 326 suidheachain). Bidh iadsan a' stèidheachadh an ath riaghaltas. Ach, ann an 2010 cha robh mòr-chuid iomlan aig Partaidh sam bith, mar sin, thug am Partaidh bu mhotha, na Consearbhataich, cuireadh dha na Lib.

Dheamocratach a dhol còmhla riutha anns an riaghaltas. Is e **riaghaltas co-bhanntachd** a chanar ris an seo. Dh'fhàg sin na Lèbaraich, mar an dàrna Partaidh bu mhotha, na Phartaidh **dùbhlannach** oifigeil. Ann an 2015 fhuair na Consearbhataich mòr-chuid de 12 agus rinn iad Riaghaltas iad fhèin.

### Àireamh Bhòtaichean As Motha (FPTP)

#### A' cumail suas siostam dà-phartaidh

Bidh FTPT a' fàgail gum Consearbhataich 's na Lèbaraich barrachd shuidheachain na na gheibh iad

de bhòtaichean. Ann an taghadh coitcheann 2015 fhuair na Consearbhataich/Lèbaraich gu h-iomlan 67.2% de na bhòtaichean, ach fhuair iad 85.0% de na suidheachain (faic Clàr 1.9).

#### Riaghaltas cofhurtail

Mar as trice bidh FPTP a' toirt beachd gun do rinn am partaidh a fhuair barrachd bhòtaichean na b' fheàrr na rinn iad. Gheibh iad mar sin mòr-chuid chofhurtail sa Phàrlamaid. Choisinn na Consearbhataich fo Mhairéad Thatcher gu mòr ann an 1983 's 1987, direach mar a thachair dha na Lèbaraich fo Tony Blair ann an 1997 is 2001. Ach, cha do thachair seo ann an 2010 nuair a dh'fheumadh riaghaltas co-bhanntachd a bhith ann. Ann an 2017, dh'fhaillich air na Consearbhataich mòr-chuid fhaighinn 's mar sin bha aca ri taic fhaighinn bhon DUP, Partaidh Pròstanach Èirinn a Tuath.

### FAIDHLE FIOS

#### Geàrr-chunntas air toraidheann taghadh coitcheann 2015

- Fhuair na Consearbhataich 35 suidheachain agus thug seo mòr-chuid de 12 BP dhaibh.
- Bha na cunntasan-bheachd a thuirt nach biodh mòr-chuid aig aon phartaidh gu tur ceàrr.
- Fhuair na Lèbaraich barrachd bhòtaichean na fhuair iad ann an 2010 ach chaill iad 26 suidheachain uile-gu-lèir.
- Chaill na Libearalaich Dheamocratach 49 suidheachain uile-gu-lèir agus cha robh ach 8 BP air fhàgail aca.
- Chaidh an àireamh de BhP bho mhion-chinnidhean suas bho 27 gu 42 agus an àireamh de bhoireannaich bho 143 gu 191.
- Fhuair UKIP 3.8 millean bhòt ach cha d' fhuair iad ach aon shuidheachan.
- Ann an Alba, thuit bhòt nan Lèbarach agus nan Libearalach Deamocratach às a chèile agus fhuair PNA 56 dhe na 59 suidheachain an Alba. Chaill na Lèbaraich 40 suidheachan.

Partaidh	Suidheachain	Buannachd	Call	Lom	Bhòtaichean	Bhòtaichean (%)	+/- (%)
Consearbhatach	331	35	11	+24	11,334,576	36.9	+0.8
Lèbarach	232	22	48	-26	9,347,304	30.4	+1.5
PNA	56	50	0	+50	1,454,436	4.7	+3.1
L. Dheamocratach	8	0	49	-49	2,415,862	7.9	-15.2
UKIP	1	1	0	+1	3,881,099	12.6	+9.5
Uainich	1	0	0	0	1,157,613	3.8	+2.8

Clàr 1.9 Co-dhùnadh taghadh coitcheann na RA 2015 (bhòt 66.1%)

Partaidh	Suidheachain	Buannachd	Call	Bhòtaichean	Bhòtaichean (%)	+/- (%)
PNA	56	50	0	1,454,436	50.0	+30.0
Làbarach	1	0	40	707,147	24.3	-17.7
Consearbhatach	1	0	0	434,097	14.9	-1.8
L. Dheamocratach	1	0	10	219,675	7.5	-11.3
UKIP	0	0	0	47,078	1.6	+0.9
Uainich	0	0	0	39,205	1.3	+0.7

Clàr 1.10 Toradh taghadh coitcheann 2015 ann an Alba (na bhòt ann an Alba 71.1%)

### FAIDHLE FIOS

#### Geàrr-chunntas de thaghadh coitcheann 2017

- Chaidh an àireamh a bhòt suas bho 66.7% ann an 2015 gu 68.7%, ach chaidh an àireamh sìos ann an Alba.
- B' e dunaidh a bh' ann dhan Phrìomhaire May – bha na Consearbhataich an dòchas buaidh mhòr fhaighinn ach an àite sin chaill iad am mòr-chuid ann an Taigh nan Cumantan.
- B' e buaidh mhòr a bh' ann do cheannard nan Consearbhatach ann an Alba 's na Consearbhataich Albannach a' faighinn 13 suidheachain.
- B' e seòrsa de bhuaidh a bh' ann do Jeremy Corbyn a sheall gum b' urrainn poileasaidhean sòisealach còrdadh ri luchd-bhòtaidh.
- B' e droch thoradh a bh' ann do PhNA, a chaill 21 suidheachain, 400,000 neach-bhòtaidh, agus an dà phrìomh BhP aca. (Chaill Ailig Salmond agus Aonghas Robasdan na suidheachain aca.)
- B' e dunaidh a bh' ann do UKIP, a chaill an aon shuidheachan a bh' aca, agus chaidh a' bhòt aca sìos bho 3.8 millean ann an 2015 gu beagan fo 600,000.

Partaidh	Suidheachain	+/-	Bhòtaichean	Bhòtaichean (%)	+/- (%)
Consearbhataich	318	-13	13,669,883	42.4	+5.5
Làbarach	232	+30	12,878,460	40.0	+9.5
PNA	35	-21	977,569	3.0	-1.7
L. Dheamocratach	12	+4	2,371,910	7.4	-0.5
UKIP	0	-1	594,068	1.8	-10.8
Uainich	1	0	1,157,613	1.6	-2.1

Clàr 1.11 Toradh taghadh coitcheann 2017 (na bhòt san RA 68.7%)

Partaidh	Suidheachain	Buannachd	Call	Bhòtaichean	Bhòtaichean (%)	+/- (%)
PNA	35	0	21	977,569	36.9	-14.1
Làbarach	7	6	0	717,077	27.1	+2.8
Consearbhatach	13	12	0	757,949	28.6	+13.7
L. Dheamocratach	4	3	0	179,061	6.8	-3.8

**Clàr 1.12** Toradh taghadh coitcheann 2017 (na bhòt an Alba 66.4%)

### Mì-chothromach do Phartaidhean beaga

Bidh FPTP ag obair an aghaidh nan treas phartaidhean is partaidhean beaga a gheibh taic air feadh na RA gun taic ann an sgìrean sònraichte. Tha na Libearalaich Dheamocratach an-còmhnaidh a' fulang, oir chan eil duais sam bith ann airson an dàrna h-àite – eadhon ged a thachradh seo ann an, can, 300 roinn-phàrlamaid. Fhuair am Partaidh Uaine a' chìad shuidheachan riamh aca ann an taghadh 2010. Ann an 2015, fhuair UKIP 3.8 millean bhòt ach cha d' fhuair iad ach aon shuidheachan.

### Gun mòran roghainn

Tha mòran roinnean-pàrlamaid nan **suidheachan sàbhailte** far am bi aon Phartaiddh a' faighinn mòr-chuid mhòr gun choltas gun caill iad. Ann an iomadh iomall-bhaile beairteach ann an Sasainn, buannaichidh na Consearbhataich, gu cinnteach.

### Bhòt roghnach (AV)

B' e seo an siostam taghaidh a mhol a' cho-bhanntachd Chonsearbhatach/Libearalach Dheamocratach airson a dhol an àite FPTP. Bha seo a' coimhead mar roghainn neònach dha na Libearalaich Dheamocratach, oir chan eil ann an AV, gu dearbh, ach seòrsa eile de FPTP.

Bithear a' cleachdadhbhòt airson taigh iosal Astràilia, Taigh nan Riochdairean, a thaghadh. San RA thathas ga chleachdadhbhòt airson ceannard nan Libearalaich Deamocratach a thaghadh.

Le AV feumaidh an tagraighe soirbheachail mòr-chuid iomlan de na bhòtaichean gu lèir fhaighinn.



**Figear 1.13** B' e Caroline Lucas a' chìad ball dhen Phartaiddh Uaine a chaidh a thaghadh gu Pàrlamaid na RA

Bidh luchd-bhòtaidh a' cur 1 ri taobh a' chìad roghainn aca, 2 ri taobh an dàrna roghainn 's mar sin air adhart. Dh'fhaodadh luchd-bhòtaidh co-dhùnadhbhòtadh airson a' chìad roghainn aca a-mhàin. Mura faigh tagraighe sam bith fior mhòr-chuid de na ciad roghainnean, tuitidh an tagraighe leis an àireimh as isle a-mach 's thèid an dàrna roghainn aca gu na tagraighean a tha air fhàgail. Mura faigh tagraighe barrachd air 50% de na bhòtaichean san dòigh seo, thèid na ceumannan air adhart a-rithist gus an tachair sin.

Ach, sa Chèitean 2011, bhòt an dùthaich an aghaidh atharrachadh san t-siostam taghaidh, le dìreach 32% a' cur taic ri AV.

## Argamaidean airson Àireamh Bhòtaichean As Motha

- 1 Mar as trice bheir seo a-steach riaghaltas làidir aon-phartaidh agus leigidh e leis a' phrìomhaire agus leis a' chaibineat na poileasaidhean ann am manifesto an taghaidh a thoirt air adhart, gun gèilleadh do phartaidhean nas lughanns an t-seòrsa cho-bhanntachdan a tha co-cheangailte ri Riochdachadh Co-roinneil (PR).
- 2 Bidh an siostam a' stad phartaidhean an iomaill bho bhith air an riochdachadh. Fhuair Partaidh Nàiseanta Bhreatann (BNP) còrr air millean bhòt ann an taghadh 2010 ach cha d' fhuair iad suidheachan idir. Fo siostam PR fhuair am BNP dà shuidheachan anns an taghadh Eòrpach 2009.
- 3 Nuair a leigeas BP dheth a dhreuchd no a bhàsaicheas e/i, thèid **fo-thaghadh** a chumail gus BP ùr a thaghadh. San dòigh seo faodaidh am poball mì-thoileachas a nochdad mu riaghaltas, no mu phartaidh air nach eil meas tuilleadh. (Airson fo-thaghaidhean, faic td 20).
- 4 Tha e furasta a thuiginn agus a chur an gniomh. Cha bhi an luchd>taghaidh ach a' bhòtadh aon uair. Bidh fios air an toradh gu math luath. Bha 140,000 pàipear-bhòtaidh millte ann an taghaidhean Pàrlamaid na h-Alba an 2007 a chleachd AMS.

## Argamaidean an aghaidh Àireamh Bhòtaichean As Motha

- 1 Cha bhi e an-còmhnaidh a' toirt co-dhùnadhdh do aon phartaidh agus a' cruthachadh riaghaltas làidir is seasmhach. Ann an taghaidhean coitcheann 2010 's 2017 cha deach aig na Consearbataich air mòr-chuid fhaighinn. Ann an 2010, chaidh iad ann an co-bhanntachd ris na Libearalaich Dheamocratach, ach bha eas-aonta eatarra a thaobh grunn chuspairean leithid ath-leasachadh shochairean sòisealta agus ath-leasachadh air Taigh nam Morairean.
- 2 Faodaidh seo a dhol gu suidheachadh far am faigh BP ann an roinn-phàrlamaid nas lughna 30% dhen bhòt. Ann an taghadh na bu tràithe cha d' fhuair an tagraiche a bhuannaich ach 26% dhen bhòt.
- 3 Thathas ag argamaid gum bi cion-ùidh aig an luchd-bhòtaidh mar thoradh air FPTP leis gum bi sin a' cruthachadh 'fàsaichean' taghaidh. Choisinn na Consearbataich 15% de bhòtaichean Albannach ann an 2015 ach dìreach aon shuidheachan.
- 4 Chan eil an àireamh shuidheachain ann an Taigh nan Cumantan coltach ris a' cheudad de bhòtaichean airson gach partaidh.



### Seall do thuigse

- 1 Carson a chanar 'Àireamh Bhòtaichean As Motha' ri siostam taghaidh na RA?
- 2 Dèan cunntas air na prìomh fheartan aig FPTP. Thoir fianais gus taic a thoirt dhan bheachd nach eil e cothromach ach dha na Consearbataich agus na Làbaraich.
- 3 Tagh dà argamaid airson FPTP agus a dhà na aghaidh. Mìnich carson a tha thu a' faireachdann gur e gur iad na h-argamaidean as fheàrr airson taic a thoirt do gach taobh

### Leudaich

- 4 Cruthaich duilleag leis na prìomh thoraidhean bho na taghaidhean coitcheann ann an 2015 agus 2017.
- 5 A' toirt iomradh air td 20, dè th' ann am fo-thaghadh. Dè bha sònraichte mu fho-thaghadh Copeland ann an 2017?

### Leasaich do sgilean

- 6 Ann an taghadh 2017, chaidh an àireamh shuidheachain aig na Consearbataich suas ann an Sasainn agus rinn iad na b' fheàrr ann an Alba.' (Emily Watt) A' cleachdadh Clàran 1.11 agus 1.12, mìnich an ìre chun am faodar cur às leth Emily Watt gun robh i a' leth-thaghadh na firinn.

## Fo-thaghaidhean

Ma bhàsaicheas BP, no ma leigeas i/e dheth a d(h)reuchd ron ath thaghadh, bidh fo-thaghadh ann. Tha seo a' ciallachadh gum bi an roinn-phàrlamaid a' taghadh BP ùr. Is àbhaist fo-thaghadh a bhith a' faighinn foillseachadh nàiseanta agus foillseachadh ionadail, 's faodaidh am poball an cleachdad mar chothrom breith a thoirt air an riaghaltas agus air na priomh phartaidhean. Sa Ghearran 2017, bha fo-thaghadh ann an Copeland a bha riamh air BP Lèabarach a thaghadh. Ach a dh'aindeoin sin, bhuannaich an tagraiche Consearbhatach. Mar as trice, 's e riaghaltas an latha a tha buailteach call ann am fo-thaghadh.



**Figear 1.14** Bhuannaich Trudy Harrison fo-thaghadh Copeland sa Ghearran 2017

Tagraiche	Partaidh	Bhòtaichean	Bhòtaichean (%)	+/- (%)
Trudy Harrison	Consearbhatach	13,748	44.2	+8.5
Gillian Troughton	Lèabarach	11,601	37.3	-4.9
Rebecca Hanson	L. Dheamocratach	2,252	7.2	+3.8
Fiona Mills	UKIP	2,025	6.5	-9.0

**Clàr 1.13** Co-dhùnadhean fo-thaghadh Copeland Gearran 2017 (taghadh de phartaidhean)

## Siostam taghaidh na h-Alba

Tha an siostam bhòtaidh son BPA is comhairlichean ionadail a thaghadh eadar-dhealaichte bhon t-siostam airson BP a thaghadh. Is e Siostam Ball a Bharrachd (AMS) a chanar ris an t-siostam airson taghaidhean Pàrlamaid na h-Alba agus, airson nan comhairlean ionadail, 's e a' Bhòt Shingilte Ghluasadach (STV) a chanar ris. Tha gach cuid nan seòrsa de Riochdachadh Co-roinneil (PR). Ann an siostaman PR, tha ceangal nas mothà eadar na bhòtaichean agus na suidheachain.

### Siostam Ball a Bharrachd (AMS)

Chaidh an siostam measgaichte seo a chleachdad airson Pàrlamaid na h-Alba 's Seanadh na Cuimrig a thaghadh bho 1999, a bharrachd air Seanadh Lunnainn. Ann an Alba bidh luchd-bhòtaidh a' toirt dà bhòt, a' chiad bhòt airson na 73 tagraichean a bhuannaicheas a thaghadh airson taghaidhean roinnean-pàrlamaid ionadail a' cleachdad FPTP.

Tha an dàrna bhòt aig an neach-bhòtaidh ann an roinn-phàrlamaid ioma-bhall, a' taghadh eadar phartaidhean. Tha ochd liostaichean roinneil ann an Alba, gach cuid a' taghadh seachd BPA liosta roinneil (faic Figear 1.15 air td 21). Tha foirmle d'Hondt a' dèanamh cinnteach gu bheil an àireamh shuidheachain aig partaidhean ann am Pàrlamaid na h-Alba an ère mhath ann an co-chuid ris an àireamh bhòtaichean a fhuair iad. Cha bhi partaidh a tha air thoiseach anns an roinn-phàrlamaid a' dèanamh cho math anns an taghadh liosta roinneil. Ann an 2007 fhuair na Lèbaraich 37 suidheachain roinnt-phàrlamaid ach cha d' fhuair iad ach 9 air an liosta roinneil. Ann an 2016 fhuair PNA 59 suidheachain roinnt-phàrlamaid ach 4 air an liosta roinneil.

Suas gu taghadh 2011 cha robh partaidh sam bith air mòr-chuid de shuidheachain a chosnadh. Air sgàth seo chaidh riaghaltas co-bhanntachd Lèabarach-Libearalach Dheamocratach a chruthachadh ann an Alba às dèidh taghaidhean 1999 agus 2003 agus riaghaltas mion-chuid PNA às dèidh taghadh 2007.

**WWW**

[www.electoral-reform.org.uk/additional-member-system/](http://www.electoral-reform.org.uk/additional-member-system/) a' tort tuilleadh fiosrachaидh mu AMS.

### Buaidh an t-siostam bhòtaidh ùir

#### Co-dhùnadh nas cothromaiche

Chan eil teagamh nach eil barrachd co-rèireachd ann fo AMS. Chan eil bearannan cho mòr eadar riarachadh bhòtaichean 's shuidheachain. Ann an 2015 fhuair an siostam Àireamh Bhòtaichean As Motha còrr is 90% de shuidheachain Albannach ann an Taigh nan Cumantan do PNA, le 50% de bhòtaichean Albannach.

#### Mar as trice riaghaltas co-bhanntachd no riaghaltas partaidh le mion-chuid

Ann an 1999 is 2003 bha na Làbaraich is na Lib-Dheamocratach ann an co-bhanntachd.

Ann an taghadh 2007 rinn PNA a' chùis air na Làbaraich. B' iad am partaidh bu mhòtha ann am Pàrlamaid na h-Alba, le aon shuidheachan. Chruthaich PNA riaghaltas beag-chuid. Bha iad an urra ri taic bho na partaidhean eile do na poileasaidhean aca airson bilean fhaighinn tron Phàrlamaid. Fhuair PNA mòr-chuid ann an taghadh 2011. Ach ann an taghadh na h-Alba 2016, cha robh mòr-chuid iomlan aca, agus le sin, rinn iad riaghaltas beag-chuid.

#### Na partaidhean beaga a' faighinn brosnachadh agus aig amannan duais

Ann an 2003 fhuair na h-Uainich agus Partaidh Sòisealach na h-Alba (PSA) 13 a-mach à 56 suidheachain anns an dàrna baileat. Cha bhiodh e air chomas dha na h-Uainich no do PSA BPA fhaighinn ann am Pàrlamaid na h-Alba fon t-siostam Àireamhan Bhòtaichean As Motha. Ann an taghadh 2016, cha robh ach na h-Uainich, le 6 BhPA, a' riochdachadh nam partaidhean beaga.


#### Barrachd roghainn do luchd-bhòtaidh

Thàinig meudachadh mòr air an àireamh phartaidhean is thagraichean a bha a' farpais san dàrna baileat. Bha còrr air 20 partaidh a' farpais ann an taghaidhean 2016.

#### Taghadh Pàrlamaid na h-Alba 2011 's 2016

Rinn PNA math ann an taghadh 2011, a' faighinn mòr-chuid sa Phàrlamaid a thug riaghaltas co-

- 1 Glaschu
- 2 Meadhan Alba
- 3 Lodainn
- 4 Alba an lar



**Figear 1.15** Na h-ochd roinnean ann an Alba airson taghaidhean Siostam Ball a Bharrachd

bhanntachd no riaghaltas mion-chuid gu crìch. Chròn taic nan Làbaraich a fhuair làmh-an-uachdair ann an taghadh 2010, agus san àireimh de BhPA. Chaill na Làbaraich 9 suidheachain 's choisinn PNA 22. Chaill na Lib. Dheamocratach 11 de na 16 suidheachain aca.

Ann an 2016, b' e PNA am partaidh bu mhòtha a-rithist, ach bha iad goirid air mòr-chuid. Bhuannaich PNA 59 de na 73 suidheachain roinn-phàrlamaid, ach mar a chaidh suidheachain na liosta a roinn, cha d' fhuair iad ach 4, ged a fhuair iad còrr is 950,000 bhòt. Rinn na Làbaraich gu dona – chuir na Tòraighean iad dhan treas àite. Thog na Tòraighean 16 is na h-Uainich 4 suidheachain.

## Argamaidean airson Riochdachadh Co-roinneil

- 1 Tha PR 'cothromach' oir bidh e a' cruthachadh ceangal nas dlùithe eadar roinn bhòtaichean agus shuidheachain. Ann an taghaidhean Pàrlamaid na h-Alba ann an 2016, choisinn na Consearbhataich timcheall air 22% de na bhòtaichean agus 24% de na suidheachain.
- 2 Gheibh na partaidhean beaga barrachd riochdachadh pàrlamaideach tro PR. Ann an taghaidhean 2003 airson Pàrlamaid na h-Alba, fhuair Partaidh Sòisealach na h-Alba, am Partaidh Uaine agus Partaidh Aonaichte Seann Shaoranaich na h-Alba agus na Neo-eisimeilich riochdachadh fo Siostam Ball a Bharrachd (AMS).
- 3 Bidh mòran dhùthchannan Eòrpach, mar a' Ghearmailt, a' cleachdadh seòrsa de PR.
- 4 Bidh co-bhanntachdan a' brosnachadh co-aonta a tha na thoradh air co-rèiteachadh. No ga chur ann an dòigh eile, gheibh luchd-bhòtaidh barrachd de na tha iad ag iarraidh agus nas lughad de na nach eil iad ag iarraidh. Chruthaich na Libearalaich Dheamocratach agus na Lèbaraich riaghaltas co-bhanntachd ann an Alba eadar 1999-2007, a' toirt riaghaltas seasmhach is èifeachdach dhan dùthaich.
- 5 Bithear a' meas nach bi uiread de 'bhòtaichean gum fleum' ann am PR agus gum bi e mar sin a' brosnachadh barrachd gu bhith a' bhòtadh.

## Argamaidean an aghaidh Riochdachadh Co-roinneil

- 1 Faodaidh PR riaghaltas a chruthachadh anns am faigh partaidh beag-chuid poileasaidhean a chur an gnìomh. Bha na Lib. Dheamocratach sa cheathramh àite ann an taghadh na h-Alba ann an 2003, ach chruthaich iad riaghaltas leis na Lèbaraich.
- 2 Faodaidh an riaghaltas a bhith neo-sheasmhach agus lag. Bha e duilich do riaghaltas mion-chuid PNA ann an 2007-2011 na poileasaidhean aca a chur an gnìomh. Dh'fhaillich orra am poileasaidh air a' phrìs as lughad airson deoch-làidir a chur an gnìomh san t-Samhain 2010.
- 3 Chan eil e a' ciallachadh gu bheil Pàrlamaid na h-Alba nas riochdachaile air a sgàth. Ann an taghadh na h-Alba ann an 2007, thuit an àireamh de BhPA taobh a-muigh nam prìomh cheithir phartaidhean bho 17 gu 3. Cha do dh'atharraich sin ann an taghadh 2011. Ann an taghadh 2016 dh'èirich e gu 6 - 's iad uile nam buill den Phartaidh Uaine.
- 4 Canar gu bheil AMS na adhbhar còmhstri eadar BPA na roinn-phàrlamaid agus 7 BPA air an liosta roinneil. Tha còmhstri shoilleir eadar an dà chlas de BhPA.
- 5 Faodaidh cus buaidh a bhith aig partaidhean beaga. Ann an 2017, b' fheudar do riaghaltas beag-chuid PNA na molaidhean aca airson a' bhuidseat atharrachadh gus taic fhaighinn bho na h-Uainich. Cha d' fhuair na h-Uainich ach 163,000 bhòt a-mach à 1.9 millean bhòt uile gu leòr a fhuair PNA.

Partaidh	2003	2007	2011	2016
PNA	27	47	69	63
Lèbarach	50	46	37	24
Consearbhatach	18	17	15	31
L. Dheamocratach	17	16	5	5
Uaine	7	2	2	6
Partaidh Sòisealta na h-Alba	6	0	0	0
Eile	4	1	1	0

Clàr 1.14 Toraidhean taghaidhean Pàrlamaid na h-Alba, Cèitean 2003-16

Partaidh	PNA	+/-	Làb	+/-	Cons	+/-	Lib Dheam	+/-	Uaine	+/-
Iomlan	63	-6	24	-13	31	+16	5	-	6	+4

Clàr 1.15 Toraidhean thaghaidhean Pàrlamaid na h-Alba, Cèitean 2016, a rèir shuidheachain

Partaidh	Suidheachain	+/-	Bhòtaichean	Bhòtaichean (%)	+/- (%)
PNA	59	+6	1,059,877	46.5	+1.1
Làbarach	3	-12	514,261	22.6	-9.1
Consearbhatach	7	+4	501,844	22.0	+8.1
L. Dheamocratach	4	+2	178,238	7.8	-0.1
Uaine	0	-	13,172	0.6	+2.3

Clàr 1.16 Taghadh Pàrlamaid na h-Alba, Cèitean 2016, toraidhean roinnean-pàrlamaid

Partaidh	Suidheachain	+/-	Bhòtaichean	Bhòtaichean (%)	+/- (%)
PNA	4	-12	953,587	41.7	-2.3
Làbarach	21	-1	435,919	19.1	-7.2
Consearbhatach	24	+12	524,222	22.9	+10.5
L. Dheamocratach	1	-2	115,284	5.2	-
Uaine	6	+4	150,426	6.6	+2.3

Clàr 1.17 Taghadh Pàrlamaid na h-Alba Cèitean 2016, toraidhean liostan roinneil



### Seall do thuigse

- 1 Thoir cunntas air na prìomh fheartan aig AMS.
- 2 Tagh trì argamaidean airson AMS agus trì na aghaidh. Mìnich carson a tha thu a' faireachdann gur e sin na h-argamaidean as fheàrr airson taic a thoirt do gach taobh.

#### Leudaich

- 3 Ann an dithisean, dèanaibh duilleag geàrr-chunntais de na prìomh thoraidhean bho thaghaidhean na h-Alba ann an 2016.

#### Leasaich do sgilean

- 4 'Bha taghadh na h-Alba 2016 na fhìor bhuanachd do PhNA agus na fhìor latha dubh dhan h-uile partaidh eile!' (Lucas Watt) Dè an ìre gu bheil an fhianais ann an Clàran 1.15 – 1.17 a' toirt taic do bheachd Lucas Watt? (Lucas Watt)



**Figear 1.16** Thug Ruth Davidson, ceannard nan Consearbhatach Albannach, spionadh às ùr dhan Phartaidh Chonsearbhatach ann an Alba

# Alba: Bun-reachd san àm ri teachd

## Pàrlamaid na h-Alba

### Cùl-fhiosrachadh

Ao-coltach ris a' Chuimrigh agus

Èirinn, cha do cheannsaich

Sasainn Alba, ged a bha mòran chogaidhean agus ionnsaighean eadar an dà rioghachd. Ann an 1603 bhàsaich Banrigh Ealasaid 1 Shasainn gun oighre. B' e Seumas VI na h-Alba, a b' fhaisge. B' esan a-nis Seumas 1 na Rìoghachd Aonaichte. Ghlèidh Alba a Pàrlamaid fhèin. B' e seo Aonadh nan Crùn. Nuair a thàing Achd an Aonaidh gu buil ann an 1707, leig Alba 's Sasainn seachad na pàrlamaidean aca. Nan àite chaidh Pàrlamaid ùr na Rìoghachd Aonaichte, stèidhichte ann an Lunnainn. Bha mòran Albannaich an aghaidh an aonaidh, rinneadh ùpraid air sràidean Dhùn Èideann nuair a chuala iad an naidheachd. Cha do rinn seo mòran diofar. Bha Alba gu bhith fo smachd phoilitigeach Lunnainn airson faisg air trì cheud bliadhna.

### Dearbh-aithne Albannach

Ged a bha Alba air a riaghlaigh le Pàrlamaid na RA eadar 1707 is 1999, ghlèidh Alba grunn institiùdan sònraichte. Chùm Alba an siostam lagha aice fhèin a bha eadar-dhealaichte bho lagh Shasainn. Tha an siostam foghlaim eadar-dhealaichte cuideachd. Ann an siostam dheuchainnean na h-Alba, bidh a' mhòr-chuid a' suidhe deuchainn Nàiseanta agus Àrd-Ìre, fhad 's a tha GCSEs agus A-Levels ann an Sasainn. Tha bòrd deuchainn againn ris an canar Ùghdarris Theisteanas na h-Alba agus tha an curraicealam againn eadar-dhealaichte. Tha eaglais stèidhichte aig Alba, Eaglais na h-Alba, agus tha an Eaglais Shasannach aig Sasainn. Tha na notaichean banca aca fhèin aig bancannan na h-Alba.

Chì sinn dearbh-aithne na h-Alba ann an cultar is spòrs. Gu cultarail, tha seata sònraichte de chànanan agus de dhualchainntean ann an Alba leithid Albais agus Gàidhlig na h-Alba. Tha òrain is leithid ceòl dùthchail, Raibeart Burns, Dannsa Gàidhealach agus eadhon Na Proclaimers a'

### Na dh'ionnsaicheas tu:

- 1 Cùl-fhiosrachadh Pàrlamaid na h-Alba.
- 2 Na cumhachdan aig Pàrlamaid na h-Alba.
- 3 An deasbad mu bhun-reachd na h-Alba san àm ri teachd, a' toirt a-steach neo-eisimeileachd.

daingneachadh a bhith 'Albannach'. Thathas a' daingneachadh faireachdann Albannach tro bhiadh is deoch – tha uisge-beatha na h-Alba ainmeil air feadh an t-saoghail, agus gu ìre nas lugha, iasg is sliseagan-buntàta, aran-cridhe agus Irn-Bru. Ann an spòrs, 's dòcha nas mothà na raon sam bith eile, tha dearbh-aithne na h-Alba air a dhaingneachadh. Tha sgiobaidhean fa leth ag Alba, is tha iad a' faighinn taic dhileas air sgàth gràdh-dùthcha. Mar eisimpleir, bha mòran de dh'Albannaich an aghaidh a' bheachd gum biodh cluicheadairean ball-coise Albannach a' cluich ann an Sgioba GB ann an Oilimpigs Lunnainn 2012. Mu dheireadh, tha na meadhanan aice fhèin aig Alba, le pàipearan-naidheachd Albannach leithid an Daily Record, an Herald, 's an Scotsman, agus eadhon irisean Albannach de phàipearan Sasannach leithid an Scottish Sun agus an Scottish Daily Mail. Tha dearbh-aithne nàiseanta gu math làidir aig Alba, sònraichte taobh a-staigh Bhreatainn, chuir seo ris an iarraidh airson referendum neo-eisimeileachd ann an 2014 (faic td27-9).

### A' cruthachadh Pàrlamaid na h-Alba

Eadar 1979 is 1997 bha Na Consearbhataich ann an ùghdarris san RA. Rè na h-ùine sin bha mòran phoileasaidhean a thug iad a-steach fo stiùir Mhairéad Thatcher, mar cùs na coimhearsnachd ann an 1989, nach do chòrd ri daoine ann an Alba. Cha robh na Conserbhataich a' faighinn taic ann an Alba, is dh'fhàs mòran dhaoine mì-riaraichte leis an dòigh san robh Alba air a riaghlaigh. Lean seo gu barrachd is barrachd cuideam airson **fèin-riaghlaigh** ann an Alba (agus sa Chuimrigh) agus leis an sin gum biodh pàrlamaid aca dhaibh fhèin.

Nuair a bhuannaich na Làbaraich an taghadh coitcheann ann an 1997, gheall iad gun cumadh iad **referendum** gus faighneachd do mhuinntir na

h-Alba an robh iad ag iarraidh Pàrlamaid Albannach. Chaidh an referendum a chumail san t-Sultain 1997, le 60.4% de luchd-taghaidh na h-Alba a' bhòtadh. Bhòt cha mhòr 75% de na daoine 'bu chòir'. Chaidh a' chiad taghadh airson Pàrlamaid na h-Alba a chumail air 6 Cèitean 1999.

### Cumhachdan tiomnaichte agus glèidhte

Nuair a dh'fhosgail Pàrlamaid na h-Alba, fhuair iad

**Fèin-riaghlaidh:** a' cur thairis chumhachdan bhon àrd-riaghaltas gu ìre nas isle, mar as trice gu buidhnean ionadail no roinneil.

**Referendum:** bhòt choitcheann leis an luchd-taghaidh mu aon cheist phoilitigeach a thathas a' faighneachd dhaibh airson co-dhùnadh dìreach.

diofar chumhachdan airson laghan atharrachadh no a chruthachadh ann an raointean sònraichte a bhuineadh ri Alba. Tha iad sin aithnichte mar chumhachdan tiomnaichte. Chaidh raointean a bhathas dhen bheachd a bha cudromach gu nàiseanta (air feadh na RA) a ghleidheadh fo

chumhachd Pàrlamaid na RA; sin na cumhachdan glèidhete. Chan eil smachd sam bith aig Pàrlamaid na h-Alba air cumhachdan glèidhete agus feumaidh Alba gabhail ri atharrachaidhean reachdail sam bith a nithear ann a' Westminster co-cheangailte ris na cumhachdan sin.

Ann an 2012 agus 2016, fhuair Alba tuilleadh chumhachdan tiomnaichte bho Phàrlamaid na RA (faic td30-31).

	Aireamh bhòtaichean	Ceudad bhòtaichean
Tha (aonta)	1,775,045	74.3%
Chan eil (gun aonta)	614,400	25.7%

**Clàr 1.18** Co-dhùnadh referendum 1997, ceist 1: A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir Pàrlamaid na h-Alba a bhith ann?

Gnothaichean tiomnaichte	Gnothaichean glèidhte
Slàinte	Dìon
Foghlam is trèanadh	Tèarainteachd shòisealta
Obair shòisealta	Cùisean cèin
Taigheadas	Gnothaichean bun-reachdail
Riaghaltas ionadail	In-imrich
Turasachd is leasachadh eacnamaich	Craoladh
Lagh is gnothaichean dachaigheil	Malairt is gnìomhachas
Àiteachas, coilltearachd is iasgach	Lùth: niuclasach, gual is gas
Dealbhachadh	Reachdas cosnайдh
Seirbheisean poilis is smàlaidh	Co-ionannachd chothroman
An Àrainneachd	Siosam maoin is ionmhais
Spòrs agus na h-ealain	Ceàrrachas agus an Crannchur Nàiseanta
Rathaidean agus puit-mhara na h-Alba	Dìon dàta

**Clàr 1.19** Cumhachdan tiomnaichte agus glèidhte a fhuaradh ann an 1999



## Seall do thuigse

- 1 Dè bh' ann an Achd an Aonaidh?
- 2 Mìnich, gu mionaideach, na dòighean anns a bheil dearbh-aithne aig Alba dhi fhèin.
- 3 Carson a bha mòran Albannaich mì-thoilichte le poilitigs eadar 1979 agus 1997.
- 4 Dè a' bhuil a bha air an referendum ann an 1997?
- 5 Mìnich an t-eadar-dhealachadh a tha eadar cumhachdan tiomnaichte agus glèidhete.
- 6 Thoir sùil air an liosta gu h-ìosal. Cuir iad ann an raointean tiomnaichte agus glèidhete.
  - (a) A' togail sgoiltean ùra
  - (b) A' togail cùrsa-golf ùr
  - (c) Òrdughan-cungaидh an-asgaidh
  - (d) A' cur suas Sochair Chloinne
  - (e) A' togail bhàtaichean cogaidh ùra dhan Chabhlaich Rìoghail
  - (f) A' togail phrìosain ùra
  - (g) Ag aontachadh chùmhñantan malairt ri dùthchannan cèin
  - (h) Slatan-tomhas airson gabhail ri luchdsireadh comraich.

## Tuilleadh chumhachdan do Phàrlamaid na h-Alba

Eadar 1999 agus 2007, bha na Lèbaraich agus na Libearalaich Dheamocratach ann an co-bhanntachd ann an Alba. Ach, an dèidh taghadh 2007, b' e PNA am partaidh a bu mhotha agus rinn iad riaghaltas beag-chuid (faic Clàr 1.20). B' e an t-amais aca Alba a bhith na dùthaich neo-eisimeileach. Sa gheàrr-ùine, dh'fheuch iad ri tuilleadh chumhachdan fhaighinn do Phàrlamaid na h-Alba.

Dh'aontaich co-bhanntachd na RA tuilleadh chumhachdan a thoirt do Phàrlamaid na h-Alba. Chuir na partaidhean Albannach uile taic ri seo. Ro referendum 2014 air neo-eisimeileachd, thuirt cunntas-bheachd gun robh mòr-chuid de dh'Albannaich a-nis airson neo-eisimeileachd. Mar fhreagairt, dh'aontaich ceannardan nan trì partaidhean poilitigeach mòra san RA gun toireadh iad tuilleadh chumhachdan do Riaghaltas na h-Alba (faic Clàr 1.21). B' e seo devo-max (faic Figear 1.17).




### OUR NATION DECIDES

## THREE LEADERS SIGN PROMISE TO SCOTLAND

Westminster's three party leaders – one of whom will be the next prime minister – sign a historic joint promise which, in their own words, will guarantee more devolved powers to Scotland and protect the NHS if we vote No

SEE PAGES 4&5



**Figear 1.17** Shoidhning triùir cheannardan na RA 'bòid' gum faigheadh Pàrlamaid na h-Alba tuilleadh chumhachdan nan rachadh neo-eisimeileachd a dhiùltadh

Taghadh	Riaghaltas
1999	Co-bhanntachd eadar Lèbaraich is Libearalaich Dheamocratach
2003	Co-bhanntachd eadar Lèbaraich is Libearalaich Dheamocratach
2007	beag-chuid PNA
2011	mòr-chuid PNA
2016	beag-chuid PNA

**Clàr 1.20** Taghaidhean agus riaghaltasan na h-Alba 1999-2016

## Referendum na h-Alba 18 Sultain 2014

Ann an iomairt a lean fad 30 mìos, bha sluagh na h-Alba ag iomairt gu gnìomhach airson agus an aghaidh neo-eisimeileachd. B' e Yes Scotland/Bu chòir a bh' air a' bhuidheann airson neo-eisimeileachd agus Better Together/Nas fheàrr còmhla air an fheadhainn a bha airson fuireach san RA (faic am bogsa).

### Bu chòir

- Le taic bho PhNA, Uainich 's Sòisealaich na h-Alba
- Taic làidir bhon t-sluagh agus còrr is 300 buidheann ag iomairt nan coimhersnachdan
- Iomairt bhrosnachail a thog üidh sluagh na h-Alba ann am poilitigs

### Nas fheàrr còmhla

- Le taic bho Làbaraich, Consearbhataich, agus Libearalaich Dheamocratach na h-Alba
- Taic làidir bho na partaidhean aca stèidhichte san RA
- Iomairt neo-bhrosnachail air an tug luchd-taic *Bu Chòir 'Iomairt Eagail'*

## Priomh phuingean airson agus an aghaidh neo-eisimeileachd ann an referendum na h-Alba 2014

### Airson

#### Dearbh-aithne air leth

Bha Alba uaireigin na stàit neo-eisimeileach agus tha còir aice air aithne san t-saoghal mhòr. Tha mòran dhùthchannan a' faicinn Alba mar phàirt de Shasainn. Tha dùthchannan nas lugha na Alba, mar Èirinn agus Innis Tìle, a' ruith an cùisean fhèin.

#### Eaconamaidh soirbheachail

Tha Alba beariteach mar dhùthchaich agus 's ann aice a tha a' mhòr-chuid de ola agus lùth ath-nuadhachail an AE. Bu chòir smachd a bhith againn air an econamaidh againn agus co-dhùnaidhean a dhèanamh a tha nam buannachd do dh'Alba. B' urrainn dhuinn ar siostam shochairean fhìn a thoirt a-steach 's stad a chur air gearraidhean Riaghaltas na RA.

#### An t-Aonadh Eòrpach

Dh'fhuiricheadh Alba san AE agus dhèanadh i borganachadh air cumhachan ùra le stàitean eile an AE.

### Thoir air falbh Trident

B' urrainn Alba an armachd niuclasach stèidhichte ann am Faslane air costa Chluaidh a thoirt air falbh.

#### Poileasaidh diofraichte air in-imrich

Eu-coltach ri Sasainn, tha feum aig Alba air barrachd sluaigh aig aois obrach leis gu bheil an àireamh de dhaoine a tha nas sine a' fàs. Tha feum againn air saoranaich sgileil le deagh fhoghlam à dùthchannan eile. Cha tug riaghaltas na RA feart dhan seo agus chuir e bacadh air inmrichean le deagh fhoghlam a bhith a fuireach ann an Alba.

#### An aghaidh

#### Buaidh chruinneil na RA a chumail

Tha an RA na stàit fior shoirbheachail 's bhiodh i air a lagachadh nam fàgadh Alba. Mar phàirt den RA, tha suidheachan maireannach againn ann an Comhairle Tèarainteachd nan Dùthchannan Aonaichte (NATO) 's tha sinn nar ball den G8. Sin na dùthchannan aig a bheil a' chumhachd agus a' bhuaidh as motha san t-saoghal.

### Chan eil an eaonamaidh làidir gu leòr

Leis mar a thuit prìs na h-ola, nam biodh Alba neo-eisimeileach, cha b' urrainn dhi an soirbheachas a th' aice an-dràsta a chumail a' dol agus thuiteadh cor beòshlaint.

### An t-Aonadh Eòrpach

Tha an RA a' fàgail an AE, agus chan eil cinnt sam bith gum faodadh Alba neo-eisimeileach fuireach san AE. Tha a' mhòr-chuid den mhalairt againn ris a' chòrr dhen RA seach ri dùthchannan san AE.

### Toradh Referendum 2014

Cho-dhùin sluagh na h-Alba gun robh e na b' fheàrr fuireach san Aonadh seach a' mhi-chinnt a bhiodh air thoiseach air Alba neo-eisimeileach a-mach às an AE (faic Clàr 1.21). Bha e follaiseach gun robh na daoine bu bhochda san dùthaich na bu choltaiche bhòtadh *Bu chòir* agus gun robh iadsan a bha a' fuireach ann an sgìrean nas beartiche na bu choltaiche bhòtadh *Cha bu chòir*.

### FAIDHLE FIOS

#### Referendum na h-Alba 2014

- Bhòt àireamh mhòr: 85% de luchd-taghaidh na h-Alba
- Bhòt an àireamh bu mhotha, 91%, ann an Siorrachd Dhùn Breatann an Ear
- Bhòt an àireamh bu lugh, 75%, ann an Glaschu
- Bha an àireamh a b' àirde a bhòt *Cha bu chòir*, 67%, ann an Arcaibh
- Bha an àireamh a b' àirde a bhòt *Bu chòir*, 57%, ann an Dùn Dè
- Bhòt 49% de fhireannaich *Bu chòir*, ach dìreach 43% de bhoireannaich
- 'S ann sna ceithir comhairlean ionadail leis an àireimh as motha a bhòt *Bu chòir* – Dùn Dè, Glaschu, Lannraig a Tuath agus Dùn Breatann an Ear – a tha na h-ìrean às àirde de bhochdainn

### Ball làidir de NATO

Feumaidh an RA an armachd niuclasach aice a chumail gus tèarainteachd a bharrachd a thoir do dhùthchannan Buidheann Cùmhnant na h-Atlantaig a Tuath (NATO). Tha ionad Faslane a' toirt obair do dhaoine ann an sgìre far a bheil mòran gun chosnadhl

### A' cur dòn air na crìochan againn

Feumaidh sinn modh-obrach dhan RA gu lèir airson sùil a chumail air buaidh saoranaich an AE a tha a' fuireach san RA agus a' tighinn a-steach nuair a dh'fhàgas sinn an t-AE.

	Bhòtaichean	%
Bu chòir	1,617,989	44.7
Cha bu chòir	2,001,926	55.3


Clàr 1.21 Am bu chòir Alba a bhith na dùthaich neo-eisimeileach?

Ùghdarris ionadail	Na bhòt (%)	Ùghdarris ionadail	Na bhòt (%)
Dùn Breatann an Ear	91.0	Glaschu	75.0
Sruighlea	90.1	Dùn Dè	78.8
Rinn Friù an Ear	90.4	Obair Dheathain	81.7

Clàr 1.22 Na 3 ùghdarrasan as motha agus as lugha a bhòt ann an referendum neo-eisimeileachd na h-Alba

Ùghdarris ionadail	Bu chòir (bhòtaichean)	Bu chòir (%)
Dùn Dè	53,620	57.3
Dùn Breatann an Iar	33,720	54.0
Glaschu	194,779	53.4
Siorrachd Lannraig a Tuath	115,783	51.1

Clàr 1.23 Na 4 ùghdarrasan leis an àireimh as motha de bhòtaichean *Bu chòir* anns an referendum



**Figear 1.18** Na bhòt ann an referendum neo-eisimeileachd na h-Alba, a rèir raon aoise farsaing

Ùghdarris ionadail	Cha bu chòir (bhòtaichean)	Cha bu chòir (%)
Arcaibh	10,004	67.2
Na Crìochan	55,553	66.5
Dùn Phris agus Gall-Ghàidhealaibh	70,039	65.6
Sealtainn	9,951	63.6

**Clàr 1.24** Na ceithir ùghdarrasan ionadail leis an àireimh as mothà a bhòt 'cha bu chòir' ann an referendum neo-eisimeileachd na h-Alba

### FAIDHLE FIOS

#### Referendum an AE 23 Ògmhios 2016

- Bhòt 72% agus bhòt an RA airson an t-AE fhàgail: Fuireach 48.1%, Fàgail 51.9%
- Bhòt Sasainn agus a' Chuimhrigh airson fàgail; Alba agus Èirinn a Tuath airson fuireach
- Bha a' bhòt a b' àirdé airson fuireach ann an Alba; 62% Fuireach agus 38% Fàgail
- Cha do bhòt ach 27% de dhaoine òga airson fàgail an coimeas ri 60% de dhaoine nas sine
- Dh'fhàg Daibhidh Camshron a dhreuchd mar phrìomhaire agus thagh am Partaidh Consearbhatach Theresa May mar cheannard agus mar phrìomhaire ùr na dùthcha

#### Carson a tha Riaghaltas na h-Alba airson referendum eile a chumail?

- Chaidh a ràdh gur e co-dhùnadh a dhèanadh sluagh na h-Alba 'aon uair ann an ginealach' a bh' ann an referendum neo-eisimeileachd 2014, agus le sin gun robh a' cheist air a rèiteach. Ach mar thoradh air referendum 2016 air an AE agus an co-dhùnadh gum fàgadh an RA an t-AE a dh'aindeoin bhòt mhòr na h-Alba airson fuireach, thàinig tagradh airson referendum ùr air neo-eisimeileachd na h-Alba (faic am Faidhle Fiosrachaidh air referendum an AE).
- Thuirt manifesto (poileasaidhean a bha iad a' moladh) PNA airson a' Chèitein 2016 gun robh a' chòir aig Alba 'referendum eile a chumail' nan rachadh cumhachan sònraichte a choileanadh. Bhuannaich PNA an taghadh agus tha mandat (còir) aca referendum eile air a chumail.
- Bhòt còrr is 60% de shluagh na h-Alba airson fuireach san AE. Mar sin, bu chòir Alba (agus Èirinn a Tuath) aonta fhaighinn a sheallas gun robh iad airson fuireach.
- Cha do ghabh Riaghaltas na RA ri molaidhean Riaghaltas na h-Alba ceanglaichean a chumail ris an AE. Chaidh Riaghaltas na RA airson 'Brexit chruaidh' a' ciallachadh nach bi malairt shaor ann ma tha saorsa gluasaid ann do shaoranaich an AE.

Cha do rinn PNA gu math ann an taghadh coitcheann 2017 agus thàinig ath-bheothachadh air Consearbhataich na h-Alba. Le sin, b' urrainn Rut Davidson, ceannard Consearbhataich na h-Alba, a ràdh gun robh 'Indyref2 marbh'. Thuirt Nicola Sturgeon nach biodh dàrna referendum ann a-nis gus am biodh aonta Brexit air a rèiteach.

Tha aire a-nis air na cumhachdan a thilleas gu Pàrlamaid Westminster nuair a dh'fhàgas an RA an AE, agus dè na thèid a thoirt air ais gu Pàrlamaid na h-Alba dhen dleastanas airson àiteachas agus iasgach na h-Alba is eile.

## Cumhachdan devo-max Riaghaltas na h-Alba

Smachd air cìs-stampa (cìs air taigh a cheannach)

Smachd air cead airson ghunnachan-èadhair

Smachd air casg a thaobh òl agus dràibheadh – air a thoirt a-nuas bho 80mg gu 50mg gach 100ml de fhuil

Comas na reataichean agus na bannan cìs-cosnaidh a shuidheachadh (a' chìs as lugha air daoine) agus dàrna leth a' VAT a thig a-steach a chumail

Comas sochairean àrdachadh agus sochairean ùra a chruthachadh (Tha an Creideas Coitcheann fhathast na shochair a tha glèidhte aig an RA)

Smachd air laghan casg-breith

Comas suas gu £2.2 billean a ghabhail air iasad

Mar a tha Clàr 1.25 a' sealltainn, tha cumhachd aig Riaghaltas na h-Alba a' chìs-cosnaidh àrdachadh. Le seo gabhaidh teachd-a-steach a bharrachd a thogail mu choinneamh ghearraidhean a bharrachd le Riaghaltas na RA ann an 2018-19 (faic Clàr 1.26).

Mar sin, pàighidh daoine ann an Alba a tha a' cosnadh còrr is £33,000 barrachd ann an cìs-cosnaidh na saoranaich eile san RA. Pàighidh cuideigin a tha a' cosnadh £50,000 £824 a bharrachd na cuideigin leis an aon teachd-a-steach air taobh a-muigh Alba. Tha Riaghaltas PNA a' cumail a-mach gun curi seo dòn air seirbheisean deatamach mar an NHS agus gun cuidich e sochairean coitcheann a th' aig sluagh na h-Alba, mar òrdughan-cungaидh an-asgaidh, a chumail. An aghaidh seo, tha na Consearbhataich a' cumail a-mach gun toir e air Albannaich sgileil le deagh thuarastal gluasad a Shasainn.

### Clàr 1.25 Geàrr-chunntas air cumhachdan a fhuair

Pàrlamaid na h-Alba, 2012-17

Alba	An RA ach Alba
Reat tòiseachaidh 19%	£11,851-£13,850
Bun-reat 20%	£13,851-£24,000
Eadar-reat 21%	£24,001-£43,430
Àrd-reat 41%	£43,431-£150,000
Reat a bharrachd 46%	Os cionn £150,000
	Reat a bharrachd 45%
	Os cionn £150,000

### Clàr 1.26 Bannan cìse 2018-19

Tha cuid de na sochairean a-nis an urra ri Riaghaltas na h-Alba agus stèidhich iad siostam Sochairean Sòisealta Alba. Cuiridh siostam Sochairean Sòisealta Alba riaghailtean nas còire an sàs airson shochairean. Cha tèid peanas orrasan nach gabh pàirt ann an sgeamaichean ullachadh-airson-obair agus le sin cha chaill iad na sochairean aca.

## Cumhachdan ùra a thaobh shochairean a fhuair Pàrlamaid na h-Alba

Bidh na leanas an urra ri Pàrlamaid na h-Alba:

- Pàighidhean Connadh a' Gheamhraidh
- Pàighidhean Sìde Fhuar
- Pàighidhean Neo-eisimeileachd Phearsanta (PIP)
- Cuibhreann Neach-cùraim agus Frithealaidh
- Cuibhreann Ciorraim (DLA)
- Cuibhreann Fior Chiorraim (SDA)
- Sochairean Ciorram Leòn Obrach (IIDB)
- Pàigheadh Cosgaisean Tiodhlacaidh
- Tabhartas *Best Start* (ron seo Tabhartas Màthrachais *Sure Start*)
- Pàigheadh Taigheadais fo Ùghdarras

## Dleastanasan a thaobh shochairean a ghlèidh Riaghaltas na RA

Tha peinnseanan stàite, Sochair Chloinne agus na sochairean a leanas a-nis nam pàirt dhen Chreideas Choitcheann:

- Cuibhreann Neach-siridh Obrach (JSA)
- Cuibhreann Taic Cosnaidh (ESA)
- Taic Teachd-a-steach (IS)
- Creideasan Cìs Obrach
- Creideasan Cìs Chloinne



### Seall do thuigse

- 1** Carson a fhuair Riaghaltas na h-Alba tuilleadh chumhachdan bho Riaghaltas na RA?
- 2** Coimhead air Clàr 1.25. Thoir iomradh air na cumhachdan ùra a fhuair Pàrlamaid na h-Alba.
- 3** Thoir cunntas air an dà bhuidheann (Bu Chòir Alba agus Nas Fheàrr Còmhla) a bha ag iomairt aig àm referendum 2014 na h-Alba.
- 4** Thoir iomradh air ceithir argamaidean airson neo-eisimeileachd agus air ceithir airson fuireach san Aonadh.
- 5** Carson a dh'fhaodadh Riaghaltas na h-Alba dàrna referendum air neo-eisimeileachd a chumail?
- 6** Thoir iomradh air na h-argamaidean airson agus an aghaidh nam bannan cìse ùra ann an Alba.
- 7** Tha thu ag obair do charthannas shochairean agus a' toirt comhairle do dhaoine a th a' cur sirson shochairean. Dèan copaidh de na sochairean a leanas agus inns cò ris a tha iad an urra – Riaghaltas na h-Alba no na RA.
  - a)** Pàighidhean Connadh a' Gheamhraidh
  - b)** Peinnseanan stàite
  - c)** Pàighidhean Sìde Fhuar
  - d)** Taic Teachd-a-steach (IS)
  - e)** Creideasan Cìs Chloinne
  - f)** Pàighidhean Neo-eisimeileachd Phearsanta (PIP)
  - g)** Creideasan Cìs Obrach
  - h)** Cuibhreann Ciorraim (DLA)
  - i)** Cuibhreann Neach-siridh Obrach (JSA)

### Leudaich

- 8** Ag obair ann an dithisean, dèanaibh PowerPoints mionaideach le toraidhean referendum na h-Alba.

# Caibideil 2

## Deamocrasaidh ann an Alba

### Obair BPA

#### Dè th' ann am Ball Pàrlamaid na h-Alba?

Tha Buill Pàrlamaid na h-Alba air an taghadh le muinntir na h-Alba airson an riochdachadh ann am Pàrlamaid na h-Alba. Thig iad gu co-dhùnaidhean a bheir cumadh air an dùthaich againn agus tha iad ag obair gus beatha an luchd>taghaidh aca adhartachadh. Bidh gach aon de na 129 BPA a' riochdachadh sgìre shònraichte dhen dùthaich: an dara cuid

#### **roinn-phàrlamaid no roinn.**

Tha 73 BPA a' riochdachadh roinn-phàrlamaid agus tha 56 a' riochdachadh nan ochd roinnean ann an Alba (seachd BPA anns gach roinn).

Nuair a thèid an taghadh, bidh BPA a' toirt seirbheis dhan luchd>taghaidh aca airson 4 bliadhna gus an tig an ath thaghadh. Anns an ùine sin, bidh iad a' roinn na h-obrach aca eadar a bhith ag obair san roinn-phàrlamaid no san roinn aca agus ag obair aig a' Phàrlamaid ann an Dùn Èideann. Bidh BPA a' faighinn tuarastal bliadhnaile de £61,777 agus cosgaisean airson siubhal is àite-fuirich.


#### Na dh'ionnsaicheas tu:

- 1 Dreuchd BPA anns a' Phàrlamaid.
- 2 Dreuchd BPA anns an roinn-phàrlamaid.
- 3 Dùblain do BPA.
- 4 Boireannaich is mion-choimhairsnachdan cinnidh air an riochdachadh ann am Pàrlamaid na h-Alba.

#### Gníomh ICT

Tadhail air an làrach-lìn [www.parliament.scot/msps](http://www.parliament.scot/msps) agus cliog air 'Buill Pàrlamaid Làithreach' Lorg am BPA a tha gad riochdachadh agus a' riochdachadh na roinn-phàrlamaid agad, agus an uair sin cliog air a' cheangal chun a' phrofaidhl aige no aice.

- 1 Bhon duilleag profaidhl, dèan an obair a leanas:
  - a Dè am partaidh polilitigeach dom buin am BPA agad?
  - b Dè na comataidhean air a bheil am BPA agad?
  - c Fo 'Parliamentary Activities', cliog air putan 'Written questions'. Dèan liosta de na trì ceistean a dh'fhaighnich am BPA iad o chionn ghoirid anns a' Phàrlamaid.
- 2 Tagh triùir BhPA sam bith eile agus dèan an aon sgrùdadhbh orra. A bheil gin de na BPA a' faighneachd cheistean sònraichte a tha a' buntainn ris na roinnean-pàrlamaid aca?
- 3 Ainmich na BPA a tha a' riochdachadh na leanas:
  - a Roinn-phàrlamaid Rutherglen
  - b Roinn-phàrlamaid Mhoireibh
  - c Roinn na Gàidhealtachd 's nan Eilean (seachd BPA).
- 4 Cia mheud BPA a tha fireann agus cia mheud a tha boireann?
- 5 Tadhail air an làrach-lìn aig Rona MacKay BPA – <http://ronamackay.scot/>. Cruthaich profaidhl do Rona MacKay agus dèan sgrùdadhbh air an obair a tha i a' dèanamh mar BhPA.



1 Meadhon Obar Dheathain	20 Comar nan Alt agus Cill Saidh	39 An Eaglais Bhreac an Ear	58 Meadhon Lodainn a Deas, Srath Thuaidh agus
2 Oir Dheathain Obar Dheathain	21 Coineagan a Tuath	40 An Eaglais Bhreac an lar	59 Srath Labhdair
3 Obar Dheathain a Deas is Ceann Chardainn	22 Coineagan a Deas	41 Gall-Gháidhealaibh agus Dùn Phris an lar	60 Moireibh
4 Siorrachd Obar Dheathain an Ear	23 Dùn Breatainn	42 Glaschu Fearann Anná	61 Tobar na Màthar agus Wishaw
5 Siorrachd Obar Dheathain an lar	24 Siorrachd Dhùn Phris	43 Glaschu Cathcart	62 Flobh an Ear-Thuath
6 Ard-Ruigh agus Shotts	25 Baile Dhùn Dé an lar	44 Glaschu Ceilbhinn	62 Arcalbh
7 Srath Amain	26 Baile Dhùn Dé an lar	45 Glaschu Maryhill agus Allt an Fhuarain	63 Pàislig
8 Aonghas a Tuath agus a' Mhaoríne	27 Dùn Pharlain	46 Glaschu Pollaig	64 Siorrachd Phearait a Tuath
9 Aonghas a Deas	28 Cille Bharighe an Ear	47 Glaschu Provan	65 Siorrachd Phearait a Deas agus Siorrachd Cheann Rois
10 Earrá-Gháidheal agus Bòd	29 Lodainn an Ear	48 Glaschu Baile Nighean Sheadna	66 Siorrachd Rinn Friù a Tuath agus an lar
11 Inbhir Air	30 A' Choille Shear	49 Glaschu Taobh a Deas	67 Siorrachd Rinn Friù a Deas
12 Siorrachd Bhanbh agus Oirthir Bhùcháinn	31 Meadhon Dhùn Eideann	50 Grianag agus Inbhir Chluaidh	68 An Ruadh-Gheann
13 Gallabha, Cataibh agus Ros	32 Dùn Eideann an Ear	51 Hamiton, Taigh na h-Useig agus an Taigh Cloiche	69 Sealtainn
14 Carraig, Cumnaig agus Srath Dhùn	33 Dùn Eideann a Tuath agus Lite	52 Inbhir Nis agus Inbhir Narain	70 An t-Eilean Sgitheanach, Loch Abar agus Bàideanach
15 Siorrachd Chlàch Mhànainn agus Dùn Bhì�hain	34 Dùn Eideann Pentlands	53 Cille Mhearnaig agus Srath Irbhinn	71 Srugile
16 Bruach Chluaidh agus Muileann-Gaighd	35 Dùn Eideann a Deas	54 Cair Chaladain	72 Srath Chelbhinn agus Bearsden
17 Dail Chluaidh	36 Dùn Eideann an lar	55 Gleann Iucha	73 Uddingston agus Bellshill
18 Coatbridge agus Chryston	37 Eileanan an lar	56 Meadhon Flobh agus Gleann Rathais	
19 Cùl Dùn Beithe	38 Eadraig, Roxburgh agus Siorrachd Bhearaig	57 Meadhon Lodainn a Tuath agus Baile nam Feusgan	

**Figear 2.1** Na 73 roinnean-pàrlamaid ann an Alba


## Dè bhios BPA a' dèanamh?

Gu simplidh, is e dleastanas BPA an luchd>taghaidh aca a riochdachadh, co-dhiù bhòt iad dhaibh no nach do bhòt. Tha sinn beò ann an deamocrasaидh riochdachaidh. Tha sin a' ciallachadh gum bi BPA nan riochdairean dhan t-sluagh gu lèir. Bidh iad gan giùlan fhèin mar 'ghuth' an t-sluagh agus a' tighinn gu co-dhùnaidhean às ar leth.

Nuar a bhios iad sa Phàrlamaid, bidh na BPA an sàs anns an obair sin le bhith a' deasbad agus a' bhòtagh air reachdas a th' air a mholadh, a' cur cheistean air an riaghaltas agus cuideachd a' suidhe air comataidhean a nì aithris air cuspairean sònraichte mar an eaonamaidh no an àrainneachd. Taobh

a-staigh na roinn-phàrlamaid, bidh BPA ag obair gu cruaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' coinneachadh ri iarrtasan an luchd>taghaidh aca, a' dèiligeadh ri duilgheadasan no cuspairean a tha mu choinneimh na roinn-phàrlamaid, agus san fharsaingeachd, ag obair gus a' choimh hearsnachd a dhèanamh nas fheàrr dhan luchd-còmhnaidh.

San àbhaist, bidh BPA ag obair san roinn-phàrlamad aca Diluain agus Dihaoine, agus tha roghainn aca a bhith ag obair aig deireadh na seachdain. Caithidh cuid de BhPA an deireadh-sheachdain aca ag obair. Thèid Dimàirt gu Diardaoin a chaitheamh anns a' Phàrlamaid an Dùn Èideann (faic td35).



### Finn Hughes BPA

Às dèidh taghadh Pàrlamaid na h-Alba, chaidh Finn Hughes (BPA ficseanail) a thaghadh gus seirbheis a thoirt do roinn-phàrlamaid Havenside mar am Ball-pàrlamaid aca ann am Pàrlamaid na h-Alba. Gus am bi an ath thaghadh ann airson Pàrlamaid na h-Alba ann an ceann ceithir bliadhna, bidh an obair làn-ùine aige a'

riochdachadh an luchd>taghaidh aige ann an diofar dhòighean, gach cuid san roinn-phàrlamaid agus anns a' Phàrlamaid. Feumaidh e a bhith deònach cuideachadh a thoirt do luchd>taghaidh fa-leth agus do bhuidhnean ionadail aig a bheil duilgheadasan no draghan sa roinn-phàrlamaid. Dh'fhaodadh cuideachd gum bi draghan orra mu chuspairean nas fharsainge leithid eaonamaidh na h-Alba no mu chìsean.

Feumaidh Finn Hughes dèanamh cinnteach gun cuir e seachad ùine gu leòr gus an luchd>taghaidh aige a chuideachadh – tha teansa ann gun caill e a shuidheachan (agus mar sin a chuid obrach) ma thig an luchd>taghaidh aige gu co-dhùnadach nach eil e air a bhith soirbheachail san dreuchd aige.

## AN LEABHAR-LATHA AIG FINN HUGHES BPA

Ag obair san roinn-phàrlamaid agus anns a' Phàrlamaid

### **Didòmhnaich**

ROINN-PHÀRLAMAID	Madainn Feasgar Oidhche	Ag ùrachadh fiosrachadh agus a' leughadh pàipearan Didòmhnaich. Fois còmhla ris an teaghlaich - anns a phàirce. Àm teaghlaich
------------------	-------------------------------	---

### **Diluain**

ROINN-PHÀRLAMAID	Madainn  Feasgar  Oidhche	A' dol gu oifis na roinn-taghaidh. A' planadh na seachdain a tha air thoiseach, a' cur crioch air an leabhar-latha agus air a' chlàr-obrach còmhla ri luchd-obrach na h-oifis. Litrichean agus puist-dealain a thàinig a-steach deireadh na seachdain. Freagairt gu nas urrainn dhomh dhen luchd-taghaidh. A' tadhail air bunscoil ionadail gus duaisean a thoirt seachad aig tachartas nan duaisean. A' frithealadh coinneanbh baile mu chothrom air ionad Ùr goilf fhosgladh ann an Havenside. A' leughadh pàipearan comataidh agus ag ullachadh airson na Pàrlamaid Dimàirt.
------------------	---------------------------------------	--

### **Dimàirt**

PÀRLAMAID	Madainn Feasgar Oidhche	A' siubhal dhan Phàrlamaid (Dùn Èideann) air an trèanà Sa chathair aig coinneanbh Comataidh Ath-leasachaidi Shochairean. A' coimeachadh ri buidheann de chlann-sgoile bhon roinn-phàrlamaid agam a tha air turas sgoile airson sùil a thoirt timcheall na Pàrlamaid. A' coimeachadh ri co-bhùill phartaidi na Pàrlamaid gus beachdachadh air moladh a thaobh bile Ùr.
-----------	-------------------------------	---

### **Diciadain**

PÀRLAMAID	Madainn Feasgar Oidhche	A' frithealadh Comataidh thar-phartaidi Malairt Chothromach gus obair tuatha ann an dùthcharran leasaichte a dheasbad. A' frithealadh deasbad anns an t-seòmar mu chothrom air ionad Ùr goilf fhosgladh anns an roinn-phàrlamaid agam. Ag ullachadh airson Ceistean dhan Phriomh Mhiniestear.
-----------	-------------------------------	---

### **Diardaoin**

PÀRLAMAID	Madainn Feasgar Oidhche	A' coimeachadh ri riochdairean bhò bhuidhean iomairt Havenside. Àm Cheistean Coitcheann. Ceistean dhan Phriomh Mhiniestear san t-Seòmar. A' faighneachd mu phlanaichean an Riaghaltais gus dèildeadh ri cion-cosnайдh anns an roinn-phàrlamaid agam. A' siubhal dhachaigh dhan roinn-phàrlamaid agam air an trèanà
-----------	-------------------------------	--

### **Dihaoine**

PÀRLAMAID	Madainn Feasgar Oidhche	A' cumail suirdsearaidh anns aig 10m. A' coimeachadh ri buidheann faire nàbaideachd gus beachdachadh air giùlan mi-shòisealta. Agallamh airson pàipear-naidheachd ionadail air an rèidio aig 4f. Dinear carthannais - òraid le taing dhan charthannas airson obair mhath.
-----------	-------------------------------	---

### **Disathairne**

PÀRLAMAID	Madainn Feasgar Oidhche	A' frithealadh margaidh thuathanach agus a' bruidhinn ri luchd-taghaidh. A' tadhail air a' phàirce Ùr ball-coise aig Havenside FC agus a coimeachadh ri luchd-taic. Àm teaghlaich.
-----------	-------------------------------	--



## Seall do thugse

- 1 Ciamar a thathas a' taghadh BPA agus dè cho fada 's a tha iad san dreuchd sin?
- 2 Dè an tuarastal bliadhnaile a tha aig BPA?
- 3 Thoir cunntas air mar a tha seachdain obrach BPA air a roinn.
- 4 Thoir sùil air leabhar-latha Finn Hughes BPA.
  - (a) Liost 3 rudan a tha Finn a' dèanamh gus an luchd>taghaidh aige a chuideachadh.
  - (b) Anns a' Phàrlamaid, dè a' chomataidh air a bheil Finn na chathraiche?
  - (c) A bheil thu a' smaoineachadh gu bheil gu leòr ùine shaor aig BPA? Thoir adhbhar airson do fhreagairt.

## Obair BPA

Tha mòran dhleastanasan air BPA nuair a tha iad sa Phàrlamaid. Tha cuid dhiubh sin a tha mar phàirt riatanach de obair BhPA, ach tha feadhainn a tha dìreach an urra ri toil nam BPA fhèin. Leigidh seo le BPA an aire a chumail air na cuspairean sònraichte a tha a' toirt buaidh air an luchd>taghaidh aca, agus cuideachd air cuspairean anns a bheil ùidh aca fhèin.

### Molaidhean agus deasbadan

A bharrachd air a bhith a' deasbad mholaidhean airson bilean ùr sam bith (laghan), faodaidh BPA **moladh** a chur air adhart iad fhèin. Bidh moladh airson gun dèan a' Phàrlamaid rudeigin, no airson beachd a thoirt air cuspair, agus is e seo an dòigh as cumanta a th' ann do BhPA airson deasbad a thòiseachadh taobh a-staigh seòmar na Pàrlamaid.

Ann an 2017, rinn Dùghlas Ros BPA moladh ag iarraidh air an Riaghaltas an Achd air Dol a-mach Oilbheumach aig Ball-coise ais-ghairm. An déidh deasbad theth san t-seòmar, bhòt na BPA 64 gu 63 airson gabhail ris a' mholadh. Bha seo a' ciallachadh gun do dh'fhaillich air Riaghaltas PNA priomh phàirt dhen reachdas fhaighinn tron Phàrlamaid. Thuirt an t-Oifigear-riaghlaidh, Ken Mac an Tòisich, gun robh a' Phàrlamaid air 'bruidhinn gu soilleir'. Dh'fheumadh an Riaghaltas co-dhùnadhl ciamar a nochdadh iad sin.



**Figear 2.2** Togalach Pàrlamaid na h-Alba

### Àm nan Ceistean

Gach Diardaoin bidh BPA a' gabhail pàirt ann an **Àm Cheistean Coitcheann**. Tha cothrom aig BPA ceistean a chur air Ministear an Riaghaltais mun roinn aca. Bidh am Prìomh Mhinistear a' taghadh BPA airson a bhith os cionn roinn riaghaltais. Bidh ministearan riaghaltais aig roinnean leithid Slàinte agus Foghlam. Gach seachdain feumaidh ministearan ceistean a chuireas BPA air adhart a fhreagairt. Tha seo a' toirt cothrom do BhPA sgrùdadadh a dhèanamh air co-dhùnaidhean mhinistearan. Tha riaghailtean teann ann mu bhith a' cur cheistean a-steach agus 'chithear' a' mhòr-chuid dhiubh ro-làimh gus cothrom a thoirt dhan mhinistear freagairt ullachadh. Faodaidh BPA cuideachd **ceistean sgriobhte** a chur a-steach. Feumaidh am ministear iad sin a fhreagairt taobh a-staigh deich latha. Tha ceistean feumail do BhPA airson cuideam a chur air duilgheadasan a tha mu choinneimh na roinn-phàrlamaid aca. 'S dòcha gum faigh Riaghaltas na h-Alba fuasgladh dhaibh.

Gach Diardaoin aig meadhan-latha, às deidh Àm nan Ceistean Coitcheann, cumar **Àm Ceistean a' Phriomh Mhinisteir** (FMQs). Tha seo a' toirt cothrom do stiùirichean nam partaidhean eile, agus do chuid de BhPA, ceistean a chur gu dìreach air a' phriomh mhinistear. Fad 45 mionaidean, feumaidh Nicola Sturgeon ceistean a fhreagairt agus seasamh an riaghaltais aice air diofar chuspairean a dhearbhadh. Chì am priomh

mhinistear na ceistean bho BhPA nam beingean-cùil ro-làimh; ach chan fhaic i ceistean nan ceannardan dùbhlachanach. Faodaidh Àm Ceistean a' Phrìomh Mhiniesteir a bhith beothail, oir bidh BPA dhùbhlachanach airson 'a car' a thoirt às a' Phrìomh Mhiniestear agus is dòcha a dhèanamh doirbh dhi na ceistean a fhreagairt. Faodaidh tu coimhead air FMQs beò air làrach-lìn na Pàrlamaid.

**WWW**

Tadhail air seanail Pàrlamaid na h-Alba air YouTube agus coimhead na FMQs mu dheireadh.

**FAIDHLE FIOS****Eisimpleirean de cheistean a chaidh a chur aig Àm Ceistean a' Phrìomh Mhiniesteir**

- An toir Riaghaltas na h-Alba maoineachadh a bharrachd do phròiseactan coimhlearsnachd gus stad a chur air eucoraich bho bhith ri eucoir a-rithist 's a-rithist?
- Dè na ceumannan a tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail gus gnothachas na h-Alba a bhrosnachadh thall thairis?
- Dè na ceumannan a tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail gus dèiligeadh ri cion-cosnaidh am measg bhoireannaich air sgàth uallach gu bheil call

**A' bhòtadh**

Aig deireadh latha nuair a bhios a' Phàrlamaid a' suidhe, faodaidh BPA bhòtadh aig Àm Co-dhùnaidh air gnothach sam bith a chaidh tron Phàrlamaid air an latha sin. Is àbhaist seo tachairt aig 5.00f. Mar as trice, bidh beachd math aig daoine dè an taobh a thèid a' mhòr-chuid de na bhòtaichean leis gum bi na partaidhean polilitigeach ag innse dha na BPA aca tron t-siostam cuipe dè an taobh a bhòtas iad (faic td 42). Tha Pàrlamaid na h-Alba fortanach gu bheil siostam bhòtaidh eileagtronaigeach aca san t-seòmar, a tha a' ciallachadh nach eil aig BPA ach dìreach putan a bhruthadh airson bhòtadh. Mar thoradh air an sin, tha fios air co-dhùnadh na bhòt taobh a-staigh dhiogan.

**Bilean Bhall**

Tha cumhachd aig BPA feuchainn ri bilean ùra a thoirt a-steach cuideachd. Chan eil a' mhòr-chuid de bhilean nam ball soirbheachail – cha d' fhuair ach 6 a-mach à 13 bilean Aonta Rìoghail san t-seisean mu dheireadh de Phàrlamaid na h-Alba (2011-16). Faic td48 airson fiosrachadh air seòrsaichean eile de bhilean.



**Figear 2.3** Seòmar deasbaid Pàrlamaid na h-Alba

**Seall do thuigse**

- Dè th' ann am moladh?
- 'Chan eil feum sam bith ann am moladh, agus eadhon ged a dheidheadh a dheasbad anns a' Phàrlamaid, cha thachair sòn co-dhiù'. Thoir fianais an aghaidh a' bheachd seo.
- Thoir cunnatas mionaideach air na bhios a' tachairt aig Àm nan Ceistean Coitcheann.
- Carson a tha e feumail do BhPA ceistean fhaighneachd?
- Thoir cunnatas air Àm Ceistean a' Phrìomh Mhiniesteir.
- Cò am Prìomh Mhiniestear a tha ann an Alba an-dràsta?
- Saoil carson a bhiodh BPA dhùbhlachanach airson gun 'toireadh iad an car às' a' Phrìomh Mhiniestear?

**Leudaich**

- Thoir sùil air na h-eisimpleirean de cheistean a chaidh fhaighneachd aig Àm Ceistean a' Phrìomh Mhiniesteir. Sgrìobh trì ceistean a bhiodh tu airson a chur air a' Phrìomh Mhiniestear aig Àm nan Ceistean aca.

## Agallamh le Seòras Adam BPA

*Chaidh Seòras Adam an sàs an toiseach ann am Partaigh Nàiseanta na h-Alba mar dheugaire. Chaidh a thaghadh mar Bhall de Phàrlamaid na h-Alba airson Pàislig às dèidh Taghadh Pàrlamaid na h-Alba ann an 2011. Rugadh is thogadh e ann am Pàislig. Tha e fhathast a' fuireach an sin. Mus deach a thaghadh mar BhPA, bha e na mhanaidsear reic ann an gnìomhachas charbadan.*

### Carson a bha thu airson a bhith nad BhPA?

Bha mi nam chomhairliche ann am Pàislig, agus bha mi airson am baile seo, agus muinntir Phàislig, a riochdachadh anns a' phàrlamaid.

### Thoir cunntas dhuinn air d' obair

Trang agus inntinneach. Chan eil dà latha an aon rud agus tha e gu math dùbhlananach. Tha na làithean san roinn-phàrlamaid air an dèanamh suas le coinneamhan ri luchd>taghaidh a tha ag iarraidh cuideachadh, coinneamhan ri gnìomhachasan ionadail agus buidhnean coimhleachadh. Bidh iad tric a' sireadh comhairle air maoineachadh no ag iarraidh taic. Tha e na urram coinneachadh agus obrachadh còmhla ri daoine a tha airson Pàislig a thoirt air adhart. Tha e na thoileachas dhomh san obair a bhith ag obair còmhla ri buidhnean mar Urras Leasachaidh Phàislig.

### Dè a' phàirt de dh'obair na Pàrlamaid as dorra dhut?

Tha iomadh cuspair san roinn-phàrlamaid agus tha cùisean duilich aig cuid dhen luchd>taghaidh. Aig amannan faodaidh e bhith na bhriseadh-cridhe, dhomh fhèin agus do sgioba na roinn-phàrlamaid agam, mura tèid againn air cùis a thoirt gu co-dhùnadh soirbheachail.

### Dè an rud as fheàrr leat mu bhith ag obair san roinn-phàrlamaid?

Ag obair agus a' riochdachadh nan daoine gasta ann am Pàislig. Is e a bhith an lùib a' phobail an rud as fheàrr leam san obair agam. Feumaidh tu a bhith a' faighinn thoileachas



**Figear 2.4** Seòras Adam

bho bhith ag obair còmhla ri daoine airson thoileachas fhaighinn san obair seo.

### Cothromachadh iarrtasan na roinn-phàrlamaid agus a' phartaidh

Os cionn a h-uile càil chaith mo thaghadh airson muinntir Phàislig a riochdachadh; ach, tha mi fortanach gu bheil am partaigh agam gu mòr a' faighinn taic bhon phobail ann an Alba. Tha cuid mhath dhen obair a bhios mi a' dèanamh san roinn-phàrlamaid nach eil co-cheangailte ri partaigh poilitigeach. Faodaidh mi mar sin an t-eòlas agus na beachdan a fhuair mi, bho bhith ag obair còmhla ri uimhir de dhaoine fiosrachail, a chur gu feum airson a' chomhairle as fheàrr a thoirt dhan luchd>taghaidh agam.

### A bheil mòran ùine shaor agad mar BhPA?

Chan eil oir tha thu an sàs nad obair cho luath 's a thèid thu a-mach às an taigh; ach tha e a' cordadh rium. Nuair a tha mi saor, bidh mi a' dol gu geamannan ball-coise St. Mirren agus tha e na thoileachas mòr dhomh

## Obair BPA san roinn-phàrlamaid


Dha na BPA, tha e glè chudromach gun dèan iad nas urrainn dhaibh anns an roinn-phàrlamaid no sna roinnean aca, oir 's ann aig na daoine anns na roinnean-pàrlamaid aca a tha cumhachd an cumail ann an dreuchd aig àm taghaidh.

### Strì eadar BPA roinn-phàrlamaid agus roinne

Mar thoradh air an t-siostam taghaidh an Alba, tha BPA roinn-phàrlamaid is roinne gar riochdachadh. Annas na h-ochd roinnean ann an Alba tha 73 roinnean-pàrlamaid. Tha BPA roinne agus BPA roinn-phàrlamaid a' riochdachadh sgìrean. Ann an taghadh 2016, chaith Derek MacAoidh (PNA) a thaghadh mar am BPA airson Siorrachd Roinn Friù a Tuath agus an Iar. Ach, tha luchd-bhòtaidh ann an roinn-phàrlamaid Siorrachd Roinn Friù a Tuath agus an Iar cuideachd air an riochdachadh le seachd BPA roinneil a tha a' toirt a-steach roinn Alba an Iar. Tha e nàdarra gum bi strì eadar BPA a thaobh dhleastanasan 's cuspairean, ach tha an siostam seo a' dèanamh cinnteach gum bi BPA ag obair gu cruaidh dhan luchd-taghaidh aca.

### A' frithealadh choinneamhan

Bidh BPA a' coinneachadh ri mòran san roinnean-pàrlamaid aca. Bidh Comhairlichean, buidhnean 's luchd-iomairt ionadail ag iarraidh coinneachadh ri BPA gus na cuspairean aca a thogail aig an ìre as àird san riaghaltas. Aig an aon àm, bidh BPA airson coinneachadh ris na buidhnean sin gus am bi am fiosrachadh as ùire aca mu na tha a' toirt buaidh air daoine san roinn-phàrlamaid aca. Bidh iad cuideachd airson coinneachadh ri comhairlichean airson beachd fhaighinn air cùisean a tha luchd-taghaidh a togail tro litrichean, puist-d, lìonrathan sòisealta no coinneamhan. Coinnichidh iad ris na daoine sin airson bruidhinn mu dhiofar chuspairean mar an àrainneachd ionadail 's atharrachaidhean a thathas a' moladh ann an sgìrean ionadail. Dh'fhaointe gum bi buidheann iomairt airson ìmpidh a chur air BPA cuspair a thogail sa Phàrlamaid, no eadhon airson feuchainn ri taic phoblach fhaighinn bhon BhPA airson na h-iomairt aca.



**Figear 2.5** Obair BPA anns an roinn-phàrlamaid

### Tursan agus tachartasan sòisealta

Tha BPA mar aoigh àrd-inbhe am measg mòran bhuidhnean. Faodaidh BPA pàirt mhòr dhen ùine aca a chaitheamh a' frithealadh thachartasan – me, a' fosgladh gniomhachas ùr no a' toirt seachad dhuiscean. Glè tric bidh iomradh anns na meadhanan air na tachartasan sin. Bheir iad cothrom do BhPA an ìomhaigh aca a thogail anns an roinn-phàrlamaid. Tha ùidh cuideachd aig BPA tadhail air sgoiltean agus gu h-àraidh sgoilearan Nuadh-eòlais. Nach cuir thu fios chun a' BhPA agad agus iarr orra tadhail air a' chlas agad?

### Coinneamhan a' phartaidh ionadail

Aig amannan bidh BPA a' coinneachadh ri buill ionadail gus beachdachadh air cuspairean farsaing a tha a' buntainn ris a' phartaidh. Leigidh seo leis a' BhPA coinneachadh ri daoine leis na h-aon bheachdan agus beachdachadh air poileasaidhean ùra no planaichean airson na roinn-phàrlamaid.

### Meadhanan ionadail

Gus ìomhaigh mhath a chumail suas anns an roinn-phàrlamaid, bidh BPA tric a' nochdadh anns na pàipearan-naidheachd, Tbh agus rèidio ionadail. Tha seo math airson fios a sgaoileadh mun obair a bhios iad a' dèanamh. Bidh BPA tric a' togail mothachadh air cùisean ionadail no a' tarraing aire gu carthannasan anns na meadhanan agus a' cur am beachdan an cèill mu na cuspairean sin. Mura cleachd BPA na meadhanan gu h-èifeachdach, dh'fhaodadh seo milleadh a dhèanamh air an ath thaghadh a bhuanachadh.

## Luchd>taghaidh a' conaltradh ri BPA

Bidh tòrr conaltraidh eadar BPA agus an luchd>taghaidh aca - litrichean chun na Pàrlamaid, no gu oifis na roinn-phàrlamaid. Bidh BPA an-còmhnaidh a' faighinn phuist-dealain chun an t-seòlaidh oifigeil aca; agus tha a' mhòr-chuid de BhPA a' conaltradh, ri luchd>taghaidh tro mheadhanan sòisealta leithid Twitter is Facebook.

Tha sgioba bheag de luchd-obrach aig BPA ann an oifisean na roinn-phàrlamaid a bhios a' làimhseachadh litrichean agus puist-dealain. A-nis tha BPA a' conaltradh gu dìreach ri luchd>taghaidh tro mheadhanan sòisealta. Tha seo a' toirt cothrom do BhPA am fiosrachadh as ùire a bhith aca a thaobh thachartasan san roinn-phàrlamaid, agus dèiligeadh ri ceistean fhad 's a tha iad a' siubhal. Bidh BPA a' feuchainn ri freagairt a thoirt cho luath 's a ghabhas.

### Suirdsearaidhean

Bidh BPA a' tadhail air diofar sgirean den roinn-phàrlamaid airson seisean comhairle a chumail ris an canar suirdsearaidh, mas as trice aig àm sònraichte aon uair san t-seachdain. Cha leig luchd>taghaidh a leas uair a chur air dòigh agus faodaidh iad tadhail gus dragh sam bith innse gu dìreach dhan BhPA aca. Dh'fhaodadh na draghan



**Finn Hughes** @finnhughesMSP

Luchd>taghaidh – thigibh chun an t-suirdsearaidh agam ann an Havenside. An seo bho 1f airson cuspairean no duilgheadasan sam bith. #helpingwhenican



**Finn Hughes** @finnhughesMSP

A' fosgladh pàirc-ghniomhachais ùr ionadail an-diugh. Math obraichean ùra agus beairteas fhaicin a' tighinn gu Havenside. Thigibh ann.



**Finn Hughes** @finnhughesMSP

@havensidegreenalliance cha deach na planaichean airson ionad goilf ùr Havenside fhathast fhoillseachadh. Cumaibh suil air meadhanan ionadail agus làrach-lìn na comhairle airson mion-fhiosrachadh.



**Finn Hughes** @finnhughesMSP

Deagh latha a' tadhail air Àrd-sgoil Havenside. Sgoilearan Nuadh-eòlais a' togail cheisteann mu neo-eisimeileachd, goireasan spòrs ionadail agus obraichean #futureMSPs. Fhuair mi cothrom duaisean a thoirt seachad @duaiseansgoilearan.

sin a bhith mu chuspairean ionadail no nàiseanta. Tha cuid de BhPA a-nis a' cumail suirdsearaidh air-loidhne far a bheil cothrom conaltradh a dhèanamh tro na làraich-lìn phearsanta aca.



### Seall do thuigse

- 1 Thoir sùil air Figear 2.5. De a' cheudad ùine a bhios BPA a' caitheamh cuide ri luchd>taghaidh?
- 2 Thoir cunntas, gu mionaideach, air an obair a leanas anns am bi BPA an sàs:
  - (a) A' frithealadh choinneamhan
  - (b) A' tadhail àiteachan is tachartasan sòisealta
  - (c) A' frithealadh choinneamhan a partaidh
  - (d) A' nochdadh anns na meadhanan ionadail.
- 3 Dè na dòighean anns am bi BPA a' faighinn fios bhon luchd>taghaidh aca?
- 4 Carson a tha BPA a' cleachdadh mheadhanan sòisealta leithid Twitter is Facebook?
- 5 Saoil carson a tha e cudromach gum bi BPA a' cur freagairt luath chun an luchd>taghaidh?
- 6 Thoir cunntas air suirdsearaidh BPA.

- 7 Thoir sùil air Twitter airson Finn Hughes BPA. Bho na tweets, thoir cunntas air mar a tha e ag obair leis agus a' cuideachadh an luchd>taghaidh aige.

#### Leasaich do sgilean

- 8 'Bidh BPA a' caitheamh a' mhòr-chuid dhen ùine aca aig tachartasan sòisealta nuair a tha iad san roinn-phàrlamaid.' (Daibhidh Herd). A' cleachdadh Figear 2.5 mìnich carson a dh'fhaodar a ràdh gu bheil Daibhidh Herd ri àibheiseachadh.

#### Leudaich

- 9 Smaoinich mun sgìre dachaigh agad fhèin. Dè na duilgheadasan no na cuspairean a bhiodh tu airson gun dèanadh am BPA agad rudeigin mu dheidhinn? Mìnich carson a tha thu a' faireachdainn mar seo.

## → Luach a bharrachd

Tha cuid de dhaoine a' dèanamh a-mach gum bu chòir luchd-poilitigs a bhith air an casg bho bhith a' cleachdadhe nam meadhanan sòisealta. Dèan sgrùdadh air na h-argamaidean airson agus an aghaidh seo agus taisbean na co-dhùnайдhean agad a' toirt taic no a' cur an aghaidh a' bheachd mu chasg. Le bhith a' dèanamh seo, dh'fhaodadh tu postair no taisbeanadh PowerPoint a chruthachadh.

## Na dùblain a tha aig BPA

Is e a' phrìomh dhleastanas a tha air BPA an luchd-taghaidh aca a riochdachadh. Tha aca ri dèligeadh ri mòran chùisean diofraichte agus connspaireach. Tha BPA cunntachail dhan phartaidd phoilitigeach dom buin iad. Feumaidh iad dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhàimh eadar iad fhèin agus na meadhanan ionadail is nàiseanta, agus ri buidhnean iomairt ionadail is nàiseanta. Feumaidh iad cothromachadh a dhèanamh eadar an obair agus am beatha phearsanta airson gum bi ùine aca còmhla rin teaghlaichean is caraidean.

Bidh BPA gu tric a' faighinn a-mach nach urrainn dhaibh a h-uile duine a riarachadh agus mar sin feumaidh iad na co-dhùnайдhean aca a rèiteachadh gu faiceallach, às dèidh beachdachadh air na h-iarrasan sin. Aig amannan bidh cuid dhen bheachd gur e co-dhùnadh ceàrr a rinn BPA, ach canaидh cuid eile gur e co-dhùnadh ceart a bh' ann.

## Luchd-taghaidh ionadail

Is e luchd-taghaidh a tha air bhòtadh do BPA. Mar sin feumaidh iad na sgìrean aca a riochdachadh gu math. Ma tha daoine dhen bheachd nach do choilean iad gu math dhan luchd-taghaidh aca, faodaidh iad an obair a chall oir bhòtadh daoine do chuideigin eile aig an ath thaghadh.

## Partaidhean poilitigeach

Tha a' mhòr-chuid de BhPA ann an partaidh poilitigeach. Chaith an taghadh le buill ionadail a' phartaidd airson seasamh mar thagraiche airson a' phartaidd aca, agus gum bi an iomairt aca air a

maoineachadh leis a' phartaidd. Cuiridh am partaidh sgioba iomairt air chois airson stuthan iomairt a chuaireachadh agus taic a bhrosnachadh. Tha seo a' toirt buannachd mhòr do thagraichean.

Is e pàirt dhen aonta seo gum bi BPA, aon uair 's gun tèid an taghadh, a' feuchainn ris na geallaidean a bha ann am manifesto a' phartaidd a thoirt gu buil, agus gun toir iad taic dhan phartaidd nuair a thèid sin iarraidh orra. A bharrachd air an sin, tha fios aig tagraichean gum

## Ceist dìlseachd

Feumaidh Finn Hughes BPA co-dhùnadh!

Tha planaichean ann airson càrsa goilf ùr ann an Havenside, a chosgas iomadh millean. Thathas a' dèanamh a-mach gun toir an t-ionad-goilf ùr còrr air dà cheud obair ùr dhan sgìre, a bharrachd air £3 millean bho thurasachd. Dh'fhaodadh seo a bhith na fhior spionnad do Havenside leis a' chrònadh san eaconamaidh ag adhbhrachadh tòrr cion cosnaidh am measg an luchd-còmhnaidh.

Feumaidh Finn Hughes co-dhùnadh am bu chòir no nach bu chòir dha a thaic a chur ris a' phròiseact. Thèid an t-ionad-goilf a thogail air an dùthaich, a dh'fhaodadh a bhith an aghaidh bheachdan pearsanta Mgr Hughes – tha e gu daingeann na neach-taic dhan àrainneachd agus bha e riamh ag ràdh gum bu chòir sgìre dhùthchail na h-Alba a dhòn agus a ghleidheadh. Tha a' bhuidheann iomairt ionadail Caidreachas Uaine Havenside an dùil gun cuir Mgr Hughes a chùl ris a' chùrsa goilf.

Ach, tha am partaidh aige, a' toirt taic do ghlèidheachas na dùthcha ann an Alba, is dhen bheachd gu bheil cus bhuanachdan an cois an ionaid-goilf airson a dhol na aghaidh agus gum bu chòir beachdachadh gu math air. Tha dragh air a' phartaidd ma thèid an t-ionad-goilf àibheiseach seo a dhiùltadh gum faodadh mòran dhaoine ann an sgìre Havenside bhòtadh do phartaidd eile aig an ath thaghadh. Tha iad a' sùileachadh air Finn Hughes gun cuir e a thaic ris a' chùrsa goilf.

bi luchd-bhòtaidh a' bhòtadh airson partaidh poilitigeach ge bith cò an tagraiche. Gu dearbh, cha bhi fios aig mòran de luchd-bhòtaidh cò na tagraichean a tha aca, ach bhòtaidh iad airson partaidh poilitigeach airson gun tèid na geallaidhean a tha sa mhanifesto a thoirt gu buil.

### Cuipean a' phartaidh

Nuar a tha BPA a' frithealadh na Pàrlamaid, tha buaidh mhòr aig a' phartaidh phoilitigeach air na co-dhùnaindhean aca. Is e am partaidh gu tric a chanas dè an taobh a bhòtas BPA anns a' Phàrlamaid. Gus dèanamh cinnteach gun lean BPA miann a' phartaidh, thèid cuipean a' phartaidh a chur an dreuchd leis a' cheannardas. Is e fir agus boireannaich a tha anns na cuipean agus tha dleastanas orra ìmpidh, no cuideam, a chur air BPA gus taic a nochdad dhan phartaidh no leantainn a' phartaidh a leantainn. Thàinig an teirm 'cuip' à Westminster agus is e teirm neo-fhoirmeil a th' ann airson nan daoine a nì cinnteach gu bheil am partaidh ag obair còmhla.



### Seall do thuigse

- 1 Dè am prìomh dhleastanas a tha air BPA?
- 2 Dè na ceistean ris a bheil aig BPA ri dèiligeadh?
- 3 Carson as e a riochdachadh luchd-taghaidh an dleastanas as cudromiche a tha air BPA?
- 4 Thoir dà adhbhar airson BPA a bhith ag iarraidh a bhith na bhall de phartaidh poilitigeach.
- 5 'Tha fios aig BPA gur e am partaidh ris an robh iad ceangailte am prìomh adhbhar a chaidh an taghadh.' Dè an ìre gu bheil thu ag aontachadh ris a' bheachd seo?
- 6 Thoir cunntas air dleastanas cuip a' phartaidh.
- 7 Leugh mu ceist dhilseachd Finn Hughes.
  - (a) Dè na buannachdan a bheireadh an t-ionad-goilf gu Havenside?
  - (b) Carson a dh'fhaodadh cuid de dhaoine a bhith an aghaidh a' chùrsa goilf?
  - (c) Dè an seasamh poilitigeach a tha aig Finn Hughes a thaobh a' chùrsa?

#### Leudaich

- 8 Nad bheachd-sa, am bu chòir no nach bu chòir do Finn Hughes a thaic a thoir dhan ionad-goilf seo? Thoir adhbhar airson do fhreagairt.



### Luach a bharrachd

Dèan rannsachadh air dòighean anns an faod BPA luchd-taghaidh a riochdachadh. Sgrìobh chun a' BhPA agad airson cuideachadh agus fiosrachadh ma thogras tu. Is dòcha gum biodh tu airson na co-dhùnaindhean agad a thaisbeanadh ann an cruth sgrìobhte leithid agallamh ann an iris cuide ris a' BhPA agad.

### Riochdachadh BhPA

Tha a h-uile pàrlamaid ann an dùthchannan deamocratach air an t-saoghal airson gum bi a' bhuidheann thaghte a' riochdachadh sluagh na dùthcha. Tha sin a' ciallachadh gum bi an ceudad de bhuidhnean gnè is cinnidh anns a' phàrlamaid a rèir a' cheudaid a tha am measg an t-sluaign. Is e 'co-ionannachd chothroman' aon de na prionnsabalan bunaiteach a tha aig Pàrlamaid na h-Alba, a' ciallachadh gum bi daoine bho raointean farsaing is measgaichte air chomas a bhith soirbheachail is adhartach ann an comann-sòisealta na h-Alba. Bu chòir gu bheil poilitigs na eisimpleir dhen amas seo ann an gnìomh.

### Riochdachadh bhoireannaich

A' toirt sùil air Pàrlamaid na h-Alba ann an 2016, chì sinn nach eil boireannaich air an riochdachadh gu cothromach ann am poilitigs. Bhon a tha 49% dhen t-sluagh boireann, bu chòir 63 BPA a bhith nam boireannaich (49% de 129). Chan eil an àireamh de BhPA bhoireann ach aig 45 aig an àm seo, an aon àireamh 's a bh' ann ann an 2011. Tha Clàr 2.1 a' sealltainn nan àireamhan-sluagh bho 1999 gu 2016; fad na h-ùine sin bha an co-mheas boireann-gu-fireann cunbalach aig 49% : 51%.

### Mion-choimhearsnachdan cinnidh

Tha a' chùis nas miosa a thaobh nam mion-choimhearsnachdan cinnidh ann am Pàrlamaid na h-Alba ann an 2011. Cha deach ach dithis BhPA a thaghadh bho mhion-choimhearsnachdan ann an 2016, mar ann an 2011. Sa chìad dà thaghadh ann an eachdraidh phàrlamaideach na h-Alba, cha deach BPA idir bho mion-choimhearsnachdan cinnidh a thaghadh.

Bliadhna taghaidh	Àireamh BhPA a tha fireann	Mar cheudad de BhPA	Àireamh BhPA a tha boireann	Mar cheudad de BhPA
1999	81	64%	48	36%
2003	78	60.5%	51	39.5%
2007	86	66.6%	43	33.4%
2011	84	65.1%	45	34.9%
2016	84	65.1%	45	34.9%

Clàr 2.1 Riochdachadh boireann/fireann ann am Pàrlamaid na h-Alba

Bliadhna taghaidh	Sluagh cinnidh na h-Alba	Àireamh de BhPA bho mhion-choimhearsnachdan cinnidh	Mar cheudad de BhPA
1999	2%	0	0%
2003	2.2%	0	0%
2007	2.7%	1	0.8%
2011	3%	2	1.6%
2016	3%	2	1.6%

Clàr 2.2 Riochdachadh mhion-choimhearsnachdan cinnidh ann am Pàrlamaid na h-Alba

### Pàrlamaid na h-Alba ann an coimeas ri pàrlamaidean eile

A thaobh riochdachadh cothromach de bhoireannaich, tha Pàrlamaid na h-Alba san 28mh àite air an t-saoghal, air cùl dhùthchannan mar an t-Suain agus an Fhionnlainn, anns a bheil còrr is 40% air an riochdachadh. 'S e Rwanda an dùthaich as mothà sa bheil de bhoireannaich sa phàrlamaid, le 64%. Ach, tha àireamh nas mothà de bhoireannaich san t-sluagh aca le timcheall air 52%. Tha Pàrlamaid na RA san 38mh air an t-saoghal le dìreach 32% de Bhuill Pàrlamaid nam boireannaich (208 a-mach à 650).

Tha riochdachadh beagan nas fheàrr de mhion-choimhearsnachdan cinnidh ann am Pàrlamaid na RA, le 52 BP a-mach à 650. Seo 8% dhen Phàrlamaid thaghte, an taca ri 1.6% ann an Alba.

### Adhbharan son fo-riochdachadh mhion-chinnidhean is bhoireannaich

Tha diofar adhbharan airson fo-riochdachadh bhoireannaich. Gu h-eachdraidheil b' ann aig fireannaich a bha cumhachd ann am poilitigs. Tha sin ga dhèanamh doirbh do bhoireannaich briseadh a-steach a phoilitigs sa chiad àite. Dh'fhaodadh seo am misneachd a thoirt bhuapa. Bho chionn ghoirid, tha sgeulachdan mu shàrachadh agus leth-breith an aghaidh bhoireannaich ann am poilitigs air nochdadh. Tha seo a' sealltainn nach eilear a' dèiligeadh ri bhoireannaich gu cothromach fiù 's iad air an taghadh. Tha na h-aon adhbharan gu mì-fhortanach a' bualadh air mion-chinnidhean. Thuirt am BPA Làbarach Anas Sarwar ann an 2018 gun deach beachdan gràin-cinnidheach aithris mu dheidhinn le co-obraise, comhairliche Làbarach (faic an t-artaigil air an ath dhuilleig).

# Anas Sarwar ag innse mu bhriathran gràin-cinnidheach bho chomhairliche Lèbarach

Thuirt comhairliche Lèbarach ri Anas Sarwar nach b' urrainn dha taic a thoirt dha san fharpais airson ceannard a' phartaidh Albannaich leis nach robh Alba deiseil airson 'Muslamach donn'. Thuirt ball Lèbarach eile ris a' BhPA nach b' urrainn dhi taic a thoirt dha na oidhrip a bhith na cheannard an dèidh dhi dealbh fhaicinn de bhean a' cosg hijab. Chaill Mgr Sarwar ri Risard Leonard san fharpais airson

ceannard ùr as t-fhoghar an-uiridh an dèidh Kezia Dugdale an dreuchd a chur bhuaipe.

Chan eil am BPA dhen bheachd gun do chaill e air sgàth's gum buin e do mhion-chinneadh, ach tha e air bruidhinn a-mach gus aire a tharraing gu gràin-chinnidh agus gràin air Islam. Thuirt e, 'Nuair a cheasnaich mi e, ag ràdh gun robh e air gràin-cinnidh agus gràin air

Islam a nochdad, thuirt e nach b' e sin a bharail idir, ach an t-eagal a bh' air a thaobh 's dè bha an luchd-taghaidh aige a' creidsinn.' Thuirt e gu bheil a bhean 'na ban-Albannach anns a h-uile dòigh' agus gu bheil 'barrachd an lùib na dearbh-aithne aice na tha i airson a chur mu ceann.'



## Seall do thuigse

- 1 Bha co-ionannachd chothroman mar aon de na prionnsabalan bunaiteach aig Pàrlamaid na h-Alba. Dè tha seo a' ciallachadh?
- 2 Mìnich carson a tha riochdachadh bhoireannaich ann am Pàrlamaid na h-Alba aig an àm seo (2016-) mì-chothromach.
- 3 Thoir sùil air Clàr 2.1. Cia mheud BPA fireann is boireann a bha ann ann an 2003?
- 4 A' coimhead air Clàr 2.2, cia mheud BPA bho mhion-choimhearsnachdan cinnidh a chaidh a thaghadh ann an 2016?
- 5 Ciamar a tha Pàrlamaid na h-Alba ann an coimeas ri dùthchannan eile a thaobh riochdachadh bhoireannaich?
- 6 Ciamar a tha Pàrlamaid na h-Alba ann an coimeas ri Pàrlamaid na RA a thaobh riochdachadh bho mhion-choimhairsnachdan cinnidh?
- 7 Thoir cunntas air na h-adhbharan airson fo-riochdachadh bhoireannaich agus mhion-chinnidhean.

### Leasaich do sgilean

- 8 'Bho 1999 chun an latha an-diugh, tha Pàrlamaid na h-Alba air adhartas a dhèanamh ann an riochdachadh bhoireannaich is mhion-choimhairsnachdan cinnidh.' (Hari Singh) A' cleachdad Clàran 2.1 agus 2.2, mìnich dè an ìre gum faodar a ràdh mu Hari Singh gu bheil e a' dol ri àibhiseachd.

## Obair Pàrlamaid na h-Alba

Is e pàrlamaid air a taghadh gu deamocraigeach a th' ann am Pàrlamaid na h-Alba air a déanamh suas le 129 buill (BPA). Bidh taghaidhean Pàrlamaideach ann a h-uile ceithir bliadhna; ach, thèid an ath thaghadh a chumail às deidh teirm còig bliadhna leis gun robh taghadh coitcheann na RA ri bhith ann an 2020 (an aon àm ris an ath thaghadh Albannach), ged a chuir grad-thaghadh 2017 stad

air sin. Chaidh an taghadh mu dheireadh a chumail ann an 2016, nuair a choisinn Partaidh Nàiseanta na h-Alba 63 suidheachain anns a' Phàrlamaid agus rinn iad riaghaltas beag-chuid. Bithear ag ainmeachadh Pàrlamaid na h-Alba gu tric mar **Taigh an Ròid** oir sin an sgìre de Dhùn Èideann anns a bheil i stèidhichte.

## Còmhstiri eadar na pàrlamaidean

### An t-AE (An t-Aonadh Eòrpach EU)

Le buil referendum an AE bha suidheachadh ann far an do bhòt a' mhòr-chuid ann an Alba (62%) airson fuireach san AE, ach bhòt a' mhòr-chuid de shluagh na RA gu lèir (52%) airson fàgail. Mar thoradh air seo, rinn Riaghaltas PNA na b' urrainn dhaibh gus Alba a chumail mar phàirt dhen AE, no co-dhiù gus bargan a dhèanamh ri Riaghaltas na RA, a leigeadh le Alba aonta air leth fhaighinn. Ann an ceum a bha gu ìre mhòr samhlachail, bhòt Pàrlamaid na h-Alba an aghaidh Artaigil 50 (tòiseachadh pròiseas Brexit) a chur an gnìomh, a' sealltainn nach robh Alba toilichte an t-AE fhàgail an aghaidh toil an t-sluagh. Tha Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas na RA cuideachd a-mach air a chèile a thaobh cait am bu chòir cumhachdan a tha a' tilleadh bhon AE a dhol.

### Dè na diofar dhreuchdan a tha taobh a-staigh Pàrlamaid na h-Alba?

Tha seòmar-deasbaid Pàrlamaid na h-Alba air a rèiteach ann an leth-cheartcall. Is e an t-adhbhar airson seo gum brosnaich e **co-aonta** am measg luchd-poilitigs, a tha ao-coltach ris an t-siostam a thathas a' cleachdadh ann an Taigh nan Cumantan far a bheil na partaidhean a' suidhe mu choinneamh a chèile. Bidh cuid ag ràdh gu bheil sin a' brosnachadh **còmhstri**.

### Cò aig a tha na dleastanasan as cumhachdaiche ann am Pàrlamaid na h-Alba?

#### Am Prìomh Mhinstear

An dèidh taghadh, bidh a' Phàrlamaid a' bhòtadh air cò bhios na phriomh mhinistear. Bho thoisich fèin-riaghladh ann an 1999, chaidh ceannard a' phartaidh phoilitigich leis an àireimh as mothà de BhPA sa Phàrlamaid (Taigh an Ròid) a dhèanamh na phriomh mhinistear.


### Indyref2

Air sgàth buil theann an referendum agus cùisean poilitgeach eile, (mar buil referendum an AE) tha an deasbad air am bu chòir Alba a bhith na dùthaich neo-eisimeileach fhathast gu math beò. Sa Mhàrt 2017 dh'fhoillsich Nicola Sturgeon planaichean airson referendum eile air neo-eisimeileachd a chumail (Indyref2) agus chuir Pàrlamaid na h-Alba taic ri seo. Ach, chaidh plana Nicola Sturgeon a dhiúltadh leis a' Phriomhaire Theresa May.

Nuar a tha seo ga sgrìobhadh, tha dàil air an dàrna referendum gus am bi barganachadh Brexit seachad, ach chan eil teagamh nach tèid a' cheist mu neo-eisimeileachd a chur fa chomhair sluagh na h-Alba a-rithist.



**Figear 2.6** Am Prìomh Mhinstear Nicola Sturgeon



**Figure 2.7** Obair agus cumhachdan a' phriomh mhinisteir

### Obair agus cumhachdan

- An dèidh a dhol dhan dreuchd, curidh am priomh mhinistear ministearan eile ann an dreuchd – nam measg leas-phriomh mhinistear 's rùnairean caibileat a shuidheas sa chaibileat – bho na BPA. Stèidhich am Priomh Mhinistear Nicola Sturgeon a' chìad chaibileat le cothromachadh gnè 50/50 an dreuchd ann an 2016. Tha cumhachd aice ministearan a thaghadh, a chur à dreuchd agus a għluasad mar a thogras i.
- Tha am priomh mhinistear sa chathair aig coinneamhan caibileat na h-Alba agus a' stiùireadh clàr poileasaidhean an Riaghaltais. Feumaidh i na poileasaidhean ann am manifesto PNA, a thug air an luchd-bhòtaidh a cur a-steach, a thoirt air adhart.
- Feumaidh Nicola Sturgeon Alba a riochdachadh aig an taigh agus thall thairis. Bidh i tric a' siubhal gu dùthchannan cèin gus dàimhean a thogail riutha air cùisean leithid malairt, caidreachasan agus a' cur air adhart gniomhachas Alba. Ann an 2017 chuir Nicola Sturgeon seachad 5 lathaichean sna SA, a' coinneachadh ceannardan eile an t-saogħail aig an UN, agus a' dèanamh òraíd aig Oilthigh Stanford. Chleachd i an òraíd airson dreuchd Alba san t-saogħal a shonrachadh, a' daingneachadh gum biodh Alba fhathast 'fosgailte, a' coimhead a-mach agus in-ghabhalach' agus gum biodh fàilte air daoine bho air feadh an t-saogħail a dh'aindeoin Brexit. Bhiodh Alba cuideachd airson 'compàirteachasan a thogail air feadh an t-saogħail', nam measg ri

### FAIDHLE FIOS

#### Dreuchdan ann am Pàrlamaid na h-Alba?

**Am Priomh Mhinistear:** Stiùiriche politigeach na h-Alba agus ceannard Riaghaltas na h-Alba.

**An Caibileat (rùnairean):** BPA bhon phartaidd a tha ann an ùghdarris aig a bheil dleastanas airson roinn dhen riaghaltas.

**Fo-mhinistearan:** BPA bhon phartaidd a tha ann an ùghdarris dhan deach dleastanas a thoirt airson cuideachadh a thoirt do rùnaire sa chaibileat airson roinn sònraichte.

**An Riaghaltas:** Uallach airson reachdas ȳr a thoirt air adhart agus san fharsaingeachd a bhith a' riaghladh ghnothaichean tiomnaichte na h-Alba.

**An t-Oifigear Riaghlaidh:** Labhraiche Pàrlamaid na h-Alba a bhios a' cumail smachd air deasbadan, Àm nan Ceistean agus bhòtadh.

**Na partaidhean dùbhlanach:** Partaidhean le BPA taghte ach nach eil ann an ùghdarris. Tha comas aca an riaghaltas a dhèanamh cunnatachail

**Na stiùirichean dùbhlanach:** BPA a tha nan stiùirichean air na partaidhean dùbhlanach. Tha cothroman aca ceistean a chur air an riaghaltas.

**Na caibileatan dùbhlanach:** BPA bho na partaidhean dùbhlanach a bhios mar 'fhaileas' do rùnairean a' chaibileat agus gan cumail cunnatachail.

**BPA nam beingean cùl:** BPA nach eil nam ministearan riaghaltais no nam ministearan dùbhlanach. Tha a' mhòr-chuid de BhPA air na beingean cùil.

riaghaltasan, gnothachasan agus oilthighean.

- Tha am priomh mhinistear cunnatachail do Phàrlamaid na h-Alba, agus a h-uile Diardaoin, bidh na partaidhean dùbhlanach ga ceasnachadh air mar a tha i a' ruith na dùthcha. 'S e Àm Ceistean dhan Phriomh Mhinistear am priomh àm nuair a thèid an Riaghaltas a sgrùdadh.
- Feumaidh am priomh mhinistear obrachadh gu cuideachail cuide ris a' phriomhaire cuideachd, gu h-àraidh air cùisean fior chudromach a tha a' toirt buaidh air an RA gu lèir, mar am baraganachadh timcheall air Brexit (faic td45).

Thèid smachd a chumail air cumhachdan a'

Priomh Mhinstear	Teirm san oifis	Adhbhar airson oifis fhàgail
Dòmhnaill Dewar	Cèitean 1999-Dàmhair 2000	Bàs
Eanruig MacGillIosa	Dàmhair 2000-Samhain 2001	Leig e dheth a dhreuchd
Jack McConnell	Samhain 2001-Cèitean 2007	Air taghadh a chall
Ailig Salmond	Cèitean 2007-Samhain 2014	Leig e dheth a dhreuchd
Nicola Sturgeon	Samhain 2014 – agus fhathast	

### Clàr 2.3 Priomh Mhinstearan Pàrlamaid na h-Alba

Phrìomh Mhinstoir le bhith gan cumail cunntachail do Phàrlamaid na h-Alba. Thèid ceistean a chur air a'

Phrìomh Mhinstear a h-uile Diardaoin aig Àm Ceistean a' Phrìomh Mhinstear, nuair a bhios stiùirichean dùbhlanaich a' sgrùdadh obair an riaghaltais.

### An Caibineat

Tha an caibineat a' toirt a-steach BPA a thagh am Priomh Mhinstear gu bhith os cionn roinnean sònraichte dhen riaghaltas. Mar eisimpleir, tha John Swinney na Leas-Phrìomh Mhinstear agus na Rùnaire Caibineat airson foghlam agus sgilean. Tha roinn ann airson gach priomh chumhachd tiomnaichte. Tha uallach airson roinn riaghaltais mar àrd dhreuchd agus mar sin bidh am BPA os a chionn na àrd mhinstear; ach tha iad air an ainmeachadh mar **rùnairean caibineat**.

### An Riaghaltas

Bidh am Priomh Mhinstear a' taghadh BPA gu bhith mar phàirt den riaghaltas aca. Mar as trice is iad sin na BPA a tha air a bhith dileas do stiùiriche a' phartaidh aca. Taobh a-staigh an riaghaltais tha an caibineat, a tha a' toirt a-steach BPA a tha os cionn roinnean sònraichte dhen riaghaltas. A bharrachd air an sin, tha **fo-mhinstearan** ann a bhios a' cuideachadh ministearan an riaghaltais le bhith a' ruith nan roinnean aca.



### Seall do thuigse

- 1 Thoir iomradh air toradh taghadh Pàrlamaid na h-Alba ann an 2016.
- 2 Carson a tha Taigh an Ròid mar ainm Pàrlamaid na h-Alba?
- 3 Thoir cunntas air cruth an t-seòmar-deasbaid
- 4 Mìnich na dleastanasan a leanas:
  - (a) an t-oifigear-riaghlaidh
  - (b) na partaidhean dùbhlanaich
  - (c) BPA nam beingean cùil
- 5 Dèan map-inntinn **mionaideach** de chumhachdan a' phrìomh mhinsteur.
- 6 Mìnich, gu mionaideach, na dleastanasan a leanas:
  - (a) an caibineat
  - (b) na stiùirichean dùbhlanaich

### Gníomh ICT

Tadhail air [www.scottish.parliament.uk/visitandlearn/Education.aspx](http://www.scottish.parliament.uk/visitandlearn/Education.aspx). An seo gheibh thu goireasan agus geamannan eadar-ghníomhach a chuidicheas tu gu bhith a' sgrùdadh togalach na Pàrlamaid agus ag ionnsachadh mun obair a thathas a' dèanamh.

### Na stiùirichean dùbhlanaich

Chan eil cumhachd dhìreach sam bith aig na stiùirichean dùbhlanaich ann an Alba anns a' Phàrlamaid, ach thathas gam faicinn mar na priomh fheadhainn a bhios a' càineadh an riaghaltais. Tha ìomhaigh àrd aca anns na meadhanan agus dh'fhaodadh iad buaidh mhòr a thoirt air dè cho mòr-chòrdte 's a tha an riaghaltas. Bidh iad ag amas air 'puingean a sgòradh' air a' Phrìomh Mhinstear le bhith a' feuchainn ri sealtainn dhan phoball gur e iadsan, agus am partaidh aca, a b' fheàrr ann an ùghdarris às dèidh an ath thaghaidh.

## Bilean an Riaghaltais

B' e bilean gniomha a bh' orra roimhe. Tha bilean an Riaghaltais air an toirt a-steach leis an riaghaltas. Nithear seo le rùnaire caibileat no ministear riaghaltais. Tha a' mhòr-chuid de bhilean nam bilean Riaghaltais.

Tha Bile Taghaidhean Alba (Isleachadh na h-Aois Bhòtaidh) 2015 na eisimpleir de bhole Riaghaltais. Thug sin an aois bhòtaidh a-nuas gu 16 airson nan taghaidhean gu lèir ann an Alba.

## Bilean bhuill

Faodaidh BPA nach eil na bhall den riaghaltas dà bhile a chuir air adhart anns gach seisean pàrlamaideach. Tha timcheall air cairteal de bhilean ùra nam bilean bhuill.

Chaidh Bile Criosan-suidheachain air Còmhail Sgoile (Alba) a thoirt a-steach le Gillian Mhàrtainn BPA agus chaith gabhail ris ann an 2018. Leis a' bhole seo 's e an lagh gum feum criosan-suidheachain a bhith air an cur a-steach air gach seirbheis còmhail sgoile.

## Bilean comataidh

Tha bilean comataidh air an cur air adhart le comataidhean pàrlamaideach (faic d 50-2). Is e dìreach trì bilean comataidh a chaidh riagh aontachadh gu bhith nan reachdas ùr.

## Bilean priòbhaideach

Faodaidh neach, buidheann no companaidh, bhole priòbhaideach a thoirt air adhart agus aig amannan canar 'bilean pearsanta' riutha. Tha na bilean sin gu math tearc agus tha pròiseas sgrùdaidh eadar-dhealaichte a' buntainn riutha.

Mar eisimpleir, fhuair Còmhail Luchd-siubail Shrath Chluaidh bhole tro Phàrlamaid na h-Alba, a thug cead siostam rèile a thogail a chaidh tro raon poblach.

**Aonta Rìoghail:** Nuair a dh'aontaicheas Pàrlamaid na h-Alba ris a' bhole, thèid iarrайдh air a' Bhanrigh a cead a thoirt dha. Nuair a chuireas is' a h-ainm ris, bidh e na Achd de Phàrlamaid na h-Alba.

## Athchuingean poblach

Tha athchuinge mar dhòigh do daoine air 'cùis nàiseanta' a thogail leis a' Phàrlamaid, agus iad an dòchas gun tèid lagh atharrachadh no lagh ùr a thoirt a-steach. Mar as mothà de dh'ainmean-taic a gheibh athchuinge, 's ann as fheàrr. Beachdaichidh Comataidh nan Athchuingean Poblach air an athchuinge. Thig iad gu co-dhùnadh air dè ghabhas dèanamh. Thogadh Casg Smocaidh ann an Aiteachan Poblach an toiseach mar athchuinge phoblaich.

## WWW

Tadhail air [www.scottish.parliament.uk/gettinginvolved/petitions/](http://www.scottish.parliament.uk/gettinginvolved/petitions/) gus sùil a thoirt air athchuingean a tha a' dol an-dràsta, no eadhon gus fear a thòiseachadh thu fhèin!

## Ciamar a bhios Pàrlamaid na h-Alba a' cruthachadh laghan ùra?

Faodaidh Pàrlamaid na h-Alba laghan a dhèanamh mu ghnothaichean tiomnaichte. Thèid molaidhean airson laghan ùra a thoirt air adhart mar **bholean**. Tha ceithir seòrsachan bholean ann gus dèanamh cinnteach gun urrainn a h-uile duine feuchainn ri laghan ùra a thoirt a-steach ann an Alba. Tha seo cudromach leis gu bheil Pàrlamaid na h-Alba ag amas a bhith fosgailte, cothromach agus so-ruigsinneach. Na ceithir seòrsachan bholean:

- Bile Riaghaltais
- Bile Buill
- Bile Comataidh
- Bile Prìobhaideach

## Ciamar a thig bhole gu bhith na reachdas?

Gus dèanamh cinnteach gum bi laghan air an cruthachadh gu fosgailte is cothromach, feumaidh bhole a dhol tro **phòiseas trì-ìrean**. Tha seo a' toirt cothrom air mion-sgrùdadadh, atharrachaidhean a chur air adhart, agus cothrom a thoirt dhan Phàrlamaid bhòtadh air a' bhole. Ma dh'aontaicheas a' Phàrlamaid ris a' bhole, gheibh e an uair sin an **Aonta Rìoghail** (faic Figear 2.8).

**Ìre 1**

Gheibh a' chomataidh no comataidhean iomchaidh sa Phàrlamaid fianais mun bhive agus deasaichidh iad aithisg mu na prionnsapalan coitcheann aige.

Beachdaichidh coinneamh dhen Phàrlamaid air an aithisg agus cumaidh iad deasbad gus an aonta no an eas-aonta a thoirt do phrionnsapal coitcheann a' bhile. Thig a' Phàrlamaid gu co-dhùnadh aig Àm a' Cho-dhùnайд am bu chòir gluasad air adhart leis a' bhile.

Ma dh'aontaicheas a' Phàrlamaid, gluaisidh am bile gu Ìre 2.



Mura h-aontaich a' Phàrlamaid, thèid am bile a chur gu aon taobh.

**Ìre 2**

Thèid beachdachadh mionaideach a dhèanamh air a' bhile, agus a sgrùdadh loidhne às dèidh loidhne le comataidh no, aig amannan, comataidh dhen Phàrlamaid shlàn.



Faodar **atharrachaidhean** a dhèanamh aig an ìre seo.

Ma dh'aontaicheas a' Phàrlamaid, gluaisidh am bile gu Ìre 3.



Mura h-aontaich a' Phàrlamaid, thèid am bile a chur gu aon taobh.


**Ìre 3**

Thèid beachdachadh air a' bhile leis a' làn Phàrlamaid.

Faodar **atharrachaidhean** a dhèanamh air a' bhile aig an ìre seo cuideachd. Is e dìreach atharrachaidhean a rinneadh aig an ìre seo a dh'fhaodar a dheasbad.

Bidh a' Phàrlamaid an uair sin a' bhòtadh air a' bhile.

Ma dh'aontaicheas a' Phàrlamaid, thèid am bile air adhart, a' faighinn ainm-sgrìobhte a' mhonarc agus a' gluasad gu bhith na Achd Pàrlamaid.



Mura h-aontaich a' Phàrlamaid, thèid am bile a chur gu aon taobh.

**Figear 2.8** Am pròiseas reachdail ann am Pàrlamaid na h-Alba

## Bile a' gluasad gu bhith na lagh

**Bile Taghaidhean Alba**  
(leagail na h-Aois Bhòtaidh)

**Seòrsa Bile:** Riaghaltais

**Air a mholadh le:** Iain Swinney BPA, Leas-Phriòmh Mhìnistear.

**Mion-fhiosrachadh:** Achd le Pàrlamaid na h-Alba gus an aois bhòtaidh isleachadh gu 16 aig taghaidhean airson buill de Phàrlamaid na h-Alba agus taghaidhean riaghaltas ionadail; agus airson adhbharan buntainneach.

**Gluesadan a' bhile:** Air aontachadh aig na trì ìrean gu lèir agus an Aonta Rìoghail ga fhaighinn san Iuchar 2015.



## Seall do thugse

- 1 Dèan map inntinn le 'Sheòrsachan bhilean' anns a' chearcall mheadhain. Thoir cunntas air na ceithir seòrsachan bhilean timcheall air an oir.
- 2 Tha diofar ìrean an lùib lagh a thoirt a-steach ann am Pàrlamaid na h-Alba. Copaidh agus cuir crìoch air a' chlàr a leanas gus geàrr-chunntas a thoirt air na bhios a' tachairt aig gach ìre. Cleachd Figear 2.8 airson do chuideachadh.

Ìre	Dè bhios a' tachairt?
Ìre 1	
Ìre 2	
Ìre 3	
Aonta Rìoghail	

## Comataidhean

Tha àite cudromach aig comataidhean ann am Pàrlamaid na h-Alba leis nach eil dara seòmar ann mar Thaigh nam Morairean ann an Westminster. Tha dleastanas air gach comataidh airson raon no cuspair sònraichte. Bidh iad ga sgrùdadh gu mionaidheach. Bidh Comataidh an Fhoghlaim agus nan Sgilean a' beachdachadh agus ag aithris air cùisean co-cheangailte ri foghlam sgoile agus ron-sgoil cho math ri cùisean dòn chloinne.

Tha 15 comataidhean ann, le eadar 7 agus 11 BPA an urra. Tha neach-gairm agus leas-neach-gairm air gach comataidh agus bidh iad anns a' chathair aig coinneamhan. Feumaidh a' bhallrachd agus an luchd-gairm balans cumhachd phoilitigeach sa Phàrlamaid gu lèir a nochdad. Cha b' urrainn ballrachd Comataidh an Fhoghlaim agus nan Sgilean a bhith nam BPA Làbarach gu lèir. San dòigh seo, chan e cùis a rèir partaidh poilitigeach a bhios ann an obair nan comataidhean.

Tha dà sheòrsa comataidh ann am Parlamaid na h-Alba: comataidhean àithnteil agus cuspairiel.

Comataidhean àithnteil:

- Tiomnaichte is Ath-leasachadh an Lagha
- Co-ionannachd Chothroman


- Dàimhean Eòrpach is an Taoibh A-muigh
  - Ionmhas
  - Sgrùdadh Poblach
  - Athchuingean Poblach
  - Inbhean, Dòighean-obrach is Dreuchdan Poblach
- Comataidhean Cuspaireil:
- Eaconamaidh, Obraighean agus Obair Chothromach
  - Foghlam agus Sgilean
  - Àrainneachd, Atharrachadh Gnàth-shìde agus Leasachadh Fearainn
  - Slàinte agus Spòrs
  - Ceartas
  - Riaghaltas Ionadail agus Coimhairsnachdan
  - Eaconamaidh dhùthchail agus Comas-ceangail
  - Sochairean Sòisealta

## Obair nan comataidhean

A' sgrùdadh poileasaïdh

'S e aon de phrìomh obraichean nan comataidhean molaidean riaghaltais a sgrùdadh. Feumaidh reachdas sam bith a bhith air a sgrùdadh le grunn chomataidhean.

Faodaidh comataidhean atharraichean air bilean a mholadh mura bheil iad ag aontachadh ri páirt shònraichte de phoileasaïdh, no faodaidh iad ceumannan a bharrachd a mholadh airson am bile a leasachadh – faic sgrùdadh poileasaïdh.



Figear 2.9 Dè as urrainn comataidhean a dhèanamh?

## Comataidh na h-Eaconamaidh Dhùthchail agus Comas-ceangail

### Mu dheidhinn

Bidh Comataidh na h-Eaconamaidh Dhùthchail agus Comais-ceangail a' coinneachadh gach madainn Diciadain. Bidh iad a' sgrùdadh poileasaidhean agus coileanadh Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean-gniomh còmhdhail, aiteachas agus raointean eile. 'S e Eideard Mountain, BPA airson na Gàidhealtachd agus nan Eilean, neach-gairm na comataidh.

### Eisimpleir dhen obair

Sgrùd Comataidh na h-Eaconamaidh Dhùthchail agus Comais-ceangail reachdas a bha ga mholadh airson criosan-suidheachain air còmhdhail sgoile. Thug Gillian Mhàrtainn a-steach bile Criosoan-suidheachain air Còmhdhail Sgoile (Alba) 2017 agus dh'iarr i criosoan-suidheachain ann an còmhdhail dachaigh-sgoile gu lèir. San sgrùdadh air bile gu math simplidh a bha a' còrdadh ri daoine, mhol iad na h-atharraichean seo, a' cur ri moladh Gillian Mhàrtainn:

- Mhol a' chomataidh gun sgaradh a dhèanamh eadar siubhal air còmhdhail dachaigh-sgoile shònraichte agus air còmhdhail airson turas sgoile. Le sin, mhol a' chomataidh gu làdir am bile a leudachadh gus tursan a chuireadh sgoiltean air dòigh a chòmhach.
- Chuir e iongnadh air a' chomataidh nach eil an lagh an-dràsta a' toirt air clann 3-14 criosoan-suidheachain a tha ann am busaichean a chleachdadh. Bhrosnaich iad Riaghaltas na h-Alba obrachadh còmhla ri Riaghaltas na RA agus luchd-ùidhe eile gus fuasgladh fhaighinn gu luath air a'chùis.
- Bha a' Chomataidh dhen bheachd gum bu chòir stiùireadh agus taic phractaigeach a bhith ann gus cur ri cumhachan a' bhile, mar a bhith ag atharrachadh dòigh-giùlain, a' cumail sùil air cleachdadh chriosan-suidheachain, agus dleastanas càram.

### A' cumail rannsachaidhean

'S e dòigh chudromach a th' ann an rannsachadh air Riaghaltas na h-Alba a dhèanamh cunntachail, le mion-sgrùdadh a' phoileasaidh agus an rianachd a th' aca an-dràsta. Cuideachd, faodar rannsachadh a dhèanamh air cùis a tha a' dèanamh dragh dhan phoball no mar fhreagairt do cho-chomhairleachadh le Riaghaltas na h-Alba. Ann a bhith a' rannsachadh, faodaidh comataidhean fianaisean a ghairm airson teisteanas air a sgrìobhadh no air a labhairt a thoirt dhaibh, agus cuiridh seo ri toradh an rannsachaidh. Mar as trice bidh na fianaisean sin nan eòlaichean san raon air a bheil an rannsachadh ag amas.

## Comataidh na h-Eaconamaidh, Obraichean agus Obair

### Mu dheidhinn

Mar as trice bidh coinneamhan Comataidh na h-Eaconamaidh, Obraichean agus Obair Chothromach ann madainn Diciadain. 'S e priomh obair na comataidh poileasaidh an riaghaltas a sgrùdadh agus rannsachadh a chumail air cùisean co-cheangailte ris an eaconamaidh, lùth agus gniomhachas am measg eile. 'S e Gördan Lindhurst, BPA airson Lodainn, neach-gairm na comataidh.

### Eisimpleir dhen obair

Rinn a' chomataidh rannsachadh aig sàr iù air neo-ionannachd tuarastal nan gnèithean. Bha e ag amas air na raointean seo:

- A' mìneachadh agus a' tomhas neo-ionannachd tuarastal nan gnèithean
- Neo-ionannachd tuarastail a rèir gnè
- Ceumannan a tha, agus as urrainn, Riaghaltas na h-Alba a ghabhail airson neo-ionannachd tuarastal nan gnèithean a lùghdachadh

B' e raon-ùghdarrais an rannsachaidh:

*Coimhead air buaidh neo-ionannachd tuarastail a rèir gnè air eaconamaidh na h-Alba, le sùil shònraichte air coileanadh gnothachais, roinn phoblach na h-Alba agus ceumannan a dh'fheumas Riaghaltas na h-Alba a ghabhail airson dèiligeadh ris a' chùis.*

Ann a bhith a' rannsachadh, ghabh a' chomataidh fianais bho ghrunn roinnean agus bhuidhnean, an fheadhainn a leanas nam measg:

Luchd-fastaidh san roinn phriobhaidich agus phoblaich:

- Shirley Chaimbeul, Stiùiriche Dhaoine, Uisge na h-Alba
- Catriona Mackie, Stiùiriche HR, Solar Cruinneil Diageo, Diageo
- Ceitidh Nic a' Mhuilleir, Ceannard HR, Comhairle Dhùn Èideann, COSLA

Buidhnean proifeiseanta agus san roinn phoblaich:

- Peadar Mac an t-Sealgair, Manaidsear Roinneil, UNISON Alba
- Anna NicEanraig, Iar-rùnaire, STUC
- Riseard Hardy, Rùnaire Nàiseanta, Prospect Ministearan Riaghaltas na h-Alba:
- Seumas Hepburn, Ministear airson Comas-obrach agus Trèanadh

An dèidh an rannsachaidh, chaidh sgrìobhainn fhoillseachadh le toradh an rannsachaidh agus molaidhean air mar a ghabhadh neo-ionannachd tuarastal nan gnèithean a bheagachadh ann an Alba. Tha an sgrìobhainn air làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba.



**Figear 2.10** A' toirt fianais do chomataidh ann am Pàrlamaid na h-Alba

### Comataidh nan Athchuingean Poblach

'S e Comataidh nan Athchuingean Poblach (*PPC: Public Petitions Committee*) am prìomh dhòigh san toir buill dhen t-sluagh buaidh air poileasaidh an riaghaltais. Bidh am PPC a' beachdachadh air athchuingean agus a' co-dhùnadadh dè thachras anns gach cùis. Bidh daoine fa leth, agus buidhnean a tha airson cùis a thogail, a' cur athchuingean a-steach, gu tric bhon eòlas aca aig ìre ionadail: can, iomairt airson stad a chur air dùnadh sgoile, no casg a chur air leasachadh air raon-cluiche. Tha siostam nan athchuingean poblach aig cridhe rùn na Pàrlamaid a bhith fosgailte agus ruigsinneach. Faodaidh buil mhath a bhith air athchuingean às an tig atharrachadh no fiosrachadh airson deasbad – chaidh an casg air smocadh a thogail an toiseach mar athchuinge phoblach.

### Èifeachd nan comataidhean

Chaidh Pàrlamaid na h-Alba a dhealbhadh mar reachdadaireachd èifeachdach, chumhachdach le comataidhean aig cridhe na h-obrach. Tha a' mhòr-chuid de chomataidhean maireannach ged a sgaoileadh a' Phàrlamaid. Chan eil cus bhall orra airson 's gum bi iad mar ghnothachas seach mar bhuidheann taobhach. Tha àireamh an luchd-gairm (cathraichean) co-chuideil a rèir partaidh, 's iad air an taghadh le gach comataidh. Faodaidh comataidhean luchd-fianais fhiathachadh agus sgrìobhainnean riaghaltais iarraidh; tha obair annasach aca 's iad a' cumail sùil air co-chomhairleachadh Riaghaltas na h-Alba mus tèid reachdas a dhèanamh. A bharrachd air seo, ma dh'fheumas iad, faodaidh na bilean aca fhèin a chur air adhart (mar as urrainn BPA fa leth, ann an dòigh a tha fada nas phasa na ann an Westminster).

Ach chan eil roinn air cumhachdan no casg agus cothrom eadar an riaghaltas, an reachdadaireachd agus roinn a' cheartais. An àite sin, tha an riaghaltas ag obrachadh aig cridhe na reachdadaireachd agus, nuair a tha mòr-chuid aon phartaidh no co-bhanntachd ann, gabhaidh smachd a chumail air na modhan-obrach, agus gu dearbh air comataidhean na Pàrlamaid. Nuair a bha Riaghaltas mòr-chuid an PNA ann 2011-16, bha làmh-an-uachdair aca air na comataidhean agus cha robh feum air an obair sgrùdaidh.



## Seall do thugse

- 1** Dè an obair a tha aig comataidh ann an Riaghaltas na h-Alba?
- 2** Cia mheud comataidh a tha ann agus cia mheud ball a tha air gach comataidh gu cuibheasach?
- 3** Faic an sgrùdadh air Comataidh na h-Eaconamaidh, Obraichean agus Obair Chothromach.
  - (a)** Cuin a choinnicheas a' chomataidh?
  - (b)** Cò an neach-gairm?
  - (c)** Thoir cunntas mionaideach air rannsachadh a rinn a' chomataidh ann an 2017.
- 4** Faic sgrùdadh air Comataidh na h-Eaconamaidh Dhùthchail agus Comais-ceangail.
  - (a)** Cuin a bhios a' chomataidh a' coinneachadh?
  - (b)** Cò an neach-gairm?
  - (c)** Thoir cunntas mionaideach air rannsachadh a rinn a' chomataidh ann an 2017.

### Na tha Pàrlamaid na h-Alba air a choileanadh agus buaidh fèin-riaghlaidh

Choinnich Pàrlamaid na h-Alba an toiseach ann an 1999. Tha i a-nis anns a' chòigeamh seisean. Chan eil teagamh nach do shoirbhich a' Phàrlamaid. Thug i co-dhùnaidhean a thoirt nas fhaisge air muinntir na h-Alba, às dèidh co-dhùnaidhean poilitigeach gan dèanamh ro 1999 ann an Westminster le cuideachadh bho BhP Shasannach. 'S e a' cheist a th' aig mòran ge-tà: a bheil Pàrlamaid na h-Alba air a bhith soirbheachail gu leòr?

Bha toiseach töiseachaidh duilich aig Pàrlamaid na h-Alba nuair a bhàsaich am Prìomh Mhainistear, Dòmhnull Dewar ann an 2000. Rinn a' Phàrlamaid a' chùis air gnothaichean a chumail seasmhach, agus fad dà sheisean (eadar 1999 is 2007) bha iad air an stiùireadh le co-bhanntachd dhe na Lèbaraich agus Libearalaich Dheamocrataich. Aig an àm seo, bha a' Phàrlamaid soirbheachail, le mòran nithean cudromach gan coileanadh, mar an casg air smocadh ann an àiteachan poblach, a tha air piseach a thoirt air an droch shlàinte ann an Alba. Cuideachd thug a' cho-bhanntachd Lèbarach-Libearalaich Dheamocrataich a-steach càram pearsanta an-asgaidh do sheann daoine, chuir iad

às do Chìs Tochraighe Ceumnaiche 's chuir iad casg air sealg shionnach le coin ann an 2002.

Thòisich linn ùr ann am Pàrlamaid na h-Alba ann an 2007. Bha PNA air thoiseach air na Lèbaraich le aon shuidheachan is stèidhich iad riaghaltas beag-chuid. Bho fhuair iad ùghdarris, chuir PNA às do chìsean drochaid ann an Alba; rinn iad gjùlan cronail, bagairteach aig geomannan ball-coise mì-laghail; thug iad a-steach òrdughan an-asgaidh airson chungaidhean-leigheis agus ghabh iad ri reachdas a' ceadachadh aon ghnè.

Tha cuid a' càineadh na Pàrlamaid. Bha còmhstrie ann nuair a bhathas a' togail Thaigh an Ròid oir chaidh am buidseat bho rian agus a b' fheudar luchd-pàighidh chìsean còrr air £400 millean a chosg. Bidh mòran dhaoine ag ràdh gum faodadh a' Phàrlamaid a bhith air barrachd a choileanadh do muinntir na h-Alba agus gum feum a' Phàrlamaid barrachd chumhachdan airson a bhith èifeachdach. A' coimhead air ais, dh'fhaodadh iadsan a tha an aghaidh neo-eisimeileachd do dh'Alba a ràdh gu bheil stèidheachadh Pàrlamaid na h-Alba ga dhèanamh nas coltaiche gum bris an Rìoghachd Aonaichte às a chèile.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' manaidseadh a' bhuidseat aca aig àm teanntachd is ghearraidhean. Tha Alba air a cuid fhèin de na gearraidhean a ghiùlan agus tha seo a' ciallachadh **meall-thabhartas** nas ìse. Chaidh a h-uile seirbheis a ghearradh – nam measg foghlam, na poilis agus riaghaltas ionadail – agus bidh na gearraidhean ann am buidseat nan sochairean a' dèanamh bochdann chloinne nas miosa.

**Am meall-thabhartas:** An t-sùim airgid bhliadhnaile a bhios Roinn an Ionmhais san RA a' toirt do dh'Alba.



## Seall do thugse

- 1** Nad bheachd-sa, a bheil Pàrlamaid na h-Alba air a bhith soirbheachail? Sgrìobh paragraf a bheir taic dha do fhreagairt.

# Na partaidhean poilitigeach ann an Alba

## A' gabhail pàirt, ag iomairt agus taghaidhean ann an Alba

### Na dh'ionnsaicheas tu:

- 1 Dè th' ann am partaidhean poilitigeach?
- 2 An diofar a tha eadar partaidhean poilitigeach.
- 3 Na dòighean sam bi partaidhean poilitigeach ag iomairt aig àm taghaidh.
- 4 Daoine a' dol an sàs ann am poilitigs na h-Alba.

Tha còig phrìomh phartaidhean poilitigeach ann an Alba. Tha trì de na partaidhean coltach ris na trì phrìomh phartaidhean anns an RA: Làbaraich, Consearbhataich agus Lib Dheamocratach. Is e an ceathramh partaidh Partaidh Nàiseanta na h-Alba (PNA), agus an còigeamh fear, am Partaidh Uaine. Tha grunn phartaidhean nas lughann an Alba cuideachd, leithid Partaidh Sòisealach na h-Alba, Partaidh Co-ionannachd nam Ban agus Partaidh Crìosdail na h-Alba.

Partaidh poilitigeach	Roinnean-taghaidh/roinnean (suidheachain)
PNA	63
Consearbhatach	31
Làbarach	24
Uaine	6
L. Dheamocratach	5
<b>Gu h-iomlan</b>	<b>129</b>

Clàr 2.4 Co-dhùnadh taghadh Pàrlamaid na h-Alba 2016

### Dè th' ann am Partaidh Poilitigeach?

Tha partaidh poilitigeach air a dhèanamh suas le daoine aig a bheil creideasan is beachdan poilitigeach a tha coltach ri chèile. Bidh e na amas aig partaidh a bhith a' cosnadh na ghabhas de

shuidheachain anns a' Phàrlamaid. Tha 129 suidheachain ann am Pàrlamaid na h-Alba. Mar as mothà de shuidheachain a gheibh partaidh, is ann as mothà de bhuidh a bhios aca mu bhith a' ruith na dùthcha. Ann an 2011, fhuair PNA 69 suidheachain (à 129), a' cruthachadh a' chiad **riaghaltas mòr-chuid** ann an eachdraidh phàrlamaideach na h-Alba. Ann an 2016 bhuannaich PNA a-rithist, ach bha iad gann de mhòr-chuid. Mar sin tha ùghdarris poilitigeach aig PNA ann an Alba mar **riaghaltas beag-chuid**. Bidh stiùiriche a' phartaidh aig a bheil ùghdarris poilitigeach mar **phrìomh mhiniestar**.

### Dè an diofar a tha eadar na partaidhean poilitigeach?

Tha lèirsinn agus na planaichean aca fhèin aig partaidhean poilitigeach air mar a tha iad dhen bheachd a bu choir an dùthaich a riaghlaidh. Faodar na planaichean sin a liostadh fo raointean **poileasaïdh** leithid foghlam, àrainneachd, ceartas, eaconamaidh agus slàinte. Ro thaghadh, foillsichidh gach partaidh poilitigeach pàipear le cunntas air na poileasaidhean aca. Seo **manifesto a' phartaidh**. Tha manifesto partaidh sònraichte dhaibh fhèin, agus faodaidh seallaidean is planaichean aon phartaidh a bhith gu math eadar-dhealaichte bho fhear eile. Tha am Faidhle Fios air na trì partaidhean poilitigeach as mothà ag innse beagan mu gach partaidh, agus mu chuid de na poileasaidhean a tha iad an dùil a nì Alba na dùthaich nas fheàrr.

**Manifesto a' phartaidh:** cunntas poblach air poileasaidh agus amasan, mar as trice air a chur a-mach le partaidh poilitigeach ro thaghadh

**Co-bhanntachd:** nuair a thèid dà phartaidh no barrachd còmhla a dhèanamh riaghaltas

**Ideòlas:** beachdan agus creideasan a tha nam bunait do phoileasaidh poilitigeach

## FAIDHLE FIOS

**Partaidh Nàiseanta na h-Alba**

Tha PNA a' cordadh barrachd ri daoine ann an Alba anns na deich bliadhna a dh'fhalbh. Le Nicola Sturgeon os a chionn, tha stiùiriche aca a tha air am partaidh a stiùireadh chun na h-ìre as soirbheachaile nan eachdraidh. Tha am partaidh air a bhith ag iomairt airson neo-eisimeileachd na h-Alba fad sheachd deicheadan agus tha iad an dòchas dara referendum air neo-eisimeileachd a chumail san àm ri teachd. Tha PNA ann an ùghdarris ann an Alba agus cuideachd tha 35 suidheachain aca ann an Westminster. San fharsaingeachd, tha PNA a' faighinn taic bho gach buidheann is roinn de chomann-shòisealta na h-Alba.

**Prìomh phoileasaidhean**

- Leantainn le iomairt neo-eisimeileachd na h-Alba.
- Gun cosgaisean teagaiss no cosgaisean a bharrachd airson colaistean is oilthighean a thoirt a-steach.
- Alba a bhith air thoiseach air dùthaich sam bith eile le 'lùth uaine'.
- A' toirt a-steach casg air dèiseag a thoirt do chlann
- Gun an còrr nithean niuclasach a bhith ann – an aghaidh armachd niuclasach.



**Figear 2.11** Suaicheantas PNA



**Figear 2.12** Nicola Sturgeon

## FAIDHLE FIOS

**Am Partaidh Làbarach**

Tha am Partaidh Làbarach, aithnichte an Alba mar Làbaraich na h-Alba, air a stiùireadh le Riseard Leonard. Gu traídiseanta, tha muinntir na h-Alba air a bhith déidheil air na Làbaraich, a' toirt taic làidir dhaibh, gu sònraichte sa chlas-obrach. Ach, ann an 2007 chaill na Làbaraich smachd air Pàrlamaid na h-Alba, agus chaidh na bu mhiosa leis a' phartaidh ann an taghaidhean Albannach 2011 agus 2016, a' cosnadh dìreach 24 suidheachain ann an 2016. 'S e Jeremy Corbyn a tha os cionn a' Phartaidh Làbarach san RA. Tha ceangal làidir aig a' phartaidh ris na h-aonaidhean ciùird, a bheir buaidh air mòran de na poileasaidhean aca.

**Prìomh phoileasaidhean**

- Alba a chumail mar phàirt dhen RA.
- Barantas air ùine ann an ionad GP taobh a-staigh 48 uairean a thìde.
- Casg a chumail air cìsean teagaisg air oiléanaich, agus na chaidh a ghearradh bho thabhartasan oiléanaich a chur air ais.
- A' chìs-cosnaidh air daoine a tha a' cosnadh barrachd is £150,000 a chur suas bho 45sg gu 50sg.
- Cur às dhan Chìs Chomhairle agus cìs ùr togalaich a chur na àite a dh'fhàgadh 80% de theaghlaichean na b' fheàrr dheth.

**Scottish Labour**

**Fig 2.13** Suaicheantas Partaidh Làbarach na h-Alba



**Figear 2.14** Riseard Leonard

## FAIDHLE FIOS

**Am Partaidh Consearbhatach**

Tha Consearbhataich na h-Alba air an stiùireadh le Rut NicDhàibhidh agus tha partaidh na RA air a stiùireadh leis a' Phriomhaire Theresa May. Ann an Alba cha bhi na Consearbhataich a' faighinn uimhir a thaic 's a tha iad san RA gu lèir, ach ann an 2016 fhuair iad an toradh a b' fheàrr o thòisich fein-riaghlaidh, a' faighinn 31 suidheachain. Is ann bhon mheadhan-chlas agus bhon àrd-chlas as mothà a tha na Consearbhataich a' faighinn taic ann an Alba.

**Prìomh phoileasaidhean**

- Alba a chumail mar phàirt dhen RA; an aghaidh an dara referendum.
- Barrachd ùghdarrais a thoirt do cheannardan sgoile thairis air poileasaidh smachd, fastadh luchd-obrach agus buidseatan.
- 'Tha beatha a' ciallachadh beatha'- taic a chur ri seo airson cuid dhe na h-eucoraich as miosa sa phrìosan, aig nach biodh còir cur airson paròil.
- Riaghait gum feumadh oilleanaich £1,500 a phàigheadh air ais airson gach bliadhna dhen cheum aca, nuair a bhios iad a' cosnadh barrachd is £20,000 sa bhliadhna.

- Prìomhachas a thoirt do bhann-leathann fior luath a bhith ga chur an sàs nas luaithe air an dùthaich far a bheil e 'piantail slaodach' an-dràsta



**Fig 2.15** Suaicheantas Partaidh Consearbhatach na h-Alba



**Figear 2.16** Rut NicDhàibhidh

**Seall do thuigse**

- 1 Ainmich na còig phrìomh phartaidean poilitigeach ann an Alba.
- 2 Dè th' ann am partaidh poilitigeach?
- 3 Dè am partaidh a th' ann an ùghdarris an Alba?
- 4 Dè th' ann am manifesto a' phartaideh?
- 5 Dèan sgrùdadhbhair air Faidhle Fios gach partaidh poilitigeach.
  - (a) Cò na stiùirichean a th' air na trì partaidhean as mothà ann an Alba?
  - (b) A bheil na poileasadhean aca coltach ri cheile? Ma tha, ainmich iad.
  - (c) Cia mheud suidheachan a fhuair gach partaidh ann an taghadh Alba 2016?

**Leasaich do sgilean**

- 6 'Ann an taghadh 2016, chaidh aig a' phartaideh Lèabarach air a' mhòr-chuid de shuidheachain ann am Pàrlamaid na h-Alba a chosnadh.' (Maia Hughes)  
Carson a b' urrainnear a ràdh mu Mhaia Hughes gun robh i ri àibheiseachadh?

**Leudaich**

- 7 Thoir sùil air poileasaidhean gach partaidh poilitigeach. Nam biodh e air chomas dhut bhòtadh, dè am partaidh dhan toireadh tu do bhòt? Thoir adhbhar airson do fhreagairt le bhith a' toirt iomradh air co-dhiù dà phoileasaidh.

**Gníomh ICT**

A' cleachdadh an eadar-lìn, dèan sgrùdadh air poileasaidhean partaidh poilitigeach sònraichte a roghnaicheas tu fhèin. Ann am buidhnean, dèanaibh craoladh partaidh poilitigeach (faic earrann nam Meadhanan) airson a thaisbeanadh dhan chlas.

## Taghaidhean agus iomairtean

Bidh partaidhean poilitigeach a' feuchainn ri taic fhaighinn am measg a' phobaill airson gum bi cothrom math aca bhòtaichean fhaighinn aig àm taghaidh. Mu thrì mìosan ro thaghadh, bidh an ùine iomairt oifigeil a' tòiseachadh nuair a thèid a' Phàrlamaid a sgaoileadh. Tha seo a' leigeil leis na partaidhean na h-iomairtean taghaidh a ruith. Tha iomairt shoirbheachail ro thaghadh glè chudromach agus glè chosgail. Is e seo aon adhbhar airson gun seas a' mhòr-chuid de BhPA nan tagraichean airson partaidh poilitigeach an àite nan neo-eisimeilich.

### Cosgais nan iomairtean, taghadh na h-Alba 2016

Ann an taghadh 2016, cha b' urrainn partaidhean poilitigeach le tagraiche anns gach roinn-phàrlamaid, no roinn ann an Alba, barrachd is £1,516,000 a chosg. Chosg na trì partaidhean a leanas còrr is £250,000, agus le sin dh'fheumadh iad a' chosgais a chur a-steach gu Coimisean nan Taghaidhean airson a sgrùdadh.


Làbarach	£337,814
Consearbhatach	£978,921
Partaidh Nàiseanta na h-Alba	£1,465,542

Clàr 2.5 Cosgais nan iomairtean, taghadh Alba 2016

### Ciamar a choisneas partaidhean poilitigeach bhòtaichean?

#### Craolaidhean partaidh poilitigeach

'S e sanasan a nì partaidhean airson a dhol a-mach air an Tbh ro thaghadh a th' ann an craolaidhean partaidh poilitigeach (PBBs: party political broadcasts) Tha iad nam pàirt thraigiseanta de thaghaidhean san RA agus tha iad deatamach leis gum bi a' mhòr-chuid de dhaoine fhathast a' faighinn naidheachdan/fiosrachadh bhon Tbh. Le sin, ruigidh PBB mòran luchd-amais. Chosg partaidhean Albannach faisg air £200,000 air PBB ann an 2016; ach bidh mòran dhaoine gam faighinn dòrainneach, gun bhuntainneas riutha, agus bidh iad a' gluasad gu seanail eile gun a dhol an sàs annta.



Figear 2.17 Dòighean iomairt

**Gníomh ICT**

Theirig gu YouTube agus coimhead na PBBs bho iomairt taghadh Alba 2016.

## Canbhasadh

'S e canbhasadh an dòigh thraidiseanta air taic a shireadh, ach 's e cuideachd aon dhen fheadhainn as cudromiche. Le seo bidh luchd-iomairt a' coinneachadh luchd-bhòtaidh aghaidh ri aghaidh aig an doras aca, 's iad a' feuchainn ri toirt orra bhòtadh airson a' phartaiddh. Aig gach taghadh bidh miltean de luchd-taic saor-thoileach, a tha a' riochdachadh nan diofar phartaidhean, a' gnogadh air dorsan agus a' cur bholeagan tro dhorsan feuch am faigh iad gach bhòt as urrainn dhaibh san roinn-phàrlamaid. Bidh partaidhean poilitigeach ag amas air **roinn-phàrlamaid theann** feuch an tionndaidh iad an roinn thuca fhèin agus an coisinn iad an suidheachan. Tha canbhasadh a' còrdadh ri mòran thagraichean 's iad ga fhaicinn mar dhòigh mhath air faighinn a-mach dè tha luchd-bhòtaidh a' smaoineachadh, ach tha eas-bhuannachd na lùib cuideachd. Tha mòran nach eil ag iarraidh gun tèid dragh a chur orra aig na dorsan aca, agus chan eil ùidh aca ann an deasbad mu phoilitigs, gu h-àraidh ma tha iad trang. Bidh mòran dhorsan gan dùnadh air na canbhasairean.

**Roinn-phàrlamaid theann:** roinn-phàrlamaid a chaidh a ghleidheadh le beagan bhòtaichean a bharrachd

## Meadhanan sòisealta agus làraich-lìn


Gu traideanta tha strì airson bhòtaichean air tachairt a-muigh le bileagan, canbhasadh agus railidhean, ach sna bliadhna chan mu dheireadh tha tòrr dhen iomairt a' tachairt air-loidhne. Bidh na partaidhean poilitigeach gu lèir a' dol an sàs le luchd-bhòtaidh air meadhanan sòisealta mar Twitter, Facebook agus YouTube. Leigidh seo leotha am beachdan agus am poileasaidhean a chur gu luchd-bhòtaidh sa bhad, agus 's dòcha gun dèan iadsan retweet no roinn no like air na brathan. Cuideachd, sna bliadhna chan mu dheireadh, tha mòran sanasachd phoilitigeach a bharrachd air na meadhanan sòisealta mar Facebook. Chosg Consearbataich na h-Alba £29,000 air sanasan Facebook ann an iomairt taghadh coitcheann 2017 san RA.



**Figear 2.18** Sanas air Facebook le Consearbataich na h-Alba bho thaghadh coitcheann 2017 san RA

Tha làraich-lìn aig na partaidhean poilitigeach le earrannan airson togail airgid, iomairtean agus conaltradh ri luchd-bhòtaidh. 'S dòcha gun dèan am partaidh blogaichean no agallamh leis a' cheannard airson luchd-amais air-loidhne.

## Pàirt ann am poilitigs na h-Alba



**Figear 2.19** A' gabhail pàirt ann am poilitigs Alba Athchuingean

Faodaidh tu athchuinge a thòiseachadh air cuspair sam bith. Sin dòigh air a dhol an sàs ann am poilitigs. Tha earrann air làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba airson athchuingean far an urrainn buill dhen phoball athchuinge a thòiseachadh 's iad an dòchas gun cuir mòran an ainm rithe. Bidh comataidh nan Athchuingean Poblach a' beachdachadh air athchuingean poblach, agus faodaidh iad a dhol air adhart gu bhith air an deasbad sa Phàrlamaid. Thòisich an casg air smocadh ann an 2006 le athchuinge a thòisich sgoilearan àrd-sgoile.

## Gníomh ICT



Theirig gu làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba agus rannsach na h-athchuingean a tha a' dol an-dràsta a chuir buill dhen phoball a-steach.

### Bhòtadh

'S e bhòtadh ann an taghadh ionadail, coitcheann no referendum dòigh sam bi daoine a' gabhail pàirt ann am poilitigs. Ann an 2016 cha do bhòt ach 55% de luchd-taghaidh na h-Alba, ach ann an referendum 2014 air neo-eisimeileachd, bhòt 85%. Ge-tà, chan e bhòtadh, athchuingean agus a bhith ag iomairt aig àm taghaidh na h-aon dòighean san gabh daoine pàirt ann am poilitigs. Faodaidh daoine a dhol an lùib a' phartaidh le bhith a' gabhail ballrachd no a' seasamh mar thagraiche.


### Ballrachd ann am partaidh poilitigeach

Tha e furasta ballrachd fhaighinn ann am partaidh poilitigeach. Bidh ceangal aig cuid ri beachdan partaidh poilitigeach. Bidh iad a' toirt taic le bhith a' pàigheadh cosgais bhliadhnailean no a' toirt tabhartas dhaibh. Mar bhall, tha guth aca ann am poileasaidean a' phartaidh, cò bhios na cheannard ma tha farpais ann, agus mar a tha am partaidh ga ruith. Faodaidh iad coinneamhan ionadail a' phartaidh a fhrithealadh, beachdachadh air cuspairean air blog a' phartaidh agus eadhon na co-labhairtean nàiseanta san RA a fhrithealadh.

### Nad thagraiche ann an taghadh

Le obair chruaidh dhan phartaidh phoilitigeach agad, dh'fhauite gun tig thu gu co-dhùnadh gu bheil thu fhèin airson seasamh mar **thagraiche** anns an taghadh. An toiseach, dh'fheumadh buill a' phartaidh ionadail do thaghadh, agus an uair sin, às deidh a bhith air do thaghadh mar thagraiche a' phartaidh, bhiodh tu a' farpais an aghaidh thagraichean bho phartaidhean eile agus tagraichean neo-eisimeileach. Dh'fhaodadh tu seasamh airson a bhith air do thaghadh mar chomhairliche ionadail no eadhon mar BhPA no mar BHP.

Dh'fheumadh feartan pearsanta sònraichte a bhith aig neach airson seasamh ann an taghadh leithid na tha ann am Figear 2.20.



**Figear 2.20** Feartan pearsanta airson tagraiche poilitigeach



### Seall do thugse

- 1 Dè na chosg na Làbaraich, na Consearbataich agus PNA aig taghadh 2016?
- 2 Thoir cunntas air na dòighean iomairt a leanas:
  - (a) Craolaidhean partaidh poilitigeach
  - (b) Canbhasadh
  - (c) Meadhanan sóisealta
- 3 Dè an dòigh as fheàrr a tha ag obrachadh, na do bheachd fhèin, agus carson?
- 4 Ciamar as urrainn daoine fa leth a dhol an sàs ann an taghaidhean agus ann an iomairtean?
- 5 Dè th' ann an athchuinge?
- 6 Dè am figear airson an do bhòt de luchd-bhòtaidh ann an taghadh Alba 2016?
- 7 Thoir cunntas air mar a bhios tu a' gabhail ballrachd ann am partaidh poilitigeach.
- 8 Thoir cunntas air mar bhios tu a' dol nad thagraiche airson taghadh.
- 9 Sgrùd na buadhan pearsanta a tha a dhìth airson seasamh nad thagraiche airson partaidh poilitigeach. Tagh na trì as cudromaiche, nad bheachd-sa. Mìnich an taghadh a rinn thu.

### Leudaich

- 10 Ann an dithisean, taghaibh co-dhiù còig buadhan pearsanta agus dèanamh sanas obrach no bileag airson BPA airson Jobcentre Plus. Bu chòir an sanas mìneachadh carson a dh'fheumadh na buadhan pearsanta sin a bhith aig tagraiche.

# Caibideil 3

## Deamocrasaidh san RA

### Obair BP

#### Dè th' ann am Ball Pàrlamaid?

Bidh Buill Phàrlamaid (BP) a' rioxhdachadh gach neach a tha a' fuireach san RA. Tha an RA air a roinn ann an sgìrean cruinn-eòlach ris an canar sgìrean-pàrlamaid agus tha a BP fhèin aig gach sgìre-phàrlamaid. Feumaidh na BP gu lèir obrachadh airson an luchd>taghaidh san roinn, co-dhiù a bhòt neach-taghaidh sònraichte air an son no nach do bhòt. Feumaidh iad obrachadh cuideachd às leth dhaoine nach urrainn bhòtadh fhathast, mar clann-sgoile. 'S e an àireamh-sluaign chuibheasach ann an roinn-phàrlamaid mu 69,000.

Nuair a thèid an taghadh, feumaidh BP obrachadh airson luchd>taghaidh gus an ath thaghadh. Tha na taghaidhean air feadh na RA agus canar taghaidhean coitcheann riutha. Bidh taghadh coitcheann ann gach còig bliadhna mar as trice. San ùine seo bidh BP a' roinn ùine eadar obair san roinn-phàrlamaid agus obair sa Phàrlamaid ann an Lunnainn. Ann an 2017 fhuair BP £76,011 sa bhliadhna, cuibhreann airson siubhal, cosgaisean oifis, agus àite-fuirich ann an Lunnainn.

#### Na dh'ionnsaicheas tu:

- 1 Obair BhP sa Phàrlamaid.
- 2 Obair BhP anns na roinnean-pàrlamaid aca.
- 3 Na dùbhlain a tha ro BhP.
- 4 Mar a tha boireannaich agus mion-chinnidhean air an rioxhdachadh ann am Pàrlamaid na RA.

#### Joanna Brown MP



Aig an taghadh choitcheann chaith Joanna Brown (BP ficseanail) a thaghadh gus sgìre-phàrlamaid Dalgeddie a rioxhdachadh mar Bhall Pàrlamaid. Gus an ath thaghadh ann an còig bliadhna eile, bidh obair làn-ùine aice a' rioxhdachadh an luchd>taghaidh ann an diofar dhòighean. Feumaidh i a bhith deònach daoine fa leth agus buidhnean ionadail san roinn a chuideachadh ma tha duilgheadasan aca. Dh'fhaodadh uallach a bhith oirre cuideachd mu chùisean nàiseanta agus eadar-nàiseanta, leithid mar a tha an RA an sàs ann an cogaidhean no ceistean mu chìsean. Feumaidh i èisteachd riutha agus na duilgheadasan a thuigsinn, agus an rioxhdachadh sa Phàrlamaid.

Feumaidh Joanna Brown dèanamh cinnteach gun cuir i tìde gu leòr mu seach airson an luchd>taghaidh aice a chuideachadh – dh'fhaodadh i an ath thaghadh a chall ma bhios an luchd>taghaidh a' smaoineachadh nach do choilean a dleastanasan.

## Dè bhios BP a' dèanamh?

Gu sìmplidh, is e obair BP a bhith a' riochdachadh an luchd>taghaidh aca, co-dhiù bhòt neach-taghaidh sònraichte dhaibh no nach do bhòt. Tha sinn beò ann an **deamocrasaidh riochdachail**, a tha a' ciallachadh gu bheil BP an sàs mar riochdairean dhan phoball air fad. Bidh iad an sàs mar 'ghuth' nan daoine agus a' tighinn gu co-dhùnaidhean às ar leth. Gach seachdain, bidh gach BP a' cumail suirdsearaidh anns an roinn-phàrlamaid aca, a tha a' toirt cothrom dhan luchd>taghaidh an coinneachadh gu pearsanta, agus bruidhinn mu na duilgheadasan air am bu mhath leotha cuideachadh fhaighinn bhon BhP.

Seach gu bheil a h-uile BP air an taghadh, feumaidh iad ceann a' mhaide a chumail ris an riaghaltas às ar leth, agus tha còir aca cuideachd tighinn gu co-dhùnaidhean às ar leth. Bidh BP a' dol an sàs anns na dleastanasan sin le bhith a' deasbad agus a' bhòtadh air laghan a thathas a' moladh, le bhith a' cur cheistean air ministearan an riaghaltas anns a' Phàrlamaid agus gu poblach, agus cuideachd le bhith a' suidhe air comataidhean a nì aithris air cuspairean sònraichte.

Mar a chì thu san leabhar-latha air an ath dhuilleig, tha an t-seachdain àbhaisteach aig BP gu math trang agus tha an ùine aca air a roinn eadar a' Phàrlamaid ann an Lunnainn agus obair taobh a-staigh nan roinnean-pàrlamaid aca.

**Deamocrasaidh riochdachail:** Tha BP air an taghadh gus am mòr-shluagh a riochdachadh

## Gníomh ICT

- 1 Rach chun an làraich-lìn [www.theyworkforyou.com](http://www.theyworkforyou.com).
- 2 Cuir còd-puist do dhachaigh sa bhogsa. (Mura h-eil fios agad air an fhear agad fhèin, faodaidh tu fear na sgoile agad a chleachdadh.)
- 3 Aon uair 's gun lorg thu do BhP, cliog air a' cheangal chun na h-iomhaigh aca, dèan an obair a leanas:
  - a Clàr bhòtaidh. Dèan liosta de aon uair a bhòt am BP agad anns na dòighean a leanas: gu làidir air a shon, caran air a shon, air a shon, an aghaidh, caran na aghaidh, gu làidir na aghaidh.
  - b Cuspairean ùidhe. Dè na roinnean riaghaltais mun do thog am BP agad a' mhòr-chuid de cheistean?
  - c Àireamhachd. Cia mheud uair a bhruidhinn do BhP ann an **deasbadan** sa bhliadhna a dh'fhalbh 's cia mheud freagairt a fhuair do BhP mu choinneimh nan **ceistean sgrìobhte** a chuir iad a-steach?
  - d Cosgaisean. Dèan liosta de na h-àireamhan airson cosgaisean ionlan do BhP airson nan 4 bliadhnaichean as ùire a tha ri fhaicinn.

## Leudaich do sgilean

- 5 Sgrìobh paragraf a' mìneachadh carson a tha thu dhen bheachd gum bu chòir làn fhiosrachadh de obair BP a bhith air fhoillseachadh.

## LEABHAR-LATHA: JOANNA BROWN BP

### Obair sa Phàrlamaid

<b>Diluain</b>	Madainn Feasgar  Oidhche	A' siubhal a Lunnainn air an tràna Còinnich ri, riochdair bho Amnesty International mu bhith a' tòirt taic do dh'iomairt gus stad a chur air a' chòmhstri san Ear Mheadhanach.  Fritheil deasbad sgaibilidh ann an Taigh nan Cumantan a thaobh atharrachaidhean ann an sochairean.
<b>Dimàirt</b>	Madainn Feasgar  Oidhche	Fritheil deasbad mu phlanachean an riaghaltais airson port-adhair ùr faisg air an roinn-phàrlamaid agam. Suidh air Comataidh Dion thar-phartaidh a thaobh nam molaidhean airson stòran armachd niuclasach a bheagachadh Fritheil coinneamh partaidh mu ro-innleachd airson bhòt Diardaoin..
<b>Diciadain</b>	Madainn Feasgar  Oidhche	Còinnich ri buidheann de sgolearan bhon roinn-phàrlamaid agam a tha air turas sgoile airson turas timcheall na pàrlamaid. Fritheil Àm Ceistean a' Phriomhaire far an deach mo thaghadh airson ceist dhìreach a chur air a' Phriomhaire. Fritheil deasbad a thaobh nam molaidhean airson cis a chur air biadh mi-fhallain.
<b>Diardaoin</b>	Madainn Feasgar	Bhòt ann an Taigh nan Cumantan air bile an riaghaltais gus peinnseanan do sheann dhaoine atharrachadh. Siubhail dhan roinn-phàrlamaid air an tràna.

### Obair san roinn-phàrlamaid

<b>Diardaoin</b>	Feasgar  Oidhche	A' ruiginn na roinn-phàrlamaid. Tadhail air gniomhachas ionadail a tha air obraighean ùra a chruthachadh san sgìre. Fritheil coinneamh baile a thaobh an làraich à tha ri mholadh airson port-adhair ùr.
<b>Dihaoine</b>	Madainn  Feasgar  Oidhche	Tadhail air bun-sgoil ionadail airson duaisean a thoirt seachad. Còinnich ri neach-taghaidh ionadail san dachaigh aice gus bruidhinn mu litir a chuir i thugam mu fhuaim san sgìre. Fritheil coinneamh le comhairlichean ionadail a thaobh an co-dhùinadh cruinneachadh sgudail atharrachadh gu seirbheis dà-sheachdaineil. Cuir air solais nà fèise ann am meadhan baile Dalgeddie.
<b>Disathairne</b>	Madainn Feasgar  Oidhche	Fritheil suirdsearaidh gus coinneachadh ri luchd-taghaidh agus cluinntinn mu na duilgheadasan aca. Leugh a h-uile litir agus post-d a tha an luchd-cuideachaidh agam air a shineadh thugam aig ofis na roinn-phàrlamaid. Àm teaghlach!
<b>Didòmhnaich</b>	Madainn Feasgar Oidhche	Tadhail air an làrach ball-coise ùr aig Rovers FC. Caith beagan üine còmhla ris an teaghlach agus ri caraidean. Caith beagan üine còmhla ris an teaghlach agus ri caraidean.

## Stiùbhart Dòmhnaillach BP airson Comar nan Allt, Cill Saidh agus Cathair Ceann Tulaich an Ear

'S e Stiùbhart Dòmhnaillach am BP airson Comar nan Allt, Cill Saidh agus Cathair Ceann Tulaich an Ear. 'S e neach-labhairt PNA air Inimrich, Comraich agus Crìochan agus bha e na bhalla de Chomataidh Thaghte Cùisean na Dùthcha.

Chaidh Stiùbhart a thogail san roinn-phàrlamaid, ann am Baile Mhuilinn Chamais agus chaidh e gu Bun-sgoil Cheann na Creige agus Acadamaidh Chill Saidh. An uair sin thug e a-mach ceum ann an lagh aig Oilthigh Dhùn Èideann agus rinn e trèanadh agus obair ann an dreuchd an lagh fad ochd bliadhna, sa phrìomh-bhaile agus ann an Glaschu: an toiseach san roinn phrìobhaidich, an uair sin aig an NHS, agus mu dheireadh san treas roinn (buidhnean saor-thoileach agus coimhearsnachd) mar neach-lagha chòraichean daonna.

Ann an 2009 ghluais Stiùbhart gu poilitigs, na neach-rannsachaidh do Shirley-Anne Somerville BPA agus an uair sin do Sheumas Eadie BPA ann am Pàrlamaid na h-Alba. À seo fhuair e dreuchd Ceannard an Fhiosrachaiddh aig Bu Chòir Alba tro iomairt an referendum. Mu dheireadh bha Stiùbhart ag obair na oifigear pàrlamaid agus



**Figear 3.1** Stiùbhart Dòmhnaillach BP

chùisean poblach dhan Cho-bhanntachd airson Co-ionannachd Cinnidh is Chòraichean.

Tha Stiùbhart fhathast a' fuireach san roinn-phàrlamaid, bidh e a' cur taic ri ball-coise ionadail agus 's toigh leis a bhith a' cumail fallain.

## LEABHAR-LATHA MAS-FHIOR: STIÙBHART DÒMHNALLACH BP

Diluain	7.30m	Eist ri prògram Today air BBC Radio 4 no Radio Scotland agus leugh pàipearan an latha.
	9m	A' dol gu ofis na roinn-phàrlamaid gus sùil a thoirt air puist-dealain agus ullachadh a dhèanamh airson na tha air thoiseach orm tron latha.
	10.30m	Plèan gu Lunnainn bho Phort-adhair Ghlaschu (chaith mi Dihaoine-Didòmhnaich san roinn-phàrlamaid agam).
	12.30f	A' dol gu direach dhan Phàrlamaid bhon phléan agus a' toirt sùil cait a bheil mo cheistean.
	1f	A' coinneachadh ri buidheann Àrd-sgoile bhon roinn-phàrlamaid agam a bha ag iarraidh furas mu chuairt na Pàrlamaid.
	1.30f	A' cur m' ainm ri riaghaitt dheich-mionaidean airson co-obraiche.
	1.45f	A' bruidhinn ris na meadhanan - a' dèanamh agallamh fòn cuide ri Cumbernauld News mu bhith a' leasachadh làrach eachdraidheil Taigh Chomar nan Allt
	2f	Àm cheistean obair is Peirnearan - cuir ceist air Rùnaire na Stàite mu pheirnearan na roinn phoblaich.
	4f	A' coinneachadh ri buidheann iomairt agus carthannais Age UK gus beachdachadh air cuspairean peirnearin.
	6f.	A' coinneachadh ri Partaidh Pàrlamaideach nan Làbaraich; a' faighinn cuip na seachdain.
	7f	An dùil tagradh a chur a-steach gu Comataidh nam Beingean Cùil ach chaidh seo a chur dheth mar thoradh air cuip thri-loidhne air planaichean an riaghaltais Bile Ath-leasachaидh nan Sochairean a chur troimhe aig tearbadh. Chan eil cead aig duine seo a sheachnadh.
	8.30f	A bhith an làthair aig deasbad sgaoilidh sa Phàrlamaid far am bi mi a' dèanamh òraid.
	10f	A' cur crioch air m' obair airson an latha agus a' dol air ais dhan flat agam an Lunnainn gus ullachadh a dhèanamh airson an latha a-màireach sa Phàrlamaid.



## Seall do thuigse

- 1 Ciamar a bhios BP gan taghadh agus cia mheud bliadhna a bhios iad san dreuchd gus am bi taghadh eile ann?
- 2 Thoir cunntas air dreuchd BP.
- 3 Cò dha a bhios BP ag obair?
- 4 Dè tha an abairt 'deamocrasaидh riochdachaidh' a' ciallachadh?
- 5 Dèan sgrùdadh air leabhar-latha Stiùbhart Dhòmhnaill BP a tha ri fhaicinn air td65.
  - (a) Ann an dithisean, thigibh gu co-dhùnadh mu na trì gnìomhan as cudromaiche a tha sibh a' smaoineachadh a tha ri dhèanamh. Thoiribh adhbharan airson ur beachdan. Dèanaibh le chèile liosta fa leth dhiubh.
  - (b) Ann an dithisean, thigibh gu co-dhùnadh mun chuspair **ionadail** as cudromaiche agus an cuspair **nàiseanta** as cudromaiche, agus thoiribh adhbharan airson ur beachd. Sgrìobhaibh ur beachdan fa leth.

## Obair BP anns a' Phàrlamaid

Tha iomadh uallach air BP nuair a tha iad sa Phàrlamaid. Tha cuid dhen obair a tha cha mhòr riatanach, ach tha cuid eile a tha an urra ris na BP fhèin. Leigidh seo le BP an aire a chumail air na cuspairean sònraichte a tha a' toirt buaidh air an luchd>taghaidh aca, agus cuideachd na cuspairean anns a bheil ùidh aig na BP fhèin.

### Obair Taigh nan Cumantan

Gu ère mhòr is e seòmar deasbaid a th' ann an Taigh nan Cumantan, agus mar sin bidh an obair a nì BP a' tachairt ann an grunn dheasbadan. Le bhith a' deasbad, bheir sin cothrom do BhP an dleastanas a dhèanamh ann a bhith a' sgrùdadh (a' coimhead gu mionaideach) obair an riaghaltais, agus bheir e cuideachd cothrom dha na BP cuspairean a thogail a tha cudromach dhan luchd>taghaidh aca.

### A' bhòtadh anns an Taigh nan Cumantan

Is dòcha gur e an dleastanas as cudromaiche a th' aig BP a bhith a' bhòtadh ann an seòmar Taigh nan Cumantan. Is ann aig an àm seo, às dèidh Bile a chruthachadh, a bhios BP a' tighinn gu co-dhùnadh mu lagh ùr a thoirt a-steach le bhòtadh fa leth 'airson'

no 'an aghaidh'. Bidh iad a' tighinn gu co-dhùnadh gu h-oifigeil às leth na roinn-phàrlamaid aca; ach, bidh mòran dhaoine is bhuidhnean eadar-dhealaichte a' toirt buaidh air BP agus, mar sin, cha bhi an co-dhùnadh seo an-còmhnaidh simplidh. Bidh BP mar as trice a' bhòtadh mar a bhios am partaidh aca a' moladh dhaibh.

### Deasbadan sgaoilidh

Gach latha bidh deasbadan san t-seòmar. Bheir seo cothrom do BhP a bhith mar 'ghuth' nan daoine. Bidh an Labhraiche a' cumail smachd air na deasbadan. Is e BP a tha san Labhraiche a thèid a thaghlas na BP eile gu bhith a' cumail smachd air an t-seòmar. Cha bhi BP a' faighinn gealltanás sam bith gun teid an cluinntinn ann an deasbad sgaoilidh 's feumaidh iad feuchainn ri sùil an Labhraiche a ghlacadh le bhith a' seasamh nuair a nochdas cothrom, no a bhith a' smèideadh le pàipearan. Gu math tric, is ann anmoch a dh'oidhche a bhios deasbadan sgaoilidh gan cumail, oir cha bhi a' Phàrlamaid a' sgur gach Diluain is Dimàirt gu 10.00f. Tha iad sin aithnichte mar deasbadan sgaoilidh Deireadh Latha.



**Figear 3.2** BP a' deasbad ann an Taigh nan Cumantan

### Àm nan Ceistean

Is e Àm nan Ceistean 's dòcha an gnothach as ainmeile anns am bi BP a' gabhail pàirt: gheibh BP cothrom ceist a chur air ministear riaghaltais mun roinn aca. Is e BP a th' anns na ministearan riaghaltais a bhios am priomhaire a' taghadh gu bhith a' riaghladh roinn den riaghaltas, agus bidh na ministearan aca fhèin aig priomh roinnean leithid Slàinte, Dion agus an Árainneachd. A rèir ròta, bidh aig gach ministear ri ceistean a fhreagairt a chuireas BP air adhart airson eadar 30 is 60

mionaid. Gheibh BP sgrùdadadh a dhèanamh air co-dhùnaidhean ministearan an riaghaltais. Tha riaghailtean a thaobh ceistean a chur a-steach and thèid a' mhòr-chuid dhiubh 'fhaicinn' ro-laimh gus cothrom a thoirt dhan mhinistear freagairt ullachadh. Taghaidh Labhraiche Taigh nan Cumantan na ceistean. Leis nach eil mòran ùine ann airson nan deasbadan sin, cha tèid a' mhòr-chuid de na ceistean a chur dhan deasbad. An àite sin gheibh iad freagairt sgrìobhte.

Tha Àm Cheistean a' Phrìomhaire ann gach Diciadain. Thèid am priomhaire a cheasnachadh le BP air ire coileanaidh an riaghaltais. Dh'fhaodadh gun tèid faighneachd ciamar a làimhsicheas an riaghaltas cùisean a tha a' tachairt san t-saoghal, mar còmhstrithean, gort 's bochdainn. Faodaidh mar a làimhsicheas an riaghaltas diofar thachartasan buaidh a thoirt air an ire chun an gabh an sluagh riutha. Aithnichear an deasbad seo cuideachd mar PMQs (*Prime Ministers Questions*) agus is e seo mar as trice a tharraingeas an aire as mothà dhen h-uile gnothach ann an Taigh nan Cumantan. Thuirt am Priomhaire Dàibhidh Camshron gur e PMQ 'an rud as mi-thlachdmhoire a dh'fheumas mi a dhèanamh gach seachdain' agus gu bheil e 'nàimhdeil, farpaiseach agus gu math duilich sin atharrachadh mura h-eil thu airson leigeil leis an taobh eile do phronnadh gu tur'. Bha Gördan Brown a bha roimhe na Phrìomhaire air fhaicinn mar neach air an robh dìth comais aig àm PMQ, agus thug seo buaidh air a' cheannas aige.

### Freagairtean sgrìobhte

Is dòcha gur e Freagairtean Sgrìobhte an dòigh as trice a tha air a chleachdad, ach air nach eil mòran aithris, anns an riochdaich BP an luchd-taghaidh. Seo am pròiseas a leigeas le BP ceist a sgrìobhadh gu roinn dhen riaghaltas mu chuspair air a bheil smachd aca. Faodaidh BP sgrìobhadh gu Rùnaire na h-Àrainneachd air beachdan an riaghaltas mun bhuaidh àrainneachdail a bhiodh aig togail port-adhair ùr. Bhiodh dùil aig a' BP ri freagairt sgrìobhte ann an 7 latha. Seo mar as trice an dòigh a chleachdas BP airson an riaghaltas a sgrùdadadh agus/no an luchd-taghaidh aca a riochdachadh.



**Figear 3.3** Àm Cheistean a' Phrìomhaire

### Comataidhean

Bidh a' mhòr-chuid de BhP nam buill comataidh ann an Taigh nan Cumantan. Bheir seo cothrom dhaibh sgrùdadadh a dhèanamh, 's buaidh a thoirt, air raon sònraichte no cuspair air am bi an riaghaltas a' tighinn gu co-dhùnad. Bidh a' mhòr-chuid de chomataidhean gan cothromachadh a rèir a' chumhachd ann an Taigh nan Cumantan; mar sin, ma tha fior mhòr-chuid aig an riaghaltas, bidh mòr-chuid de BhP aca air a' chomataidh.

Dh'fhaodadh seo casg a chur air èifeachdas na comataidh ann a bhith a' cumail dùbhlan ris a' phròiseas co-dhùnaidh. Tha grunn chomataidhean ann a bhios a' coimhead ri diofar chuspairean.

### Comataidhean taghte

Tha comataidh thaghte aig a h-uile roinn dhen riaghaltas a bhios a' dèanamh sgrùdadadh air an obair aca. Bidh a' chomataidh a' tional fianais sgrìobhte, a' cumail agallamhan ri eòlaichean 's a' cur cheistean air fianaisean. Bheir iad an uair sin na co-dhùnaidhean aca gu Taigh nan Cumantan. Tha cumhachd aca toirt air fianaisean, nam measg BP eile, tighinn fon comhair, no pàipearan fhoillseachadh a chuidicheas an sgrùdadadh aca. Thèid BP a thaghadh le co-bhull dhen phartaidh gu bhith air comataidh thaghte. Is e seo aon phrìomh dhòigh san urrainn BP sgrùdadadh a dhèanamh air an riaghaltas.

### Comataidh nam bilean poblach

Bidh na comataidhean ag obair coltach ris na comataidhean thaghte oir 's urrainn dhaibh fianaisean a ghairm 's fianais sgrìobhte a thional. Is e prìomh dhleastanas na comataidh a bhith a' leasachadh agus a' sgrùdadadh bhilean a tha an riaghaltas a' dealbh gus a' bhuaidh a dh'fhaodadh

## Sgrùdadh cùise: Comataidh thaghte air briseadh a-steach gu fònaichean

Ann an 2011, chùm Comataidh Thaghte a' Chultair, nam Meadhanan agus an Spòrs rannsachadh mu chasaidean an aghaidh pàipearnaidheachd an *News of the World* gun robh iad, thar grunn bhliadhnaichean, air a bhith a' briseadh a-steach do bhrathan-guth luchd-poilitigs, daoine ainmeil agus rionnagan spòrs. Bhathar an dùil gun deach briseadh a-steach dha na fònaichean aig daoine ainmeil leithid Charlotte Church, a' bhana-chleasaiche Sienna Miller agus an t-eòlaiche follaiseachd Max Clifford fad na h-ùine seo. Air a' chomataidh, air an robh am BP Consearbhatach Iain Whittingdale na chathraiche, bha naoi BP eile.

Ghairm a' chomataidh air neach-seilbh an *News of the World* Rupert Murdoch, a mhac Seumas Murdoch agus àrd-oifigeir a' phàipeir Rebekah Brooks dhan ionnsaigh. B' ann aig aon de na coinneamhan sin a thug neach-iomairt, leis an ainm Jonnie Marbles, ionnsaigh air Rupert Murdoch le paidh cop, a dh'adhbhraich sgrùdadh mòr tèarainteachd. Dh'èigh an neach-iomairt gun robh Rupert Murdoch mar 'bhilleanair crosta', a' nochdadh nach robh e ag aontachadh ris na cleachdaidhean briseadh-fòn a chaidh a chur às leth na companaidh aige.

Às dèidh cluinntinn bho na trì fianaisean, a thug

a bhith aca mar reachdas a mheasadh. Cuiridh iad aithisg gu Taigh nan Cumantan mus tig BP gu co-dhùnadhar am bu chòir a thoirt gu bhith na reachdas.

**Comataidh gnothachas nam beingean cùil**  
Thòisich a' chomataidh seo às dèidh taghadh coitcheann 2010. Tha cumhachd aca àite a ghleidheadh airson deasbad ann an Taigh nan Cumantan no an Talla Westminster. Tha uallach orra airson làrach-lìn athchuingean-e an riaghaltais: ann an athchuinge-e, faodaidh neach sam bith bhon phoball cuspair a thogail, agus ma gheibh an athchuinge barrachd air 100,000 ainm-sgriobhte, curidh a' chomataidh deasbad air dòigh le BP.



**Figear 3.4** Thug neach-togail fianais ionnsaigh air Murdoch nuair a bha e a' toirt fianais aig rannsachadh comataidh thaghte

a-steach ceasnachadh air leth làdir bhon BHP Làbarach Tom Watson, chaidh innse gun deach briseadh a-steach do bhrathan-guth an sgoileir Millie Dowler, a chaidh a mharbhadh ann an 2002, agus gun deach èisteachd ris na teachdaireachdan aice fhad 's a bha i air chall, a thug dòchas meallta dha a pártan agus dha na poilis gun robh i fhathast beò. Mar thoradh air an rannsachadh, chaidh an *News of the World* à bith agus chaill Rebekah Brooks a dreuchd. Mhol a' chomataidh do Thaigh nan Cumantan gum bu chòir rannsachadh laghail a chumail air eitigs nam meadhanan. Chaidh seo ainmeachadh mar Sgrùdadh Levison, a rinn molaidhean farsaing, nam measg a bhith a' cruthachadh buidheann neo-eisimeileach gus sùil a chumail air inbhean

Thachair seo san Dàmhair 2011, nuair a chuir 139,000 an ainm-sgriobhte ri athchuinge-e ag iarraidh air BP cùisean mu thubaist Hillsborough ann an 1989 far an deach 96 de luchd-taic Club Liverpool a mharbhadh mar thoradh air dìth smachd sluaigh, a dheasbad.

### Gníomh ICT

Rach gu <http://epetitions.direct.gov.uk/>.

Thoir sùil air cuid de na h-athchuingean a tha fosgailte an-dràsta. Cuimhnich ma thogas athchuinge barrachd air 100,000 ainm-sgriobhte gum feum an riaghaltas freagairt a thoirt seachad.

## Gluasadan mochthrath

Is e molaidhean fairmeil a th' ann an Gluasad an Mochthrath (Early Day Motions: EDMs) a thèid air adhart airson deasbad ann an Taigh nan Cumantan. Tha EDM airson aire a tharraing gu beachdan BhP fa leth, no gu tachartasan no iomairtean sònraichte, agus sealltann gu bheil taic phàrlamaideach aig adhbhar no beachd sònraichte. Ged nach eil mòran teansa gun tèid EDM a dheasbad, bidh mòran a'

tàladh fior àuidh am measg a' phobaill agus, mar thoradh air an sin, a' faighinn foillseachadh anns na meadhanan. Tha tiotal goirid air gach EDM, mar eisimpleir, 'Inbhe Biadh Sgoile', agus seantans de suas ri 250 falal a' toirt cunntas air a' għluasad. Ann an seisean àbhaisteach cha bhi ach sia no seachd EDMs a' faighinn còrr is 200 ainm-sgrìobhte. Bidh eadar 70 agus 80 a' faighinn còrr is 100 ainm. Chan fhaigh a' mhòr-chuid ach ainm no dhà.

## Gluasadan mochthrath

### Tiotal an EDM: An Ceann-suidhe Trump a' tadhla air a' Phàrlamaid

### Ceann-là an EDM: 30 Faoilleach 2017

**Teacs a an EDM:** Gu bheil an Taigh seo a' meas gu bheil na rudan a rinn Ceann-suidhe nan SA, Dòmhnull I. Trump, o chionn ghoirid, maslach; mar eisimpleir an t-Orduġ-gniomha aige air In-imrichean agus Luchd-siridh Comraich, agus gu sònraichte a bheachdan air ciùrradh agus air boireannaich; a' toirt gu aire a' bhrigh agus an t-urram a tha gu h-eachdraidheil an lùib cuireadh òraid a dhèanamh ann an dà Thaigh na Pàrlamaid ann an Talla Westminster no ann an àite eile ann an Lùchairt Westminster; agus ag iarraidh air an Labhraiche, air Labhraiche nam Morairean, air Black Rod agus air an oifigear-riaghlaidh gun chead a thoirt dhan Riaghaltas airson òraid leis a' Cheann-suidhe Trump ann an Talla Westminster, no ann an àite eile ann an Lùchairt Westminster.

**BP:** Steafan Doughty BP airson Cardaf a Deas.

### Ainmean-sgrìobhete: 206



**Figear 3.5** Ceann-suidhe nan SA, Dòmhnull Trump

### Tiotal an EDM: An aois bhòtaidh isleachadh gu 16

### Ceann-là an EDM: 26 Ògmhios 2017

**Teacs a an EDM:** Gu bheil an Taigh seo a' toirt fainear gum faod daoine 16 bliadhna pòsadh agus compàirteachas catharra a dhèanamh, cisean cosnaidh agus àrachas nàiseanta a phàigheadh, sochairean sòisealta fhaighinn companaidh a stiùireadh, gabhail ri leigheas meadaigeach, agus gabhail dha na feachdan armaichte, partaidh poilitigeach no aonadh-ciùird; a' creidsinn gum bu chòir daoine òga cothrom fhaighinn an comasan a choileanadh agus páirt a ghabhail sa chomann-shòisealta, a' gabhail a-steach a bhith a' dol an sàs ann am poilitigs is co-dhùnaidhean deamocratach; gur e 16 an aois bhòtaidh ann an Argentina, an Ostair, Brasil, Ciùba, Ecuador, Guernsey, Eilean Mhanainn, Jersey, agus Alba; cuideachd gu bheil Achd na Cuimrig 2017 a' toirt cumhachd do Sheanadh na Cuimrig an aois bhòtaidh isleachadh; a' smaoineachadh, leis gu bheil iad dhen chiad ghinealach a fhuair foghlam air saoranachd, gu bheil an 1.5 millean de dhaoine 16 agus 17 bliadhna san RA a cheart cho eòlach agus comasach air bhòtadh 's a tha inbhich òga eile; agus ag iarraidh air an Riaghaltas èisteachd ri daoine a tha 16 agus 17, a thaobh an àm ri teachd, le reachdas a leagas aois bhòtaidh ann an taghaidhean nàiseanta agus ionadail agus referenda gu 16 cho luath 's a ghabhas.

**BP:** Caroline Lucas BP airson Brighton Pavilion, Partaidh Uaine

### Ainmean-sgrìobhete: 87

## Bilean bhall priòbhaideach

Tha cothrom aig BP nach eil sa chaibineat bilean a chur air adhart. Sin bilean bhall priòbhaideach (Private Members' Bills: PMBs). Is ann ainneamh a thèid na bilean sin gu na h-ìrean as fhaide dhen phròiseas reachdail; ach, tha iad cudromach ann an obair BP. Is dòcha gur e am bile as ainmeile bho bhall priòbhaideach a thàinig gu bhith na reachdas Achd a' Mhuirt 1965, a chuir às dhan pheanas bàis anns an RA.

Faodar bilean bhall priòbhaideach a thoirt air adhart ann an 3 dòighean. Aig toiseach bliadhna na pàrlamaid thèid 20 tagradh airson PMB a thaghadh air thuaiream airson an deasbad le Taigh nan Cumantan fad latha. Mura tèid bile BP a thaghadh, bidh cothrom a thoirt air adhart mar bhile

**Riaghait Deich Mionaidean**, a leigeas le BP bruidhinn airson suas ri 10 mionaidean mun chuspair a tha sa bhive gus faighinn a-mach am biodh ùidh aig daoine anns na planaichean aca. Mu dheireadh, faodar bile priòbhaideach a thoirt air adhart le taisbeanadh do Thaigh nan Cumantan. Faodaidh BP sam bith seo a dhèanamh le fios ro-làimh; ach, cha bhi mòran ann aig an àm seo leis gur ann air Dihaoine a thèid iad air adhart, nuair a bhios a' mhòr-chuid de BhP air tilleadh dha na roinnean-pàrlamaid aca.

A rèir rannsachadh bhon *Guardian*, bha coltachd 94% gum faigheadh bile riaghaltais Aonta Rìoghail (faic td78). Airson bilean bhall priòbhaideach, b' e dìreach 11% a' choltachd. Le sin tha e ochd tursan nas coltaiche gun tèid bilean riaghaltais dhan lagh.

## Anns na roinnean-pàrlamaid

Tha dleastasan an aig BP ri choileanadh nuair a tha iad anns na roinnean-pàrlamaid aca. Tha e air leth cudromach gun coilean iad uiread 's as urrainn dhaibh de dhleastasan anns na roinnean-pàrlamaid aca oir, aig a' cheann thall, aig taghadh coitcheann, is e na daoine anns an roinnean-pàrlamaid aca aig a bheil cumhachd an taghadh a-rithist agus an cumail ann an dreuchd.

### A' frithealadh coinneamhan

Bidh BP a' coinneachadh ri mòran anns na roinnean-pàrlamaid. Bidh Comhairlichean,



## Seall do thugse

- 1 A thaobh na liosta a leanas de dh'obair ann an Taigh nan Cumantan, mìnich airson gach fear:
  - (a) mar a dh'fhaodadh BP an luchd-taghaidh aca a riochdachadh **agus**
  - (b) an t-adhbhar gu bheil crìochan air cho èifeachdach 's a tha iad ann a bhith a' dèanamh sgrùdadh air an riaghaltas.
    - i A' bhòtadh air bile
    - ii Deasbadan sgaoilidh
    - iii Àm nan Ceistean
    - iv Comataidhean
    - v Bilean bhall priòbhaideach
- 2 Thoir cunnas air obair chomataidhean a tha ann airson BP ann an Taigh nan Cumantan.
- 3 Leugh a' Chùis Sgrùdaidh: Comataidh thaghte briseadh a-steach nam fònaichean. Mìnich mar a chleachd a' chomataidh na cumhachdan aca 's a' bhuaidh a bha aig an seo air na meadhanan.
- 4 Mìnich na dòighean anns am bi BP a' cleachdadh na Riaghait Deich Mionaidean.
- 5 Thoir mìneachadh goirid air dòighean san urrainn BP am beachdan a chur an cùill sa Phàrlamaid agus air bacaidhean a dh'fhaodadh a bhith orra.

### Leudaich

- 6 Rach gu <http://calendar.parliament.uk> agus dèan notaichean air na chaidh air adhart sa Phàrlamaid san t-seachdain a dh'fhalbh.


buidhnean ionadail agus buidhean iomairt airson coinneachadh ri BP, an dòchas gum bi iad air chomas cuspair a thogail aig àrd ire dhen riaghaltas. Aig an aon àm, bidh BP airson coinneachadh ris na buidhnean sin mu na cuspairean a tha a' toirt buaidh air daoine anns na roinnean-pàrlamaid aca. Bidh iad airson coinneachadh ri comhairlichean mu chuspairean a thàinig a-mach à conaltradh cuide ri luchd-taghaidh ann an litrichean, puist-dealain, lionraidhean sòisealta no coinneamhan. Bidh iad a' coinneachadh ris na daoine sin gus bruidhinn mu dhiofar chuspairean, leithid an àrainneachd ionadail agus atharrachaidhean a thathas airson a dhèanamh ann an sgìrean ionadail. Dh'fhaodadh gum bi buidheann iomairt airson feuchainn ri ìmpidh a chuir air BP cuspair a thogail no taic phoblach fhaighinn bhon BhP dhan iomairt aca.

## Tadhail agus tachartasan sòisealta

Bidh mòran bhuidhnean a' faicinn BP mar aoigh le inbhe. Is dòcha gun caith BP ùine aig tachartasan – mar gniomhachas ùr a' fosgladh no aig cuirm dhuaisean. Bithear tric a' foillseachadh nan tachartasan anns na meadhanan ionadail. Bidh BP tric a' toirt iomradh mionaideach air tachartasan anns na bileagan a thèid gu luchd-taghaidh. Bheir seo cothrom do BhP an ìomhaigh fhèin a thogail anns na sgìrean-pàrlamaid agus sealltann gu bheil iad a' riochdachadh an luchd-taghaidh aca gu lèir.

## Coinneamhan a' phartaiddh ionadail

Bidh BP bho àm gu àm a' coinneachadh ri buill a' phartaiddh ionadail gus beachdachadh air cuspairean a bhios a' dèanamh dragh dhan phartaiddh air fad. Bheir am BP am fiosrachadh seo air ais gu ceannas a' phartaiddh. Tha e fior mun mhòr-chuid de BhP gur e buill a' phartaiddh ionadail a thaghlas iad mar thagraiche aig an ath thaghadh coitcheann. Mar sin feumaidh BP taic nan daoine.



**Figear 3.6** Dilectanasan BP anns na roinnean-pàrlamaid

## Na meadhanan ionadail

Airson ìomhaigh mhath anns na roinnean-pàrlamaid, bidh BP a' nochdadhl anns na pàipearan no air Tbh is rèidio ionadail. Tha seo a' cumail aire luchd-bhòtaidh air obair BP. Bidh BP a' tarraing aire gu cuspairean agus carthannasan ionadail le bhith a' cleachdadhl nam meadhanan agus a' cur nam beachdan aca an cèill mu na cuspairean sin. Mura cleachd BP na meadhanan gu h-èifeachdach dh'fhaodadh seo milleadhl a dhèanamh air na cothroman aca a bhith air an ath-thaghadh.



**Figear 3.7** Bidh BP a' cur seachad leth na seachdain aca anns na sgìrean-pàrlamaid aca

## Seall do thuigse

- 1 Carson a tha e glè chudromach gum bi BP an sàs anns nas urrainn de dhleastanasan anns na sgìrean-pàrlamaid aca?
- 2 Mìnich dè cho cudromach 's a tha gach fear de na dleastanasan a leanas anns am bi BP an sàs:
  - (a) a' frithealadh choinneamhan
  - (b) a' tadhail air tachartasan sòisealta
  - (c) a' frithealadh choinneamhan ionadail
  - (d) a' nochdadhl air na meadhanan ionadail

Airson gach dleastanas thoir dà eisimpleir gus taic a thoirt dha do fhreagairt.

## Cothroman do luchd-taghaidh airson conaltradh ri BP

Bidh mòran conaltraidh eadar BP agus an luchd-taghaidh aca. Bidh sin a' toirt a-steach litrichean a chaidh a chur gu Westminster no gu oifis na sgìre-phàrlamaid aca; bidh BP an-còmhnaidh a' faighinn phuist-dealain gu seòladhl post-d na h-oifis aca; agus tha a' mhòr-chuid de BP a-nis a' conaltradh cha mhòr gach latha cuide ri luchd-taghaidh tro lònraidhean sòisealta leithid Twitter, Facebook agus LinkedIn.

Tha sgioba bheag de luchd-obrach aig BP aig oifis na sgìre-phàrlamaid aca a bhios a' cur litrichean is puist-dealain òrdugh priomhachais. Leigidh seo le BP cumail suas ri tachartasan a tha a' dol air adhart san sgìre-phàrlamaid aca agus ceistean a fhreagairt fhad

's a tha iad a' siubhal. Bidh BP mhath a' feuchainn ri freagairt cho luath 's a ghabhas.

### Suirdsearaidhean

Bidh BP a' tadhal air sgìrean dhen sgìre-phàrlamaid airson clionaig comhairle ris an canar suirdsearaidh, a bhios mar as trice air a chur air dòigh aig àm sònraichte aon uair san t-seachdain. Chan fheum luchd>taghaidh ri uair a chomharrachadh agus faodaidh iad a dhol ann gus uallaichean a thogail gu dìreach ris a' BhP aca. Dh'fhaodadh na h-uallaichean sin a bhith mu chuspairean ionadail no nàiseanta.

### Gníomh ICT

Faigh a-mach a bheil cunntas Facebook, Twitter no lònra sòisealta eile aig a' BhP agad. Thoir sùil agus faic dè tha iad a' dèanamh san sgìre-phàrlamaid agad agus anns a' Phàrlamaid.



**Joanna Brown** @joannabrownMP

Suirdsearaidh ann an Dalgeddie: gainnead obraichean, peinnseanan, dol a-mach mì-shòisealta, planaichean airson port-adhair ùr & maoineachadh airson oilthigh [#trangtrang](#)



**Joanna Brown** @joannabrownMP

9.00m air Rèdio mu chìsean air biadh le cus saill. Dè do bheachd? Am bu chòir cìs nas àirde a bhith air biadh mì-fhallain?



**Joanna Brown** @joannabrownMP

@dalgeddieboy @bobtheplumber Ag aontachadh gum feum sinn sùil a thoirt air spionadh dhan eaconamaidh is do ghnìomhachasan beaga. Cuiridh mi fios gu rùnaire a' ghnìomhachais a thaobh nam planaichean aige agus thig mi air ais thugad.



**Joanna Brown** @joannabrownMP

Deagh latha a' tadhal air Bun-sgoil Dalgeddie. Thog sgoilearan cuspairean mun referendum air neo-eisimeileachd, goireasan spòrs ionadail agus rothaireachd. #BPrteachd



**Joanna Brown** @joannabrownMP

Fhuair mi mi-fhìn a-steach gu bhith a' toirt seachad dhuaisean nan sgoilearan @ Bun-sgoil Dalgeddie



**Figear 3.8** Feumaidh BP strì ri mòran iarrtasan!

### Dè na dùblain a tha ro BP?

Is e prìomh dhleastanas BP luchd>taghaidh a riochdachadh. Bidh cuideam a' tighinn orra bho iomadh taobh agus feumaidh iad dèiligeadh ri sin. Tha BP cunntachail dhan phartaidh ris a bheil iad co-cheangailte. Feumaidh iad dèanamh cinnteach gu bheil dàimh mhath aca ris na meadhanan ionadail is nàiseanta, agus ri buidhnean iomairt ionadail is nàiseanta. Feumaidh iad cothromachadh eadar am beatha-obrach agus ùine còmhla ris an teaghlaich agus na caraidean aca.

Bidh BP gu tric a' faighinn a-mach nach eil e air chomas dhaibh a h-uile duine a riarachadh agus, mar sin, feumaidh iad na co-dhùnaidhean aca a rèiteachadh gu faiceallach, às dèidh dhaibh beachdachadh air na diofar iarrtasan sin.

### Luchd-taghaidh ionadail

Is e an luchd-taghaidh a bhios a' bhòtadh do BP is feumaidh iad na sgìrean aca a riochdachadh gu math. Mura bidh iad ag obair dhan luchd-taghaidh, 's dòcha gun caill iad an obair oir bhòtaidh daoine do chuideigin eile aig an ath thaghadh coitcheann.

### Partaidhean polaitigeach

Tha a' mhòr-chuid de BP co-cheangailte ri partaidh polaitigeach. Thagh am partaidh iad agus thug am partaidh taic ionmhais dhan iomairt aca. Tha dùil gun toir iad taic do phoileasaidhean a' phartaidh.

A bharrachd air an sin, ach a-mhàin ann an suidheachaidhean neo-àbhaisteach, tha fios aig tagraichean gum bi mòran de luchd-bhòtaidh a' bhòtadh dha partaidh polaitigeach ge bith cò an tagraiche a tha ann. Gu dearbh, cha bhith fios aig mòran de luchd-bhòtaidh cò na tagraichean a tha aca ach bidh iad a'bhòtadh airson partaidh polaitigeach

## Gníomh ICT

Mar a chunnaic sinn, feumaidh BP beachdachadh air mòran fheartan eadar-dhealaichte ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh. Cleachd làrach-lìn foghlam Pàrlamaid na RA airson geama a sgrìobhadh leis an ainm 'BP airson seachdain'.

- 1 Theirig gu [www.parliament.uk/education/teaching-resources-lesson-plans/mp-for-a-week-game](http://www.parliament.uk/education/teaching-resources-lesson-plans/mp-for-a-week-game).
- 2 Cuir an geama air dòigh agus tòisich a' dèanamh nan gníomhan.
- 3 Cùm leabhar-latha airson gach latha, le mion-fhiosrachadh mu thrì gníomhan a rinn thu agus na co-dhùnайдhean a rinn thu. Thoir iomradh air an ère gu bheil barrachd no nas lugha meas aig daoine ort agus mìnich carson.
- 4 Nuair a chuireas tu crìoch air a' gheama, sgrìobh co-dhùnadh a thaobh meas.

airson na geallaidhean a tha anns a' mhanifesto aca a thoirt gu buil. Tha seo a' ciallachadh gu bheil BP ag aithneachadh gu feum am partaidh polaitigeach aca buaidh mhòr a thoirt air na co-dhùnайдhean gun tig iad ag ère ionadail agus nàiseanta.

### *Am partaidh polaitigeach ionadail*

Feumaidh BP dèanamh cinnteach gun dèan iad an obair aca san sgìre-phàrlamaid aca a rèir mar a tha

## Feumaidh Brown co-dhùnadh

Is e seachdain chudromach a tha seo dhan BhP Joanna Brown. Tha Dalgeddie air fulang mar thoradh air a' chrionadh san eaonamaidh. Tha cioncosnaidh ag èirigh agus tha mòran theaghlaichean ann an duilgheadas oir tha cosgaisean ag èirigh. Tha partaidh polaitigeach Brown a-nis ann an ùghdarris agus bha e sa mhanifesto aca piseacha a thoirt air lionra adhair na RA. Tha iad a' beachdachadh air port-adhair ùr a thogail ann an sgìre Dalgeddie.

Chuireadh mòran de luchd-taghaidh failte air port-adhair anns an sgìre. Tha Rùnaire na Còmhdaileil a' dèanamh a-mach gun deidheadh suas ri 800 cosnadh a chruthachadh san sgìre ann an obair togail is seirbheis. Chuireadh seo stad air cion-cosnaidh san sgìre agus bheireadh e spionnad dhàn eacnamaidh ionadail oir thàlaidheadh port-adhair barrachd ghnìomhachasan dhàn sgìre. Bidh partaidh Brown an dùil gun toir i làn-thaic do na molaidhean aca.

Ach, tha cunnart ann gun caill Brown mòran taic oir gheall i gu poblach do luchd-taghaidh a thuirt gum bu chòir sgìre Dalgeddie a dhòn leis gun d' fhuaire iad duais airson ionad bheathaichean fiadhaich. Cuideachd,

## Seall do thuigse

- 1 Dè na nithean a tha a' toirt buaidh air BP nuair a nì iad co-dhùnadh?
- 2 Carson as e riochdachadh an luchd-taghaidh an obair as cudromaiche do BhP?
- 3 Thoir dà adhbhar airson gum biodh BP ag iarraidh a bhith na bhall de phartaidd polaitigeach.
- 4 'Tha fios aig BP gur e am prìomh adhbhar a chaidh an taghadh, am partaidh dham buin iad.' Dè cho mòr's a tha thu ag aontachadh ris a' chunntas seo?
- 5 Leugh am Faidhle Fiosrachaидh air cuipean partaidh air an ath dhuilleig.
  - (a) Dè na dòighean sam b' urrainn cuipean partaidh buaidh mhòr a thoirt air cùrsa-dreuchd BP?
  - (b) Mìnich mar a bhios cuipean partaidh ag innse na tha am partaidh ag iarraidh.

buill a' phartaidd ionadail a' miannachadh. Bidh iad a' coinneachadh gu tric ri buill ionadail gus beachdan a' phartaidd a thoirt a-steach agus gus co-dhùnadh dè bu chòir a dhèanamh. Tha BP ag aithneachadh mar a tha iad a' tighinn faisg air an ath thaghadh coitcheann gur e buill a' phartaidd phoilitigich aca a cho-dhùineas am bu chòir an cumail mar thagraichean.

thug a' bhuidheann iomairt àrainneachd ionadail Keep Dalgeddie Green rabhadh ma thèid Brown an aghaidh na thuit i mu thaic dhan àrainneachd ionadail agus gun toir i taic a thoirt dhan phort-adhair ùr, gun tèid iad na h-aghaidh.

Bidh Brown a' frithealadh na coinneimh phoblaich a bhios san talla Diardaoin aig 7.00f.



### Partaidh poilitigeach nàiseanta

Nuair a tha BP a' frithealadh na Pàrlamaid, tha buaidh mhòr aig a' phartaidd phoilitigeach air mar a thig iad gu co-dhùnadh. Tha **cuipean a' phartaidd** air an taghadh leis a' cheannard gus cuideam a chur air na co-BhP aca sa phartaidd airson taic a thoirt dhan phartaidd ann a' bhòtadh Thaigh nan Cumantan agus ann an obair gnothachais sa Phàrlamaid. Aig amannan canar **leantainn loidhne a' phartaidd** ri bhith a' dèanamh mar a tha am partaidh ag iarraidh.

### Taigh nan Cumantan

Is e prionnsabalan democrasaidd riochdachaidh gum biodh a' Phàrlamaid a' riochdachadh sluagh na dùthcha. Tha sin a' ciallachadh gum bu chòir an



### Seall do thuigse

- 1 Leugh an t-artaigil sa phàipear-naidheachd 'Feumaidh Brown tighinn gu co-dhùnadh'.
  - (a) Dè na cuspairean nàiseanta a tha a' toirt buaidh air Dalgeddie?
  - (b) Dè an seòrsa buaidh a shaoileadh tu a bhiodh air cosnaidhean nan deidheadh am port-adhair a thogail faisg air a' bhaile?
  - (c) Carson a tha cuid an aghaidh togail a' phuirt-adhair?

#### Leudaich

- 2 A' cleachdadh artaigil a' phàipeir-naidheachd mu Joanna Brown, ann an dithisean, dèanaibh clàr le còmhstrithean, buannachdan is eas-bhuannachdan do Joanna. Bu chòir dhuibh an clàr a chur air dòigh mar am fear gu h-ìosal. Tha a' chiad phàirt air a dhèanamh.

Co-dhùnadh	Buannachdan	Eas-bhuannachdan
Taic dhan phort-adhair	Luchd-taghaidh toilichte le obraichean ùra a-tighinn.	
Gun taic dhan phort-adhair		

### FAIDHLE FIOS

#### Cuipean partaidh

Faodaidd buaidh mhòr a bhith aig cuipean a' phartaidd air co-dhùnaidhean BP. Ma leanas BP gu dileas ris na tha am partaidh ag iarraidh orra a dhèanamh, bidh sin a' meudachadh nan cothroman aca airson adhartas fhaighinn taobh a-staigh a' phartaidd phàrlamaidich gu dreuchd fo-mhinisteir, ballrachd air prìomh chomataidhean agus eadhon a bhith nam prìomh mhinistear. A bharrachd air an sin, leis gur e stiùiriche a' phartaidd a bhios a' cur cuipean ann an dreuchd, tha fior chumhachd aca oir gheibh iad 'èisteachd' bhon fheadhainn a tha ann am prìomh shuidheachaidhean. Ach, ann an dòigh eile, dh'fhaodadh BP a bhòtas an aghaidh miann a'chuip agus a'phartaidd faighinn a-mach gun tèid 'a' chuip a thoirt bhuapa', a tha a' ciallachadh gu ìre mhòr gu bheileas gan cur a-mach às a' phartaidd. Bheireadh seo fior dhroch bhuaidh air a' chothrom aca a bhith air an ath-thaghadh aig an ath thaghadh coitcheann.

Toiseach gach seachdain bidh na cuipean a' cur meòmhrachan ris an canar 'A Chuip' gu gach BP, a' comharrachadh nam prìomh bhòtaichean a thèid air adhart ann an Taigh nan Cumantan. Ma tha **aon loidhne** fo thachartas, tha e ceart gu leòr mura bi BP airson a bhith an làthair; ma tha **dà loidhne** fo thachartas, feumaidh leisgeul math a bhith aig BP gun a bhith an làthair, agus ma tha **tri loidhnichean** fo thachartas, feumaidh am BP a bhith an làthair.

ceudad de bhuidhnean gnè is cinnidh anns a' Phàrlamaid a bhith a rèir a' cheudaid den t-sluagh. Ach, tha riochdachadh sa Phàrlamaid de bhoireannaich is de mhion-choimhearsnachdan cinnidh air a bhith ìosal airson ùine mhòr.

#### Riochdachadh bhoireannaich

Às dèidh taghadh coitcheann 2017 cha robh boireannaich fhathast air an riochdachadh gu cothromach ann an Taigh nan Cumantan. Leis gu bheil 51% de shluagh na RA boireann, bu chòir, gu co-roinneil, còrr air 331 BP boireann a bhith ann. Gu mì-fhortanach, tha an àireamh de BhP boireann fada nas isle na seo agus an-dràsta tha an àireamh aig 208 – dìreach 32%. Ach, 's e seo a' phàrlamaid as riochdachaile fhathast agus tha e gu math nas fheàrr na deichead na bu tràithe nuair nach robh ach 125 boireannach (19.3%) ann. Tha Clàr 3.1 a'

Blidhna taghaidh	Àireamh de BhP fhireann	Mar cheudad de BhP	Àireamh de BhP bhoireann	Mar cheudad de BhP
1997	539	82.9%	120	18.2%
2001	541	82%	118	17.9%
2005	521	80.6%	125	19.3%
2010	506	77.8%	144	22.3%
2015	459	70.6%	191	29.3%
2017	442	68%	208	32%

### Clàr 3.1 Riochdachadh boireann/fireann ann am Pàrlamaid na RA

sealltainn nan àireamhan eadar 1997 is 2017; tron ùine seo dh'fhan an co-mheas fireann-gu-boireann den t-sluagh aig 49%:51%.

### Mion-chinnidhean

Tha an aon seòrsa dealbh ri fhaicinn nuair a nithear analis air riochdachadh mhion-choimhairsnachdan cinnidh ann am Pàrlamaid na RA. Ann an 2017

Bliadhna taghaidh	BP bho mhion-chinnidhean	Ceudad de BhP
1997	9	1.3%
2001	11	1.7%
2005	14	2.2%
2010	27	4.2%
2015	41	6.3%
2017	52	8%

### Clàr 3.2 Mion-chinnidhean ann am Pàrlamaid na RA

#### Luach a bharrachd

Dh'fhaodadh tu podcast a chruthachadh anns am bi thu a' cumail deasbad air riochdachadh sa Phàrlamaid. Ma tha am BP agad a' tadhal air an sgoil, is dòcha gum biodh tu airson agallamh a dhèanamh còmhla riutha agus faighneachd dhaibh dè am beachd air carson a tha riochdachadh bhoireannaich agus/no mion-choimhairsnachdan cinnidh cho truagh.

chaidh 52 BP bho mhion-chinnidhean a thaghadh (30 bliadhna rona seo ann an 1987 chaidh a' chiad BhP dhubha riamh a thaghadh.) 'S e seo àradachadh bho 41 ann an 2015 (Clàr 3.2). A rèir Cunntas-sluagh 2011, bha 13% de shluagh na RA gan aithneachadh fhèin mar dubh, Àisianach no bho mhion-chinneadh. Ach tha an ceudad de BhP bho mhion-choimhairsnachdan cinnidh fhathast mòran nas lughna seo.

#### Gníomh ICT

Cleachd an duilleag-lìn a leanas [www.mumsnet.com/family-friendly/is-parliament-family-friendly](http://www.mumsnet.com/family-friendly/is-parliament-family-friendly) gus na ceistean gu h-ìosal a fhreagairt.

- 1 Dè gheall an seann Phriomhaire Dàibhidh Camshron mu phàrantachd ann am Pàrlamaid na RA?
- 2 Ainnlich a dhà de na h-atharrachaidhean a thathas a' moladh air an deach iomradh a thoirt ann an sgrùdadh Mumsnet de BhP?
- 3 Dè a' chomhairle a bheir BP do BhP a tha ùr san dreuchd no a tha ag amas air a bhith nam BP?
- 4 An smaoininich thu air adhbhar sam bith eile airson riochdachadh bhoireannaich ann am Pàrlamaid na RA a bhith cho truagh?

#### Pàrlamaid na RA an coimeas ri pàrlamaidean eile

A rèir an Aonaidh Eadar-Phàrlamaidich, bhon Chèitean 2017, mu riochdachadh cothromach bhoireannaich, tha Pàrlamad na RA sa 46mh àite san t-saoghal dhen fheadhainn le boireannaich nan riochdairean ann am poilitigs. Tha Pàrlamaid na h-Alba san 28mh àite an dèidh leithid Innis Tìle

(47.6%), an t-Suain (43.6%) agus Afraga a Deas (41.5%). Tha a' cheudad as àirde de bhoireannaich sa phàrlamaid aig Rwanda, le 64%. Ach, tha sluagh boireann nas mothach aca timcheall air 52%.

### Suidheachadh foghlaim Pàrlamaid na RA

An-dràsta, bha mu 29% de BhP ann an sgoil phrìobhaideach, sìos bho 35% ann an 2010. Tha seo neo-riochedachail bhon a tha mu 90% de shluagh na RA air an oideachadh ann an sgoiltean na stàite. Ach, aig taghadh 2017, thàinig còrr is dàrna leth nam BP (51%) bho sgoiltean stàite. Tha e nas coltaiche gum bi BP Consearbhatach (45%) air an oideachadh ann an sgoil phrìobhaideach na BP Làbarach (14%) no BP PNA (6%). De na BP an-dràsta, chaidh 20 oideachadh aig Colaiste Eton, sgoil phrìobhaideach bhon tàinig 19 Prìomhairean, nam measg Dàibhidh Camshron. Cheumnaich mun treas cuid de BhP bho Oxford no Cambridge.

## Pàrlamaid na RA

### Dè th' ann am Pàrlamaid?



#### Seall do thuigse

- 1** 'Chan eil boireannaich air an riochdachadh gu cothromach ann am Pàrlamaid na RA'. Dè an ìre gu bheil thu ag aontachadh ris an seo?
- 2** Thoir sùil air Clàr 3.1: dè an co-mheas fireann-gu-boireann de BhP a bha ann an 2017 ann an coimeas ri 1997?
- 3** A-nis thoir sùil air Clàr 3.2: cia mheud BP a bharrachd bho mhion-choimhearsnachdan cinnidh a chaidh a thaghadh ann an 2017 na ann an 1997?
- 4** Carson a dh'fhaodar seo fhaicinn mar cheum air adhart?
- 5** Ciamar a tha Pàrlamaid na RA an coimeas ri dùthchannan eile a thaobh riochdachadh boireannaich?
- 6** Ciamar a tha Pàrlamaid na RA an coimeas ri Pàrlamaid na h-Alba a thaobh riochdachadh mhion-choimhearsnachdan cinnidh?
- 7** Dè an ìre gu bheil suidheachadh foghlaim cudromach ann am Pàrlamaid na RA?

#### Leasaich do sgilean

- 8** 'Bho 1997 gu ruige seo, tha an àireamh de BhP boireann air a bhith a' sior fhàs.' (Lisa Doran)  
A' cleachdadh Clàr 3.1, mìnich carson a dh'fhaodar a ràdh gu bheil Lisa Doran ri àibhiseachd.



**Figear 3.9** Preet Gill, a' chiad BhP Siogach boireann

Nuair a bhruidhneas daoine air Pàrlamaid na RA, bidh iad glè thric a' bruidhinn mu Lùchait Westminster, an togalach anns a bheil a' Phàrlamaid. Is e a' Phàrlamaid ainnm an ùghdarras reachdail as àirde. 'S ann aca a tha a' chumhachd laghan a chruthachadh agus atharrachadh.

Tha a' Phàrlamad anns an RA ann an trì pàirtean eadar-dhealaichte: am monarc (an rìgh no a' bhàrnigh), Taigh nan Cumantan agus Taigh nam Morairean. Feumaidh reachdas ùr sam bith, leithid bile ùr, a bhith air aontachadh leis na trì pàirtean sin mus bi e daingnichte gu laghail.

### Dè a' phàirt a th' aig a' mhonarcachd ann am poilitigs na RA?

Anns na linntean a dh'fhalbh, bha am monarc cumhachdach, ach thairis air ùine, chaidh a' chumhachd chun na Pàrlamaid agus chun an riaghaltas (am prìomhaire agus an caibineat). Tha dreuchd a' monarc an ìre mhath samhlachail agus, an-diugh, tha dreuchd a' monarc a' leantainn dheas-ghnàthan traidiseanta. Is e **monarcachd bun-reachdail**, a tha againn, a tha oighreachail agus aig nach eil cumhachd èifeachdach phoilitigeach sam bith.

### Fosgladh na Pàrlamaid

A h-uile foghar bidh am monarc a' fosgladh na Pàrlamaid. Bidh buill gach Taigh a' bruthadh a-steach do Lùchait Westminster airson a' Bhanigh fhaicinn a' tighinn a-steach do Thaigh nam Morairean agus an òraid aice a dhèanamh. Bidh **Òraid na Banigh**, a bhios gu dearbh air a sgrìobhadh leis a' phriomhaire, mar gheàrr-chunntas air na prìomh bhilean a bhios an riaghaltas a' toirt air adhart anns a' bhliadhna phàrlamaideach ri teachd.

### Dleastanasan eile

Bidh am monarc an sàs ann an grunn ghnìomhan samhlachail eile sa Phàrlamaid, ris an canar **cumhachdan còir-dhlighe**. Bheir iad sin

### Na dh'ionnsaicheas tu:

- 1 Dè th' ann am Pàrlamaid na RA?
- 2 Dleastanas a' mhonarc.
- 3 Dleastanas Thaighean na Pàrlamaid.
- 4 Dleastanas Thaigh nan Cumantan
- 5 Mar a thig bile gu bhith na Achd Pàrlamaid.

#### Taigh nan Cumantan:

An taigh iarach agus am priomh sheòmar. A' toirt a-steach Bhuill Pàrlamaid (BP) air an taghadh le muinntir na RA. Bho thaghaidhean coitcheann 2010 gu 2017 bha 650 BP ann.

#### Monarc:

An ceann-stàite a tha a' rioghachadh. Tha a' Bhanigh Ealasaid II air a bhith na monarc bho 1952.

#### Pàrlamaid na RA

#### Taigh nam Morairean:

Tha an taigh uarach sa mhòr-chuid na sheòmar comhairle. Bidh e a' toirt a-steach mhorairean, a' mhòr-chuid dhiubh air an cur ann an dreuchd airson gu bheil eòlas aca air cuspair sònraichte.

**Fig 3.10** Na trì eileamaidean de shiostam pàrlamaideach na RA



**Fig 3.11** A' Bhanigh Ealasaid II aig fosgladh stàiteil na Pàrlamaid

## Òraid na Bànrich Sultain 2017: Geàrr-chunntas de na priomh bhilean

An dèidh 'grad-thaghadh' 2017, dh'inns am priomhaire gun seasadh Òraid 2017 na Banrich fad dà bhliadhna seach aon. Tha seo air sgàth pròiseas Brexit. Bidh àite mòr aige sa Phàrlamaid gu 30 Màrt 2019 nuair a tha dùil ri sgaradh foirmeil na RA bhon AE.

### Bile ais-ghairm

Tionndaidh seo lagh an AE gu lagh na RA nuair a dh'fhàgas an RA an an t-AE sa Mhàrt 2019. Nì am bile cinnteach gum fuirich laghan buntainneach mar a tha iad, ach ceadaichidh e ceartachadh air laghan na RA san eadar-ama.

### Bile In-imrich

Cuiridh seo crìoch air saor-ghluasad do shaoranaich an AE, gan cur fo na h-aon bhacaidhean 's a tha air saoranaich eile air feadh an t-saoghail. Ach thig BP ann an Taigh nan Cumantan gu aonta air dè na bacaidhean a bhios ann. Leigidh am bile leis an Riaghaltas smachd a chumail air an àireimh dhaoine a bhios a' tighinn an seo bhon Roinn Eòrpa.

a-steach a bhith a' cur a' phrìomhaire dhan dreuchd, a' toirt cead airson taghadh coitcheann a chumail, agus a' cur urram air daoine, a bharrachd air mòran de ghnìomhan eachdraidheil eile. Gu dearbh, tha mòran de na dlestanasan sin air an toirt air adhart leis a' phrìomhaire no leis an riaghaltas aige no aice.

### Bile nan carabadan-dealain agus carbadan fèin-ghluasadach

Feuchaidh seo ri gnìomhachas chàraichean-dealain Bhreatainn a chuideachadh. Cuiridh e slatan-tomhais coitcheann air bhonn gus dèanamh cinnteach gu bheil ionadan-teàrrdsaidh cunbalach air feadh na dùthcha. Gheall an Riaghaltas taic a thoirt dhan ghnìomhachas gus càraichean fèin-stiùiridh a rannsachadh. Tha am bile airson dèanamh cinnteach gun lean an RA sa phrìomh àite ann an leasachadh teicneòlas ùr airson chàraichean fèin-ghluasadach agus dealain.

### Dreach bile fòirneirt is droch-dhìol san dachaigh

Stèidhichidh lagh ùr Coimiseanair Fòirneirt is Droch-dhìol san Dachaigh a chumas sùil air buidhnean agus 'a sheas daoine a tha a' fulang', am measg eile. Mar a chaidh a ràdh sa mhanifesto, nì e mìneachadh laghail air droch-dhìol san dachaigh agus bheir e cumhachdan a bharrachd do na cùirtean a thaobh binn ma tha leanabh a' fulang droch-dhìol.

**Aonta rioghail:** Is e an t-Aonta Rìoghail an ìre dheireannach de reachdas anns a' Phàrlamaid, nuair a dh'fheumas am monarc 'ainm' a chur ris a' bhile. Gu samhlachail tha seo a' toirt an fhacail mu dheireadh dhan mhonarc; ach, cha deach Aonta Rìoghail a dhiùltadh bho 1707 agus mar sin 's e dìreach gnothach foirmeil a th' ann.



### Seall do thuigse

- 1 Dè th' ann am pàrlamaid?
- 2 Ainmich na trì eileamaidean ann am Pàrlamaid na RA.
- 3 Dè th' ann an Òraid na Banrich?
- 4 Thoir iomradh air ceithir dòighean anns a bheil cumhachd a tha dìreach samhlachail aig monarchachd bun-reachdail na RA.

## Taighean na Pàrlamaid

Bithear a' dèanamh obair na Pàrlamaid le Taigh nan Cumantan agus Taigh nam Morairean. Tha gach Taigh taobh a-staigh Lùchraig Westminster.

Bidh gach Taigh an sàs ann an gnìomhan a tha coltach ri chèile: reachdas ùr, sgrùedadhbh obair an riaghaltais, deasbad chuspairean iomchaidh. Fo phròiseas na Pàrlamaid, tha e riatanach air gach Taigh sùil mhath a thoirt air cùisean, gus an tèid deasbad agus atharrachadh a dhèanamh air na laghan, ris an canar bilean. Mar as trice, bidh am pròiseas a' cur feum air rèiteachadh eadar Taigh nan Cumantan agus Taigh nam Morairean, agus mar sin a' cruthachadh reachdas às dèidh cnuasachadh faiceallach. Ann an Taigh nan Cumantan, tha BP a chaidh a thaghadh. Ann an Taigh nam Morairean tha morairean nach deach a thaghadh, ris an canar Morairean agus Bana-bharain (faic td85-6).

### Carson a thathar a' dèanamh laghan?

Anns an RA chan eil bun-reachd sgriobhte againn. Leis an sin, chan eil pàipear leis fhèin againn a tha a' suidheachadh nam priomh chòraichean agus laghan air am bi sinn a' stèidheachadh ar comann-sòisealta. An àite sin, tha mòran laghan san RA a tha gu tric ag atharrachadh agus a' gluasad. Bidh cùisean ag atharrachadh, agus mar thoradh air an sin, feumaidh an RA laghan ùra a chruthachadh agus feedhainn a' th' ann mar-thà atharrachadh. Canar reachdas ris a'

### Laghan a dh'atharraicheadh tu?

- An aois aig am faod thu an sgoil fhàgail?
- An aois aig am faod thu dràibheadh?
- Aois dreuchd a leigeil dhìot a leagail


Tha na beachdan sin coltach gu leòr, ach 's àbhaist gur e an riaghaltas a cho-dhùineas dè na laghan a thèid atharrachadh agus is e Taigh nan Cumantan agus Taigh nam Morairean a chumas deasbad, a bheachdaicheas, a dh'atharraicheas agus a bhòtas air laghan ùra mus tèid an cur air adhart chun a' monarc airson Aonta Rioghail.

phròiseas seo. Às dèidh nan ionnsaighean ceannairc air Lunnaid ann an 2005, agus an ionnsaigh air Port-adhair Ghlaschu ann an 2007, bha aig Pàrlamaid na RA, fo stiùir an Riaghaltas ri beachdachadh air dòighean air dèiligeadh ri ceannairc. Thug iad laghan ùra a thoirt a-steach. Tha seo a' toirt buaidh air cha mhòr a h-uile neach san RA an-diugh, oir tha tèarainteachd teann a-nis aig ionadan còmhdbhail leithid puirt-adhair agus leithid fèisean ciùil.

### Ciamar a thathas a' cruthachadh laghan?

Bheir e ùine agus cnuasachadh laghan a chruthachadh no atharrachadh. Tha an càrsa airson reachdas ùr a chur tron Phàrlamaid an aon rud anns gach taigh. Faodar bile a thòiseachadh anns gach Taigh agus bidh e a' gluasad eadar gach Taigh air an t-slige gu bhith na lagh. Is e an riaghaltas a bheir a-steach a' mhòr-chuid de laghan mar **Phàipear**

**Geal.** Bidh sin ag innse na tha iad ag iarraidh sa bhile. Aig amannan faodar a thoirt a-steach mar **Phàipear Uaine** a bhios a' suidheachadh beachdan a' **bhile** a thathar a' moladh, ach le beachdan bhon t-sluagh. Às dèidh seo gluaisidh an reachdas a thathar a' moladh gu bhith na bhile, a tha dìreach a' ciallachadh gu bheil e sa phròiseas a' dol tron Phàrlamaid. Ma gheibh am bile tron h-uile ire ann an Clàr 2.5, gheibh e an Aonta Rioghail agus thèid **Achd** a dhèanamh dheth. Tha sin a' ciallachadh gu bheil e a-nis na lagh, no gum bi e na lagh adh-aithghearr. Tha am pròiseas a' dèanamh cinnteach gun tèid beachdachadh gu math air gach lagh ùr.



Figear 3.12 An dà Thaigh ann an Lùchraig Westminster



## Seall do thuigse

- 1** Dè na trì phrìomh dhleastanasan a tha air gach Taigh?
- 2** Cò bhios ag obair anns gach fear de Thaighean na Pàrlamaid.
- 3** Thoir sùil air an liosta de na laghan ùra a dh'fhaodadh a bhith comasach, fo 'Dè na laghan a dh'atharraicheadh tu?' Airson gach lagh, thoir aon bhuannachd agus aon eas-bhuannachd mu bhith ga thoirt air adhart.
- 4** Thoir mìneachadh airson na leanas:
  - (a) Pàipear Geal
  - (b) Pàipear Uaine
  - (c) Bile
  - (d) Achd
- 5** Thoir sùil air Clàr 3.3: nad fhaclan fhèin, mìnich carson a tha thu a' smaoineachadh a bhios bilean ùra a' dol tro iomadh iùre mus gluais iad gu bhith nan Achdan Pàrlamaid.

## Taigh nan Cumantan

'S e Taigh nan Cumantan am buidheann taghte anns a' Phàrlamaid, agus far am bi Buill Pàrlamaid (BP) a' tighinn gu co-dhùnadh air mar bu chòir an dùthaich a ruith.

Airson a bhith nad BP, feumaидh tu bhith air do thaghadh ann an taghadh roinn-phàrlamaid le bhith a' cosnadh barrachd bhòtaichean na tagraiche sam bith eile. Aig an taghadh ann an 2017 bha 650 roinn-pàrlamaid ann, agus mar sin tha 650 BP ann an Taigh nan Cumantan. Bidh BP air an taghadh leis an luchd-bhòtaidh aca airson tighinn gu co-dhùnайдhean às an leth – aithnichidh sinn seo mar deamocrasaидh riochdachaidh.


### Taigh nan Cumantan ag obrachadh

Is e prìomh dhleastanas Thaigh nan Cumantan laghan ùra a chruthachadh agus seann laghan atharrachadh airson obair riaghlaidh na dùthcha a chuideachadh. Bidh iad a' sgrùdadadh an riaghaltais airson a bhith cinnteach gu bheilear a' toirt sùil air na co-dhùnайдhean aca.


Ann an iomadach dòigh tha obair Thaigh nan Cumantan coltach ri obair Thaigh nam Morairean, ach 's e am prìomh eadar-dhealachadh gur e **seòmar taghte** a th' ann an Taigh nan Cumantan. Bidh e ga ghiùlan fhèin mar 'ghuth nan daoine' agus mar sin tha creideas aige ann an sùil sluagh na RA airson an dùthaich a stiùireadh agus tighinn gu co-dhùnайдhean às an leth. Air an adhbhar sin, tha Taigh nan Cumantan aithnichte mar an seòmar ceannasach.

<b>A' chiad leughadh</b>	Thèid bile a thoirt air adhart sa chiad àite an dara cuid ann an Taigh nan Cumantan no ann an Taigh nam Morairean.
<b>An dara leughadh</b>	Thèid am bile a mhìneachadh dhan Taigh, agus nì iad beachdachadh agus deasbad air prionnsabalan a' bhile.
<b>Iùre comataidh</b>	Stèidhichidh an Taigh comataidh airson a dhol tron bhile, loidhne às dèidh loidhne, gus an cruthaich iad dreachd atharraichte dhen bhile airson a chur air ais dhan Taigh.
	Bithear a' dol tro na pròiseasan gu h-àrd anns an Taigh eile.
<b>An treas leughadh</b>	Nuair a thèid iad tron phròiseas a-rithist, tha cothrom aig Taigh nam Morairean air an treas leughadh agus faodaidh iad tuilleadh atharrachaidhean a mholadh.
<b>An Aonta Rìoghail</b>	Ma gheibh am bile tron h-uile iùre agus gun tèid aontachadh leis an dà Thaigh ann a' bhòt ris an canar <b>tearbadh</b> , bidh Labhraiche Taigh nan Cumantan agus Labhraiche nam Morairean ag ainmeachadh gun d' fhuair am bile an Aonta Rìoghail agus gu bheil e a-nis mar Achd Pàrlamaid.

Clàr 3.3 Bile a' dol tro Thaigh nan Cumantan agus tro Thaigh nam Morairean



**Figear 3.13** Na 650 roinnean-taghaidh san RA a rèir partaidh poilitigeach



**Figear 3.14** Obair Taigh nan Cumantan

## Dleastanasan Taigh nan Cumantan

Bidh Taigh nan Cumantan ag obair a rèir prionnsabal deasbaid agus mar sin is e siostam **còmhragail** a th' ann. Bidh buill an riaghaltais a tha ann an cumhachd a' suidhe air aon taobh dhen t-seòmar agus bidh buill a' phartaidh dhùbhllanaich nan suidhe mun coinneamh. Bidh gach taobh a' cur nan argamaidean aca an cèill. An uair sin bidh an seòmar a' bhòtadh 'airson' no 'an aghaidh' aig crìoch na deasbaid.

### Dreuchdan cumhachdach ann an Taigh nan Cumantan

#### Am priomhaire

Tha am priomhaire mar stiùiriche a' phartaidh riaghlaidh. 'S àbhaist gur e seo am partaidh aig am bi a' mhòr-chuid de shuidheachain ann an Taigh nan Cumantan. Às dèidh referendum an AE, leig Dàibhidh Camshron bhuaithe a dhreuchd, agus chaidh ceannard ùr a' Phartaidh Chonsearbhataich, Theresa May, na priomhaire. San Ògmhios 2017, għluais i 'grad-thaghadh' coitcheann agus lean i na priomhaire. Nuair a mholas Theresa May lagħan ûra, bidh i an dùil gum faigh i taic bho BhP Chonsearbhatach. Tachraíd seo oir tha cuipean partaidh ann a nì cinnteach gum bi BP a' leantainn miann a' phriomhaire. Tha cumhachd aig a' phriomhaire daoine a chur an dreuchd sa chaibineat agus bheir seo cumhachd pàtrnachd dha no dhi. Feumaidh BP a tha ag iarraidh àite sa chaibineat a chosnadħ an làn-thaic a thoirt do stiùiriche a' phartaidh. Mar chathraiche air a' chaibineat, bidh am priomhaire a' suidheachadh clàr-gnothaich. Mu dħeireadh, tha am priomhaire mar aghaidh an Riaghaltas. Tha am poball ag aithneachadh na dreuchd shònraichte agus bheir seo cumhachd dhan phriomhaire thairis air BP nach eil cho aithnichte.

<b>Am Priomhaire</b>	Bidh am BP a tha na stiùiriche air a' phartaidh a tha a' riaghlaidh air ainmeachadh mar phriomhaire. Tha esan no ise na c(h)eannard air an riaghaltas.
<b>An Riaghaltas</b>	Bidh iad a' uidheachadh clàr-gnothaich an Taighe agus a' toirt reachdas ùr air adhart.
<b>An Caibineat</b>	Bidh BP bhon phartaidh riaghlaidh, air a bheil uallach airson roinn dhen riaghaltas, a' dèanamh suas a' Chaibineat.
<b>An Labhraiche</b>	Às dèidh tagħadha coitcheann bidh an Seòmar a' bhòtadh airson BP a bhith na Labhraiche agus bidh an neach sin a'
<b>Stiùiriche a' phartaidh dhùbhllanaich</b>	Is e seo am BP a tha os cionn an dàrna partaidh as mothà. Tha barrachd cothrom aca ceistean a chur air a' phriomhaire agus càineadh a dhèanamh air an Riaghaltas.
<b>Riaghaltas dùbhlanach no na dùbhlanach</b>	'S e riaghaltas dùbhlanach, no dùbhllanaich, an dàrna partaidh as mothà. Tha barrachd cothrom aca ministearan a cheasnachadh na tha aig na mion-phartaidhean eile.
<b>BP nam beingean cùil</b>	Tha a' mhòr-chuid de BhP air na beingean cùil. Is iad seo BP nach eil nam ministearan san riaghaltas no nam ministearan riaghaltas dùbhlanach.

Clàr 3.4 Dleastanasan ann an Taigh nan Cumantan

#### An caibineat

Anns a' chaibineat tha BP is morairean air an tagħadħ leis a' phriomhaire airson roinnean an riaghaltas a ruith. Is e dhà de na dreuchdan as cumhachdaiche an seansalair, a tha os cionn ionmhas is cìsean an



Figear 3.15 Theresa May, Am Priomhaire

**Grad-thaghadh:** Air 18 Giblean 2017, rinn am Prìomhaire Theresa May òraid taobh a-muigh 10 Sràid Downing ag innse gum biodh 'grad-thaghadh' coitcheann air 8 Ògmhios. 'S e 'grad-thaghadh' fear taobh a-muigh clàr-ama stèidhichte nan taghaidhean coitcheann. Ann an 2010 ghabh a' Phàrlamaid ri Achd Teirm-shuidhichte na Pàrlamaid a chuir a-mach gum biodh taghadh gach còig bliadhna; ach 's urrainn am prìomhaire taghadh tràth a ghairm.

riaghaltais, agus rùnaire nan dùthchannan cèin, a bhios a' riochdachadh an Riaghaltas thall thairis 's a' dèiligeadh ri còmhstrithean is suidheachaidhean èiginneach. Le bhith a' faighinn dreuchd mar mhiniestar riaghaltais, gheibh BP faisg air dùblachadh san tuarastal. Feumaidh gach ball sa chaibineat taic phoblach a thoirt dhan phrìomhaire, agus mura dèan iad sin, faodar an cur a-mach no toirt orra an dreuchd a leigeil dhiubh às a' chaibineat. Is e uallach coitcheann a chanar ris an seo.

### An Riaghaltas

Bidh am prìomhaire a' taghadh BP agus morairean gu bhith nam pairt den Riaghaltas. Mar as trice is iad na BP sin a tha air a bhith nas dileas do stiùiriche a' phartaidh aca. Taobh a-staigh an Riaghaltas tha an caibineat, anns a bheil BP a tha os cionn roinnean sònraichte san riaghaltas. A bharrachd air an sin, bidh grunn de na fo-mhinistearan a' cuideachadh ministearan an riaghaltas le bhith a' ruith nan roinnean aca.

### Stiùiriche a' phartaidh dhùbhlnaich

Chan eil cumhachd dhìreach sam bith aig stiùiriche a' phartaidh dhùbhlnaich ann an Taigh nan Cumantan, ach chithear iad mar phrìomh neach-càinidh an Riaghaltas. Tha ìomhaigh gu math àrd aca anns na meadhanan agus faodaidh seo buaidh a thoirt air dè cho measail 's a tha daoine air an riaghaltas. Mar eisimpleir, an dèidh 'grad-thaghadh' coitcheann Theresa May, bha ceannard a' phartaidh dhùbhlnaich, Jeremy Corbyn, a' cur cuideam mòr oirre. Lagaich seo an suidheachadh aice ann an sùilean nam meadhanan agus an luchd-bhòtaidh.

### Seall do thuigse

- 1 Às dèidh taghadh coitcheann 2010 cia mheud BP a bh' anns an RA?
- 2 Dè an dòigh anns a bheil Taigh nan Cumantan deamocrataich?
- 3 Dè na trì phrìomh dhleastanasan a tha air Taigh nan Cumantan?
- 4 Carson is e 'siostam còmhragail' a tha ann an Taigh nan Cumantan?
- 5 Dè an dleastanas a tha air a' Phrìomhaire?
- 6 Minich mar a tha gach fear de na leanas a' toirt cumhachd phoilitigeach dhan phrìomhaire:
  - (a) cuip a' phartaidh
  - (b) pàtranachd
  - (c) uallach coitcheann
- 7 Minich mar as urrainn buaidh a bhith aig stiùiriche a' phartaidh dhùbhlnaich.

### Gniomh ICT

Rach gu [www.gov.uk/government/ministers](http://www.gov.uk/government/ministers).

Tagh ceithir ministearan caibineat bhon liosta agus sgrìobh notaichean mun fhiosrachadh a leanas mun deidhinn a' cleachdadhean ceanglaichean a tha rim faighinn:

- an t-ainm aca agus an roinn do bheil uallach orra
- na dleastanasan aca
- an sgìre-taghadh a tha iad a' riochdachadh
- cùl-fhiosrachadh mu dheidhinn am beatha agus an obair aca



**Figear 3.16** Jeremy Corbyn BP, ceannard a' phartaidh dhùbhlnaich an dèidh taghadh coitcheann 2017

## Taghadh coitcheann 2017

Chaidh taghadh coitcheann 2017 ainmeachadh mar am fear 'nach robh duine ag iarraidh'. 'S e an t-adhbhar gun robh dìreach dà bhliadhna on taghadh mu dheireadh agus gun robh mòran thaghaidhean agus referenda air a bhith san RA.

### Carson a bha taghadh ann?

Thuirt Theresa May gun do ghairm i 'grad-thaghadh' leis gun robh i an dùil gun robh Breatainn airson cinnt, seasmhachd agus stiùireadh làidir, seasmhach an dèidh referendum an AE. Thuirt i 'gun robh an dùthaich a' tighinn ri chèile ach nach robh Westminster'. Chàin mòran luchd-aithris Mrs May leis gun robh iad a' smaoineachadh gun do ghairm i an taghadh airson mòr-chuid na bu mhotha fhaighinn ann an Taigh nan Cumantan agus le sin barrachd cumhachd.

### Dè a' bhuil a bh' ann?

Chaill an Riaghaltas Consearbhatach a' mhòr-chuid aca ann an Taigh nan Cumantan agus, leis nach robh mòr-chuid aig aon phartaidh, b' e pàrlamaid chrochte a bh' ann a-nis. Bha aig an Riaghaltas ri aonta a dhèanamh ri Partaidh Deamocratach an Aonaidh (DUP) à Èirinn a Tuath gus na poileasaidhean aca a phutadh tron Phàrlamaid. Gun mhòr-chuid tha e nas coltaiche gum bi riaghaltasan air am maslachadh le partaidhean dùbhlanach a' cur bacadh orra, agus faodaidh seo neo-sheasmhachd adhbharachadh.

### An robh seo a' ciallachadh gun robh riaghaltas mòr-chuid ann?

Cha robh. Ged a tha aonta aig an Riaghaltas Chonsearbhatach leis an DUP, chan e co-bhanntachd fhoirmeil a th' ann. Bhiodh riaghaltas co-bhanntachd na rèiteachadh foirmeil far am biodh buill den DUP nam pàirt den Riaghaltas agus a' cur ri reachdas ùr. 'S e aonta 'earbsa agus solair' a th' aca ris an DUP leis am faod na Consearbhataich a bhith

	2015	2017
Consearbhataich	331	318
Làbaraich	232	262
PNA	56	35
L. Dheamocratach	8	12
DUP	8	10
Eile	15	15

Clàr 3.5 Toradh taghaidhean coitcheann 2015

cinnteach à taic buill an DUP airson reachdas a thaobh Brexit agus dòn.

### Carson a tha cuid mì-thoilichte mun aonta?

Tha mòran a' faireachdainn gum bi e doirbh dhan chompaирteachas cumail a' dol air sgàth 's cho toinnt 's a tha poilitigs Èirinn a Tuath agus mar a tha còmhstria aostaibh a-staigh a' Phartaidh Chonsearbhataich. Le sin, dh'fhaodadh taghadh coitcheann eile a bhith ann ro 2022. Mar phàirt dhen aonta, fhuair an DUP £1 bhillean a bharrachd de mhaoineachadh airson Seanadh Èirinn a Tuath. Cuideachd, cha d' fhuair an DUP ach 8 suidheachain; mar sin, 's iad fear de na partaidhean as lugha ach tha guth mòr aca ann an riaghlaigh na dùthcha. A bharrachd air seo tha còmhstria ann a thaobh Aonta Dihaoine na Ceusta, a tha a' cuideachadh gus sìth a chumail ann an Èirinn a Tuath. Tha seo ag iarraidh air Riaghaltas na RA a bhith na bhuidheann neothaobhach ann an còmhraighean, ach a-nis tha aonta foirmeil aca ri aon taobh den t-Seanadh. Agus mu dheireadh, chan eil taic a' phartaidh aig Theresa May fhèin air a bharantachadh mar phàirt den aonta agus le sin tha e nas coltaiche gun dèan na Consearbhataich ar-a-mach, a' cur an aghaidh toil a' phriomhaire. Le seo, 's dòcha gu bheil an t-aonta air a' chumhachd aice sa Phàrlamaid a lagachadh.



## Seall do thuigse

- 1 Mìnich na h-abairtean **grad-thaghadh** agus **pàrlamaid chrochte**.
- 2 Carson a tha e cudromach gum bi mòr-chuid sa Phàrlamaid?
- 3 Carson a tha cuid den bheachd nach robh compàirteachas cuide ris an DUP cothromach?
- 4 Dè na dòighean san robh an compàirteachas connspaideach?
- 5 'Lagaich an compàirteachas leis an DUP cumhachd a' phrìomhaire' (Mark Brower)  
Dè an fhianais a tha ann airson cur ri/an aghaidh beachd Mark Brower?

## Taigh nam Morairean

### Dè th' ann an Taigh nam Morairean?

Bidh Taigh nam Morairean ag obair ann an compàirt ri Taigh nan Cumantan a' cuideachadh le bhith a' cumadh laghan ùra, agus bidh iad a' cuideachadh le bhith a' sgrùdadh obair an Riaghaltais. Aithnichear Taigh nam Morairean cuideachd mar an seòmar uarach no an seòmar comhairle. Tha e ann an Lùchaint Westminster, mu choinneimh Taigh nan Cumantan. Ann an Taigh nam Morairean tha morairean, aithnichte mar mhorairean no bana-bharain. Ao-coltach ri Taigh nan Cumantan chan eil na morairean air an taghadh leis a' phoball. Cha bhi morairean is bana-bharain a' faighinn tuarastal, ach tha iad a' faighinn mu £300 san latha mar shochair saor o chìs airson a' Phàrlamaid a fhrithealadh no a bhith an sàs ann an dlestanasan eile.

### Ciamar a bhios tu a' faighinn gu bhith nad bhall de Thaigh nam Morairean?

Gu h-eachdraidheil, bha a' mhòr-chuid de bhuill Thaigh nam Morairean nam morairean oighre aig an robh còir air an tiotal bhom breith, agus chaidh na tiotalan a thoirt do gach ginealach de theaghlaichean a bha gu ìre mhòr nan uachdarain beairteach no bho àrd-uaislean. Ach, às dèidh grunn ath-leasachaidhean, is e morairean suidhichte a tha sa chumantas ann an Taigh nam Morairean. Is e glè bheag de bhacadh a tha air cò as urrainn a bhith na mhorair. Feumaidh morair no bana-bharan:

### Na dh'ionnsaicheas tu:

- 1 An t-adhbhar airson Taigh nam Morairean agus an obair aige
- 2 Na diofar sheòrsaichean de bhuill ann an Taigh nam Morairean.
- 3 Cumhachd Taigh nam Morairean.
- 4 Ath-leasachadh air Taigh nam Morairean ga mholadh

- a bhith còrr air 21 a dh'aois
- a bhith an saoranaich den Rìoghachd Aonaichte, a' Cho-fhlaitheas no Èirinn
- eòlas no mòran bhliadhnaichean de dh'fhiorsachadh a bhith aca san raon aca

An-diugh tha dà phrìomh sheòrsa mhorairean ann.



**Figear 3.17** Seòmar Taigh nam Morairean

## Morairean Aimsireil

Tha a' mhòr-chuid de mhorairean nam **morairean beatha**, dhan deach an t-àite sin a thoirt leis an Riaghaltas agus leis a' Phàrlamaid. Faodaith an Riaghaltas daoine ainmeachadh airson moraireachd agus thèid sin a sgrùdadh le Coimisean nan Dreuchdan. Ann an 2017 bha 706 morairean beatha ann. Fhuair na morairean sin an tiotal neo-oifigeil 'morairean an t-sluagh'. Bha dùil gun cuidicheadh seo le ùrachadh Taigh nam Morairean gu bhith nas coltaiche ri comann-sòisealta na RA. Tha na morairean aimsireil bho gach seòrs a dreuchd is dleastanas. Nam measg tha feadhainn a bha nan luchd-poilitigs, luchd-gniomhachais, eòlaichean-saidheans ainmeil, luchd-ealain ainmeil, agus eadhon lùth-chleasaichean soirbheachail. Bidh an tiotal aca fad am beatha. Chan urrainn dhaibh a thoirt dhan teaghlaich aca às dèidh am bàis.

Tha **morairean oighre** fhathast ann an Taigh nam Morairean. Ach, nuair a thàinig Achd Thaigh nam Morairean 1999, chaith aontachadh gun tèid morairean agus bana-bharain nach urrainn moraireachd a thoirt dha na teaghlaichean aca, nan àite an ceann ùine. Mar sin, tha an àireamh mhorairean oighre air tuiteam bho 63% gu 13% eadar 1996 's 2000 agus lean sin gu 10.8% (91 morairean oighre) ann an 2017. Bidh an àireamh seo a' dol sìos gus nach bi gin idir ann.

Sgìre	Àireamh	% Morairean
Poilitigs	151	22
Gnothachas is malairt	61	9
Bancaireachd is ionmhas	59	8
Foghlam	59	8
Creideamh	29	4
Naidheachdas is meadhanan	25	4
Leigheas is cùram slàinte	15	2
Na feachdan armaichte	12	2
Poileas	8	1
Innleadaireachd	5	1

Clàr 3.6 Cùl-fhiosrachadh cuiid de mhorairean beatha



**Figear 3.18** Ulleam Hague, a bha uair na rùnaire cèin agus na cheannard air a' Phartaidh Chonsearbhatach Faodaith morairean beatha agus morairean oighre a bhith nam buill de phartaidh poilitigeach, ach tha a' mhòr-chuid dhiubh a' cumail orra mar neo-eisimeilich. Mar sin tha nas lugha de chuideam ga chur air dìlseachd partaidh ann an Taigh nam Morairean.

## Morairean Spioradail

Ann an Taigh nam Morairean tha cuideachd morairean ann ris an canar morairean spioradail, a tha ann mar thoradh air na dreuchdan aca ann an Eaglais Shasainn. Chan fhaod iad suidhe ann an Taigh nam Morairean ach fhad 's a tha iad san dreuchd sin san Eaglais, agus tha iad uile nan easbaigean no nan àrd-easbaigean. Ann an 2017 bha 26 dhe na morairean spioradail ann.

## Giamar a tha Taigh nam Morairean eadar-dhealaichte bho Thaigh nan Cumantan?

Chan eil buill ann an Taigh nam Morairean air an taghadh leis a' phoball agus mar sin is e dleastanas comhairle a tha aca gu ire mhòr sa Phàrlamaid. Chan eil iad an sàs ann an obair ruith na dùthcha bho latha gu latha, ach faodaith buaidh a bhith aca air laghan a dhèanamh.

## Cuid de na morairean as aithnichte

Tha grunn mhorairean beatha ainmeil ann a tha air leth aithnichte am measg a' phobaill



**Figear 3.19** A' Bhana-bharan Mone, tè-ghnothaich air leth soirbheachail



**Figear 3.20** Sebastian Coe, buannaiche bonn òir Olimpigeach agus cathraiche Oilimpigs Lunnainn 2012



### Seall do thuigse

- 1 Dè na cumhachan a tha ann a thaobh ballrachd ann an Taigh nam Morairean?
- 2 Dè am prìomh dhleastanas a tha air Taigh nam Morairean?
- 3 Gu h-eachdraidheil, ciamar a bhiodh daoine a' faighinn cothrom a bhith nam buill
- 4 Mìnich an t-eadar-dhealachadh a tha eadar morairean beatha agus morairean oighre.
- 5 Cia mheud morair beatha a bha ann an Taigh nam Morairean ann an 2017?
- 6 Dè a' bhuaidh a tha aig Achd Thaigh nam Morairean 1999 air an t-seòrsa mhorairean a tha ann am Taigh nam Morairean?

### Leudaich do sgilean

- 7 'Tha morairean an t-sluaign a rèir mar a tha comann-shòisealta na RA. Is ann gu ìre mhòr bho raointean cùram slàinte is foghlaim a tha iad.' (Hashim Khan)  
A' cleachdadadh Clàr 3.6, mìnich carson a dh'fhaodar a ràdh mu Hashim Khan gu bheil e ri àibheiseachd.

## Dè a' chumhachd a tha aig Taigh nam Morairean?

Tha prìomh dhleastanas orra reachdas a thoirt gu buil

Bidh a' Phàrlamaid a' moladh laghan, ris an canar bilean. Thèid an deasbad le Taigh nan Cumantan agus le Taigh nam Morairean. Bidh a' mhòr-chuid de bhilean a' dol tro Thaigh nam Morairean mus ruig iad ìre reachdas ùr. Ach, tha cumhachd nam Morairean cuingalaichte leis nach àbhaist dhaibh bile co-cheangailte ri gnothaichean ionmhais (cìsean) a dhiùltadh, agus chan urrainn dhaibh dàil a chur air bilean eile ach airson bliadhna a-mhàin. Mar sin, chan urrainn Taigh nam Morairean stad a chur air bile gu tur, ach is urrainn dhaibh mail adhbhrachadh a dh'fhaodadh bile atharrachadh, no a tharraing air ais gu tur leis an Riaghaltas.

**Reachdas:**  
a' dèanamh laghan,  
ag atharrachadh  
bhilean

**A' sgrùdadh obair  
an Riaghaltas:**  
a' ceasnachadh,  
a' deasbad

**Obair Thaigh  
nam Morairean**

**Comataidhean:**

a' toirt còmhla buidheann èolaichean gus  
beachdachadh air cuspairean san t-seòmar  
agus ann an comataidhean a tha stèidhiche  
airson sùil a thoirt air cuspairean sònraichte.

**Figear 3.21** Obair Thaigh nam Morairean

Taigh nan Cumantan	Taigh nam Morairean
Tha BP air an taghadh.	Tha morairean air an cur nan dreuchd.
Faodaidh BP a bhith bho dhualchas sam bith agus teisteanas sam bith a bhith aca.	Tha a' mhòr-chuid de mhorairean ann airson eòlas no fiosrachadh ann an raon sònraichte.
Feumaidh BP taghadh a chosnadh gach ceithir gu còig bliadhna.	Nuar a thèid an cur nan dreuchd, tha morairean is bana-bharain san dreuchd fad am beatha.
Tha BP pàichte le tuarastal agus cosgaisean.	Gheibh iad cuibhreann buill is cosgaisean.
Tha BP a' riochdachadh roinnean-taghaidh.	Chan eil morairean a' riochdachadh duine ach iad
Tha cha mhòr a h-uile BP nam buill de phartaidh poilitigeach.	Tha grunn mhorairean nam buill de phartaidh poilitigeach ach tha mòran dhiubh nach eil.
Is e dìreach BP air an taghadh a dh'fhaodas suidhe ann an Taigh nan Cumantan.	An Taigh nam Morairean tha morairean beatha, morairean oighre is easbaigean Eaglais Shasainn.

Clàr 3.7 An diofar eadar Taigh nan Cumantan agus Taigh nam Morairean

## Bidh iad a' sgrùdadadh an Riaghaltais Deasbadan

An Taigh nan Cumantan, tha prògram làn dheasbadan ann an seòmar Thaigh nam Morairean. Thatas dhen bheachd gu bheil ire an deasbaid gu math àrd, leis gun urrainn proifeiseantaich le eòlas beachdan glic 's stùireadh a thoirt air cuspairean. Cuideachd, bidh na deasbadan nas socaire na Taigh nan Cumantan, oir chan eil uimhir de bhuaidh aig partaidhean poilitigeach 's mar sin chan eil na deasbadan cho nàimhdeil. Bidh deasbadan am measg nam morairean air cuspairean cudromach a bheir buaidh air an dùthaich leithid cùram slàinte, foghlam, ceannairc, in-imrich is ceartas.

### Bile Artaigil 50, 2017

Sa Mhàrt 2017 bhòt Taigh nam Morairean bhòt a thoirt dhan Phàrlamaid air buil an Riaghaltais air Brexit. Chuir na Morairean taic 366 gu 268 ri atharrachadh, ged a bha an Riaghaltas a' cumail a-mach 'gun dèanadh e cron air an dùthaich' le bhith a' dèanamh baraganachadh a' phriomhaire air Brexit na bu duilge. B' e Mìcheal Heseltine, a bha uair na leas-phriomhaire Consearbhatach, fear dhen fheadhainn a bha os cionn an ar-a-mach an aghaidh seasamh an Riaghaltais, còmhla ri morairean Lèbarach, L. Deamocratach agus tar-bheingean.

### Taigh nam Morairean – Achd Ath-leasachadh nan Sochairean 2012

San aonta co-bhanntachd Chonsearbhataich agus L. Dheamocratach às dèidh taghadh 2010, chaidh a ràdh gum biodh leasachadh air siostam shochairean na RA. Às dèidh dhan dà Thaigh beachdachadh air a' bhile, chaidh Aonta Rìoghail a thoirt dha sa Mhàrt 2012 agus thàinig e gu bhith na lagh. Thachair seo a dh'aindeoin 's gun robh dragh air Taigh nam Morairean mu ghrunn phàirtean dhen reachdas ùr. Gu dearbh, bhòt iadsan an aghaidh a' cho-dhùnaidh Tabhartas Chloinne a thoirt a-steach do na cunntasan a bharrachd air tabhartasan teaghlach de £26,000. Chuir na morairean an argamaid air adhart gum biodh an gluasad seo a' peanasachadh gu miù-chothromach nan teaghlaichean a bu mhòtha. A dh'aindeoin 's gun do bhòt na Morairean an aghaidh an riaghaltais, chuir Taigh nan Cumantan thairis bhòt nam Morairean agus chaidh am bile aontachadh.

### Comataidhean

Bidh na Morairean cuideachd a' suidheachadh Dh'fhaodaist a ràdh seach gur e èòlaichean saidheans, luchd-lagha, luchd-gnothachais is eile, a tha ann an grunn de mhorairean, gum bi iad a' measadh lagh a thathar an dùil a mholadh ann an

dòigh nas èifeachdaiche na BP. Thatas a' meas chomataidhean bho na Morairean èifeachdach oir chan eil uimhir de bhuaidh aig 'poilitigs partaidh' orra 's a tha air comataidhean Thaigh nan Cumantan. Chan eil cuip a' phartaidh a' toirt buaidh air na morairean.

### Tha iad air am meas nas neo-eisimeiliche

Ged a bhuineas a' mhòr-chuid de mhorairean do phartaidh poilitigeach, chan eil iad cho ceangailte ris a' phartaidh 's a tha an co-obraighean ann an Taigh nan Cumantan. Tha saorsa aca bho thaghaidhean a tha a' lagachadh buaidh na cuip air na co-dhùnaidhean aca, agus mar sin thathas gam meas mar neo-eisimeilich. Cuideachd, tha mòran de bhuill aig nach eil ballrachd ann am partaidh poilitigeach




**Figear 3.22** Buill Taigh nam Morairean anns an èideadh a bhios iad a' cur orra airson fosgladh stàiteil na Pàrlamaid



### Seall do thuigse

- 1 Dè na trì uallaich mhòra a tha air Taigh nam Morairean?
- 2 Dè na dòighean anns a bheil cumhachd Thaigh nam Morairean air a chuingealachadh nuair a bhòtas iad air reachdas ùr?
- 3 Seall air na sgrùdaidhean cùise. Mìnich mar a tha iad a' sealltainn neart is laigse nam Morairean.
- 4 Ciamar a bhios na Morairean a' cuideachadh le bhith ciallach ann an cruthachadh reachdas?
- 5 Dè na dòighean, anns a bheil deasbadan ann an Taigh nam Morairean eadar-dhealaichte bhon fheadhainn ann an Taigh nan Cumantan? Dè na h-adhbharan airson sin?
- 6 'Chan eil uimhir de bhuaidh aig poilitigs partaidh ann an Taigh nam Morairean agus tha e mar seo nas èifeachdaiche.' (Seòras Dickson) Dè an ìre gu bheil thu a' dol le beachd Dickson?

sam bith; tha iad aithnicte mar bhuill **tar-bheingean**. Faodaidh iad an obair a dhèanamh mar luchd-beachdachaiddh neo-eisimeileach. Tha Figear 3.23 a' sealltainn ballrachd phoilitigeach ann an Taigh nam Morairean.



**Figear 3.23** Ballrachd ann an Taigh nam Morairean

### Gníomh ICT

A' cleachdadadh a' bhlog air-loidhne aig Taigh nam Morairean <http://lordsoftheblog.net> tagh am Morair McConnell bho chlàr 'The Authors'.

Tagh aon de bhlogan a' Morair McConnell agus sgrìobh geàrr-chunntas dheth.



**Figear 3.24** Chaidh Jack McConnell, a bha na Phrìomh Mhinistear ann an Alba, na mhorair beatha anns an Ògmhios 2010. Is e Lord McConnell à Glenscorrodale an tiotal oifigeil aige.

## Ath-leasachadh

### Carson a tha ceist mu Thaigh nam Morairean?

Tha Taigh nam Morairean na phàirt dhen Phàrlamaid, a bhios a' co-dhùnadh air mar a tha an RA air a ruith. Tha seo na cheist oir chan eil morairean air an taghadh. Chan eil iad cunntachail dhan t-sluagh agus tha iad nan dreuchd fad am beatha. Chanadh mòran nach eil àite an-diugh aca ann an siostam poilitigeach agus deamocratach.

### Achd Taigh nam Morairean 1999

Thug am Partaidh Lèbarach, fon Phrìomhaire Tony Blair, air falbh ach 92 de na morairean oighre ann an Taigh nam Morairean. Às dèidh seo chaidh coimisean (eòlaichean taghte) a shuidheachadh ann an 2000, leis a' Mhorair Wakeham os an cionn. Sheall an coimisean ri leasachadh air na Morairean. Bhon àm seo, tha gach riaghaltas air atharraichean a ghealltann air Taigh nam Morairean, ach tha sin gu mòr air failleachadh orra. Is e an aon phrìomh ath-leasachadh a chaidh a dhèanamh gun deach Cùirt an Tagraidh a għluasad bho na Morairean gu Prìomh Chùirt na RA ann an 2009.

### Bile Ath-leasachaidh Taigh nam Morairean 2012

Às dèidh taghadh coitcheann 2010, thug aonta na co-bhanntachd a-steach ath-leasachadh air Taigh nam Morairean, agus san Ògmhios 2012, thug an riaghaltas bile a-steach a bha a' moladh nan ath-leasachaidhean a leanas:

- Gum bi an àireamh mhorairean air a leagail bho 826 gu 450.
- Gum bi a' mhòr-chuid (80%) air an taghadh.
- Gum bi fhastast 90 ball (20%) ann, le Coimisean nan Dreuchdan, air stèidh neo-phartaidh.
- Casg-ùine – gum bi teirm de 15 bliadhna aig morairean seach dreuchd fad am beatha.
- Nas luga de dh'easbaigean – gum bi an àireamh easbaigean bho Eaglais Shasainn air a ghearradh.
- Bhiodh Taigh nam Morairean fhastast air an t-seòmar, ach gun tiotal 'Morair'aig na buill. Thigear gu co-dhùnadh mu thiotal ùr.

Bha e follaiseach san Lùnastal 2012 nach biodh

### Carson a tha ath-leasachadh air a bhith cho doirbh?


- Tha BP a' faireachdann nan deidheadh morairean a thaghadh gu Taigh nam Morairean nach biodh uiread de chumhachd aca fhìn agus nach biodh Taigh nam Morairean nas fhaide dìreach mar 'sheòmar ath-sgrùdaidh'.
- Bho chaidh an àireamh mhorairean oighre a bheagachadh, bha mòran dhen bheachd gun robh Taigh nam Morairean air gluasad gu bhith nas èifeachdaiche.
- Bheireadh an dàrna seòmar taghte an ìre de neo-eisimeileachd air falbh bho Thaigh nam Morairean agus chithear morairean a' feuchainn ri bhòtan a chosnad agus a bhith a' leantainn loidhne a' phartaidh.
- Tha mòran dhen bheachd gum biodh an ùine agus a' chosgais a bhiodh an lùib ath-leasachadh air Taigh nam Morairean na b' fheàrr a chaitheamh air feuchainn ri adhartas fhaighinn air beatha muinntir Bhreatainn, mar eisimpleir, a' dèiligeadh ri dìth cosnайдh no ag adhartachadh cor beatha dhaoine.

Daibhidh Camshron air chomas ìmpidh a chur air buill Chonsearbhatach nam beingean cùil gabhail ris an ath-leasachadh. Tha manifesto nan Consearbhatach 2017 ag ràdh 'ged nach e prìomhachas a th' ann an ath-leasachadh, tha sinn air cur romhainn gun lean Taigh nam Morairean na àite reachdail mar sheòmar airson ath-bhreithneachadh agus sgrùdadh a tha a' gabhail ri prìomhachas Thaigh nan Cumantan'. A rèir choltais cha tachair ath-leasachadh mòr air Taigh nam Morairean a' chiad treis.

### → Luach a bharrachd

Dh'fhaodadh tu film goirid a dhèanamh mu na h-argamaidean airson agus an aghaidh ath-leasachadh Taigh nam Morairean, far an dèan thu agallamhan còmhla ri do chsgoilearan agus do theaghlach, agus eadhon agallamh a chur air dòigh còmhla ri morair.

## Argamaidean airson agus an aghaidh ath-leasachadh air Taigh nam Morairean



### Seall do thugse

- Carson a tha cuid de dhaoine dhen bheachd nach bu chòir Taigh nam Morairean a bhith na phàirt de shiostam politigeach democratach an latha an-diugh?
- Dè na h-atharrachaidhean a rinn an riaghaltas Làbarach eadar 1997-2001 air suidheachadh Taigh nam Morairean?
- Tagh dà adhbhar airson gun robh ath-leasachadh Thaigh nam Morairean cho doirbh, agus mìnich carson a tha thu dhen bheachd gum b' e sin na h-adhbharan a bu mhotha a thug buaidh.
- Dè an ìre gun dèanadh na molaidhean a chaidh a chur air adhart ann am Bile Ath-leasachaidh Thaigh nam Morairean 2012 ballrachd Thaigh nam Morairean nas democrataiche?

### Gníomh ICT



Ann an dithisean, dèanaibh taisbeanadh le 8-10 slaidhdean a' toirt cunntas air na h-argamaidean a tha thu a' meas a tha nas làidire mu ath-leasachadh Thaigh nam Morairean. Feumaidh ro-ràdh, trì argamaidean air a shon, trì argamaidean na aghaidh agus co-dhùnad a bhith san taisbeanadh agad.

# Partaidhean poilitigeach san RA

## Dè th' ann am partaidh poilitigeach?

Anns an RA tha dà phrìomh phartaидh: Consearbhataich is Làbaraich. Bidh iad sin a' dèanamh suas a' mhòr-chuid de na BP ann an Taigh nan Cumantan agus de na morairean ann an Taigh nam Morairean. Tha partaidhean poilitigeach nas lugh a bhios nam pàirt de phoilitigs na RA; ach 's ann aig an dà phartaидh sin a tha a' mhòr-chuid de bhuaidh ann am poilitigs na RA.

Tha partaidh poilitigeach na bhuidheann aig a bheil creideasan is beachdan poilitigeach a tha coltach ri chèile. Bidh iad a' sìreadh riochdachadh anns a' Phàrlamaid, agus mar sin an dòchas gum bi buaidh aca air mar a thathas a' ruith na dùthcha. Gu traídiseanta, anns an RA, tha siostam poilitigeach againn ris an can sinn siostam dà-phartaïdh. Ach, eadar 2010 agus 2015 bha riaghaltas againn a thug a-steach an dà chuid BP Chonsearbhatach agus Libearalach Dheamocratach. Nuair a bhios dà phartaïdh a' roinn na cumhachd, tha sin aithnichte mar riaghaltas co-bhanntachd. Ann an taghadh 2017, bha 650 uidheachan ri chosnad. Mar as mothà de shuidheachain a choisneas partaidh poilitigeach le na tagraichean aca a' toirt buaidh anns na roinnean-taghaidh agus a bhith nam BP, is ann as mothà a bhios buaidh aca air a bhith a' ruith na dùthcha. Gheibh stiùiriche a'phartaïdh leis an àireamh as mothà de shuidheachain san RA dreuchd a' phrìomhaire.

Bidh na partaidhean poilitigeach a' feuchainn ri taic fhaighinn bhon t-sluagh, oir nuair a thig àm taghaidh, bidh cothrom aca bhòtaichean a chosnad. Faodaidh seo a bhith cosgail, agus is ann mar sin a tha a' mhòr-chuid de BhP nam buill de phartaïdh an àite a bhith neo-eisimeileach.

### Na dh'ionnsaicheas tu:

- 1 Dè th' ann am partaidhean poilitigeach.
- 2 An diofar a tha eadar partaidhean poilitigeach.
- 3 Cò na prìomh phartaidhean poilitigeach anns an RA.
- 4 Mar a bhios daoine an sàs ann am poilitigs na RA.

Tha e gu math cudromach dha na partaidhean poilitigeach gu bheil ìomhaigh phoblach adhartach aca, agus gu bheil stiùiriche tlachdmhor aca os cionn a' phartaïdh. Mura bheil stiùiriche a' phartaïdh a' còrdadh ris an t-sluagh, tuitidh an ìre de thaic a gheibh am partaidh. Ann an taghadh 2017, chaidh Theresa May a chàineadh airson mar a rinn i am measg an t-sluagh san iomairt agus airson diùltadh pàirt a ghabhail ann an deasbadan, agus mar thoradh air a sin, chaill am Partaidh Consearbhatach iomadh suidheachan.

### Dè an diofar a tha eadar na partaidhean poilitigeach?

Tha planaichean agus lèirsinn shònraichte aig na partaidhean poilitigeach air mar a tha iad a' smaoineachadh a bu chòir an dùthaich a bhith air a ruith. Faodar na planaichean sin a liostadh fo phrìomh raointean **poileasaidh** leithid foghlam, àrainneachd, ceartas, eaonamaidh agus slàinte. Ro thaghadh, bidh gach partaidh poilitigeach a' foillseachadh pàipear a bhios a' cur an cèill nam poileasaidhean aca, ris an canar **manifesto a' phartaïdh**. Ma choisneas BP bho phartaïdh suidheachan, bidh buill a' phartaïdh an dùil gun cuidich iad le bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid poileasaidhean a' phartaïdh a bhrosnachadh, eadhon ged a dh'fhaodadh sin a dhol an aghaidh feumalachdan luchd-bhòtaidh a' BhP. Bidh am Faidhle Fiosrachaïdh air gach partaidh poilitigeach ag innse dhut beagan mu gach partaidh agus mu chuid de na poileasaidhean a tha iad an dùil a nì an RA na dùthaich nas fheàrr.

## FAIDHLE FIOS

**Am Partaidh Consearbhatach****Mu dheidhinn**

Is e am Partaidh 'Conservative agus Unionist' aig amannan air an ammeachadh mar am Partaidh Tòraidheach no Na Consearbhataich, am partaidh as mothà ann am Pàrlamaid na RA. Ann an taghadh coitcheann 2017 choisinn iad 318 suidheachain, a leig leoatha riaghaltas a stèidheachadh agus a leig leis an stiùiriche aca, Theresa May, cumail oirre na prìomhaire. Seach nach do choisinn iad mòr-chuid de na suidheachain, stèidhich iad riaghaltas beag-chuid, a' dol ann an compàirteachas ri Partaidh Deamocratach an Aonaidh (DUP) airson bhòtaichean sònraichte. Tha na Consearbhataich air a bhith a' riaghlaidh o 2010. San àbhaist gheibh na Consearbhataich taic à taobh a deas Shasainn agus thig an taic aca bhon mheadhan chlas is àrd-uaislean. Chan àbhaist dhaibh mòran taic fhaighinn ann an sgìrean a' chlas obrach. Leis gu bheil iad mar phàirt dhen riaghaltas, tha mòran de na poileasaidhean aca air an toirt gu buil.

**Prìomh phoileasaidhean**

- Ag amas air fiachan nàiseanta na RA a ghearradh gu mòr le cosgais phoblach a ghearradh, a' leantainn le reothadh air tuarastal luchd-obrach na roinn phoblaich.
- A' cur romhpa lìonra rèile mòr-astar a leasachadh, a' ceangal bhailtean-mòra ann an Sasainn ri Lunnainn, le obair-togail gu bhith deiseil ro 2026.
- A' toirt a-steach barrachd gnothachas prìobhaideach gu bhith an sàs ann an Seirbheis Slàinte Nàiseanta Shasainn agus na Cuimrig airson barrachd èifeachdais. (Tha NHS Alba fo smachd Riaghaltas na h-Alba)
- Uidheamachd ùr an àite Trident gus dùn niuclasach na RA a ghleidheadh.
- Bhòt a chumail air ais-ghairm na caisg air sealg shionnach



Na Consearbhataich



Figear 3.25 Theresa May

## FAIDHLE FIOS

**Am Partaidh Làbarach****Mu dheidhinn**

Aig taghadh coitcheann 2017 bha am Partaidh Làbarach air a stiùireadh le Jeremy Corbyn. Fhuair iad 262 suidhechain, agus b' iad an dàrna partaidh bu mhòtha ann an Taigh nan Cumantan. B' iad am **partaidh dùblanach** le dleastanas a bhith a' sgrùdadadh an Riaghaltais. Bha riaghaltas mòr-chuid aig a' Phartaidh Làbarach anns an RA eadar 1997 is 2010. Gu traídiseanta bidh e a' faighinn a' mhòr-chuid dhen taic aige bho cheann a tuath Shasainn agus bho sgìrean nan seann ghnìomhachasan. Sna bliadhnanachan mu dheireadh thill am partaidh gu na luachan traídiseanta aca fo Chorbyn, ag ath-thogail ceanglaichean làidir a' phartaidh ris na h-aonaidhean ciùird, agus a' leasachadh phoileasaidhean a tha ag amas air a' chlas-obrach.

## Na Lèbaraich

**Prìomh phoileasaidhean**

- £500 billean a thasgadh ann am bun-structar agus gnìomhachas, a' cruthachadh còrr is millean obair a bharrachd
- Cur às do chìsean teagaisg ann an Sasainn agus sa Chuimhrigh (tha cìsean teagaisg ann an Alba fo smachd Riaghaltas na h-Alba) agus coimhead ris na fiachan a tha air oileanaich an-dràsta a bheagachadh.
- An rèile a thoirt air ais fo smachd an riaghaltais agus guth nas motha a thoirt dhan t-sluagh a thaobh roinn na cumhachd.
- Siostam chìsean ùr ceumnach a thoirt a-steach a bhiodh na bu chothromaiche do dhaoine le pàigheadh iosal le bhith a' cur barrachd chìsean air daoine le tuarastail àrd. A' bheàrn eadar na beartich agus na bochdan, a tha a' sìor fhàs, a bheagachadh.
- Poileasaidh cèin a tha ag amas às ùr air còmhstri a sheachnadh agus a' cumail ri gealladh eadar-nàiseanta na dùthcha air cur às do armachd niuclasach.



Figear 3.26 Jeremy Corbyn

## Iomairtean taghaidh

Tha partaidhean poilitigeach ann airson gum faigh iad daoine an taghadh gu Taigh nan Cumantan far am bi iad nam BP. Tha na prìomh phartaidhean, na Consearbhataich agus na Lèbaraich, an dòchas gum faigh iad an àireamh as mothà de BhP agus gur iad a bhios a' dùnamh an Riaghaltais.

### Àite dhaoine fa leth

'S e an t-amas aig daoine fa leth ann am poilitigs gun tèid an taghadh nam BP. Le seo bidh buaidh aca air mar a tha an sgìre-phàrlamaid ionadail aca air a ruith, ach bidh buaidh aca cuideachd air poileasaidhean nàiseanta. Mar thagraiche ann an taghadh coitcheann, bu chòir dùil a bhith aig an tagraiche pàirt a ghabhail sna tachartasan seo:

- Deasbadan – glè thric mus bidh rtaghadh ann, nì na tagraichean bho gach partaidh deasbad phoblach ri chèile. Uaireannan canar ***hustings*** ri seo. 'S dòcha gun co-dhùin luchd-bhòtaidh cò dha a bhòtas iad a rèir 's mar a nì na tagraichean san deasbad agus, le sin, feumaidh iad a bhith misneachail agus cinnteach asta fhìn.
- Ag iomairt – bidh luchd-taic tric a' dol còmhla ri tagraichean 's iad a' tadhail air sràidean, a' gnogadh air dorsan agus a' cur stàilichean suas am meadhan a' bhaile. Canar ***canvassing /sireadh-taic no slighe na h-iomairt*** ri seo uaireannan. Le bhith a' coinneachadh ri daoine aghaidh ri aghaidh, tha tagraichean airson toirt orra bhòtadh air an son.
- A' cumail a-staigh air na meadhanan – nochdaidh tagraichean gu tric air rèidio agus telebhisean ionadail agus ann am pàipearan-naidheachd. Tha iad an dòchas gun ruig iad barrachd dhaoine agus gun toir iad air barrachd dhaoine bhòtadh dhaibh.
- Ag iomairt air-loidhne – ann am poilitigs an-diugh 's urrainn tagraichean **iomairt air-loidhne** a thòiseachadh far an cleachd iad Facebook, Twitter no làraich-lìn shòisealta eile gus toirt air daoine bhòtadh dhaibh.

### Àite phartaidhean

Bidh partaidhean poilitigeach a' toirt taic do thagraichean le maoineachadh nan gniomhan gu h-àrd. Bidh iad tric a' fastadh buidhnean dhaoine a chuidicheas le co-òrdanachadh iomairtean ionadail agus nàiseanta. Bidh partaidhean poilitigeach a' cosg an uabhas airgid gus tagraichean a chur air adhart.

Tha Clàr 3.8 a' sealltainn a' chuibheis na chosg gach partaidh air iomairtean taghadh coitcheann 2015.

Partaidh poilitigeach	Air a chosg
Consearbhatach	£15.6m
Lèbarach	£12.2m
Libearalaich Dheamocratach	£3.7m
PNA	£1.4m

**Clàr 3.8** Na sùimean cuibheasach a chaidh a chosg air iomairtean ann an taghadh coitcheann 2017

Pàighidh iad airson craolaidhean partaidh poilitigeach, bileagan, busaichean iomairt, stiùiricheadan iomairt phroifeiseanta agus cosgaisean sanasachd air Facebook, Twitter agus Google.

### Àite nam meadhanan

Tha àite mòr aig na meadhanan cuideachd ann an iomairtean taghaidh le bhith a' toirt àite do phartaidhean poilitigeach airson an teachdaireachd aca a sgaoileadh. Bidh meadhanan ionadail mar pàipearan-naidheachd agus stèiseanan rèidio tric a' cur dheasbadan air dòigh no ag aithris air iomairtean. Gu tric bheir na meadhanan nàiseanta cothrom do phrìomh bhuill nam partaidhean airson deasbad. Feumaidh stèiseanan rèidio agus telebhisein cumail ri riaghailtean teann an riaghladair Ofcom gus a bhith cinnteach nach gabh iad taobh seach taobh. Ach, faodaidh pàipearan-naidheachd taic a thoirt do aon phartaidh seach partaidhean eile agus le sin faodaidh na h-aithrisean aca a bhith a' dol le aon taobh. Airson tuilleadh fiosrachaidh air buaidh nam meadhanan faic Caib. 4.



## Seall do thugse

- 1 Dè th' ann am partaidh poilitigeach?
- 2 Ainmich an dà phrìomh phartaith anns an RA.
- 3 Carson a tha e cudromach gum bi stiùiriche tlachdmhor aig partaidh?
- 4 A bharrachd air gum bi stiùiriche làidir aca, dè na dòighean eile anns am bi partaidhean a' faighinn taic bhon phoball?
- 5 Dèan sgrùdadh air na Faidhlichean Fiosrachaidh mu na partaidhean poilitigeach.
  - (a) Cò na stiùirichean a th' aig an dà phrìomh phartaith phoilitigeach?
  - (b) Cia mheud suidheachan a fhuair gach partaidh ann an taghadh 2017 san RA?

### Leudaich

- 6 Seall air poileasaidhean gach partaidh. Nam biodh tu a' bhòtadh, dè am partaidh dham bhòtadh tu? Thoir taic dha do cho-dhùnadh le iomradh air co-dhiù dà phoileasaidh.

## Pàirt ann am poilitigs na RA

Chan e bhòtadh ann an taghadh an aon dòigh anns am faod daoine pàirt a ghabhail ann am poilitigs san RA. Faodaidh daoine a tha a' toirt taic do phartaith cuideachadh le obair a' phartaith sin le bhith mar **bhall dhen phartaith**.

### Giamar a gheibh thu ballrachd?


Tha e furasta ballrachd fhaighinn ann am partaidh. Bidh ceangal aig mòran ri beachdan partaidh le bhith a' pàigheadh cosgais bhliadhain no a' toirt tabhartas dhaibh. Faodaidh iad coinneamhan a' phartaith a fhrithealadh, beachdachadh air cuspairean air làrach blog a' phartaith agus eadhon na co-labhairtean nàiseanta san RA a fhrithealadh. Is e buidhnean deamocratach a tha ann am partaidhean agus is e na buill a cho-dhùineas cò sheasas mar thagraiche anns gach suidheachan.

Bidh buill tric an sàs ann an iomairtean aig àm taghaidh is a' feuchainn ri toirt air daoine bhòtadh airson a' phartaith. 'S dòcha gum bi iad a' sgoileadh bhileagan no postairean, a' tadhail air taighean no a' feuchainn ri taic fhaighinn tro mheadhanan sòisealta leithid Twitter no Facebook (faic td95).

**Ciamar a gheibh thu cothrom a bhith nad thagraiche ann an taghadh?**

Gus seasamh mar **thagraiche** anns an taghadh, an toiseach, feumar do thaghadh le buill ionadail a' phartaith agus às dèidh a bhith air do thaghadh mar thagraiche, bhiodh tu a' farpais ri tagraichean bho phartaidhean eile is ri tagraichean neoisimeileach. Dh'fhaodadh tu seasamh airson a bhith air do thaghadh mar chomhairliche ionadail no eadhon mar BhPA no mar BhP.

Dh'fheumadh buadhan pearsanta sònraichte a bhith aig neach airson seasamh ann an taghadh leithid:



**Figear 3.27** Buadhan pearsanta airson tagraiche poilitigeach



## Seall do thugse

- 1 Dè a' bhuaidh a bhios aig neach ann am partaidh poilitigeach nuair a gheibh iad ballrachd ann?
- 2 Thoir cunntas air na diofar dhòighean sam bi ball partaidh ag iomairt aig àm taghaidh.
- 3 Ciamar as urrainn dhut a bhith nad thagraiche airson partaidh poilitigeach ann an taghadh?
- 4 Dèan sgrùdadh air na diofar buadhan pearsanta a tha riatanach airson seasamh mar thagraiche airson partaidh poilitigeach. Tagh na trì as cudromaiche buileach nad bheachd-sa. Mìnich do roghainnean.

### Leudaich

- 5 Ann an dithisean, taghaibh co-dhiù sia buadhan pearsanta agus cruthaichibh sanas obrach no bileag airson Jobcentre Plus. Bu chòir an sanas agad mìneachadh carson a dh'fheumadh tagraiche agus BP gach fear de na sia buadhan pearsanta sin.

# Caibideil 4

## Iomairt, Aonaidhean agus na Meadhanan

### Buidhnean iomairt

#### Dè th' annata?

Ann am buidheann iomairt bidh daoine leis an aon bheachdan airson buaidh a thoirt air co-dhùnайдhean. Tha mòran le faireachdainn làdir – is dòcha mun àrainneachd agus a bhith beò ann an saoghal nach eil a' cosg cus carbon, no mun sgìre ionadail aca. Ann an deamocrasaidh riochdachaidh na RA tha na daoine sin nan luchd-taghaidh agus tha a' chòir aca iarraidh air BP, BPA no comhairliche sùim a chur nam beachd nuair a bhios iad a' tighinn gu co-dhùnайдhean. Ach, feumaidh na riochdairean sin smaoineachadh air iomadh cùis nuair a bhios iad a' tighinn gu co-dhùnайдhean agus is dòcha nach lean iad miann an neachtaghaidh. Bidh cuid an dùil gum bi iad nas soirbheachaile le cuideam a chur air an Riaghaltas mar bhuidheann an àite leotha fhèin. Tha miltean bhuidhnean-iomairt anns an RA, beag is mòr, eadar buidheann beag a' gearan air togail mòr-bhùth ùr, no buidhnean eadar-nàiseanta a' gearan mu bhlàthachadh na cruinne. Cha bhi buidhnean iomairt ag iarraidh a bhith ann an riaghaltas no an sàs ann am poilitigs nàiseanta, oir tha an ùidh aca ann an cuspair sònraichte.

#### Na dh'ionnsaicheas tu

- 1 Dè th' ann am buidheann iomairt?
- 2 Dè na h-amasan a tha aig buidhnean iomairt?
- 3 Dè na dòighean a bhios buidhnean iomairt a' cleachdad?
- 4 Eisimpleirean de na bhios buidheann iomairt a' dèanamh?
- 5 Cùisean a nochdas an lùib bhuidhnean iomairt

#### Dè na h-amasan a tha aig buidheann iomairt?

Tha diofar amasan aig a h-uile buidheann iomairt. Is dòcha gur e dìreach aon amas a bhios aig buidheann iomairt. Mar eisimpleir, tha Iomairt Di-armachadh Niuclasach (CND) airson gun tèid cur às gu tur do dh'armachd niuclasach air feadh an t-saoghail. Leanaidh iad orra ag iomairt gus an tachair seo. Air an làimh eile, tha mòran amasan agus mòran iomairtean aig cuid de bhuidhnean, leithid Buidheann Luchd-còmhnaidh Woodhill, buidheann iomairt beag ann an sgìre Drochaid an Easbaig ann an Siorrachd Dhùn Bhreatann an Ear a bhios ag iomairt airson grunn chùisean san sgìre, nam measg cur às do phòlaichean fòn, ùrachadh air meadhan a' bhaile agus a' beagachadh irean astair. Faodar amasan bhuidhnean-iomairt a chlàradh a rèir an t-seòrsa buidheann iomairt a tha annata (faic Clàr 4.1).

#### Buidhnean iomairt

**Amnesty International** – buidheann ag iomairt airson còraichean dhaoine.

**BMA** – Comann Meadaigeach Bhreatann a' riochdachadh nan dotairean

**CBI** – Bidh Caidreachas Gníomhachas Bhreatann a' brosnachadh miann ghníomhachasan na RA.

**Greenpeace** – ag iomairt aig ìre chruinneil a thaobh chùisean àrainneachdail.

**Mumsnet** – a' riochdachadh beachdan phàrantan agus a' toirt buaidh air daoine nuair a bhios iad ag aontachadh phoileasaidhean (faic td101).

**Scottish SPCA** – ag iomairt airson tuilleadh laghan gus casg a chur air an-iocdh a thaobh bheathaichean.

**Scrap Trident Coalition** – armachd Trident a thoirt à Ionad Nèibhidh Faslane a tha air Abhainn Chluaidh.

Buidhnean airson adhbhar sònraichte	Buidhnean roinne
Tha dragh air buill a thèid an lùib nam buidhnean sin a thaobh cuspair sònraichte.	Bidh buill a' dol an sàs leis na buidhnean sin oir tha iad a' riochdachadh an t-suidheachadh obrach a th' aca sa chomann-shòisealta.
Tha na buidhnean sin fosgailte dha cha mhòr a h-uile duine agus tha na mìltean ann dhiubh.	Tha na buidhnean sin ann dhan bhallrachd aca; tha iad dùinte dhan mhòr-chuid. Is e na h-aonaidhean-ciùird as fheàrr a tha aithnichte.
Tha cuid de bhuidhnean beaga agus dh'fhaodadh nach eil iad ann ach airson ùine ghoirid, a rèir a' chuspair anns a bheil iad an sàs.	Bidh na buidhnean air an deagh eagrachadh.
'S dòcha gu bheil cuid air a bhith a' dol fad dheicheadan agus ag iomairt aig ìre chruinneil.	Bidh iad ag iomairt airson grunn chuspairean a bheir buaidh air na buill aca.
Bidh cuid de na buidhnean iomairt clàraichte mar charthannasan.	Tha iad gu tric nas soirbheachaile na buidhnean adhbhair oir faodaidh iad stailc a mhaoidheadh.

## Clàr 4.1 Seòrsachan bhuidhnean-iomairt



## Seall do thuigse

- 1 Dè th' ann am buidheann iomairt?
- 2 Carson a bhios daoine a' faireachdainn gum feum iad buidheann iomairt a stèidheachadh?
- 3 Mìnich trì phrìomh eadar-dhealachaidhean eadar buidhnean adhbhair agus buidhnean roinne.
- 4 Thoir sùil air an liosta de dh'eisimpleirean de bhuidhnean-iomairt. Dèan liosta le dà cheann
  - Buidhnean Adhbhair agus Buidhnean Roinne
  - agus co-dhùin dè a' bhuidheann anns am bu chòir gach fear nochdadh.

## Gniomh ICT



Ag obair ann an dithisean, cleachdaibh an t-Eadar-lòn gus sgrùedadadh a dhèanamh air buidheann iomairt a thaghas sibh fhèin. Ullaichibh taisbeanadh le 3-5 slaighdean gus aithris a thoirt air ais dhan chlas no dhan bhuidheann agad. Is dòcha gum biodh sibh airson am fiosrachadh a leanas fhaighinn a-mach:

- Ciamar agus cuin a chaidh a stèidheachadh?
- Dè na prìomh amasan a th' aige?
- Cia mheud ball a th' ann?
- Dà eisimpleir de rudan a rinn iad.



## Luach a bharrachd

Dh'fhaodadh tu wiki a chruthachadh mu bhuidheann iomairt de do roghainn fhèin. Dh'fhaodadh an wiki agad cùl-fhiosrachadh a thoirtmun bhuidheann agus anailis air cho eifeachdach 's a tha dòighean-obrach na buidhne air a bhith.

## Dòighean-obrach bhuidhnean iomairt

Ann an comann-sòisealta deamocratach, faodaidh am poball am beachdan a chur an cèill agus eas-aonta ri co-dhùnaidhean a nochdadh gu poblach. Bidh a' mhòr-chuid de bhuidhnean a' cleachdadh dhòighean **laghail** nuair a dh'fheuchas iad ri buaidh a thoirt air luchd nan co-dhùnaidhean. Bidh na dòighean a chleachdas am buidheann an urra ris an dàimh a tha eadar iad fhèin agus luchd-dèanaimh cho-dhùnaidhean. Ma tha buidheann iomairt a' faireachdainn gu bheil iad làidir, 's dòcha gum bi iad deònach an obair a chumail aig ìre ìosal agus, 's dòcha gum bi iad ag obair cuide ris an Riaghaltas fhad 's a tha iad a' cur an draghan air adhart. Canar uaireannan buidhnean air an **taobh a-staigh** riutha sin. Ach, ma tha buidheann iomairt a' faireachdainn nach eil iad a' toirt buaidh no nach eilear ag èisteachd riutha, is dòcha gun tionndaidh iad an aghaidh an Riaghaltas le gearan gu poblach.

Cuiridh seo iad tric gu strì an aghaidh an Riaghaltais. Bidh na buidhnean sin airson an sluagh a chur an aghaidh an Riaghaltais. Uaireannan canar buidhnean-iomairt air an **taobh a-muigh** riutha. Mar as nochte dòigh-obrach buidheann dhan phoball, is ann as dòcha iad a bhith nam buidheann air an taobh a-muigh.

### Conaltradh ri luchd-dèanaimh cho-dhùnaidhean

Bidh buidhnean iomairt a' conaltradh ris na ríochdairean aca, mar comhairlichean, BP no BPA, gus na faireachdainnean aca a nochdadh agus taic iarraidh. Tha grunn ríochdairean a tha nam buill de bhuidhnean-iomairt. Faodaidh conaltradh a bhith tro litir, post-dealain no coinneamh. Tha an doigh seo math oir faodaidh grunnan conaltradh aig an aon àm. Faodaidh buidheann coinneamh a chur air dòigh le ríochdaire airson taic fhaighinn. 'S e sin, iarraidh iad air a' chomhairliche, air a' BhP no air a' BhPA taic phoblach a thoirt dhan iomairt, agus feuchaidh iad ri toirt orra bhòtadh air taobh sònraichte de chuspair.

### Athchuingean

Bidh iomairtean a' cleachdadhlathchuingean poblach gus sealltainn do luchd-dèanaimh cho-dhùnaidhean gu bheil faireachdann làidir am measg a' phobaill mun chuspair aca. Bidh iad a' cur athchuingean gu gnìomhachasan mòra agus chun an Riaghaltais gus cuideam a chur orra na modhan-obrach aca atharrachadh. Chuir Iomairt Snowdrop air adhart athchuinge soirbheachail. Fhuair iad taic bhon phoball le feuchainn ri casg a chur air seilbh phrìobhaideach ghunnaichean. Chuir còrr air 750,000 neach an ainm ris an athchuinge às deidh a' mhuiirt ann an 1996 ann an Dùn Bhlàthain far an deach 16 pàistean agus an tidsear aca a mharbhadh.

### Caismeachd, taisbeanadh, cruinneachadh

Faodaidh buidhnean gearanan poblach a thogail ma dh'innseas iad do na h-ùghdarrasan ro-làimh agus gun giùlan iad iad fhìèin gu laghail. Faodaidh gearanan a bhith mar chaismeachd, taisbeanadh aig togalach cudromach, no cruinneachadh ann an raon mòr poblach. Faodaidh iad a bhith math gus aire a' phobaill agus nam meadhanan a ghlachadh agus an cuspair a bhrosnachadh. Tha buidhnean bhon taobh a-muigh nas dòcha

### Co-bhanntachd Casg a' Chogaidh

Rinn buidheann iomairt a' chaismeachd a bu mhotha riamh ann an Lunnainn gus cur an aghaidh ionnsaigh armachd ann an Irac ann an 2003. Nochd còrr air millean neach air na sràidean airson tachartas a chaidh eagrachadh le Co-bhanntachd Casg a' Chogaidh. Chaidh caisneachdan cuideachd a chumail ann an Glaschu agus Beul Feirte. Ged a bha an tachartas gu ìre mhòr sìtheil, chaidh ceathrar dhen luchd-iomairt a bha an aghaidh a' chogaidh a chur an grèim às deidh do chòrr air 20 neach suidhe sìos mar ghearan ann am Piccadilly Circus. Chum Riaghaltas na RA air adhart leis na planaichean aca.



**Figear 4.1** Rinn luchd-iomairt caisneachd aig Taighean na Pàrlamaid sa Ghearran 2003

### Postairean, bileagan agus eadar-lion

Bidh a' mhòr-chuid de bhuidhnean-iomairt a' sìreadh thabhartasan, no cosgais ballrachd, bhon luchd-leantainn aca. Leigidh seo leotha pàigheadh airson stuthan iomairt leithid phostairean agus bileagan. Bidh iad an uair sin a' dol gu sònraichte gu sgìrean far an toir iad seachad bileagan air an t-sràid no far an cuir iad tro dhorsan iad. Bidh iad cuideachd a' pàigheadh chosgaisean do luchd-taic saor-thoileach airson gum bruidhinn iad ri daoine ann an ionadan trang sa bhaile-mhòr airson am brosnachadh gus an ainm a chur ri athchuingean, a dhol an sàs leis a' bhuidheann, no tabhartasan a thoirt seachad. Mar as mothà a' bhuidheann iomairt is ann as mothà a bhios aca de dh'airgead. Bidh buidhnean leithid Amnesty International an sàs ann an iomairtean cruinneil agus a' cleachdadhlheadhanan sòisealta leithid Facebook agus Twitter gus a' chùis aca a bhrosnachadh.

## Na mòr-mheadhanan

Bidh cuid de bhuidhnean-iomairt a' dèanamh deagh fheum de thelebhisean, rèdio 's pàipearan-naidheachd gus a' chùis aca a bhrosnachadh gus cuideam a chur air luchd nan co-dhùnaidhean. Dh'fhaodadh seo a bhith aig iùre glè bheag, leithid

nochdadhbh ann am pàipear-naidheachd ionadail no mar neach-panail air prògram telebhisean nàiseanta mar *Question Time*, no mar aoigh air prògram naidheachd. Bidh mòran a' cruthachadh làraich-lìn agus iomairtean air-loidhne gus feuchainn ri faighinn gu barrachd luchd-èisteachd.

## Deamocrasaidh didseatach

San 21mh linn tha fàs ann an deamocrasaidh didseatach air buaidh mhòr a thoirt air gniomhan nam buidhnean iomairt. 'S e an t-adhbhar gur e a' phrìomh neart aig mòran bhuidhnean-iomairt gun urrainn dhaibh na meadhanan sòisealta a chleachdadhbh airson a' bhuaidh aca a sgaoileadh. Tha deamocrasaidh didseatach a' leigeil le buidhnean iomairtean a chur air bhonn agus a' bhuaidh aca a sgaoileadh ged nach eil mòran airgid no goireasan aca. Tha e cuideachd a' leigeil le daoine a dhol an sàs gu furasta ann an gniomhan poilitigeach. Faodaidh buidhnean iomairt deamocrasaidh didseatach a chleachdadhbh airson fiosrachadh a thoirt do dhaoine ach cuideachd airson daoine a bhrosnachadh gus beachdan poilitigeach a chur an cèill agus fiù 's gniomh dìreach a chur air dòigh.

Tha am buidheann iomairt UK Uncut air meadhanan sòisealta a chleachdadhbh gu tric airson tachartasan agus togail-fianais a chur air dòigh. Aon uair ainmeil ghabh iad thairis bùthan le Starbucks agus a' bhùth-bìdh Fortnum & Mason ann an Lunnainn, agus rinn iad seirbheisean dhiubh, mar chroileagain agus leabharlainn. Nam beachd-san, bha na seirbheisean ud ann an cunnart air sgàth poileasaidhean nan companaidhean air pàigheadh chìsean.



## Seall do thuigse

- 1** 1 Thoir cunntas mionaideach air na thathas a' ciallachadh le:
    - (a) Buidhnean iomairt bhon taobh a-staigh
    - (b) Buidhnean iomairt bhon taobh a-muigh.
  - 2** Thoir sùil air na dòighean a bhios buidhnean iomairt a' cleachdadhbh.
    - (a) Dèan liosta dhiubh ann an òrdugh mu na dòighean a tha thu a' faireachdainn a tha nas èifeachdaiche.
    - (b) A thaobh an dà dhòigh as àirde a th' agad, mìnich carson a tha iad èifeachdach.
    - (c) A thaobh na roghainn mu dheireadh agad, mìnich carson a tha nach bi e cho èifeachdach.
- Leudaich**
- 3** Ag obair ann am buidheann, beachdaichibh air cuspair mu bheil sibh a' faireachdainn gu làidir. Tha sibh a' stèidheachadh buidheann iomairt mun chuspair seo. Dèanaibh na gniomhan a leanas air postair mòr.
    - (a) Anns a' mheadhan sgrìobhaibh ainm a' bhuidhinn agaibh.
    - (b) Mìnichibh dè na h-amasan a tha agaibh agus cò air a tha sibh ag amas gu sònraichte.
    - (c) An e buidheann bhon taobh a-staigh no bhon taobh a-muigh a tha annaibh. Mìnichibh na buannachdan agus na h-eas-bhuannachdan bhon roghainn aghaibh.
    - (d) Taghaibh na dòighean a chleachdas sibh, agus mìnichibh na tha sibh an dòchas a choileanadh san dòigh seo.
    - (e) Thoiribh a-steach dealbhan gus am postair a dhèanamh nas tarraigiche.

## Carson a tha e ceadaichte do bhuidhnean-iomairt a dhol an sàs ann an gniomhan?

Bidh buidhnean iomairt beò taobh a-staigh prionnsabal **saor-labhairt**, a tha aig cridhe deamocrasaidh. Tha iad air an dòn fon lagh oir tha

còir aca am beachdan a chur an cèill; ach, feumaidh iad dleastanasan sònraichte a leantainn mar phàirt dhen dòn laghail seo. Mura dèan iad sin, bidh iad a' briseadh an lagh agus bheirear iad gu cuirt.

Còraichean	Dleastanasan
Tha a' chòir aca air gearan a thogail tro chaismeachdan, taisbeanaidhean agus strì gnìomhachais.	Feumaidh iad gearan a dhèanamh gu laghail le bhith a' leantainn cheumanan-obrach agus a' dèanamh cinnteach gu bheil gearanan sìtheil.
Tha a' chòir aca an t-adhbhar aca a bhrosnachadh le bhith a' cleachdad nam mòr-mheadhanan agus meadhanan ùra.	Chan fhaod iad càineadh a dhèanamh air neach fa leth no breugan innse airson feuchainn ri ìmpidh a chur air daoine.
Faodadh iad a bhith gnìomhach ann a bhith a' feuchainn ri buill ùr fhaighinn.	Chan fhaod iad daoine a cho-èigneachadh gu bhith nam buill. Chan fhaod iad a bhith ri burraidheachd no daoine a tha an aghaidh a chur fo eagal.
Faodaidh iad fios a chur gu riochdairean gus feuchainn ri taic fhaighinn bhuapa.	Chan fhaod iad luchd-poilitigs a chur fo eagal. Chan fhaod iad maoidheadh, a bhith ri dubh-mhàl no eagal a chur air daoine gus an t-adhbhar aca adhartachadh.
Faodaidh iad athchuinge a chur air chois gus taic phoblach a nochdadh.	Chan fhaod iad ainmean-sgrìobhte dhaoine eile a chleachdad; feumaidh an taic aca a bhith fior.

Clàr 4.2 Còraichean agus dleastanasan bhuidhnean iomairt

## Sgrùdadh-cùise: Buidhnean iomairt na RA ag obair

### Mumsnet: Let Girls Be Girls

Chaidh Mumsnet a stèidheachadh san Fhaoilleach 2000 mar làrach-lìn agus fòram do phàrantan gus comhairle a thoirt agus fhaighinn. An diugh 's e an làrach-lìn phàrantan as trainge san RA le còrr air 12 millean neach ga chleachdad gach mìos. Tha e mar sin na bhuidhneann iomairt gu math èifeachdach. Ro thaghadh coitcheann 2017 bha a h-uile partaidh a' feuchainn ri taic fhaighinn bho Mumsnet agus an 2 mhillean neach-bhòtaidh a bha ga leantainn. Tha a' mhòr-chuid dhen luchd-leantainn aige nam prìomh bhuidheann de luchd-bhòtaidh neo-cheangailte (luchd-bhòtaidh nach bi a' bhòtadh dhan aon phartaidh poilitigeach sa h-uile taghadh) agus bithear às an dèidh gu sònraichte aig àm nan iomairtean. Ann an 2010 chuir Mumsnet iomairt **Let Girls Be Girls** air bhog. Bha e ag amas casg a chur air buaidh feise air clann le bhith ag iarraidh air luchd-reic gealltainn gun bathar chloinne a reic, a bha a' cluich, a' cur cuideam air no a' gabhail brath air an gnèitheachd. Ann an 2012 chaidh an iomairt a leudachadh gus dèiligeadh

ri irisean 'bhalaich', ag iarraidh air bùithtean 's mòr-bhùithtean a bhios a' reic phàipearan-naidheachd gun a bhith gan taisbeanadh far am faic clann iad. Sgrìobh Mumsnet gu luchd-reic agus chuir iad coinneamhan air chois còmhla ri oifigearan riaghaltais. Mar thoradh air an sin, dh'fhoillsich an Riaghaltas riaghailtean agus ceumannan obrach do luchd-reic. Ann an 2017 thuirt Theresa May gum biodh an Riaghaltas a' feuchainn ri toirt air solaraichean seirbheis eadar-lìn agus companaidhean meadhanan sòisealta smachd a chumail air an stuth air an ruig clann.



Figear 4.2 Tha Mumsnet ag iomairt do phàrantan

### Iomairt Bìdh Jamie Oliver

Rinn Jamie Oliver iomairt Thoir Biadh nas Fheàrr Dhomh ann an 2015. Thug e air sgoiltean Shasainn biadh sgoile atharrachadh gu mòr. An dèidh sin thòisich e Iomairt a' Bhìdh airson ìmpidh a chur air an Riaghaltas is gnìomhachasan leis gu bheil reimhreachd chloinne a' dol nas miosa. Tha diofar dhòighean aig an iomairt air an teachdaireachd a sgaoileadh. Mar chòaire iomraiteach, bidh Jamie Oliver tric a' dèanamh phrògraman aithriseach mar Jamie's Sugar Rush a chaidh a-mach ann an 2015 agus a sheall a' bhuaidh a th' aig biadh sa bheil tòrr siùcar. Ann an 2016 bha e os cionn tachartas beò air na meadhanan sòisealta le càcairean cliùiteach eile bho air feadh an t-saoghal. Bha còrr is 116 millean neach na lùib air

Facebook agus còrr is 1.6 billean neach na lùib air Twitter. An dèidh na h-iomairt thuit Riaghaltas na RA gun cuireadh iad cùs air deochan le siùcar ann an 2018.



**Figear 4.3** Iomairt Bìdh Jamie Oliver.

### Sgrùdadhbhùise: Buidhnean iomairt Albannach ag obair

#### Togail-fianais neo-eisimeileachd aig Pàrlamaid na h-Alba

An dèidh buil an referendum air neo-eisimeileachd na h-Alba san t-Sultain 2014 (55% cha bu chòir; 45% bu chòir) rinn buidheann beag de luchd togail-fianais IndyCamp taobh a-muigh na Pàrlamaid, a' gearan mun bhuil. Bha am buidheann airson faire shìtheil a chumail gus am biodh Alba neo-eisimeileach. Fhuair am buidheann taic bho dhaoine tro na meadhanan sòisealta mar Facebook 's Twitter le #indycamp. Bha am buidheann a' cumail a-mach gun robh iad a' cur ìmpidh air an Riaghaltas dàrna referendum air neo-eisimeileachd a chumail. Thug Pàrlamaid na h-Alba am buidheann dhan chìurt, ag ràdh gun robh e an aghaidh 'neo-phàirteachd' na Pàrlamaid an camp a bhith ann. Chaidh co-dhùnadh san t-Samhain

2016 am buidheann fhuadach, agus an uair sin dh'fheuch iad a' chùis a thoirt gu Prìomh Chùirt na RA. Ach, san Ògmhios 2017 thàinig breith nach robh adhbhar laghail airson a' bhuidhinn agus le sin chan eil iad an làthair aig a' Phàrlamaid a-nis.



**Figear 4.4** IndyCamp taobh a-muigh Pàrlamaid na h-Alba. Dhùin an campa san t-Samhain 2016

## Campa-sìthe Faslane

Fad 30 bliadhna, tha campa gearain an aghaidh connadh niuclasach air a bhith taobh a-muigh geataichean Ionad Cabhlachd Faslane, air a' Gheàrr Loch a tuath air Abhainn Chluaidh. An seo tha bàtaichean-aiginn niuclasach Trident na RA. Thar nam bliadhnaichean tha luchd-iomairt air feuchainn ri faighinn thairis air tèarainteachd an ionaid. Aon turas fhuair triùir a-steach ann an èideadh Santa Claus. Tha sianar de luchd-còmhnaidh fad-ùine a' fuireach ann aig ìre shìmplidh ann an carabhanaichean gun sgath uisge pioba. Ach, bidh daoine a' tadhail orra gach latha. A' mhòr-chuid dhen ùine bidh iad a' gearan gu sìtheil agus leanaidh iad

orra a' dèanamh sin fhad 's a bhios armachd niuclasach air Abhainn Chluaidh. Tha Prìomh Mhiniestar na h-Alba Ailig Salmond air gealltann gum bi Alba neo-eisimeileach saor bho armachd niuclasach.



**Figear 4.5** Suaicheantas Dìth-armachd Niuclasach



### Seall do thugse

- 1 Carson a tha e ceadaichte do bhuidhnean iomairt strì a dhèanamh?
- 2 Thoir sùil air Clàr 4.2 agus na sgrùdaidhean cùise mu bhuidhnean iomairt ri strì. A thaobh gach sgrùdadadh cùise:
  - (a) Mìnich dè na còraichean a bha iad a' cleachdadadh nan iomairtean.
  - (b) Mìnich an dleastanas co-cheangailte ris a' chòir, agus an do lean a' bhuidheann ris.
  - (c) Mìnich buaidh na strì a rinn a' bhuidheann.

## Cùisean co-cheangailte ri buidhnean iomairt

A bheil buidhnean iomairt nan cunnart do dheimocrasaidh?

### A' briseadh a lagh

Bidh cuid de bhuidhnean iomairt nach bi a' cur sùim anns na riaghailtean agus a bhios a' briseadh an lagh. Bidh mòran dhiubh a' faireachdайн gum feum iad ceumannan sònraichte a ghabhail airson an guth a thogail. Gu math tric feumar smachd teann a chumail air gearanan, taisbeanaidhean agus caismeachdan mar thoradh air na gniomhan sin, agus aig amannan bithear a' càineadh nam poilis airson làmhachas-làdir a chleachdadadh.

### Reclaim the Power, Sussex an lar

Bha am buidheann seo a' togail-fianais an aghaidh companaidh cumhachd Caudrilla air sgàth planaichean drileadh ola agus 'fragadh' airson gas cloich-ghual 's dòcha ann an 2013. Dhùin an togail-fianais an làrach drilidh. Chaidh mu 30 neach a chur an grèim, Caroline Lucas, BP Uaine, nam measg. Aig prìomh oifis Caudrilla chaidh sianar a chur an grèim an dèidh a dhol dhan togalach agus an glaodhadh fhèin ri chèile agus iad ri togail-fianais. Lean a' chompanaidh cumhachd air adhart leis na planaichean aca.

### Fathers4Justice

Tha Fathers4Justice agus New Fathers4Justice ag amas air lagh teaghlaich atharrachadh agus inbhe pàrant co-ionann a thoirt do fhir, gu sònraichte ann an sgaradh-pòsaidh is eile. Tha iad air gearan gu mi-laghail ann an diofar dhòighean mar a' dìreadh Pàrlamaid na RA agus togalaichean eile ann an èideadh ghaisgich. Ann an 2004 rinn Fathers4Justice connspaid nuair a thilg iad flùr purpaidh air a' Phriomhaire Tony Blair ann an seòmar Thaigh nan Cumantan. Bha seo na bhriseadh tèarainteachd. Tha sgrionairean mòra glainne a-nis air a' ghailearaidh amhairc ann an Taigh nan Cumantan. Ann an 2015 shreap New Fathers4Justice Lùchairt Bhuckingham 's iad an aghaidh 'War on Dads'. Thachair seo an dèidh do Riaghaltas na RA innse gum biodh tèarainteachd theann aig làraich ainmeil an dèidh ceannairc ann am Paris, a nàraich an Riaghaltas.

**Aimhreitean nan oileanach, Lunnainn**

Ann an 2010 chriochnaich gearan nan oileanach ann an Lunnainn an aghaidh àrdachadh cìsean oileanach ann an Sasainn agus sa Chuimrigh le fòirneart nuair a chaidh 14 oifigearan poilis a leòn. Chaidh craobh Nollaig ann an Ceàrnag Trafalgar a chur na teine, uinneagan bùtha a bhriseadh, iomhaighean ann an Ceàrnag na Pàrlamaid a mhilleadh, agus Prìomh Oifis nan Consearbhataich nuair a chaidh briseadh a-steach innte. Thugadh ionnsaigh air càr a' Phrionnsa Theàrlaich agus a bhean Camilla, Bana-dhiùc na Còrn, rud a rinn clisgeadh mòr tèraineachd. Cha do thill an Riaghaltas bhon chùrsa aca, agus chùm iad orra leis na planaichean aca. A dh'aindeoin sin, thog e fior mhothachadh mun chùis am measg an t-sluaigh.

**UK Uncut**

Is e eisimpleir eile a' bhuidheann UK Uncut a ghabh thairis, ann an 2011, bùth Fortnum & Mason ann an Lunnainn, agus dhiùlt iad fhàgail. Bha a' bhuidheann a' gearan mu na bha an companaidh a' páigheadh de chìsean. Fhuair luchd-iomairt làmh-an-uachdair air oifigearan poilis agus fhuair iad smachd air a' bhùth. Chaidh còrr air 125 neach-iomairt a chur an grèim. Chaidh a' mhòr-chuid dhiubh a leigeil ma sgaoil ann am beagan ùine, ach chaidh casaidean briseadh-chrìochan a thogail an aghaidh deichnear dhen luchd-iomairt. Thuit Fortnam & Mason gun do chaill iad luach £54,000 ann an reic. Bidh UK Uncut a' cleachdad nam meadhanan ùra gus gearanan a chur air chois gu sgiobalta agus bidh na poilis an-còmhnaidh a' cumail sùil air na bhios iad a' dèanamh.

**Anonymous**

San t-Samhain 2015 chuir Anonymous caismeachd an aghaidh calpachas air dòigh – am Million Mask March. Chriochnaich e le fòirneart. Chaidh còrr is 50 a chur an grèim airson ionnsaighean air na poilis agus na h-eich aca, agus chaidh càr poilis a sgrios. Bha casaidean an aghaidh Anonymous gun robh iad a' maoidheadh air daoine gu mì-laghail agus a' cur eagal air daoine leis na dòighean a chleachd iad.


**Buaidh neo-chothromach**

Aig amannan bithear a' cur às leth bhuidhnean iomairt gu bheil buaidh neo-chothromach aca air dèanamh cho-dhùnaidhean. Bidh iad a' cur


cuidream air comhairlichean, BP's BPA, ach 's e mion-bhuidheann a tha iad a' riochdachadh le sealladh cumhang air suidheachaidhean. A bharrachd air an sin, tha cuid de bhuidhnean iomairt gu math mòr agus mar sin tha cothrom aca air barrachd buaidh na tha aig buidhnean nas lugha. Bidh mòran dhen bheachd gu bheil seo mì-chothromach, gu sònraichte nuair a shaoileas tu nach eil mòran de bhuidhnean iomairt idir deamocratach agus nach bi iad a' toirt cumadh air na poileasaidhean aca mar a mhiannaicheadh a' bhallrachd aca.

**Mòr-thaitneachd**

Tha dragh ann ged a tha barrachd is barrachd dhaoine air an tarraig air falbh bho dheimocrasaidh riochdachaidh agus bho phartaidhean poilitigeach, gu bheil buidhnean iomairt a' faighinn a-mach gu bheil a' bhallrachd aca a' dol suas gach bliadhna. Tha cuid dhen bheachd gu bheil poilitigs thraidseanta seann-fhasanta agus bidh daoine, gu sònraichte an òigridh, a' faighinn a-mach gu bheil an taobh eile a tha ri faighinn bho bhuidhnean iomairt fada nas ceangailte ris an dòigh smaoineachaiddh aca. Tha seo gu mòr mar thoradh air an dòigh eifeachdach anns am bi buidhnean iomairt a' cleachdad nam meadhanan ùra, mar na meadhanan sòisealta. Tha seo gu ire a' cur deamocrasaidh ann an cunnart oir bidh a' Phàrlamaid nas sgarachte barrachd is barrachd bhon t-sluagh. Ach, le Jeremy Corbyn na cheannard, thàinig àrdachadh mòr air ballrachd a' Phartaidh Labaraich anns na bliadhna chan mu dheireadh. Fhuair e taic gu sònraichte bho dhaoine òga a tha an sàs ann am poilitigs.



**Figear 4.6** Ballrachd partaidh poilitigeach,



**Figear 4.7** Ballrachd buidhnean iomairt (a' toirt a-steach aonaidhean-ciùird), 1971-2017



### Seall do thugse

- 1 Dè dh'fhaodadh tachairt mar thoradh air a bhith ag iomairt gu mì-laghail?
- 2 Thoir sùil air na h-eisimpleirean de bhriseadh an lagh.
  - (a) Thoir sùil air an aithisg air Reclaim the Power.  
Dè a' bhuaidh a bha aig luchd-iomairt a' briseadh an lagh?
  - (b) Thoir sùil air an aithisg mu Fathers4Justice agus New Fathers4Justice.
    - i Dè an tamas a tha aig Fathers4Justice agus New Fathers4Justice?
    - ii Dè na gnìomhan mì-laghail a rinn na buidhnean agus dè na toraidhean a bha aig na gnìomhan aca?
  - (c) Thoir sùil air an aithisg mu aimhreitean nan oileanach.
    - i Cò mu dheidhinn a bha na h-oileanaich a' gearan?
    - ii Dè na gnìomhan mì-laghail a rinn iad?
    - iii A bheil thu a' smaoineachadh gun do chuidich no gun do chuir e bacadh air adhbhar a' bhuidhinn?  
Thoir adhbharan airson do fhreagairt.
  - (d) Thoir sùil air an aithisg mu UK Uncut.
    - i Dè an tamas a tha aig UK Uncut?
    - ii Dè na gnìomhan mì-laghail a rinn na buill aca?
    - iii Mìnich mar is e rud math agus rud dona do dheimocrasaidh a tha ann gu bheil am buidheann a' cleachdad nam meadhanan sòisealta.
- 3 'Tha buaidh mhì-chothromach aig buidhnean iomairt air deamocrasaidh anns an RA.' Dè an ìre gu bheil thu ag aontachadh ris an aithris gu h-àrd? Mìnich do fhreagairt.
- 4 Ainmich aon bhuil a dh'fhaodadh a bhith aig buidhnean iomairt mòr-chòrdte.
- 5 Nad bheachd-sa, dè ghabhadh dèanamh airson gum biodh poilitigs partaidh nas mòr-chòrdte?

### Leasaich do sgilean

- 6 'Chan eil partaidhean poilitigeach no buidhnean iomairt cho mòr-chòrdte a-nis 's a bha iad ann an 1991 agus, gu dearbh, o chionn ghoirid, tha lùghdachadh mòr air tighinn ann am ballrachd bhuidhnean iomairt.' (May Allan)

A' cleachdadh Figearan 4.6 is 4.7, mìnich carson a dh'fhaodar cur às leth May Allan gun robh i ri àibheiseachd.

# Aonaidhean ciùird

## Na dh'ionnsaicheas tu:

- 1 Dè th' ann an aonadh ciùird?
- 2 Na h-amasan a tha aig aonadh ciùird.
- 3 Dòighean-obrach a tha aig aonaidhean ciùird
- 4 Eisimpleirean de dh'obair strì aonadh ciùird.
- 5 Cuspairean mu aonaidhean ciùird.

## Dè th' ann an aonadh ciùird?

Tha a' mhòr-chuid de luchd-fastaidh an sàs ann an gniomhachas airson prothaid a dhèanamh. Tha luchd-obrach mar chosgais dhaibh agus bidh iad a' feuchainn ris a' chosgais sin a chumail sìos. Tha iad airson gum faigh iad nas urrainn de chinneasachd às an luchd-obrach gus am faigh iad luach an airgid asta. Air an làimh eile tha luchd-obrach ag iarraidh pàigheadh iomchaidh airson an obair. Faodaidh seo an dà thaobh a thoirt an glaic a chèile. Tha luchd-obrach air faighinn a-mach ma bhios iad an sàs còmhla gum bi e comasach dhaibh toradh nas fheàrr faighinn bho chonaltradh. Is e seo **co-bharganachadh**. Faodaidh neach-fastaidh gun aire a thoirt do dhragh a thogas aon neach-obrach, ach ma thig an luchd-obrach còmhla agus gum bruidhinn iad gu h-aona-ghuthach, tha neach-fastaidh nas dualtaiche èisteachd. Mar sin, bidh luchd-obrach a stèidheachadh buidhnean ris an canar **aonaidhean ciùird** a nì tagradh às an leth.

## Dè na h-amasan a tha aig aonaidhean ciùird?

Tha cha mhòr aon neach-obrach à còig san RA na bhall de aonadh ciùird – mu 7 millean neach. Bidh daoine a' caitheamh pàirt mhòr dem beatha nan dreuchd. Do mhòran, tha an dreuchd a' toirt sàsachadh dhaibh. Tha cuid de luchd-obrach a' faireachdainn nach eileas a' dèiligeadh riutha gu cothromach. Bidh iad a' dol gu aonadh ciùird airson cumhachan-obrach nas fheàrr. Tha coltas gu bheil buill de dh'aonaidhean ciùird a' faighinn pàigheadh nas àirde agus cumhachan-obrach nas fheàrr na daoine nach eil ann an aonadh, bhon a tha cuideigin a' bruidhinn às an leth.

## FAIDHLE FIOS

### Cuspairean a bhios aonaidhean ciùird a' togail

Bidh aonaidhean ciùird a' cuideachadh nam buill aca le mòran chuspairean. Tha cuid de dh'eisimpleirean gu h-ìosal:

- Pàigheadh
- Uairean obrach
- Pàigheadh call-dreuchd/obrach
- Claoidheadh gnèitheach
- Uidheamachd slàinte is sàbhailteachd
- Tagraidhean dìolaidh
- Ath-thagraidhean cur à dreuchd neo-chothromach

Tha cha mhòr a h-uile adhartas ann an suidheachaidhean àite-obrach, reachdas nas làidire airson slàinte is sàbhailteachd, an Tuarastal Nàiseanta as Ìsle, càraichean nas fheàrr airson luchd-obrach – air a thighinn gu buil mar thoradh air cuideam bho aonaidhean ciùird. Mar sin tha na prìomh amasan a leanas aig aonaidhean ciùird:

- A' toirt comhairle dha buill aig a bheil duilgheadas san àite-obrach.
- A' rioxhdachadh bhuill ann an conaltradh le luchd-fastaidh.
- A' cuideachadh le bhith ag àrdachadh thuarastalan agus chumhachan-obrach..
- A' dèanamh cinnteach gu bheileas a' cumail ri càraichean laghail bhuill nan obair.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-fastaidh a' toirt seachad chothroman ionnsachaidd dha buill.
- A' strì an aghaidh lethbhreith 's a' cuideachadh le bhith a' brosnachadh co-ionannachd chothroman san àite-obrach.
- A' toirt seachad sheirbheisean do bhuill fa-leth leithid sochairean lèigheil, seirbheisean lagha, seirbheisean ionmhais, lasachadh ann an àrachas, agus saor-làithean.
- A' coiteachadh ris an Riaghaltas agus cuid eile ann a bhith a' toirt taic do phoileasaidhean agus laghan a chuidicheas gach neach nan obair.



## Seall do thugse

- 1 Mìnich a' chòmhstri eadar luchd-obrach is luchd-fastaidh.
- 2 Mìnich an abairt 'co-bharganachadh'.
- 3 Dè an ceudad a tha ann an aonadh ciùird?
- 4 Carson a bhios daoine nam buill de dh'aonadh?

## Gníomh ICT



Cleachd an t-Eadar-lòn gus tuilleadh rannsachaidh a dhèanamh air còraichean luchd-obrach a bhios aonaidhean ciùird a' dòn.

- Rach chun na duilleig-lìn a leanas: <https://worksmart.org.uk>
- Cliog air a' cheangal Work Rights.
- Tagh trì còraichean agus thoir chunntas orra.

## Ciamar a tha aonaidhean ciùird air an riaghlaidh?

Ged a tha laghan againn a bhios a' dòn nan còraichean pearsanta againn, bidh cuid ann an suidheachadh far nach eil luchd-fastaidh math dhaibh. Le sin, tha aonaidhean ciùird nam pàirt chudromach de bhith beò ann an deamocrasaidh, agus bithear gan ruith air bunait dheimocratach.

## Ire nàiseanta

Aig ire nàiseanta, bidh aonaidhean ciùird tric ag obair còmhla airson còraichean luchd-obrach. Bheir seo buaidh dhaibh thairis air an riaghaltas agus air luchd-co-dhùnaidh eile. Tha Co-chomhairle nan Aonaidhean Ciùird (TUC) nam buidheann sgàile. Bidh mòran aonaidhean ciùird fon bhratach aca. Nì iad sabaid airson gach neach-obrach san RA.

## Aonaidhean ciùird fa-leth

Fa-leth, bidh aonaidhean ciùird a' feuchainn ri na cumhachan obrach as fheàrr fhaighinn dha na buill aca agus taic a thoirt dha na buill aca uair sam bith a bhios eas-aonta eadar luchd-obrach is luchd-fastaidh. Aig an ire seo tha aonaidhean ciùird gu tur deamocratach. Taobh a-staigh gach àite-obrach, bidh buill an aonaidh a' taghadh **riochnaire aonaidh**. Gu traidsanta, tha na riochdairean sin air an aithneachadh mar 'riochdairean-aonaidh' agus bidh iad a' cuideachadh le bhith ag

## Sgrùdadh cùise: Tuarastal Nàiseanta as Ìsle

Ann an 1998, thug an Riaghaltas Lèabarach Achd Tuarastal Nàiseanta as Ìsle a-steach. Stèidhich an Achd seo iùre pàighidh bunaiteach de £3.60 san uair airson gach neach-obrach a bha 21 no nas sine ann an 1999. A rèir an lagh feumaidh an iùre seo àrdachadh gach bliadhna gus cumail ri iùre na h-atmhorachd. Ro 2017 bha an iùre air a dhol suas gu £7.05, agus bha Tuarastal Bith-beò de £7.50 ann dhaibhsan nas sine na 24. Chaidh an Tuarastal Nàiseanta as Ìsle a thoirt a-steach gu mòr air sgàth cuideam bho na h-aonaidhean ciùird. Bha an TUC draghail mun isleachadh ann am ballrachd nan aonaidhean. Cha bhiodh e air chomas do dhaoine air taobh a-muigh nan aonaidhean conaltradh a dhèanamh mu thuarastalan cothromach tro cho-chonnsachadh riochdaireil. Dh'fhàg sin gun robh mòran ag obair airson tuarastal gu math iosal.



**Figear 4.8** Unison, aonadh nan seirbheisean poblach

eagracachadh cìsean bhuill dhan aonadh. Tha e na dhleastanas orra conaltradh ri buill an aonaidh, mar as trice aig coinneamh, co-cheangailte ri cuspairean agus draghan sam bith a tha aca. Bheir iad na cuspairean sin chun an neach-fastaidh agus feuchaidh iad ri fuasgladh fhaighinn. A bharrachd air an sin, bidh iad a' frithealadh coinneamhan roinneil agus/no nàiseanta far am bithear a' dèanamh priomh cho-dhùnaidhean poileasaidh.

Bidh buill an aonaidh a' taghadh bhuill gu deamocratach airson na Comataidh Riaghlaidh Nàiseanta. Bidh iad a' taghadh an stiùiriche aca, ris an canar an rùnaire coitcheann. Ann an dòigh tha am pròiseas seo dìreach mar a tha taghadh riochdairean pàrlamaideach. Bithear a' dèanamh thaghaidhean ann am baileat diòmhair agus tha na co-dhùnaidhean fogailte agus cothromach.

## FEUM AIR RIOCHDAIRE AONAIHDH

**Tha buill Aonadh an Luchd-obrach a' feumachdainn riochdaire aonaidh airson Factaraidh Clò Bargeddie.**

**Dleastanas na dreuchd:**

- A' conaltradh eadar an aonadh agus an luchd-obrach
- A' cur coinneamhan air dòigh gu cunbalach le buill
- A' frithaladh coinneamhan leis an luchd-riaghlaidh san fhactaraidh gus uallaichean bhuill a thogail leotha
- A' brosnachadh an aonaidh agus a' fastadh bhuill ùra
- A' cumail suas bòrd-fiosrachaiddh an aonaidh
- A' toirt comhairle do bhuill mu na còraichean aca
- A' toirt taic do bhuill ma bhios feum air obair gnìomh le bhith gan riochdachadh aig coinneamhan

**Feartan an tagraiche a shoirbhicheas:**

- sgilean eagrachaidh math
- a' cosnadh spèis taobh a-staigh na h-àite-obrach
- misneachd gus seasamh an aghaidh luchd-riaghlaidh
- eòlas air dòighean-obrach is còraichean luchd-obrach
- sgilean conaltradh fior mhath
- a bhith na bhall den aonaidh agus den sgioba-obrach

Ma tha ùidh agad san obair seo, nach cuir thu d' ainm air adhart airson an taghaidh!

Thoir an aire: is e dreuchd saor-thoileach a tha an seo, ach bidh an t-aonadh a' paigheadh chosgaisean sam bith.

**Seall do thugse**

- 1 Carson a bha aonaidhean ciùird taiceil do chruthachadh Tuarastal Nàiseanta as Ìsle?
- 2 Thoir cunnatas air dreuchd riochdaire aonaidh
- 3 Dòighean a tha aonaidhean ciùird deamocratach
- 4 Smaoinich gu bheil thu nad riochdaire aonaidh. Sgrìobh na trì feartan as cudromache a dh'fheumadh a bhith agad agus mìnich carson a bhiodh iad cudromach airson na dreuchd.

**Aonaidhean ciùird a' cur cuideam air luchd-fastaidh**

Tha dòighean anns an cuir aonaidhean ciùird cuideam air luchd-fastaidh gus na cumhachan obrach as fheàrr a thoirt dha na buill aca. Bidh feum air dòighean eadar-dhealaichte airson cuideam a chur a bhios a rèir gach suidheachadh agus bu choir na buill taic a thoirt gu deamocratach do cho-dhùnaidhean sam bith a nithear.

**FAIDHLE FIOS****Strì gniomhachais**

Tha strì gniomhachais a' ciallachadh gum bi buill an aonaidh ag atharrachadh nan dòighean-obrach aca gus cuideam a chur air luchd-fastaidh coinneachadh ris na h-iarrasan aca. Thèid iarraidh air buill an aonaidh bhòtadh. Ma thèid strì gniomhachais aontachadh, dh'fhaodadh a chur an gnìomh mar seo:

**Casg air obair a bharrachd** – bidh buill an aonaidh a' diùltadh uairean a bharrachd obrachadh os cionn na tha sa chùmhñant-obrach aca. Ann an cuid de dh'àiteachan-obrach bheir seo droch bhuaidh air cinneasachd agus an ire prothaid a dhèanadh an neach-fastaidh. Ach, bheir e buaidh air tuarastalan.

**Gabhail air an socair** – bidh buill a' diùltadh uairean obrachadh os cionn na tha sa chùmhñant-obrach aca. Ann an cuid de dh'àiteachan bheir seo droch bhuaidh air cinneasachd agus prothaid an neach-fastaidh. Ach, bheir e buaidh air tuarastalan.

**Ag obair a rèir nan riaghailtean** – cha bhi buill an aonaidh ag obair cruaidh. Aontaichidh iad barrachd ùine a thoirt air an obair aca. A-rithist, bheir seo buaidh air cinneasachd agus mar sin bidh an neach-fastaidh fo chuideam gèilleadh ris na h-iarrasan aca.

**Stailc** – air fhaicinn le mòran mar a' ghnìomh as làidire a tha aig luchd-obrach. Bidh buill an aonaidh a' tarraig air falbh gu tur bhon cuid saothair agus mar sin cha bhith iad ag obair idir. Mar as trice bidh luchd-obrach air loidhne picead taobh a-muigh na h-àite-obrach aca gus feuchainn ri ìmpidh a chuir air luchd-obrach eile a dhol air stailc còmhla riutha. Cuiridh seo fior chuideam air luchd-fastaidh ach mar thoradh air an seo caillidh luchd-obrach cuid den tuarasdal aca. Faodaidh eadhon a bhith a' bagairt a dhol air stailc a bhith èifeachdach gu leòr airson tomhas de ghèilleadh fhaighinn bhon luchd-fastaidh.

**Seall do thugse**

- 1 Mìnich dè tha 'strì gniomhachais' a' ciallachadh.
- 2 Thoir cunnatas mionaideach air ciall agus buaidh:
  - (a) Casg air obair a bharrachd
  - (b) Gabhail air an socair
  - (c) Obair a rèir nan riaghailtean
  - (d) Stailc
- 3 Dè an t-adhbhar a tha ann airson loidhne piogaid?



**Figear 4.9** Sa Chèitean 2016 chùm luchd-obrach ScotRail grunn stailcean oir bha planaichean ann airson nas lughadha threòraichean agus trèanaichean gun dràibhearan a thoirt a-steach.



**Figure 4.10** Ghairm Aonadh an Luchd-smàlaidh stailc ann an 2003 agus chaithid iad air loidhnichean picogaid aig stèiseanan smàlaidh air feadh na RA. Thàinig air feachd an airm cuideachadh le seirbheis smàlaidh.

Còraichean	Dleastanasan
Tha còir aig aonaidhean ciùird cothrom fhaighinn air strì gnìomhachais.	Feumaidh iad seo a dhèanamh gu laghail le bhith a' leantainn mhodhan-obrach agus dèanamh cinnteach gu bheil gearanan sìtheil.
Tha còir aca cothrom fhaighinn air buill ùra fhastadh.	Chan urrainn dhaibh a bhith a' co-èigneachadh no ri burraidheachd airson buill fhaighinn.
Feumar conaltradh a dhèanamh le aonaidhean ciùird a thaobh atharrachaidhean air cumhachan obrach a tha luchd-fastaidh ag iarraidh.	Feumaidh aonaidhean ciùird dèanamh cinnteach gum bi iad ag obair le cead bho na buill aca agus nach bi iad gan cuir fhèin air thoiseach.
Faighnidh aonaidhean mu atharrachadh air tuarastal agus cumhachan obrach.	Chan urrainn iad iarrtasan mì-reusanta no bagairtean a dhèanamh.

**Clàr 4.3** Còraichean agus dleastanasan aonaidhean ciùird

## Sgrùdadh cùise: Strì gnìomhachais san RA

### Sgioba ceabain BA a' dol air stailc

San Iuchar agus san Lùnastal 2017, chaithid sgioba ceabain BA a bha nam buill de Unite air stailc airson ceithir seachdainean. Uaireannan ron seo bha stailcean ann mu ghearradh cosgais mar casg air àrdachadh pàighidh, ìsleachadh àireamh sgioba ceabain agus call shochairean mar prìsean itealaich nas isle. Chaidh a ràdh gun do chosg an t-strì còrr air £150 millean de chall teachd-a-steach dhan chompanaidh. Bha buaidh aig na stailcean air mu 200,000 neach-siubhail. Bha na stailcean o chionn ghoirid mu obair seachad air an ùine laghail agus a' cleachdadh sgioba ceabain 'measgaichte'.

### Stailcean dhotairean an NHS

Tro 2016 chuir Comann Meidigeach Bhreatainn taic ri còrr is 20,000 dotair a bha a' dol air stailc ann an Sasainn air sgàth chùmhnantan a bha an Riaghaltas a' moladh. B' iad a' chiad stailcean le dotairean na RA. Bha iad a' gearan mu atharraichean ri pàigheadh uairean a bharrachd, agus gum feumadh iad obrachadh aig an deireadh-sheachdain, mar phàirt de bhargan airson àrdachadh pàighidh. Tha figearan bhon NHS ag ràdh gun robh aca ri 25,000 gnìomhachd mheidigeach a għluasad air chosgais £65 millean. Ach, ghèill an dà thaobh gu ire agus chaithid na cùmhnantan ùra aontachadh san Lùnastal 2016.

## Sgrùdadh cùise: Strì gnìomhachais ann an Alba

### Òraidichean colaiste a' dol air stailc aon-latha

Air 27 Giblean 2017 chaidh òraidichean colaiste na h-Alba, a tha nam buill den aonadh Institiud Foghlaim na h-Alba (EIS) air stailc aon-latha air sgàth dhiofaran ann am pàigheadh eadar colaistean. Bha iad a' cumail a-mach nach do chùm na colaistean ri bargan gum biodh am pàigheadh co-ionann. Bha dùil ri stailc eile sa Chèitean 2017 agus bha uallach air rùnaire an fhoghlaim gun toireadh e buaidh air clàr-ama nan deuchainnean. Thàinig e a-steach air a' chùis agus chaidh bargan aontachadh air 19 Cèitean a chuir stad air tuilleadh stailcean.

### Luchd-teagaisg àrd-sgoile na h-Alba a' co-dhùnadhar obair a rèir nan riaghailtean

Anns a' Chèitean 2012, bhòt 85% de luchd-teagaisg àrd-sgoile a bha nam buill de Chomann Luchd-teagaisg Àrd-sgoile na h-Alba (SSTA) airson a bhith a' cuingealachadh na h-obair aca ris na 35 uairean a-thìde a bha air ainmeachadh anns na cùmhnantan-obrach aca. Bha seo a' leantainn bho stailc aon-latha

air 30 Samhain 2011 nuair a tharraing luchd-teagaisg bhon h-uile aonadh air falbh bhon obair aca, ag adhbhrachadh ùpraid fharsaing leis gun tàinig air mòran phàrantan fuireach bhon obair airson coimhead às deidh na cloinne aca. Dhùisg a' chòmhstri às ùr san Dàmhair 2016 nuair a dh'aontaich aonadh an EIS obrachadh a rèir nan riaghailtean cuideachd agus dh'fhaodadh stailcean a bhith ann air sgàth atharrachean ri teisteanasan nàiseanta agus dragh mun uallach obrach. Mar fhreagairt, dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba ath-sgrùdadh iomlan air na teisteanasan



**Figear 4.11** Bhòt a' mhòr-chuid de luchd-teagaisg àrd-sgoile na h-Alba a bhith 'ag obair a rèir nan riaghailtean'.



### Seall do thuigse

- 1 Thoir sùil air Clàr 4.3. Dè an stiùireadh a dh'fheumas aonaidhean ciùird a leantainn gus a dhol an sàs ann an strì gnìomhachais gu lagħail?
- 2 Thoir sùil air na h-eisimpleirean de strì aonadh ciùird anns an RA agus an Alba.
  - (a) Thoir sùil air an sgrùdadh cùise mu sgioba ceabain British Airways.
    - i Carson a chaidh luchd-obrach British Airways air stailc?
    - ii Dè a' bhuaidh a bha aig an stailc air a' chompanaidh agus air luchd-siubhail?
    - iii What was the final outcome of the dispute?

- (b) Thoir sùil air an sgrùdadh cùise mu dhotairean òga an NHS ann an Sasainn.
  - i Cò chuir strì gnìomhachais nan dotairean air dòigh?
  - ii Carson a chaidh na dotairean air stailc?
  - iii Dè a' bhuaidh a bha aig an stailc?
  - iv Carson a tha thu a' smaoineachadh gur e rud connspaideach a th' ann an strì gnìomhachais le luchd-obrach meidigeach?



## Seall do thugse

(a' leantainn)

- (c) Thoir sùil air an sgrùdadh cùise mu òraidichean colaiste.
- Saoil Carson a thagh na h-òraidichean Gib-Cèit airson a dhol air stailc?
  - Cò mu dheidhinn a bha a' chonnspaid?
- (d) Thoir sùil air an sgrùdadh cùise mu luchd-teagaisg àrd-sgoile na h-Alba.
- Carson a bha buill den SSTA ag obair a rèir nan riaghailtean?
  - Dè an t-strì eile anns an robh luchd-teagaisg an sàs sa chonnspaid?

- iii Dèan liosta de chòig dòighean anns am faodadh beatha na sgoile atharrachadh mar thoradh air luchd-teagaisg a bhith ag obair a rèir nan riaghailtean.

### Leudaich

- 3 Ann am buidhnean, feuchaibh aon sgrùdadh cùise. Bu chòir dithis dreuchd rùnaire an aonaidh a ghabhail agus an dithis dreuchd àrd-oifigeal a' chompanaidh. Bu chòir dhuibh aithrisg ghoirid a sgrìobhadh leis na beachdan agaibh a' toirt a-steach na h-ùp raid a dh'fhaodadh a bhith ann le strì gnìomhachais agus innsibh seo dha chèile.

## Dòighean a th' aig aonaidhean ciùird

Anns a' mhòr-chuid de chòisean bidh aonaidhean a' conaltradh gus feuchainn ri ìmpidh a chur air luchd-riaghlaidh cumhachan obrach nas fheàrr a thoirt dhan luchd-obrach. Dh'fhaodadh seo a bhith mu thuarastal nas fheàrr, àrainn obrach nas fheàrr agus sochairean a dh'fhaodadh iad fhaighinn tron obair aca. Mar as trice bidh grunn choinneamhan ann. Mura tig iad gu aonta, tha dà roghainn aig an aonadh: iarrasan nas lugh a baileat a chumail de na buill airson **strì gnìomhachais**.

## Còisean ballrachd aonadh ciùird

### Crònadh


Nuair a bha cumhachdan nan aonaidhean aig an ire as àirde anns na 1970n, bha timcheall air 80% den luchd-obrach san RA nam buill de dh'aonadh ciùird. Aig an àm sin bha gnìomhachasan làidir de thogail eathraichean, stàilinn agus gual anns an RA. Anna na prìomh ghnìomhachasan sin bha dachaigh thraigheanta aig na h-aonaidhean ciùird. Tro na 1980n bha strì eadar na h-aonaidhean agus Riaghaltas Conscarbhatach Mairead Thatcher agus chaidh mòran de na gnìomhachasan sin a lughdachadh gu mòr. Bhon uair sin tha eaonamaidh na RA air atharrachadh gu mòr agus tha a' mhòr-chuid de luchd-obrach na RA a-nis an sàs anns na roinnean treas ire no seirbheis leithid seirbheisean meanbh-reic agus teachdaiche ann an coimeas ris a' phrìomh roinn no ann an saothrachadh. Mar thoradh air an sin, tha crònadh fada air a bhith ann am ballrachd nan aonaidhean ciùird.

Chanadh cuid nach eil aonaidhean cho cudromach an-diugh's a bha iad, leis gu bheil iad a' riochdachadh nas lugh a luchd-obrach na RA. Ach, tha iad fhathast a' riochdachadh cuid mhòr den luchd-obrach 's tha e comasach dhaibh buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean aig ire phàrlamaideach.

## FAIDHLE FIOS

### Crònadh ann am ballrachd aonaidhean ciùird

- Mar thoradh air cumhachan obrach nas fheàrr, chan eil daoine a' faireachdann gu bheil feum aca a bhith nam buill de dh'aonadh.
- Tha an crònadh a thàinig air gnìomhachas saothrachaidh na RA air milleadh a dhèanamh air prìomh bhunait ballrachd nan aonaidhean ciùird.
- Ann an coimeas ris an seo thàinig fàs ann an roinn nan seirbheisean, far a bheil dìreach 13% nam buill de dh'aonadh.
- Dh'fhàs àireamh chompanaidhean fo sheilbh chèin nach eil gu traideanta an sàs ann an aonaidhean.
- Tha àrdachadh air tighinn anns an àireamh de luchd-obrach pàirt-ùine, dham faodadh na cosgaisean ballrachd a bhith ro àrd.
- Tha barrachd de luchd-dèanadais ann, a tha ag obair air an ceann fhèin, agus aig nach biodh adhbhar airson ballrachd aonaidh a thoirt a-mach.
- Chan eil uiread de dhaoine òga ann an aonadh. Tha an treas cui de bhuill aonaidh còrr air 50, ach dìreach nas lugh a cairteal eadar 25 is 50 bliadhna a dh'aois.



Figear 4.12 Ballrachd aonaidhean na RA, 1970 – 2015

## Buaidh nam meadhanan

### Dè th' anns na meadhanan?

Is e na **meadhanan** an teirm airson cunntas a thoirt air na dòighean anns a bheil fiosrachadh agus naidheachdan air an cur an cùill dhan phoball.

A thaobh buaidh air poilitigs nì sinn sgrùsdadh air:

- Pàipearan-naidheachd
- Telebhisean
- An t-eadar-lion

Faodar na meadhanan sin a chur ann an diofar roinnean. Canar 'priorit' ri pàipearan-naidheachd, 'meadhan craolaidh' ri telebhisean is 'meadhan eileagtronaigeach' ris an Eadar-lion. Tha adhartas anns na meadhanan eileagtronaigeach a' ciallachadh gu bheil an t-Eadar-lion cudromach ann am poilitigs na h-Alba agus na RA.

### Dè an dleastanas a tha air na meadhanan?

Tha grunn dhleastanasan air na meadhanan anns a' chomann-shòisealta a rèir 's dè am meadhan a th' ann. Tha na h-ealain, film is ceòl, ged a tha teachdaireachd nan cois gu tric, gu mòr air an dèanamh gus **toileachas** a thoirt dhuinn. San aon dòigh, tha dleastanas air telebhisean; tha iomadh seòrsa prògram toileachais ann, mar siabainn agus telebhisean fiorachais, a bharrachd air prògraman



### Seall do thuigse

- 1 Thoir dà adhbhar airson mar a tha na h-aonaidhean ciùird air crònadh.
- 2 Thoir sùil air adhbharan airson crònadh nan aonaidhean. A thaobh gach puing:
  - (a) thoir mìneachadh mun adhbhar a thug seo buaidh air ballrachd
  - (b) thoir eisimpleirean gus dearbhadh a thoirt air na freagairtean agad.

### Leasaich do sgilean

- 3 'Tha ballrachd aonaidhean ciùird air a bhith a' crònadh bho 1970.' (*Robyn Jones*)  
A' cleachdadadh Figear 4.12, saoil an robh Robyn Jones ri àibhiseachadh?

### Na dh'ionnsaicheas tu:

- 1 Iomradh is dleastanas nam meadhanan.
- 2 Buaidh nam meadhanan air daoine agus poilitigs ann an Alba agus san RA.
- 3 Cò chumas smachd air na meadhanan?
- 4 Cò aig a tha seilbh air na meadhanan?

aithriseach, **oideachail** agus **fiosrachail**, agus naidheachdan. Ma cheannaicheas sinn pàipearan-naidheachd no ma choimheadas sinn prògram telebhisean, innsidh iad dhuinn mu thachartasan ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Gu dearbh, tha làraich-lín aig pàipearan-naidheachd agus seanalan naidheachd a bhios mòran a' cleachdadadh an àite pàipear a cheannach no naidheachdan a choimhead air Tbh. Tha am fàs anns na meadhanan eileagtronaigeach no na **meadhanan ùra**, a' toirt fiosrachadh dhuinn anns a' bhad. Leigidh fònaichean 'smart' le daoine leughadh mu phoilitigs agus cùisean an latha ann an diogan le bhith a' leughadh app pàipearan-naidheachd, a' faicinn nan naidheachdan no ag èisteachd ris an rèdio, a h-uile nì air an fhònlàimhe aca. A bharrachd air an sin, tha na **meadhanan sòisealta** a' toirt dleastanas cudromach a-steach do shaoghal nam meadhanan agus còrr air billean neach an sàs ann an leithid Facebook is Twitter gach latha.



## Seall do thugse

- 1 Dè tha anns na 'mòr-mheadhanan'?
- 2 Dè na seòrsachan mheadhanan a th' ann?
- 3 'Is e dleastanas nam meadhanan toileachas a thoirt dhuinn.' Thoir fianais an aghaidh seo.
- 4 Thoir cunnatas air 'meadhanan sòisealta' agus cho cudromach 's a tha iad.

### Buaidh nam meadhanan

Chan eil teagamh nach ann bho na meadhanan a tha am poball a' faighinn tòrr fiosrachaidh mu phoilitigs agus cùisean an latha. Gu ìre mhòr is e na meadhanan a tha a' co-dhùnadh dè am fiosrachadh a gheibh am poball. Tha dleastanas mòr air na meadhanan ann a bhith a' toirt cumadh air na seallaidean agus na beachdan againn. Leis gu bheil sinn beò ann an deamocrasaidh san RA, tha **saorsa aig na meadhanan** againn a dh'fhaodas an Riaghaltas a chàineadh agus an cumail cunnatachail mu na gnìomhan aca. Tha obair nam meadhanan san dleastanas seo gu math cudromach a thaobh luchd-poilitigs, agus partaidhean poilitigeach ag obair gu math cruaidh gus dèanamh cinnteach gum bi na meadhanan fàbharach dhaibh.

**Saorsa nam meadhanan:** meadhanan nach eil fo bhacadh no smachd an riaghaltais.

### Pàipearan-naidheachd

Mothaichidh tu nuair a thèid thu dhan bhùth-phàipearan ionadail gu bheil mòran phàipearan rin ceannach. San fharsaingeachd, faodar pàipearan-naidheachd a chur ann an dà roinn, ris an canar 'tabloid' (mòr-chòrdte) agus 'mor-dhuiileagan'



**Figear 4.13** Na pàipearan-naidheachd ann an Alba

(càileachd). Tha an *Sun* agus an *Daily Record* nan eisimpleirean de thabloid agus an *Guardian* agus an *Scotsman* nan eisimpleirean de mhòr-dhuiileagan.

Gach latha san RA bidh còrr air 12 millean neach a' ceannach agus a' leughadh phàipearan-naidheachd, agus bithear a' ceannach fada a bharrachd de thablotidean na de mhòr-dhuiileagan. Bidh a' mhòr-chuid de phàipearan-naidheachd a' cumail taic ri partaidhean poilitigeach sònraichte agus tha iad a' taobhadh gu fàbharach riutha. Tha seo a' ciallachadh gum bi iad a' sgrìobhadh sgeulachdan taiceil mun phàrtaidh agus mun stiùiriche aca. Tha e cuideachd a' ciallachadh gum bi iad a' sgrìobhadh sgeulachdan àicheil mu na partaidhean poilitigeach eile agus gan nochdadhlann an solas neo-fhàbharach. Mar sin tha pàipearan-naidheachd gu math buadhdmhor ann am poilitigs agus tha e comasach dhaibh ìmpidh a chur air daoine gus bhòtadh airson partaidhean aig àm taghaidh.

### An toir pàipearan-naidheachd buaidh air taghaidhean?

	Tabloidean	Mòr-dhuiileagan	
Meud	Beag	Mòr no cruinn	A' coimhead gu taghadh coitcheann 1992, chanadh cuid gun tug na pàipearan-naidheachd buaidh air an taghadh. Chuir an <i>Sun</i> (am pàipear as motha a tha ga reic san RA) taic ris na Consearbhataich agus nuair a bhuannaich iad, chuir an <i>Sun</i> ceann-naidheachd sa phàipear aca 'It's the Sun wot won it'. Faodar sgrùdadh a dhèanamh air buaidh nam pàipearan-naidheachd le bhith a' toirt sùil air taghadh 2017 agus taghadh pàrlamaid na h-Alba ann an 2016.
Sgeulachdan	Mu dhaoine, daoine ainmeil, Sanasan, spòrs	Poilitigs, eaconamas, cùisean cruinneil	
Cànan	Sìmplidh le tòrr dhealbhan	Nas toinnte le glè bheag dhealbhan	
Cinn-naidheachd	Goirid	Fada agus fiosrachail	
Buaidh	Taobhach	Nas lugha taobhaidh	

**Clàr 4.4** Na pàipearan-naidheachd a tha rim faighinn ann an Alba

## Sgrùdadh cùise: Buaidh phàipearan-naidheachd air taghadh coitcheann

Air thoiseach air grad-thaghadh na RA ann an 2017, bha a' mhòr-chuid de phàipearan-naidheachd làitheil a' toirt taic dhan Phartaidh Chonsearbhatach. Chùm a' mhòr-chuid de na pàipearan ris an dìlseachd a nochd iad aig taghadh 2015 nuair a fhuair na Consearbhataich mòr-chuid sa Phàrlamaid

**Dùisg, feuch fàileadh  
a' chofaidh agus bhòt  
airson nan Consearbhataich**  
– *Sunday Times*

(a)

ris nach robh dùil. Bha an taic seo ri fhaicinn ann am margaidh mhòr nam pàipearan Sàbaid cuideachd agus còrr is 80% dhiubh a' cur taic ri na Consearbhataich. Seo cuid de na cinn-naidheachd air a' mhadainn Shàbaid ron taghadh:

**Bhòt airson nan Consearbhataich  
airson Breatainn shoirbheachail,  
neo-eisimeileach** – *Sunday Telegraph*

(b)

**Tha feum aig an dùthaich ort ...  
airson a sàbhaladh bho fhear a  
sgriosadh a tèarainteachd agus  
a beairteas** – *Mail on Sunday*

(c)

A' toirt sùil nas mionaidiche air taghadh coitcheann 2017, chaidh Corbyn a shealltainn ann am biona air duilleag-aghaidh an Sun; dh'iarr e air an luchd-leughaidh gun soirbheachas na dùthcha a chur dhan bhiona. An aghaidh seo bha droch dhealbh den Phriomhaire Theresa May aig am Mirror agus dh'iarr e air an luchd-leughaidh stad a chur air 5 bliadhna eile de gheallaidhean briste.

**Tha e gu buannachd Bhreatainn  
bhòtadh airson nan Consearbhataich  
agus Jeremy Corbyn a chumail às an  
riaghaltas** – *Sun on Sunday*

(d)

Le toradh taghadh 2017 thill na Consearbhataich gu cumhachd, agus gu cinnteach chuidich taic nam pàipearan nàiseanta. Ach, mar ann an 2010, dh'fhaillich air na Consearbhataich mòr-chuid iomlan a bha deatamach fhaighinn, agus le sin cha bu chòir cus a dhèanamh de bhuaidh nam pàipearan-naidheachd.

## Sgrùdadh cùise: Buaidh phàipearan-naidheachd air taghadh Pàrlamaid na h-Alba ann an 2016

Ann an Alba, shoilleirich taghadh Pàrlamaid na h-Alba ann an 2016 a' bhuaidh a tha aig pàipearan-naidheachd air poilitigs.

Leis gun tainig PNA gu ùghdarris agus a stèidhich iad riaghaltas beag-chuid ann an 2007 às aonais làn-thaic bho phàipearan-naidheachd nàiseanta Albannach sam bith, dh'fhaodar a radh gur e glè bheag de bhuaidh a tha aig pàipearan-naidheachd air poilitigs. Ach, ann an 2011 rinn PNA na b'fheàrr buileach – bhuannaich iad cho mòr 's gun robh e comasach dhaibh riaghaltas mòr-chuid a stèidheachadh.

Air thoiseach air taghadh Pàrlamaid na h-Alba ann an 2011, chuir an Scottish Sun an taic ri PNA airson a' chiad uair, às deidh dhaibh a bhith nan aghaidh anns na taghaidhean roimhe sin. Bha stiùiriche PNA

Ailig Salmond air leth toilichte leis an taic sin agus dh'fhairich e gun cuidicheadh seo le bhith a' cosnadh eadhon barrachd de luchd-bhòtaidh dhaibh. Choisinn PNA an taghadh agus chaidh iad air adhart gu bhith a' stèidheachadh a' chiad riaghaltas mòr-chuid ann an eachdraidh pàrlamaideach na h-Alba.

Tha e duilich dèanamh a-mach am biodh PNA fhathast air an taghadh a chosnadh chun aon ire às aonais taic an Scottish Sun, ach faodar a ràdh nach do rinn taic an Scottish Sun cron sam bith air cothroman PNA ann an 2011.

Ann an taghadh 2016 chuir an Scottish Sun taic ris an SNP airson an treas uair agus a-rithist bhuannaich an SNP an taghadh 's iad fada air thoiseach.

Pàipearan-naidheachd	Àireamh gan reic 2007	Àireamh gan reic 2017
Sun	3.2 million	1.7 million
Daily Mail	2.3 million	1.5 million
Daily Mirror	1.6 million	725,000
Daily Record	418,000	144,000
Guardian	384,000	155,000

Clàr 4.5 Ìrean reic phàipearan-naidheachd 2007 agus 2017


### A bheil buaidh nam pàipearan-naidheachd a' crònadh?

Leis gu bheil na meadhanan eileagtronaigeach a' fàs cho mòr tha beagan crònadh air tighinn air buaidh nam pàipearan-naidheachd air poilitigs. Tha an àireamh de phàipearan-naidheachd clò-bhualite a thathas a' reic gach latha a' crònadh mar a tha atharrachadh a' tighinn air an dòigh anns am bi daoine a' faighinn nan naidheachdan aca. Le fònaichean 'smart' faodaidh daoine aplacaid pàipearan-naidheachd a cheannach le aon phàigheadh

agus cothrom fhaighinn naidheachdan a' phàipeir sin fhaicinn o sin a-mach. Faodaidh daoine cuideachd a dhol air an Eadar-lìon agus làraich-lìn nam pàipearan-naidheachd fhaicinn (far am faigh iad sgeulachdan làn-fhiosrachaidh) an-asgaidh. Tha pàipearan-naidheachd fhathast a' còrdadh ri daoine agus tha buaidh aca fhathast air poilitigs. Ach, ann am beagan ùine ri thighinn is ann gu mòr tro na meadhanan eileagtronaigeach a bhios a' bhuaidh aca an àite tro phàipearan clò-bhualite.

## Telebhisean

Mar mheadhan craolaidh, feumaidh telebhisean leantainn ri stiùireadh teann mu na thathas a' craoladh. Ao-coltaich ri pàipearan, feumaidh telebhisean a bhith **neo-eisimeileach gu poilitigeach** agus chan urrainn dha taic a thoirt do phartaich sònraichte no do bheachd sònraichte. Tha seananal telebhisean air an riaghlaigh le buidheann neo-eisimeileach ris an canar Ofcom gus dèanamh cinnteach nach eil iad taobhach nan cuid aithrisean. Mar eisimpleir, aig àm taghaidh bidh cothrom aig a h-uile prìomh phàrtaidh san RA an aon ùine fhaighinn airson craolaidhean partaidh. Tha seo a' cur casg air aon phartaich buannachd fhaighinn agus leigeil leis a' phoball ionnsachadh mu gach partaidh ann an dòigh chothromach.



**Figear 4.14** Deasbad nan ceannardan 2017

### An toir telebhisean buaidh air taghaidhean?

Bha buaidh an telebhisean aig ìre ìosal gu 2010, nuair a chaidh deasbad nan stiùirichean a chraoladh air telebhisean airson a' chiad uair: ro thaghadh coitcheann 2010, ghabh stiùirichean nam prìomh phartaidhean pàirt ann an deasbadan a chaidh a chraoladh air telebhisean. Lean agus leudaich iad, le deasbadan Tbh airson taghadh Alba 2016 agus taghadh na RA 2017; bha mòran phartaidhean an sàs, seach na trì mhòra mar ann an 2010. Chan eil buaidh ro mhòr aig deasbadan Tbh oir tha a' mhòr-chuid de cheannardan poilitigeach comasach ann an deasbad. Faodaidh freagairt mi-chinnteach no abairt cheàrr cron a dhèanamh air a' phartaich.

### Na meadhanan ùra agus an t-Eadar-lìon

Dh'atharraich cùisean anns an deichead mu dheireadh; 's e an t-eadar-lìon a-nis am prìomh dhòigh anns am faigh a' mhòr-chuid fiosrachadh.



### Seall do thuigse

- 1 Dè tha 'saorsa nam meadhanan' a' ciallachadh?
- 2 Thoir cunntas air an eadar-dhealachadh eadar tabloidean agus mòr-dhuilleagan.
- 3 Dè tha e a' ciallachadh gu bheil pàipearnaidheachd a' taobhachd ri partaidh?
- 4 Thoir sùil air an sgrùdadh cùise mu bhuaidh nam pàipearan air taghadh na RA ann an 2017.
  - (a) Dè na pàipearan a thug taic do na Consearbataich?
  - (b) Cò bhuanach taghadh na RA ann an 2017?
- 5 Thòir sùil air an earrann mu bhuaidh phàipearan air taghadh Pàrlamaid na h-Alba 2016. Carson a dh'faodar cumail a-mach gun robh taic an *Scottish Sun* cudromach?
- 6 Mìnich, gu mionaideach, carson a tha buaidh nam pàipearan-naidheachd a' crionadh.

### Leudaich

- 7 Dèan liosta de 10 pàipearan-naidheachd san RA. Faodaidh tu pàipearan-naidheachd ionadail no roinneil a thoirt a-steach cuideachd.

### Leasaich do sgilean

- 8 'Tha reic nam pàipearan-naidheachd ann am Breatainn air a dhol sìos eadar 2007 is 2017. Ach, cha do chròn reic an *Daily Mirror* mòran idir.' (Kym Burgess)

A' cleachdadadh Clàr 4.5, mìnich an ìre gum faodar a ràdh gun robh Kym Burgess ri àibhiseachd?

A rèir tuairmse bidh còrr is 70% de shluagh na RA air an eadar-lìon gach latha, tro choimpiutairean, fònaichean-làimhe 's tablaidean. Tha an t-eadar-lìon a' leigeil le partaidhean poilitigeach diofar dhòighean a chleachdadhean airson ceangal a dhèanamh ris an t-sluagh. Tha làraich-lìn aig a' mhòr-chuid de phartaidhean agus a-nis tha duilleagan Facebook, cunntasan Twitter, blogaichean agus fiù 's seanailean YouTube aca airson taic a chosnadh bhon mhòr-shluagh. Tha na meadhanan sòisealta gu sònraichte feumail do na partaidhean poilitigeach airson daoine òga a tharraing gu poilitigs. Gu dearbh tha e gu math nas phasa agus nas saoire luchd-poilitigs a leantainn air Twitter seach pàipear-naidheachd a cheannach agus a leughadh gach latha.

Tha mòran BhP agus BhPA a' conaltradh ris a' phoball tro mheadhanan sòisealta. Canaigh ceannard PNA Nicola Sturgeon gu bheil còrr air 1 mhillean neach-leantainn aice air Twitter agus am Prìomhaire Theresa May còrr air 2 mhillean.

Leigidh na làraich sin le luchd-poilitigs conaltradh ris a' phoball agus ris na meadhanan, cuide ri innse mu obair adhartach a' phartaidh aca.

### Buaidh nam meadhanan ùra air taghaidhean?

Thug na pàipearan buaidh air taghaidhean na RA agus Alba o choinn ghoirid: ach bha pàirt aig an Eadar-lòn cuideachd, oir bha a h-uile partaidh an sàs ann an iomairtean air-loidhne. Rinn Jeremy Corbyn math dha-rìribh air-loidhne le bhòtairean nas òige a chruthaich buidhnean Facebook agus cunntasan Twitter mu cheannard nan Lèabarach. B' e 'Corbynistas' a bh' aca orra fhèin. Nuair a thig an taghadh, bidh barrachd buaidh aig na meadhanan ùra.

### Sgrùdadh: Mearachdan poilitigeach air meadhanan sòisealta

Rinn mòran luchd-poilitigs mearachdan air meadhanan sòisealta. Uaireannan caillidh neach-poilitigs an dreuchd air sgàth mearachd mar seo. Mar eisimpleir, b' fheudar do Emily Thorburn a dreuchd sa chaibineat dhùbhlchanach a leigeil seachad an dèidh tweet mì-ionchaidh.

Ach uaireannan tha na mearachdan dìreach a' cur näire air an neach-poilitigs. Tha latha a-nis air ainmeachadh air an t-seann sheansailear dùbhlchanach Ed Balls air sgàth tweet a rinn

### Gníomh ICT

Rannsaich am buidheann 'Momentum' a tha a' cur taic ri na Lèbaraich. Ciamar a chleachd iad meadhanan sòisealta airson buaidh a thoirt air taghadh coitcheann 2017 na RA?

### An toir meadhanan sòisealta droch bhuaidh air poilitigs?

Tha na meadhanan sòisealta cuimseach ùr agus le sin tha BP agus BPA a bhios gan cleachdadh a' gabhail slighe ùr agus a' faighinn a-mach dhaibh fhèin dè tha math mun deidhinn agus dè nach eil. Gun teagamh tha buannachdan ann, mar chomas ceangal dìreach a dhèanamh ris a' phoball, agus thu fhèin a chur ann an solas math. Ach, chaidh grunn luchd-poilitigs 'a bhìdeadh' mu thràth 's iad a' cleachdadh nam meadhanan sòisealta gu mì-chùramach..



Ed Balls @edballs

Ed Balls

RETWEETS 70,100	LIKES 37,261
--------------------	-----------------



11:20 AM - 28 Apr 2011



### Seall do thuisge

- 1 'Tha e ceadaichte do sheanalan telebhisean taic a thoirt do phartaidhean poilitigeach ma roghnaicheas iad.' Thoir seachad fianais gus cuir an aghaidh na h-aithris seo.
- 2 Thoir geàrr-chunntas air buaidh deasbadan TBh.
- 3 Dè a' cheudad de shluagh na RA a bhios a' tadhal air an Eadar-lòn gach latha?
- 4 Ciamar a bhios partaidhean poilitigeach a' cleachdadh an Eadar-lòn gus taic an t-sluaigh a chosnad?
- 5 Carson a tha e cudromach gum bi luchd-poilitigs faiceallach ann a bhith a' cleachdadh na meadhanan sòisealta? Thoir iomradh air an sgrùdadh air mearachdan poilitigeach air meadhanan sòisealta.
- 6 'Cha bu chòir do phartaidhean poilitigeach a bhith an sàs leis na meadhanan ùra agus bu chòir dhaibh an aire a bhith air pàipearan-naidheachd traidiseanta'. A bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh leis an aithris seo? Thoir dearbhadh air do fhreagairt.

## Gníomh ICT

Ann an dithisean, dèanaibh rannsachadh air mar a chleachdas partaidh de ur roghainn fhèin an t-Eadar-lìn gus ceangal a dhèanamh ris a' phoball. Dèanaibh taisbeanadh de 3-5 slaighdean gus aithris a thoirt dhan chlas air na leanas:

- A bheil làrach-lìn oifigeil aig a' phartaidh? Dè tha e ag innse dhut?
- A bheil am partaidh a' cleachdad nam meadhanan sòisealta? Ma tha, dè na làraich? Cia mheud neach-leantainn a tha aige?
- A bheil am partaidh a' cleachdad làraich bhidio leithid YouTube? Cia mheud neach-leantainn a tha aige?



### Luach a bharrachd

Dèan rannsachadh air buaidh nan trì seòrsaichean meadhain air taghadh na RA ann an 2017 no taghadh Pàrlamaid na h-Alba ann an 2016. Dh'faodadh tu na co-dhùnaidhean agad a thaisbeanadh ann an cruth blog air-loidhne no podcast no film a chruthachadh le Movie Maker.

### Cò aig a tha smachd air na meadhanan?

Ged a tha saorsa aig na meadhanan anns an RA, feumar smachd a chumail air na pàipearan agus feumaidh iad obrachadh taobh a-staigh an lagha. Tha còd-cleachdaidh aig Coimisean Gearain nam Meadhanan a nì cinnteach gu bheil dleastanas air na meadhanan (pàipearan is irisean) cumail ri sàr ìrean proifeiseanta. Tha seo a' ciallachadh gum feum na pàipearan a bhith faiceallach nach foillsich iad fiosrachadh nach eil fior no a tha seachranach mu dhuine, buidheann, companaidh, no partaidh poilitigeach. Ged a dh'fhaodas pàipearan taobhadh ri partaidh poilitigeach, chan fhaod iad breugan innse no naidheachdan fuadain a chruthachadh airson cron a dhèanamh air partaidh eile.

Tha mòran dhaoine air cùis lagha a thogail an aghaidh phàipearan-naidheachd airson breugan

innse mun deidhinn. Mar as trice canar cùis lagha airson 'milleadh-cliù' no 'tuaileas-pearsa' ris a seo. Tha daoine ainmeil leithid Dàibhidh Beckham agus Gòrdan Ramsay air airgead diolaidh mòr fhaighinn bho phàipearan o chionn beagan bhliadhnaicheadh.

### Cò aig a tha sealbh air na meadhanan?

Suas gu tràth anns na 1990an, is ann aig Companadh Craolaidh Bhreatann (BBC) agus Telebhisean Neo-eisimeileach (ITV) a bha làmh-an-uachdair air telebhisean ann am Breatainn. Bho thàinig telebhisean saideil agus càbaill a-steach, chan eil uimhir de dh'ùghdarris aca a-nis air libhrigeadh naidheachdan.

Is ann leis a' phoball am Breatainn a tha am BBC leis gu bheil e air a mhaoineachadh le cìs cead a dh'fheumas neach sam bith aig a bheil uidheam telebhisean a phàigheadh. Air an làimh eile, is ann le diofar luchd-earrannan a tha an craoladair saideil as motha ann am Breatainn, BskyB, agus is ann aig Rupert Murdoch as motha de dh'earrannan, aig ire 39%. Is ann leis a' chompanaidh aige, News Corporation, a tha am pàipear-naidheachd làitheil as motha a tha ga reic ann am Breatainn, an *Sun*, a bharrachd air an *Times*. Bhon a tha uimhir de smachd aig Rupert Murdoch air meadhanan na RA, tha sin a' ciallachadh gur e duine gu math buadhdmhor a th' ann nuair a thig e gu poilitigs. Mar eisimpleir, faodaidh esan co-dhùnadh dè am partaidh poilitigeach dhan toir na pàipearan-naidheachd tarraigeach aige taic bho aon taghadh gu taghadh eile. Bidh mòran a' cur air adhart a' bheachd nach bu chòir uimhir de bhuaidh a bhith aig aon neach, agus gum bu chòir sealbh air meadhanan prìobhaideach a chuingealachadh.



### Seall do thuigse

- 1 Thoir cunntas air dleastanan Coimisean Gearanan nam Meadhanan.
- 2 Cò aige a tha sealbh air a' BhBC?
- 3 Dè na pàipearan a tha aig Rupert Murdoch?

#### Leasaich do sgilean

- 4 'Is e glè bheag de bhuaidh a tha aig Rupert Murdoch air poilitigs na RA.' (Calum Downey)  
A bheil thu ag aontachadh no nach eil ri Calum Downey? Thoir adhbharan airson do fhreagairt.

# Caibideil 5

## Measadh: Nàiseanta 4 & 5 Sgilean is Eòlas



Fàilte gu Nàiseanta 4 agus 5  
Sgilean is Eòlas

A-nis bu chòir gum biodh na sgilean is an t-eòlas agad airson crìoch a chur air na h-iarrtasan measaidh a tha ann an aonad Deamocrasaidh ann an Alba agus san RA dhen chùrsa Nuadh-eòlas. Tha na sgilean agus an t-eòlas a tha riatanach airson ìrean Nàiseanta 4 agus Nàiseanta 5 glè choltach ri chèile, le Nàiseanta 5 ag iarraidh gum bu chòir dhut stòrasan nas mionaidiche a làimhseachadh agus barrachd mion-fhiosrachaидh a chur anns na freagairtean agad air eòlas.

### Measaidhean Aonaid agus Nàiseanta 4

Tha an geàrr-chunntas air an dà dhUILIG a leanas a' buntainn ri sgoilearan nach eil a' dol air adhart chun na deuchainn fhèin, ge b' e dè an t-adhbhar, ach a tha fhathast airson gun tèid an cur a-steach agus am measadh airson mheasaidhean aonaid fa-leth, nach eil a-nis nam pàirt dhen deuchainn. Airson fiosrachadh air measadh na deuchainn, faic d127.

### Measadh aonaid Nàiseanta 4

Bidh teisteanas Nàiseanta 4 airson Nuadh-eòlas air a mheasadh leis an tidsear agad agus chan ann le neach-comharrachaيدh bhon taobh a-muigh. Gus an teisteanas a chosnad, feumadh tu soirbheachadh anns a' mheasadh air an taobh a-staigh anns gach fear aonad a leanas:

- Deamocrasaidh ann an Alba agus anns an RA
- Cùisean sòisealta san Rìoghachd Aonaichte
- Cùisean Eadar-nàiseanta

N4

### Measadh aonaid Nàiseanta 5

Tha teisteanas cursa Nàiseanta 5 air a dhèanamh suas le measaidhean a tha air an comharrachadh air an taobh a-muigh. 'S dòcha gum bi cuid de sgoilearan airson an cursa a dhèanamh thairis air dà bhliadhna, agus 's dòcha nach dèan iad ach measaidhean aonaid Nàiseanta 5 air AS4. Gus an teisteanas a chosnad, feumadh tu soirbheachadh anns a' mheasadh air an taobh a-staigh airson gach fear de na h-earrannan a leanas:

- Deamocrasaidh ann an Alba agus san RA
- Cùisean sòisealta san Rìoghachd Aonaichte

NS

- Nàiseanta 4 Obair luach a bharrachd

Aig Nàiseanta 4 tha dùil gum freagair thu ceist/gníomh stèidhichte air sgilean agus ceistean/gníomhan eòlais agus tuigse. Airson a' mheasaidh air an taobh a-staigh air an aonad seo, tha na sgilean agus an t-eòlas a thèid a mheasadh ann am buil 1 agus 2 gu h-ìosal.

#### Buil 1

- Air chomas air beagan fiosrachaидh a chleachdadhus aibheiseachadh gus claon-bhreith agus àibheiseachadh co-cheangailte ri cùisean poilitigeach ann an Alba agus anns an Rìoghachd Aonaichte aithneachadh agus a mhìneachadh

(N4)

#### Buil 2

- Cunntas sìmplidh agus mìneachaidhean goirid a thoirt a tha a' sealltann eòlas agus tuigse air cùisean poilitigeach ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte

#### Fianais measaidh

Faodaidh fianais airson an dà bhUIL a choileanadh a bhith stèidhichte air grunn ghniomhan:

- freagairtean do cheistean
- taisbeanadh
- postairean fiosrachaидh, no
- gabhairl pàirt ann an obair buidhinn

- Cùisean Eadar-nàiseanta

Airson Deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte Nàiseanta 5 tha geàrr-chunntas gu h-ìosal air na builean a tha rin coileanadh.

#### Buil 1

- Air chomas raon fiosrachaидh a chleachdadhus aibheiseachadh aithneachadh agus a mhìneachadh agus cuideachd nuair a tha taghadh fiosrachaидh ga chleachdadhus, co-cheangailte ri cùisean poilitigeach ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte

(N5)

#### Buil 2

- Cunntas agus mìneachaidhean mionaideach a thoirt a tha a' sealltann eòlas agus tuigse air cùisean poilitigeach ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte


#### Fianais measaidh

Faodaidh fianais airson an dà bhUIL a choileanadh a bhith stèidhichte air grunn ghniomhan:

- freagairtean do cheistean
- taisbeanadh
- postairean fiosrachaидh, no
- gabhairl pàirt ann an obair buidhinn

# Dòighean rannsachaidh

Ann an Nuadh-eòlas bidh sinn a' toirt sùil air raon chòisean a bheir buaidh air beatha nan uile. Tha na cùisean stèidhichte air fianais bho rannsachadh còmhla ri grunn dhaoine is bhuidhnean bho riaghaltasan gu carthannasan. Mar phàirt dhen teisteanas agad, bithear an dùil gun dèan thu rannsachadh pearsanta air cuspair sònraichte a tha a' buntainn ris na tha thu air a sgrùdadh. Canar **obair aonaid luach a bharrachd** ris an seo aig Nàiseanta 4 agus **an obair shònraichte** aig Nàiseanta 5.



## Ciamar a nì mi rannsachadh?

Nuair a bhithear a' dèanamh rannsachadh air cuspair ann an Nuadh-eòlas, tha e cudromach beachdachadh air cò às a gheibh thu am fiosrachadh. Anns an 21mh linn tha cothrom agad faighinn gu stòran mòra fiosrachaidh, a' mhòr-chuid ri làimh air an eadar-lòn. Ach, feumaidh tu bhith mothachail air dè cho earbsach 's a tha am fiosrachadh sin agus a bheil coltas air a bheil e a' dol le aon taobh.

## Càit am faigh mi fiosrachadh?

Faodar am fiosrachadh a gheibhear bho rannsachadh a bhriseadh sìos ann an dà phàirt; bun-fiosrachadh agus fiosrachadh leasaichte.

### Bun-fiosrachadh

Is e bun-fiosrachadh fianais a chruinnich thu fhèin agus a tha sònraichte dhan rannsachadh phearsanta agad. Bu chòir dhan rannsachadh agad co-dhiù dà phios fiosrachaidh a chòmhach a chruinnich thu le bun-rannsachadh, a bharrachd air fiosrachadh a chruinnich thu à stòran eile. Faodaidh na dòighean anns an cruinnich thu bun-fiosrachadh atharrachadh gu mòr – mar eisimpleir:

- Sgrùdaidhean/ceisteachain
- Agallamhan
- Puist-dealain
- Litrichean
- Buidhnean fòcas
- Sgrùdaidhean a-muigh



### Fiosrachadh leasaichte

Is e fiosrachadh leasaichte fianais a chruinnich thu bho rannsachadh a rinn daoine eile. Bu chòir dhut a chleachdadhus taic a thoirt dhan rannsachadh agad. Tha tòrr fiosrachadh leasaichte ann am mòran chruthan – mar eisimpleir:

- Pàipearan-naidheachd, irisean agus leabhairchean
- Einnseanan-sgrùdaidh eadar-lìn agus làraich-lìn
- Meadhanan sòisealta leithid Twitter
- Apps fòn-làimhe
- Prògraman telebhisean agus rèidio
- Leabhairchean agus artaigilean bhon leabharlann



## Ciamar a dhealbas mi an rannsachadh?

Airson rannsachadh pearsanta a dhèanamh gu soirbheachail, feumaidh tu a phlanadh gu h-èifeachdach. Feumaidh tu a h-uile sgath fianais bhon phlanadh agad a chumail gus an tèid d' obair a chomharrachadh gu cothromach.

### Cuspair/cùis

Bu chòir aonta fhaighinn bhon tidsear agad airson a' chuspair rannsachaidh. Feumaidh ceangal a bhith eadar sin agus aon no dhà de na cùisean a sgrùd thu sa chùrsa agad. Mar sin 's e deagh bheachd a th' ann rudeigin a thaghadh bho aon de na trì aonadan a sgrùd thu:

- Deamocrasaidh ann an Alba agus anns an Rìoghachd Aonaichte
- Cùisean sòisealta anns an Rìoghachd Aonaichte
- Cùisean eadar-nàiseanta

### Beachd-bharail

Ma tha thu a' dol air adhart gu ire Nàiseanta 5 agus gu bheil thu air co-dhùnad mu chuspair/chùis, dh'fhaodadh tu beachd-bharail ainmeachadh air an toir thu sùil eile anns a' cho-dhùnad agad. Is e beachd-bharail aithris a dh'fheuchas ri do rannsachadh pearsanta a dhearbhadh no a neo-dhearbhadh.

### Stòran fiosrachaidh

Is dòcha gum bi thu airson beachdachadh air na ceistean a leanas a thaobh nan stòran bun-fhiosrachaidh agus fiosrachadh leasaichte.

- Dè am fiosrachadh feumail a tha agam bhon stòr seo gus mo chuideachadh le bhith a' rannsachadh na cùis agam?
- Ciamar a chruinnich mi am fiosrachadh seo no cò às an tàinig e?
- Dè cho earbsach 's a tha am fiosrachadh a fhuair thu bhon stòr seo?
- An dùil a bheil taobhadh no àibheiseachadh anns an stòr seo?

### Cùl-fhiosrachadh

Dè an t-eòlas buntainneach a tha agad bhon chùrsa agad ann an Nuadh-eòlas a chuidicheas tu le bhith a' rannsachadh na cùis agad?

### Co-dhùnайдhean

A' cleachdadadh an fhiosrachaidh gu lèir a chaidh a chruinneachadh, dè na beachdan deireannach a tha agad mun chùis?

### Taisbeanadh

Ciamar a tha thu a' dol a thaisbeanadh stòran agus na co-dhùnайдhean agad?


Dh'fhaodadh tu taghadh a dhèanamh bho na dòighean a leanas airson an Obair Luach a Bharrachd agad a thaisbeanadh:

- **Aithris** – Faodaidh tu òraid 5 mionaidean a thoirt dhan chlas. Bu chòir an òraid a chur air dòigh gu math agus le taic bho leithid PowerPoint no Prezi. Faodaidh ceistean is freagairtean a bhith aig deireadh an taisbeanaidh agad.

- Aithisg sgriobhte** – 'S dòcha gum bi thu son aithisg/aiste le structar artaigil pàipear-naidheachd a dèanamh. Faodaidh tu do cho-dhùnadh a chur air blog air-loidhne no wiki.
- Taisbeanadh** – dh'fhaodadh tu postair mòr le làn-structar a chruthachadh a bheireadh a-steach na co-dhùnайдhean agad. Às dèidh dhut a thaisbeanadh dhan chlas, dh'fhaodadh tu seisean cheistean is fhreagairtean a chumail.
- Clàradh claireach** – Faodaidh tu podcast a dèanamh le do cho-dhùnайдhean. Dh'fhaodadh am podcast agallamhan a thoirt a-steach no a bhith ann an cruth prògram rèideo.
- Clàradh bhidio** – 'S dòcha gum bi thu airson bhidio a chlàradh leis na co-dhùnайдhean agad. Dh'fhaodadh tu craoladh naidheachdan no film goirid a chruthachadh agus eadhon bathar-bog leithid iMovie agus Movie Maker a chleachdad.

### Eisimpleir de phhana

Tha eisimpleir gu h-ìosal air mar a dh'fhaodadh tu rannsachadh pearsanta a phlanadh agus structur a chur air. Bu chòir dhut a bhith ag obair còmhla ris an tidsear agad gus beachdachadh air mar a phlanadh, mar a choileanadh agus mar a thaisbeanadh tu an rannsachadh agad.



#### Taisbeanadh le Postair

**Raon dhen chùrsa:** Deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte

**Cuspair/Ceist:** Aois bhòtaidh anns an RA

**Beachd-bharail:** Tha a' mhòr-chuid de dhaoine ag aontachadh gum bu chòir an aois bhòtaidh anns an RA a leagail gu 16.

**Ro-ràdh:** An seo mìnichidh mi carson a thagh mi an cuspair agus mar a chruinnich mi fiosrachadh.


**Taisbeanadh:** Cuiridh mi ceithir stòran fiosrachaидh air a' phostair – co-dhunaidhean bho sgrùdadh/ceisteachan, ath-sgrìobhadh de dh'agallamh le buidheann fòcas, earrann air stòran fiosrachadh leasachte a chleachd mi agus earrann air an eòlas agam fhèin.

#### Stòr 1 – Sgrùdadh/Ceisteachan:

Tha mi a' dol a dh'iarraidh air caraidean, nàbaidhean agus air an teaghach an ceisteachan a leanas a lònadh. Bhon cheisteachan nì mi graf-cholbhan de na freagairtean a fhuair mi dhan phrìomh cheist. Innsidh mi an uair sin cuid de na h-adhbharan airson freagairtean nan daoine agus bheir mi beachd air a bheil co-dhùnайдhean a' cheisteachain ag aontachadh no ag eas-aontachadh leis a' bheachd-bharail agam. A' cleachdad a' cheisteachain, dh'fhaodainn cuideachd fianais a chruinneachadh air dè a' bhuidheann gnè no aoise a tha airson no an aghaidh atharrachadh air an aois bhòtaidh. Seo an seòrsa cruth a dh'fhaodadh a bhith air an rannsachadh agam:

Gnè	Fireann			Boireann	
Aois	12-17	18-24	25-40	41-60	60+
A bheil thu a' smaoineachadh gum bu chòir an aois bhòtaidh a leagail gu 16?	Tha	Chan eil	Gun bheachd		
Thoir aon adhbhar airson do fhreagairt					

Seo an seòrsa cruth a dh'fhaodadh a bhith air a' ghraf agam:



### Stòr 2 – Agallamh ri buidheann fòcas:

A' cleachdadadh an fhòn-làimhe agam, clàraidh mi seisean deasbaid còmhla ri buidheann fòcas de chòignear de na co-sgoilearan agam.

Faighnichidh mi a' cheist a leanas:

*Saoil dè na h-argamaidean a tha ann airson agus an aghaidh an aois bhòtaidh a leagail gu 16?*

Taidhpidh mi tar-sgrìobhadh dhen deasbad son a thaisbeanadh air a' phostair le cuideam air argamaidean sam bith a tha ag aontachadh no nach eil ris a' bheachd-bharail agam.

Dh'fhaodadh gum bi an tar-sgrìobhadh agam a' coimhead mar seo:

**Mise:** Dè na h-argamaidean a tha thu a' faireachdann a tha ann airson agus an aghaidh an aois bhòtaidh a leagail gu 16?

**Neach 1:** Saoilidh mi gu bheil daoine òga fo bhuidh cho-dhùnaidhean a nì an riaghaltas agus gum bu chòir dhaibh a' bhòt fhaighinn.

**Neach 2:** Chan eil mise ag aontachadh. Chan eil eòlas gu leòr aig a' mhòr-chuid de dhaoine òga air poilitigs airson co-chùnadh a dhèanamh.

**Neach 3:** Ach nan deidheadh a' bhòt a thoirt dhaibh, dh'fheumadh luchd-poilitigs tòiseachadh a' gabhail ùidh ann an daoine òga.

**Neach 2:** Tha sin fior, ach tha mi fhathast dhen bheachd gum biodh a' mhòr-chuid de dhaoine òga a' stèidheachadh na bhòt aca air pearsa neach-tagraidh an àite an neach as fheàrr airson na dreuchd.

### Stòr 3 – Stòran Fiosrachadh Leasaichte:

Anns an earrann seo dhen phostair agam bheir mi a-steach artaigil pàipear-naidheachd mun chuspair a lorg mi agus cuideachd fianais bho làrach-lìn Comann Ath-leasachaiddh an Taghaidh. Nì mi cinnteach gun toir mi iomradh air stòran nam pìosan fiosrachaiddh sin.

### Stòr 4 – An t-eòlas agam fhèin:

Bidh an earrann deireannach dhen phostair agam stèidhichte air an eòlas agam fhèin mun chuspair. Bidh mi a' rèiteachadh seo eadar argamaidean a tha ag aontachadh agus ag eas-aontachadh ris a' bheachd-bharail agam.

**Dòighean rannsachaiddh:** Airson gach stòr bidh mi a' beachdachadh air buntainneachd, fiosrachadh fior agus am faodadh taobhadh tighinn a-steach ann.

**Co-dhùnadh:** Aig bonn a' phostair agam curridh mi na co-dhùnaidhean agam, a bheachdaicheas air a' bheachd-bharail agam an deach no nach deach *Tha a' mhòr-chuid de dhaoine ag aontachadh gum bu chòir an aois bhòtaidh anns an RA a leagail gu 16* a dhearbhadh.

## Nàiseanta 4 Aonad Luach a Bharrachd

### An Obair Shònraichte

Bidh an tidsear agad a' comharrachadh an aonaid Luach a Bharrachd bhon taobh a-staigh. Tha sgriobhainn ainmeachadh aonaid an SQA ag ràdh, airson soirbheachadh leis an Obair gum feum thu fiosrachadh a rannsachadh agus a chleachdadadh co-cheangailte ri cuspair no cùis Nuadh-eòlas le bhith:

- **A' cleachdadadh, le taic, cuspair no cùis Nuadh-eòlaist.** Bu chòir dhut cùis a thaghadh anns an do thog thu ùidh bho phàirt sam bith dhen chùrsa. Tha cuid de dh'eisimpleirean bhon aonad phoilitigeach gu h-ìosal:
  - Am bu chòir an aois bhòtaidh airson a h-uile taghadh a leagail gu 16?
  - Am bu chòir Alba a bhith neo-eisimeileach?
  - Am bu chòir lethbhreith adhartach a thoirt a-steach gus adhartas fhaighinn air riochdachadh bhoireannaich ann am Pàrlamaidean na h-Alba no na RA?
- **A' tional fianais bhuntainneach** bho co-dhiù dà stòr eadar-dhealaichte. Tha an earrann air dòighean rannsachaidh a' toirt fiosrachadh feumail mu na seòrsaichean stòran as urrainn dhut a chleachdadadh.
- **Ag eagrachadh agus a' cleachdadadh fiosrachadh** a chaidh a chruinneachadh gus dèligeadh ris a' chuspair no ris a' chùis. Bu chòir dhut na sgilean agad a chleachdadadh gus co-dhùnadadh a bheil am fiosrachadh cothromach no taobhach no stèidhichte air fiosrachadh fior an àite beachd.
- **A' cleachdadadh an eòlaist agus an tuigse** a th' agad a-nis gus cunntas a thoirt air na prìomh phuingean ionnsachaidh a tha thu airson a dhèanamh agus am mìneachadh.
- **A' cur nan sgilean Nuadh-eòlaist agad an** sàs le bhith a' lorg taobhadh no àibheiseachadh, a' toirt breith agus a' tighinn gu co-dhùnadadh.
- **A' taisbeanadh na fhuair thu a-mach agus do cho-dhùnadadh a thaobh na cùis a thagh thu.** Faodaidh tu na fhuair thu a-mach a thaisbeanadh ann an diofar dhoighean: mar rannsachadh sgrìobhte, no air postair, no òraid agus ceistean às a dèidh, no faodaidh tu meadhanan didseatach leithid blog no iris a chleachdadadh.

Faic an earrann air dòighean rannsachaidh air d121-4 airson fiosrachadh nas mionaidiche.

N4

## Nàiseanta 4 Liosta-sgrùdaidh Luach a Bharrachd

<b>Aimn</b>			
<b>Tiothal</b>			
<b>Aonad(an)</b>	Deamocrasaidh ann an Alba agus anns an Rìoghachd Aonaichte	Cùisean sòisealta anns an Rìoghachd Aonaichte	Cùisean Eadar-nàiseanta
<b>Stòran fiosrachadh buntainneach</b>			
<b>Àireamh is seòrsa</b>			
<b>Fianais air a measadh</b>			
<b>Sgilean air an cleachdad</b>			
<b>A' lorg taobhadh agus àibhiseachadh</b>			
<b>(N4) A' tighinn gu co-dhùnaidhean</b>			
<b>A' tarraing cho-dhùnaidhean ri chèile</b>			
<b>An seòrsa taisbeanaidh</b>			
<b>Aithisg sgrìobhte</b>			
<b>PowerPoint</b>			
<b>Taisbeanadh balla/Eile</b>			
<b>Co-dhùnaidhean/Toraidhean</b>			
<b>Stèidhichte air fianais</b>			
<b>Fianais mu obair fa-leth (mas e obair buidhne/dithis a th' ann)</b>			

# Nàiseanta 5 Measadh Cùrsa

Tha measadh a' chùrsa ann an dà phàirt:

- Pàipear-cheistean le obair bho gach aon de thrì aonadan
- Obair Shònraichte Nàiseanta 5

## Structar Measadh Cùrsa

### Pàirt 1 – Pàipear-cheistean

Tha an ùine a tha air a cur a-mach airson pàipear nan ceistean air a dhol suas gu 2 uair a thìde agus 20 mionaid. Tha luach 80 comharra gu h-iomlan anns a' phàipear-cheistean, le 26-28 comharran airson gach aonad dhen chùrsa. Gu h-iomlan tha 30 comharra airson sgilean agus 50 comharra airson eòlas is tuigse.

### Pàrt 2 – Obair Shònraichte

Tha luach 20 comharra gu h-iomlan anns an obair shònraichte. Dhen àireimh sin tha 14 comharran airson sgilean agus 6 comharran airson eòlas is tuigse.

### Comharran iomlan rim faighinn 100

Thèid na comharran a gheibh thu anns a' phàipear cheistean agus san obair shònraichte a chur còmhla agus innisidh an comharra iomlan an do shoirbhich no nach do shoirbhich leat. Bhon seo, thèid co-dhùnadh mu ire an teisteanas cùrsa agad.

### Dè an seòrsa cheistean a dh'fheumas mi fhreagairt?

Tha trì seòrsaichean de cheistean sgilean ann. Bidh thu air am practasadhbh sa chlas agus air am freagairt mar phàirt de mheasaidhean a' chùrsa. Seo iad:

1. A' cleachdadadh stòran fiosrachaidh airson taic a chur ri beachd agus airson cur na aghaidh.
2. A' cleachdadadh stòran fiosrachaidh airson co-dhùnadh a dhèanamh agus a dhearbhadh.
3. A' cleachdadadh stòran fiosrachaidh airson tighinn gu co-dhùnaidhean agus airson taic a chur riutha.

Ann an earrann air eòlas san deuchainn bidh thu a' freagairt dà sheòrsa ceist:

1. Ceistean ag iarraidh cunntas, mar eisimpleir:  
*Thoir cunntas mionaideach air dà chumhachd chudromach a tha aig a' phrìomh mhinistear ann an Riaghaltas na h-Alba.*
2. Ceistean ag iarraidh mìneachadh, mar eisimpleir: *Minich gu mionaideach carson a tha cuid airson gun dèanar atharraichean air Taigh nam Morairean.*

## Nàiseanta 5 Obair Shònraichte

Tha Obair Shònraichte N5 na rannsachadh pearsanta a dh'fheumas co-dhiù dà dhòigh air fiosrachadh a chruinneachadh a thoirt a-steach le iomradh air èifeachdas nan dòighean a chaidh a chleachdad. Bu chòir am fiosrachadh a chaidh a chruinneachadh eòlas is tuigse a shealltainn mun chuspair no mun chùis a chaidh a thaghadh. Thèid co-dhùnaidhean an rannsachaidd agad a sgrìobhadh sìos fo smachd suidheachadh deuchainn. Mar a chaidh a ràdh roimhe, bidh 20 comharra ann airson na h-Obair Shònraichte

N5

### Ag ullachadh airson na h-Obair Shònraichte

#### 1 Ceist rannsachaidd

Bu chòir dhut cuspair no cùis iomchaidh a thaghadh, mar eisimpleir, *Bu chòir an aois bhòtaidh anns a h-uile taghadh agus referendum ann an Alba a leagail gu 16* (faic duilleag 135 airson eisimpleirean de chuspairean eile). Faodaidh tu cùis a thaghadh bho ghin sam bith de na trì aonadan fa-leth no faodaidh tu cuspair a thaghadh a tha a' ceangal dà aonad den chùrsa, mar eisimpleir, *Tha rudan a tha coltach ri chèile agus rudan nach eil anns na deamocrasaidhean ann an Alba agus Afraga a Deas*. Is e an cleachdad as fheàrr cuspair a chur air adhart ann an cruth ceist air am faod daoine argamaid a dhèanamh, air a shon agus na aghaidh, agus air am bi beachdan eadar-dhealaichte aig an t-sluagh. Le seo faodaidh tu suirbhidh a chleachdad mar dhòigh rannsachaidd, agus co-dhùnaidhean buntainneach a dhèanamh.

#### 2 Dòighean rannsachaidd

Mar phàirt den obair shònraichte agad, feumaidh tu fianais bhuntainneach a chruinneachadh gus taic a thoirt dhan bheachd-bharail agad a' cleachdad co-dhiù dà dhòigh air fiosrachadh a chruinneachadh. Tha grunn dhòighean a dh'fhaodadh tu a chleachdad, nam measg obair-làraich, a' toirt iomradh air leabhraichean, làraich-lìn, blogaichean no einnseanan-lorg. Thathas a' sùileachadh gun dèan thu measadh air neartan agus laigsean gach dòigh rannsachaidd a chleachdas tu agus anailis air na fhuair thu

a-mach. Cuimhnich gur e dà dhòigh aig a' char as lugha a dh'fheumas tu a chleachdad 's dh'fhaodadh gum biodh tu airson do raon a leudachadh gu barrachd air a dhà. Ach, chan fhaigh ach a dhà de na dòighean san obair shònraichte agad comharran agus 's e na dhà as fheàrr a bhios agad a chunntaiseas.

#### 3 Na fhuair thu a-mach bhon rannsachadh

Seo an earrann a thaisbeanas an t-eòlas 's an tuigse mhionaidheach a th' agad ann a bhith a' toirt cunntas 's a' mìneachadh chûisean a tha a' buntainn ris a' bheachd-bharail agad, a' toirt a-steach aithne air grunn bheachdan. An seo feumaidh tu cuideachd **measadh a dhèanamh air an fhianas** a chruinnich thu agus cunntas a thoirt air na tha e a' sealltainn, agus **ceangal a dhèanamh ris an rannsachadh agad** gus na comharran gu leir fhaighinn san earrann seo.

#### 4 Co-dhùnaidhean an rannsachaidd

Nuair a bhios tu air anailis a dhèanamh, agus mìneachadh soirbheachail a thoirt air na chruinnich thu, bu chòir dhut co-dhùnaidhean a dhèanamh stèidhichte air an rannsachaidd agad. Feumaidh na co-dhùnaidhean agad buntainn ris a' chùis rannsachaidd 's ceangal air ais a dhèanamh ris a' bheachd-bharail thùsail agad. Feuch gun a bhith dìreach ag ath-aithris na thuirt thu roimhe mu na fhuair thu a-mach.

Tha **Frank Cooney** na ùghdar agus na neach-deasachaiddh air iomadh leabhar teacsa Nuadh-eòlais. Tha e air a bhith na Phriomh Thidsear, na Neach-comhairle Ùghdarrasan Ionadail agus na Cheannard Chuspairean Sòilsealta ann am Foghlam Thidsearan. Tha e cuideachd air a bhith na Phriomh neach-measaiddh, na neach-dearbhaidd agus na neach-comharrachaidh dhan SQA.

Tha **Gary Hughes** na Phriomh Thidsear Nuadh-eòlais ann an Àrd-sgoil Naomh Ninian ann an Cathair Cheann Tulaich agus tha e na ùghdar air iomadh leabhar-teacsa Nuadh-eòlais 's leabhraichean iùil. Tha e cuideachd air obrachadh còmhla ris an SQA ann an iomadh suidheachadh.

Tha **David Sheerin** na lar-cheannard an-dràsta, bha e roimhe na Phriomh Thidsear Nuadh-eòlais. Tha e air a bhith na ùghdar air grunn leabhraichean teacsa 's leabhraichean-iùil Nuadh-eòlais a bharrachd air a bhith a' lìbhrigeadh thachartasan CPD air na teisteanasan ùra. Tha e cuideachd air comharrachadh a dhèanamh dhan SQA.

## Tha an deasachadh ùr seo de Deamocrasaidh ann an Alba agus san RA air ùrachadh airson cùrsaichean Nàiseanta 4 agus 5.

Dèan cinnteach gu bheil sgoilearan deiseil airson gach pàirt den mheasadh aca le stuthan a tha a' còmhach riatanasan a' chlair-teagaisg.

- A' cur taic ris an t-sònrrachadh cùrsa as ùire agus a' dèiligeadh ris a h-uile sgil a tha air a chòmhach ann an deuchainnean SQA.
- A h-uile **sgrùdadadh cùise, faidhlichean fiosrachaidh**, staitistig, laghail 's cultarail, air an ùrachadh aig àm foillseachaidh.
- Chaidh am fiosrachadh poilitigeach uile ath-sgrùdadadh gus toraidhean taghaidh o chionn ghoirid, riochdairean poilitigeach agus poileasaiddh a chòmhach.
- Gníomhan Seall do thugse cunbalach ga dhèanamh furasta adhartas oilleanach a phlanadh, a stiùireadh agus a sgrùdadadh.
- A' toirt cothrom air Sònrrachadh N4 a chleachdadh agus ionnsachadh a leudachadh le gníomhan luach-leasachte.
- A' brosnachadh ionnsachadh gníomhach tro obair shònraichte anns gach caibideil.
- A' gabhail a-steach earrann measaiddh cuimsichte.
- Sgrìobhte le ùghdaran fìor-eòlach.
- A' toirt slighe gu buil le dealbhan a tha tarraingeach agus practaigeach tron chlàr-teagaisg.

### Sa bheirt an dràsta::

#### Cùisean Sòisealta san RA: An dàrna deasachadh

#### Cùmhachdan an t-Saoghail agus Cùisean Eadar-nàiseanta: An dàrna deasachadh